

NG. 1526. d. 3.



Digitized by the Internet Archive  
in 2013

G A I R M

AN

D E M H O I R

DO'N T-SLAUGH

NEO-IOMPAICHTE,

*IOMPACHADH AGUS BHI BEO.*

AIR EADAR-THEANGACHADH O BHEURLA

RICHARD BAXTER.

---

EDINBURGH:

PRINTED BY JOHN COLLIE.

SOLD BY W. WHYTE AND CO. ST ANDREW STREET,  
AND W. OLIPHANT, SOUTH BRIDGE.


---

1822.

MILAN

LIBRARY OF SCOTLAND

EDINBURGH



# CLAR-INNSEADH.

	Page
<i>Aobhar na h-oibre</i> .....	v
<i>Roi'radh</i> .....	vii
<i>TEAG. I.—'Sè lagh neo-chaochlaideach an Tighearna Dia, gur eigin do luchd-aingidheachd iompachadh no bàsachadh</i> .....	37
<i>TEAG. II.—'Sè gealla Dhe gum bi daoine aingidh beo, ma philleas iad gu h-iomlan neo-chealgach</i> .....	71
<i>TEAG. III.—Is taitneach le Dia iompachadh agus sonas dhaoine, ach is mi-thaitneach leis am bàs agus an truaighe; is roighniche leis gun iompaicheadh agus gum maireadh iad beo, na gun gabhadh iad air an aghaidh, agus gu 'm bàsaicheadh iad gu truagh</i> .....	78
<i>TEAG. IV.—Is dearbh-fhirinn so, agus do brìgh nach b' àill le Dia gu 'n cuire daoine an teagamh i, dhaingnich è dhoibh i le a mhionn follaiseach fein</i> .....	88
<i>TEAG. V.—Tha 'n Tighearn ag asluchadh agus ag earulachadh air daoine aingibh iompachadh</i> .....	96
<i>TEAG. VI.—Tha 'n Tighearn ag aontachadh a chèis a cho'-reusonachadh riu, 'sa feòraich de luchd-aingidheachd c' arson a bhàsaicheas iad</i> .....	111
<i>TEAG. VII. Mar iompaich na-h-aingidh an diaigh so uile, cha 'n i coire Dhe ach an coire fein gu 'm bàsaich iad; 'si an antoilealachd fein fìor-aobhar an leir-sgrìos; uime sin bàsaichidh iad a chionn nach àill leo ach bàs</i> .....	138
<i>DEICH SEOLAIDH, a' tòiseachadh aig</i> .....	168
<i>Tri Urnuighean</i> .....	178

*Cunntas gearr mu thimchioll an leabhair so leis  
on Olladh\* Calami.*

“ A MEASG a sgrìobhanna lionmhor, 's è *Gairm do*  
“ *'n t-sluagh neo-iompaichte* obair is ro-fheumaile. Bha  
“ sèathnar bhràithre air an iompachadh cò'lath leis.  
“ Bha fichead mìle leabhar dheth air an sgaoileadh  
“ ann an còrr beag agus bliadhna. Chaidh eadar-  
“ theangachadh 'am Fraingis, agus an cànmhuinibh  
“ eile na Roinn-Eorpa: agus dh' eadar-theangaich  
“ *Mr Elliot* è ann an cainnt nan Innsibh. Tha *Olladh*  
“ *Cotton Mather* ag innse gun d' rinn a leughadh na  
“ h-urrad dhrùghaidh air Prionnsadh anns na h-  
“ Innsibh, 's gun do shuidh è ga leughadh a' sile  
“ dheur gus an d' èug è.”

\* Doctor.



## AOBHAR

# NA H-OIBRE SO.

---

ANNS an eolas ghoirid a bha agam air seirbhiseach urramach agus foghlumta Chriosd, Easpuig Usher, bu tric leis, o àm gu h-àm bhi 'g am bhrosuachadh, chum riaghailt sdùiridh a sgrìobhadh, do gach inbh fa leth, do luchd-aidmheil a chreidimh Chriosduidh, a shonraicheadh amach do gach neach a chuibhrionn fein ; a' tòiseachadh leis na daoineibh neo-iompaicht' agus a' gabhail air m' aghaidh chum nan leanaba ann an Crìosd, agus 'na dhiaigh sin, chum nan daoine neart-mhor, a' coi'-measgadh cuideachaidh shonraicht an aghaidh gach peacaidh fa leth, air am bheil iad teomadh. Thuig mi air iartas obann-san 'n ar ceud cho'-luadar, gun robh so 'na rùn roimh 'n àm sin ; agus dh' innis mi dha, gun d' rinneadh sin gu coi'-lìonta cheana le mòran ; agus gu 'm b' è ain-eolais-san air mo laigsinn, a thug air a smuainteachadh gun robh mi ni bu teomadh air an obair na bha mi. Cha d' fhothainn so leis, ach thug è ionnsuidh eil orm. Tha è agam r'a aideachadh nach do ghluais impidh mi, oir cha bu leur dhomh gun robh anabharr feum air tuille dheanamh, na bha deanta cheana air an doigh sin ; no gu 'm bu chosmhuil dhomhsa tuille dheanamh. Agus air an aobhar sin dhealaich mi ris ; gun rùn air bith gu iartas a fhreagradh. Ach o dh' eug è, is tric a chuimhnich mi a bhriathra : agus dh'aom am meas mòr agus urramach a bha agam air mi, a smuainteachadh air iartas le cail-eigin do thlachd. Agus mar a bha e ann am rùn o cheann ghoirid, riaghailt a sdùireadh teaghlaich a sgrìobhadh, thòisich mi r'a thoirt fainear cia dìreach a dheanadh so an t iùl domh ; agus gun labhrainn air cor anma dhaoine fa leth, roimh 'n dàimhe fa leth. Ann an lorg so, chuir mi romham le còmhnà Dhe, gabhail air m' aghaidh air a mhodh so a leanas. Air tùs, labhairt ris an t' sluagh pheacach nach do bhioradh le h-aithreachas, agus nach 'eil, a' cuir rompa pilleadh, no idir a' gabhail cùraim do 'n obair. Agus mheas mi gum b' fheumaile dhoibh so, impidh dhùsgaidh, na riaghailt sdùiridh amhàin. Oir tha riaghailt a' roimh-chiallachadh gu bheil daoine toileach gluasad d' a rèir : ach tha an dream ris a bheil mo cheud ghnòthach ann an suain pheacach le 'n toil, agus mar dhaoine gun mhothachadh.

thug iad thairis iad fein, do pheaca, le cìocras Ephe. iv. 19. Anns an dara h-àite, tha mo ghnòthach ris an dream sin anns am bheil cail-eigin do rùn gu pilleadh, agus tha a' gabhail cùraim de 'n obair; d'an sduireadh gu fìor-leasacha beatha, chum nach caill iad an saothair. Anns an treas àit, is eigin seoladh a thoirt do na Crìosduidhibh is òige, agus is laige, chum gum bi iad air an daighneachadh agus air an togail suas gu buan maireannach. Anns a cheathramh àite, tha seola r'a thoirt chum nan crìosduidhean a chùl-sleamhnaich, agus a fhuair tuisle, a thogail gu tearuinte. Os barr, tha impidh agus seola an aghaidh cuid de sheachranaibh sonraichte na linn so de 'n t' saoghal, agus an aghaidh cuid de pheacaibh coitcheann millteach, ann am rùn. Mar a bhuineas do sheola thoirt do choguisibh atha fo amharus buaireasach, rinneadh sin cheana. Cha sgrìobh mi seola do 'n t' sluagh neart-mhor, do bhrìgh gun d' fhuair iad urrad eolais o Dhia cheana. Agus tha a chuid dheireannach gu sonraicht, a sheoladh gach dàimh fa leth, ann an coi-lionadh an dleas-nais. Agus sgrìobhadh cuid diu sin cheana; is ann aig Dia amhàin ata fios, am bi ùine no athais agam a sgrìobhadh tuille. - Air an aobhar sin, foillsichidh mi gach cuid dhiu so leo fein, mar a sgrìobh mi iad: gu h-àraidh, a chionn gun do dhealbhadh iad a sduireadh dhaoin anns gach inbhe fa leth, agus nach bu mhath leam gun cuir-eadh meud, no luach an leabhair, eagal orr' a chumadh iad, o leughadh nan nithe sin a sgrìobhadh chum an leas. Dh' fhoillsicheadh a chuid so, air tùs, do cheannardaibh agus do phàrantaibh r'a leughadh gu tric ann an teaghlachaibh, ma tha luchd tuarasdail, no clann neo-impairt' aca. Anns an dara h àite, do 'n dream neo-iompaichte sin r'a leughadh, agus r'a smuainteachadh oirre, leo fein. Anns an treas aite, do 'n dream is saibhire, anns am bheil tiomchridh air bith, do na-h-anmaibh truagh so, r'a toirt do 'n aitim mhinnaomha, aig am bheil feum oirre: mur 'eil ni 's fearr aca laimh riu, r'a ghnàthachadh, no r'a thoirt uatha. Gu mosgladh Dia sinn, a shaothaireachadh obair ar slainte, chum tearmainn d' ar n-anmaibh fein, agus do anmaibh dhaoin eile, mar dheisciobla dileas fa cheannsal an De uile bheannuichte, Cruthai-fhear, Fear-saoruidh agus Fear-naomhachaidh an anma. Gu mosgladh Dia sinn chum so a dheanamh, am feadh a mhaireas an là, latha tairgse nan gràs, agus mun tig oirn oi'che tinneis agus bàis: chum nach spìonar a' fearann nam beo sinn, ann am boilsgin ar neo-chùraim agus ann am meadhon ar n-aingidheachd. *Amen.*

RICHARD BAXTER.

## ROI'RADH.

---

*Do gach neach mi-naomh a leughas an leabhar so, gu h-àraidh do m' luchd èisdeachd ann am baile, agus ann an Sgìreachd Chiderminster.*

*Fhearaibh agus a Bhràthraibh,*

AIR bhith do 'n Dia shiorruidh a chruthaich sibh, chum beatha bhith-bhuain, agus a shaor sibh trid aon Mhac a ghràidh, an uair a chaill sibh sibh fein, agus 'ur còir air sonas, cuimhneach oirbh 'nar peacaidh agus truaighe, dhealbh è an soisgeul, agus naisg sè è le a Spiorad, agus dh'àithn è da luchd-teagaisg a shearmonacha do 'n t-saoghal, chum, air maitheanas bhi air a thairgse dhuibh gu saor, agus neamh air a chuir f'ar comhair, gu 'm faodadh è 'ur gairm o'r n-ann-toil fheolmhoir agus o leanmhuinn an t-saoghail mhealltaich so, agus gu eolas a thoirt duibh air a bheatha chum an do chruthaicheadh agus an do shaoradh sibh, mu'm bàsaich sibh gun tearmunn. Cha do chuir è d' ar n-ionnsuidh fàidh no Abstol, aig an robh an teachdoireachd o fhoillseacha neo-mheadhonach, gidheadh tha è 'g ar gairm le luchd-teagaisg ghnàthaichte, aig a' bheil barantas uaith-fein an soisgeul ceudn' a shearmonachadh, a chuireadh air tùs 'an cèill le Criosd agus le a chuid Abstolaibh. Tha'n Tighearna ri freiceadan oirbh, agus 's leur dha cia dearmadach air fein agus air 'ur crìch dheireannaich sibh, agus cia neo-chùramach 's a tha sibh mu nithe siorruidh, mar dhaoine nach tuig cìod a th' aca r'a dheanamh no ri fhulang. 'S leur dha cia dàn' ann

am peacadh, neo-sgàthach roi bhagradh, agus neo-chùramach m' ar n-anmaibh sibh, agus gu bheil deanadais nan ana-creideach 'n ar caithe-beatha, am feadh a tha aidmheil nan criosdui'ean 'nar briathraibh. Tha è fiosrach gu bheil an latha uabhasach dlù dhuibh, san tionnsgainn 'ur sìor-dhòlas, ur caoidh agus ur gearan gun tairbhe, ann an dòruinn agus ann an eadòchas; agus reubaidh bhi cuimhneachadh air ur n-amaideachd na h-anma asaibh, mar bac sibh è le fìor-iompacha. 'S aithne do 'n Tighearn ur cor, ni 's fearr no is aithne dhuibh fein è; agus o thim chridhe d' ar n-anmaibh peacach truagh, dh' earaluich è air a luchd-teagaisg labhairt ruibh 'na ainm fein, chum ur peacadh agus ur truaighe fhoillseacha dhuibh gu soilleir, agus cia truagh ur crìoch, agus cia brònach an t-atharrach a thig oirbh gu goirid, ma thèid sibh ach beagan ni 's faide air ur n-aghaidh. Leis mar cheannaich è sibh le luach co daor, le fuil neo-chiontaich a Mhic Iosa Criosd, agus a thug è dhuibh gealladh co coitchionn shaor air mathanas peacaidh, air gean-math agus air gloir shiorruidh, dh' iarr è air a luchd-teagaisg so uile a thairgse dhuibh mar thiodhlaca Dhe; agus earalachadh oirbh smaoinachadh air mòr-luach na tairgse, agus am feum a th' agaibh oirre. Is truagh leis bhi 'g amharc oirbh bàit' ann an ro-chùram saogh-alta, agus ann an ana-miannaibh feolmhor, 'an dianthòir air faoineachd cloinne-bige, agus a mi-bhuileachadh ur n-aimsir ghoirid luach-mhoir air nithe gun seadh; an aimsir sam bu chòir dhuibh sibh fein ullachadh fa chomhair na beatha shiorruidh; agus air an aobhar sin spàrr è air luchd-teagaisg an t-soisgeil bhi 'g èigheach 'nar diaigh, agus innse dhuibh gu bheil sibh a' call ur saothair, agus 'an cunnart ur n-anmaibh a chall cuideachd, agus a nochda dhuibh cia mòr agus math na nithe sin a gheibh sibh gun teagamh, ma dh' èisdeas sibh ris a chuire so. Fhreagair an luchd-teagaisg àithne Dhe: Thainig iad d' ar n-ionnsuidh leis an teachdoireachd a dh' earalaich è

dhoibh a shearmonachadh dhuibh le dùrachd 'an àm, agus 'an an-àm ; agus thog iad an guth mar ghall-truimp, a leigeil ur seachranaibh peacach ris duibh. Ach mo thruaighe ! chum am mulad-san, agus ur leir-sgrios fein, dhruid sibh ur cluas, agus ragaich sibh ur muineal ; chruadhaich sibh ur cridhe fein, agus bhris sibh an cridhe-san ; agus chuir sibh air an ais iad chum Dhe, le osnaibh, a dh' innse dha gun do reic iad a theachdoireachd ribh, ach nach do drùigh i oirbh, agus gur gann a fhuair iad èisdeachd iomchuidh uaibh. Och ! nach bu tobair dheur sùile luchd-teagaisg, chum gu 'n guileadh iad arson aineolais am pobuill, aig a' bheil Criosd, mathanas, beatha bhith-bhuan, agus flaitheas na glòire 'nan tairgse ; gidheadh, aig nach 'eil cridhe ghabhail eolais orra, no g' am meas a rèir am mòr-luaich ! aig am faoda Criosd, gràs, agus glòir a bhith, co math 's aig daoin' eile, mar bhitheadh an ain-eolas agus di-meas toileil ! O ! nach lionadh an Tighearn ar n-anma le tuille tim-chridhe do na truaghainibh so, chum gun tilgeamaid sinn fein aig an cosaibh, gun leanamaid iad chum an ionadaibh-comhnuidh, agus gun labhramaid riu le deuraibh goirt. Shearmonaich sinn fada do mhòran diubh gun tairbhe sam bith, dhealbhadh briathra soilleir so-thuigsinn, ach tha àireamh mhòr dhiubh nach tuig : dhealbhadh briathran guineach drùighteach a thoirt mothachaidh dhoibh, ach cha mhothaich iad. Nan drùigheadh an impidh is cud-thromaiche orra, mhosglamaid iad. Nan oibriceadh na nithe is blasd' orra, thàlaidh an luchd-teagaisg riu fein iad, agus bhuidhneadh iad an cridhe. Nam maothaicheadh am bagradh borb is uabhasaich iad, bhiodh iad fo gheilt-chrith arson an aingidheachd. Nan córdadh firinn agus treibhdhireas riu, chuirte impidh orra gun dàil. Nan èisdeadh iad ris an Dia a chruthaich iad, agus ri Criosd a cheannaich iad, dh' atharraicht' an cor air ball. Nan èisdeadh iad ris na sgrìobtuir naomha, cha b' fhada gus an d' thugta

buaidh orra. Nan èisdeadh iad ri riason, seadh, ris an reuson is treise, agus is fearr, cha teagamh nach cuirt' impidh orra gu luath. Nan èisdeadh iad ri 'm fiosracha fein, agus ri fiosrachadh an t-saoghail gu leir, leasaicht' a chùis : seadh, nan èisdeadh iad r' an cogaisibh fein, bhiodh an staid ni 's fearr na tha i. Ach m' ar èisdear ri gnè air bith, ciod tuille nìtear riu. Ma nìtear di-meas air Dia neamha, co a bheirear fainear ? Ma nìtear di-meas air gràdh luach'or agus fuil rioghail an Fhir-shaoruidh, ciod è air am bi meas ? Mar creid iad gu bheil glòir ion-mhiannuicht anns na neamhaibh, agus m' as neo-ni leo gàirdeachas siorruidh ; ma ni iad sgeig air ifrinn agus dannsa mu bhruaich an t-sluichd gun iochdar, agus sùgradh ri teine millteach, 'n uair bhios Dia agus daoine a' toirt rabhaidh dhoibh bhi air am faicill ; ciod a nìtear ris na h-anmaibh truagh sin ?

Aon uair eile, ann an ainm Dhe nam flaitheas, reicidh mi 'n teachdoireachd a sparr è orm, agus fàgaidh mi agaibh i ann an sgriobha seasmhach buan, d' ar n-iompacha no d' ar dìte, chum ur n-atharrachadh no dh' èiridh ann am breitheanas 'n ar n-aghaidh ; agus gu bhi 'na fhianais 'n ar n-adhaidh, gu 'n d' fhuair sibh aon uair cuire dùrachach gu pilleadh. Cluinnibhs' uil' è a ta fo thràillealachd do 'n diabhol, do 'n t-saoghal, agus do 'n fheoil ; sibhse tha struigheadh ur n-aimsir 'an toir air suaimhneas talmhuidh ; agus a' bàthadh ur coguise le misg, le craos, le diomhanas, agus macnus amaideach, sibhse gan leur am peacadh, gidheadh, a tha 'ga chuir 'an gnìomh, mar gun d'thuga sibh dùlan an De Uile-chumhachdaich, agus gach dòrainn is urrainn da a dheanamh ; agus mar g' an abradh sibh ris dol ga chomas, agus gun ur caomhnadh ? Cluinnibhs' uile nach cuimhnich Dia, agus nach 'eil a' gabhail tlachd 'an nithibh naomha, ann am focal no ann an aoradh an Tighearn, 'an smuaintibh no 'an iomradh air beatha shiorruidh ; sibhse tha neo-chùramach m' ur n-anmaibh neo-

bhàsmhor ; agus nach builich aon uair a dh' fhaicinn ciod an staid sa bheil iad, co dhiu tha iad mi-naomha no naomhaichte agus deas r' an taisbineadh 'an làthair an Tighearna ! Cluinnibhs' uile, a pheacaich 'an aghaidh soillse, a thruaill sibh fein le mi-dhiadhachd, agus neo-chreidimh, agus nach toir creideas do dh' fhocal Dè. An ti aig a' bheil cluas chum èisdeachd, èisdeadh è gairm ghràs-mhor, gidheadh, uabhasach Dhe ! Tha shùil oirbh rè no h-ùine so, tha ur peacaidh sgriobht' ann an leabhar a chuimhne, agus cluinidh sibh gu deimhin a rìs è ; tha 'n leabhar air coimhead Dhe san àm so, agus sgriobhaidh sè è air ur n-anmaibh le h-uabhasaibh ; agus an sin coimhididh sibh fein è. A dhaoine peacach, is truagh gun fhios aguibh ciod a tha sibh a' deanamh ; agus co g' a' bheil sibh a' toirt oilbheum fad na h-ùine so. Is dorachadas a ghrian fein 'an làthair gloir na mòrachd sin, ga bheil sibh a' toirt mì-mhodh gach là, agus a bhrosnaich sibh chum feirge 'n ar n-aghaidh fein. Cha b' urra na h-aingil pheacach seasamh 'na fhianuis, ach thilgeadh urchair uabhasach dhiubh do dhoimhne dòruinn shiorruidh : agus a' bheil do chridhe aig cnuimhidh diblidh mar tha sibhse, oilbheum a thoirt do Dhia gu dùlanach, agus cuir 'an aghaidh an Dè Uile-chumhachaich, a ghairm o neo-ni sibh ! Och ! nach 'eil am fios is lugha agaibh air an staid bhrònaich anns a' bheil na h-anmaibh sin a bhrosnaich an Dia neart-mhor 'n an aghaidh fein. Theid aig focal Dè leis an do ghairmeadh air tùs o neo-ni thu, air do ghairm a rìs gu neo-ni. Cuiridh gruaim a ghnùis as duit, agus tilgidh è 'mach thu 'an iomall dorchadais. Cia buidheach dhiot na diabhoil leis an do bhuaireadh thu, cha 'n 'eil a dhi orra ach cead o 'n Tighearna, do ghlacadh agus do ghnàthacha mar an cuid fein ! 's an sin bithidh tu ann an ifrinn gun dàil. Ma tha Dia a' t-aghaidh, tha gach ni a' t-aghaidh. Cha 'n 'eil an saoghal so ach mar ghainntir dhuit ga mòr do ghràdh air ; cha 'n 'eil thu ach

air do choimhead ann gu latha na feirge. Job xxi. 30. Tha 'm breitheamh a' teachd; tha t-anams a' triall. Seadh, an ùine ghearr, their do chàirdean umad gu 'n d' èug thu; agus chi thu 'n sin na nithe air a' bheil thu 'n dràst' a' deanamh di-meas, agus mothaichidh tu gur fìor an nì nach do chreid thu roimhe. Bheir am bàs na h-urrad dhearbhadh dhuit air a chùis, 's nach fhaod thu cuir 'na aghaidh; dearbhadh a thilgeas bun os ceann gu tur do bhreisleach fhein-speiseil, agus do chonnsoid 'an aghaidh focail agus slighe Dhe. Agus an sin thig grad atharrachadh air t-inntinn. An sin bi a' d' neo-chreideach m' as urrainn duit: seas ris gach cainnt bu ghnà leat a labhairt an aghaidh nan sgrìobtuire, agus 'an aghaidh beatha neamhaidh naomha. Dean a chùis sin a thagradh 'an làthair an Tighearna bu ghnath leat a chonnsachadh 'an aghaidh do luchd-teagaisg, agus na h-aitim sin air a' bheil eagal Dè. Seas an sin ri d' shean-bharailibh, agus ri d' smuaintibh di-measach air dicheall nan naomh. Deasaich a nis do reusan is treise, seas suas 'an làthair do bhreiheamh, agus tagair gu duineil cùis do bheathai fheolmhoir, shaoghalta, agus mhi-dhiadhaidh. Ach biodh fios agad gun tagair thu le neach nach faod thu a smàdadh uait, mar a smàdas tu do cho'-chreatairean. O! anmain thruaigh mheallta! cha 'n 'eil ach sgàile tana feolmhor eadar thu agus an sealladh uabbasach sin, a chuireas tosd ort gu goirid, agus a bheir ceol agus rùn eile dhuit! Co luath sa thairneas am bàs an sgàile so, chi thu na dh' fhàgas gun smid thu. Cia grad a thig an là agus an uair sin! M' an caith thu ach beagan tuill' ùine ri sùgradh, m' an cealaich thu ach beagan tuille de lòn so bhlasta, m' am meal thu ach beagan tuille de 'n urram agus de 'n t-saibhreas shaoghalta, struighear do chuibhrionn, crìochnaichear do shòlas, triallaidh gach nì air 'n do shocraich thu t-inntinn, gach nì air 'n do reic thu do Shlanui' fhear agus do shonas; agus cha 'n fhàgar agad ach an cunntas trom. Mar mheir-



leach ladurn' a shuidheas gu misgeach ceol-mhor san tigh-òsda, ag òl na braid, gus am bi a mhuineal an sàs acasan a tha gu dian air a thòir. 'S ionann ur cor-sa : Am feadh a tha sibh air mhisg le ro-chùram agus sòlas feolmhor, agus a' deanamh uail a aobhar ur nàire, tha 'm bàs gu dian an tòir oirbh, g' ar glacadh, chum an t-anam a spìonadh asaibh, agus gu iomain do 'n àite air am beag a tha sibh san àm a' smuainteachadh. Abraibh 'n uair bha sibh gu gnìomhach dàn' ann am peacadh, gun robh maor a' teachd le cabhaig g' ar glacadh, agus g' ar cuir gu bàs, ge nach faice sibh è, gidheadh nam biodh fios agaibh gun robh è ri teachd, nach cuireadh so stad air ur sùgradh, agus nach biodh sibh a' smuainteachadh air cabhag a mhaoir, agus ag èisdeachd c' uin a bhuaileadh è 'n dorus. Is truagh nach tuigeadh sibh cabhag a bhàis ; ge nach d' rug è oirbh fhathast ! cha 'n 'eil teachdoire co luath ris ! cha 'n 'eil maor air bith co cinnteach ris ! cha chinntiche gun d' thoir a ghrian a solus duibh sa mhaduinn, na gun d' thig am bàs gun dàil oirbh ; agus c' àit an sin a' bheil ur sùgradh agus ur sòlas ? An d' thoir sibh a dhùlan gu fanoideach ? An dean sibh ball-magaidh de 'n dream a thug rabhadh dhuibh ? Am fearr an sin a bhi cràbhach diadhaidh, no saoghalt' agus ana-miannach ? Agus an sin co is sealbhadoir air na nithibh a bha sibh a' càrnadh suas ? Luc. xii. 19, 20, 21. Nach 'eil sibh a' faicinn gu bheil làithean agus seachdainean a' triall gun stad, o'ch agus maduinn a' leanmhuinn a chèile gu dlù ? Coidlidh sibh fein, ach cha chodal g' ar dòruinn ; tha ur triallsa mall, ach is cabhagach am breitheanas tha 'n tòir oirbh, 2 Pead. 2. 3, 4, 5. glacaidh è sibh gu h-obann, agus bheir è sibh do dhioghaltas mar chobhartach. " O gu 'm biodh sibh glic a thuigsinn " so, gu 'n d-thugadh sibh fainear ur crìoch dheirean " nach ! " Deut. xxxii. 29. An ti aig a' bheil cluas chum èisdeacd, cluinneadh è gairm Dhe ann an latha so a shlainte.

O! dhaoine peacach neo-chùramach, is truagh gun fhior-eolas a bhi agaibh air mòr-luach a ghràidh a tha sibh a' dearmad, agus air fuil luachmhoir Chrìosd, air a' bheil sibh a' deanamh tàir! Och! gun fhior-eolas agaibh air saibhreas slainteil an t-soisgeil! Is mairg gun an t-eolas is lugha agaibh air cinnt agus firinn, gloir agus sonas na beatha shiorruidh, air nach socraich sibh ur n-inntinne, agus nach gabh sibh os laimh iarruidh os cionn gach ni. Nam biodh ach an t-eolas is lugha agaibh air a bheatha shiorruidh an Iathair Dhe, a bheatha a tha sibh a nis a' dearmad, cia grad a chuire sibh cùl r' ar peacaidh? cia grad a dh' atharraicheadh sibh ur n-inntinn agus ur beatha, ur giulan agus ur cuideachd, agus a philleadh sibh ur cùram agus aomadh ur tograi 'ean chum sruth-chlais eile? Nach bu tàmailteach leibh gèilleadh do 'n bhuaireadh a tha nis g' ar mealladh, agus g' ar cuir air seachran? Cia èudmhor a mhosgladh sibh gu fearail, air tòir na beatha ro-shona so? cia dùrachdach a dheanadh sibh ùrnuigh ri Dia? cia deothasach a bhiodh sibh gu èisdeachd, gu foghlum, agus gu fiosrachadh? cia dùrachdach 'an smaoineachadh air naomh-reachd Dhe? cia gealtach roi pheacadh, 'an smuain, 'am briathar, agus 'an gnìomh? cia dìleas ann an toileacha Dhe, agus chum fàs ann an naomhachd? O! nach b' àghmhor an t-atharracha so? C' arson nach creide sibh fìor-fhocal De, a leigeas ris duibh na nithe shiorruidh gloirmhor so.

Seadh, ceadaichibh dhomb inuse duibh, gur beag ur n-eolas air an eadar-dhealacha sin a tha air talamh fein, eadar a bheatha sin a dhiult sibh, agus a bheatha gan d' rinn sibh roghain. Tha na daoine naomhaicht' 'an co-chainnt ri Dia, 'n uair is gann tha chrìdh agaibhse smuaineachadh air; agus an uair nach 'eil sibhs' ach 'an co-chainnt an t-saoghail agus na feola, tha 'n co'-luadar-san air neamh, am feadh a tha sibhse 'n ar coigrich air an ionad sin, agus ur bolg agaibh mar Dhia, agus 'an tòir air nithibh saoghalta. The iadsan

an tòir air sealla do ghnùis ghlòir-mhor an Ard-rìgh, 'n uair nach 'eil sibhs' ag iarraidh aon ni is àirde no an talamhs'. Tha iadsan ri saothair fa chomhair na beatha gun chrìoch, anns am bi iad mar na h-aingil, 'n uair a tha sibhse gu h-iomaguineach a' ruaga nan samhladh mealltach, 's a' càrnadh suas nithe diombuan nach meal sibh ach goirid. Cia dìblidh truagh a bheatha thalmhaidh, fheolmhor, pheacach, agus andiadhaidh, 'an coimeas ri beatha spioradail, luachmhoir nan creid' each. 'S tric bu duilich truagh leam bhì 'g amharc air mac-samhuil nan daoine so, le dealas an t-saoghail, a' caitheadh am beatha le cùram agus le saothair, gun a bheag a sholar, ach beagan lòn agus eudaich, no beagan de thoic dhiomhuain, de shuaimhneas feolmhor, no de urram faoin, mar nach biodh ni bu luachmhoire aca r' a chuimhneachadh. Ciod an t-eadar-dheàluchadh a th' eadar beatha nan daoine sin, agus beatha nam brùidean sin a chaitheas an aimsir ri h-ith, ri h-obair, agus a' tarraing àile na beatha, a mhàin chum gu 'm bi iad beo? Cha bhlais iad an sòlas neamhuidh sin is lòn anma do 'n chreid' each. B' fhearr leam beagan de 'n cho'-fhurtachd a tha 'g èiridh o roi-smuainteachadh air an oighreachd neamhuidh do 'n fhior-chriosduidh, le oilbheumaibh agus le fhulangaisibh air fad, na uile shòlas agus soirbheach mealtach a pheacaich. Cha b' àill leam bhì aon uair air mo bhiora gu diomhair le agartas mo chogais, no le smuaintibh doilleir uabhasach bàis agus beatha ri teachd, air gach earras saoghalta a choisinn an droch-shluagh, no ris an ion doibh fiuthair a bhì aca gu bràth. Nam bithinn fein ann an cor feolmhor neo-iompaichte luchd-aingi'eachd, agus fios a bhì agam air na nithe sin is aithne dhomh, agus a' creidsinn na nithe a tha mi nis a' creidsinn, shaoilinn gu 'm bu roi'-bhlas air ifrinn mo bheatha. Cia tric a smuaintichinn air uabhas an Tighearna, agus air latha eagallaich a bhreitheanais a tha teachd le dian chabhadh am' ionnsuidh. 'S cinnteach gu 'm biodh bàs agus

ifrinn a ghnà fa m' chomhair. Smaoinichinn orra san là, agus bhruadairinn orra san o'che ; luidhinn sios agus mhosglainn le geilt-chrith, agus chaithinn mo bheatha gu h-uabhasach, an t-eagal gun d,thigeadh am bàs orm roi'iompacha. Bu bheag mo shòlas ann aon ni a shealbhaichinn ; bu bheag mo thlachd de chuideachd, agus bu bheag mo ghàirdeachas ann aon ni saoghalt' am feadh bu leur dhomh mi fein fo fheirg agus fo mhallachd Dhe ; b' eagal leam an guth so a chluinntinn, " O ! amadain, an nochd fein iarrar " t-anam ort." Agus bhitheadh a bhreith uabhasach so sgrìobht' air mo choguis, " Cha 'n 'eil sith do 'n " aingidh deir mo Dhia." Isa. xlviii. 22. O pheacacha truagh ! Dh' fhaodadh sibh beath' is sòlasaiche na so a chaitheadh, nam bitheadh sibh ach toileach, do rir-eadh toileach, eisdeachd ri Criosd agus teachd a dh' ionnsuidh Dhe. Dh' fhaodadh sibh an sin tarraing dluth do Dhia le dānadas, ar n athair neamhaidh a ràdh ris, agus earbs' a dheananh as gu muinghineach. Ma dh' amhairceas sibh air gealltanasa, faodaidh sibh a ràdh is leinn fein iad so uile. Ma dh' amhairceas sibh air mallachd, faodaidh sibh a ràdh, shaoradh uaithe so sinn. An uair a leughas sibh an reachd, is leur dhuibh cia uaithe a shaoradh sibh ; an uair a leughas sibh an soisgeul, chi sibh ur Fear-saoraidh, chi sibh sruth-chlais a ghràidh, a bheatha naomha, agus fhulangas ; faodaidh sibh a lorgachadh ann an obair ur slainte, air a dheuchainn, air a dheuraibh agus air fhuil. Chi sibh am bàs lan-chlaoite, neamh fosgailte gu farsaing rèidh, ur n ais-eiridh agus ur gloracha daighnicht' ann an ais-eiridh agus ann ur glorachadh ur Tighearna. Ma dh' amhairceas sibh air an naomh-shluagh, faodaidh sibh ur bràthaire agus ur co'-chompanaich a ràdh riu. Ma dh' amhairceas sibh air daoine mi-naomha, is aobhar gairdeachais leibh gun do shaoradh sibh 'n staid sin. Ma dhearcas sibh air na neamha speur-ghlan, air a ghrèin, air a ghealaich agus air na reulta fìor-ghlan gun

aireamh, nach ion duibh a ràdh, is glor-mhora gu neo-chriochnach gnùis ar n Athair neamhuidh-ne no na soilse dhealrach sin uile ; agus is glor-mhora an sonas a bheir e mar oighreachd shiorruidh d'a naomhshluagh. Cha 'n fhacadh sùil, cha chuala cluas, agus cha do thuig cridhe duin' an t-shiorruidheachd shona ghlor-mhor a gheall an Dia nach breugaichear 'd a theaghlach reasant' air thalamh, a bheir gèill d' a iartas. Ma smuainticheas sibh air an uaigh, faodaidh sibh a chuimhneachadh le gairdeachas gu bheil ur n Athair neamhaidh, ur Slanui fhear beannuichte, agus an Spiorad glor-mor, co dluth an dàimh d'ar luathre, as nach faodar a dhi-chuimhneachadh no a dhearmad ; ach ath-bheothaichear e ni 's cinntiche, no na treabha luis-bheo anns an earrach. Do hhrigh gu bheil an t-anam, freumh a chuirp, sir-bheo ; agus gu bheil Criosd freumh a chuirp agus an anma, sir-bheo. Seadh, faodar am bàs rìgh nan uamhas, a chuimhneachadh le gairdeachas ; do brìgh gun robh dùil agaibh ris, d' ar saoradh, o fhuighleach peacaidh agus amhghair ; agus a leige ris duibh na nithe sonadh air an cualadh sibh iomradh, chum as gum mothaicheadh sibh o ur fiosrachadh fein cia luach-mhor a chuid a roighnich sibh, eadhon, creideamh, naomhachd, agus neo-chealgaireachd. Leigear a chuis fa 'r ràidh fein a chàirde caomh. Nach roighniche gu mor leibh, bhith cinnteach a sonas siorruidh, agus bhì deas chum an saoghal so fhàgail air iartas bàis, na ur beath' a chaitheadh mar an aitim an diadhaidh, ag a' bheil an cridhe trom-luchdaichte le dèistinn, òrais misg agus ro-churam na beatha so, agus air an tig am bàs gu h-obann ? Nach bu shòlasach ur beatha, nan deanta oighreacha neamha dhibh, agus nan tug-tadh cinnte dhuibh air teasairginn an uair a dh' fhàgas sibh an saoghal so ? O ! seallaibh timchioll oirbh a nis, smuaintichibh ciod e ata sibh a' deanamh, agus na tilgibh uaibh an dochas so ar son fìor neo-ni. Cha

toir an saoghal agus an fheoil maraon, duibh a leithid so do dhòchas sòlasach.

Gun luaidh air an àn-rath a thairngeas sibh oirbh fein, tha sibh draghail do dhaoin' eil, am feadh ata sibh neo-iompoichte. Is draghail do 'n uachdaran ur cuir fo reachd. Tha sibh draghail d' ar luchd teagaisg le bhith a' cuir an aghaidh an t-solais iuil a tha iad a' tairgseadh dhuibh. Cha 'n 'eil dragh air domhan a's mo leo, no ur peacadh agus ur n-àn-rath. Tha sibh draghail do 'n rioghachd, agus a' tarraing dioghaltais De oirre. Is eigin gur sibh a tha buaireadh sith nan Eaglaise, agus a' bacadh ar coi'-rèite, ar deagh riaghailt, agus ar leasacha beatha. Is eigin gur masla draghail sibh do na h-eaglaisibh anns am bheil sibh 'g ar foirneadh fein, agus do gach ionad eil' anns am bi sibh. Och! a Tighearna! Cia bronach an gnòthach ann an Sasgun fein, anns a' bheil saibhreas an t-soisgeil os ceann gach aon rioghachd eil' air talamh; anns a' bheil teagasg co'-shoillear choitchionn; agus gach cuideach' a b' àill leinn, co'-dlùth dhuinn; an uair a chosgair an cloidheamh sinn; an uair a ruidh dioghaltas mar theine trid an fhearainn; an uair a shaoradh sinn; agus a choi'-cheangail trocair co iongantach sinn ri Dia; ris an t-soisgeul; agus ri beatha naomha; seadh, 'n a dhiaigh so uile, gum bitheadh ar caithreacha, ar bailte, agus ar dùthaich, air an lionadh le h-anbharr do shluagh neo-naomhaichte; agus air lùisreadh le h-àilghios agus le neo-stuamachd, mar a chi sinn le mulad anns gach àite! Shaoileadh neach an diaigh an t-solais, a chostais, agus an dioghaltais so uile, agus an diaigh trocair Dhe gun deanadh sluagh na rioghachd so coi'-cheangal dluth r'a chèile, gum pilleadh iad chum an Tighearna maraon duine; agus a dh' ionnsuidh an luchd munaidh, a' caoidh am peacaidh, agus ag aslachadh orra gabhail leo, ann an irioslacha follaiseach, ann an aidmheil peacaidh, ann an iarraidh maitheanais o'n Tighearna, agus a' guidheadh comhairle shlainteil d' an sduireadh

anns an àm ri teachd, agus gum b' ait leo bhi riaghlaichte leis an Spiorad o 'n leth a stigh, agus le ministeiribh Chrìosd o 'n leth a muigh do reir focail De. Shaoileadh neach an diaigh urrad reason agus dhearbhaidh as a chuala sibh : agus an diaigh nam meadhona agus na trocair so uile, nach d' fhàgadh 'nar measg, aon neach an-diadhaidh, no an-saoghalta, no misgeach, agus nach 'eil ann am baile 'n ar duthaich, nàmhaid do naomhachd, no neach air am beag ath-leasacha creidimh, no beusan. Ge nach do choi'-reitich sinn uile mu dheas-ghnàthaibh àraidh, no mu mhodh riaghlaidh eaglais agus rioghachd ; shaoileadh neach gum bu choir dhuinn roimh an àm so còrdadh mu 'r beath' a chaitheadh gu neamhaidh naomha ; gu freagarach ùmhal do Dhia, agus d'a mhinistoiribh, ann an sìth agus ann an gràdh d'a chèile. Ach mo thruaigh, cia fad o na beusaibh so ar muinntir ! tha anabharr dhiu ann an iomad àit, a' socrachadh an cridh' air nithe talmhuidh, gun iarraidh aca air rioghachd Dhe agus a ceartas air tùs, ach ag amharc air naomhachd mar ni gun fheum ; ma chluinnear urnuigh 'n an teaghlachaibh, cha 'n ùrnuigh intinneach dhùrachdach gach là ; ach briatharan coi'-dheis gun seadh, an uair thearc a chuirear an ceill iad ; cha do theagaisgeadh eolas Chrìosd no coi'-cheangal nan gràs d' an sliochd ; cha do thogadh suas iad ann an teagasg an Tighearna, ge do ghealladh so as an leth ann am baiste. Cha toir iad teagasg slainteil d' an luchd-tuarasdail ; ach ma ni iad obair cha 'n iarrar tuille. Tha barrachd de dhraostachd neo-gheamnaidh, de anacainnt mhallaichte, de mhionnaibh gairisneach, agus de mhallachadh oillteil 'n an teaghlachaibh na a chluinnear de bhraithraibh grasmhor a ta chum foghlaim. Cia tearc teaghlach air am bheil eagal an Tighearna, agus a dh' fhiosraicheas ann an focal De, agus d'e mhinistoiribh, cia am modh air an coir dhoibh am beath' a riaghladh, agus ciod è a n' iad ! is tearc iad a tha toileach bhi teagaisgte agus riaghl-

aichte, agus aig am bheil dùil chridheil re beatha shiorruidh ! is iad a bhuidheann thearc a bheannuicheadh mar so le Dia, gnath-fhocal nan coimhearsnach. An uir a chí sinn cuid do dhaoine a' caitheadh am beatha le misg, uail, agus an-saoghaltachd, agus a chuid mhor dhiu a' gabhail ro-bheagau cùraim d' an sonas, ged a tha chùis muladach gun teagamh air bith gidheadh, is gann a dh' fhaodar an truaigh a leigeadh ris doibh, agus is gainne gu mor a dh' fhaodar an teasairginn agus an ath leasachadh : ach ann diaigh dhuinn gach ni a dheanamh a ta 'n ar cumhachd, chum an teasairginn o am peacaibh, is eigin duinn cuid diu fhàgail mar a fhuair sinn iad. Ma thilgeas sinn amach iad do reir focail De, o cho'-chomunn na h-eaglais, ann diaigh dhoibh ar comhairl' a dhiultadh gu rag-mhuinealach ; lasaidh am fearg 'n ar n aghaidh gu bras, mar gu 'm bu naimhde dhoibh sinn ; lionaidh an anama le mi-run agus brùchdaidh iad oirn è ; is fearr leo dol ann ordugh catha, an aghaidh an Tighearna, agus a naoimh-reachd, an aghaidh eaglais, agus a mhinistiribh ; no an aghaidh a pheacaidh bhàs mhoir. So staid bhronach Shasguinn ; tha ar n uachdarana cairdeil do ghiulan diadhaidh : tha sàr cho'-throm againn chum coi'-reite agus ath-leasachadh creidimh agus beusa, agus is fada le ministeribh tairis an t-soisgeil gus am faic iad eaglais De fo dheagh riaghailt, agus naomh-reachd Dhe mar riaghailt beusan aig gach neach ; ach is beag nach 'eil cumhachd peacaidh an t-sluaigh a' cuir gach ni an neo brigh. Is tearc àit anns am faod minister tairis an t-soisgeil fìor-fhoglum smachdail Chrìosd a chuir 'an gnìomh ; no am peacach leis nach aithreach an giulan a's masluich, fhògradh a' co'-chaidreamh na h-eaglais, no, o cho'-ghabhail suipeir an Tighearna, gun bhith mar chuspair anacainnt aig cuid mhor de 'n t-sluagh : mar gum bu ghlice na h-anama ain eolach neo-churamach so no an luchd teagaisg, seadh na Dia fein, agus mar gu 'm b' fhearr an luchd riaghlaidh



iad no an aitim ris an d' earb Dia riaghailt na h-eaglais. Agus mar so, ann an la ar fiosrachaidh, an uair a bheir Dia gairm dhuinn eaglais fein ath-leasachadh, abraibh gu bheil na h-uachdarain deonach, agus gu bheil na ministeirean treibh-dhireach rò-dheonach, gidheadh, tha an sluagh ro ain-deonach, tha iad dall agus cruadhaichte le peacadh, air achd 's gu bheil iad, seadh, ann an la an t-solais iuil agus tairgse nan gràs, ceannairceach naimhdeil ann aghaidh an t-solais ghràs-mhor, agus cho phill iad air impidh Dhe fein, a ta 'g an cuireadh gu càirdeil, agus cha ghabh iad sealla d' an amaideachd, no eolas air an leas. Och ! is truagh gun eolas aig sluagh Shasguinn anis fein air na nithe sin a bhuineas d' an sith mum folaichear o 'n suilibh iad !

O ! dhaoin' amaideach thruagh ! cia an draoidh-eachd a lion ur n-anama leis no h-urrad bhoile, agus ur cridhe leis na h-urrad mharabhantaisas gur naimhde co bàs-mhor dhuibh fein sibh ! an ruidh sibh co chrosta dhian chum dòrainn, as nach faod focal De no impidh dhaoin' ur n-intinne atharrachadh, ur lamhan a bhacadh, no stad a chuir oirbh gus am fág sibh àit ur teasairginn. Seadh, a dhaoin' aingidh cho mhair a bheatha so gu bràth ; cha 'n fhuirich an fhoighid so ruibh gu siorruidh. Na saoilbh gu 'm mi-ghnàthaich sibh ur Cruthai-fhear agus ur Fear-saoraidh ; gun toir sibh gèill d'a naimhdibh ; gu 'n truail sibh ur anama fein ; gun cuir sibh dragh air an t-saoghal ; gun dean sibh ea-coir air an eaglais ; gu 'n toir sibh oil-bheum do 'n t-sluagh dhiadhaidh ; gun cuir sibh campar air ur luchd-munaidh ; no gum bac sibh ath-leasacha creidimh ; na saoilbh gu dean sibh so uile, agus nach creann sibh fein air. Cha n 'eil fios agaibh ciod e a chostas so dhuibh, ach gheibh sibh fios air gu goirid, an uair a ghabhas an Dia cothromach cunntas dibh, agus a bhuineas è ruibh air mhodh nach do bhuin ur n-uachdarana saoghalta no ur n Aodhaire neo-acarrach ruibh, mur gabh sibh roimh

dhòrainn shiorruidh le fìor-iompochadh, agus le grad-umhlachd a thoirt do ghairm Dhe. An ti ag am bheil cluasa chum èisdeachd cluinneadh è, am feadh ata àrd ghuth na trocair a' toirt cuire dhà.

Is leur dhomh cunnuil aingidh a ta air tuineachadh gu teann ann an anmaibh mhòrain de dhaoin' an diadhaidh.

Saoilidh iad nach 'eil Dia co chùramach mu smuainte, bhriathara agus ghnìomharra dhaoine, 's a tha chlèir a' cuir am cèill doibh; agus air an aobhar sin, is ro bheag an cùram fein diubh. Chum an an-diadhachd so a leigeil ris do 'n dream sin, cuiridh mi orra na ceistean so a leanas.

1. An saoil thu gur co dheas le Dia an duine no brùid thu? Ma 's eadh, co a chruthaich agus a choimhead thu? Mur h-eadh, bith cinnteach gur math leis do ghiulan a bhith mar dhuine. Cha 'n 'eil neach air bith co amaideach 's gu dean e obair ealanta, gu 'n tog è tigh, no long, gun chùram a ghabhail gum freagair iad am feum fein. Na leigeadh ur nàire dhuibh amaideachd cho mhòr a chuir as leth an De a 'ta neo-mhearachdach an gliocas, 's gun cruthaichheadh è creatuir co huach-mhor ris an duine, sgeadaichte le ceadfaibh co oirdheirc gun tuille cùram a ghabhail deth. Ciod è mu'n d' thug Dia dhuit anam comasach air eolas a ghabhail air fein; ciod è mu'n d' thug è cridhe dhuit comasach air lasadh le gràdh dha fein: ma 's coi'-dheas leis am bith thu eolach no ain-eolach air; an toir thu gràdh no fuath dha? nach faic thu ann an cruithheadh an t-saoghail, gach ni cumta no dealbhata chum fhèim fein! tha na brùide ain-eolach air Dia; cho 'n urr' iad gràdh a thoirt d'a, do bhrìgh nach do dhealbhadh iad chum na criche so; ach tha do chruth-sa a' dearbhadh gun do chruthaichheadh do Dhia thu, agus fa choinneamh saoghail eile.

2. An saoil thu gu bheil Dia uile-làthaireach, neo-chriochnach, agus làn-fhoghainteach? Mur

saoil thu so, cha 'n 'eil thu creidsinn gur Dia e ; agus is mi-reasonta r'a smuainteachadh gun do chruthaich Dia saoghal a 's mò mòrluach na è fein ! oir cha cho'-pairtich neach air bith tuille na tha aige fein. Ach ma 's eigin duit aideachadh gu bheil Dia uile-làthaireach, agus co fhoghainteach do gach aon neach fa-leth, is ge nach bitheadh creatuir air bith eil' aige r'a thoirt fainear, is eigin duit aideachadh nach 'eil è neo-chùramach mu chridhe agus mu ghiulan cloinn nan daoine ; oir tha iad na shealla do ghnàth. Is barail mhaslach mu Dhia, mar bhith criochnach, neo-fhoghainteach, neo-làthaireach, a ta toirt air daoin' a smuainteachadh gu bheil è neo-chùramach mu 'n cridh' agus mu 'n giulan.

3. An saoil thu gur coma le Dia ciod è a tharlas do d' chorp ? an coma leis am bith thu tinn no slàn ? beo no marbh ? ma 's coma, co uaidh a fhuair thu beatha, slaint' agus lòn saoghalta ? ma fhuair thu o neach eil' ach o Dhia iad, innis co è ? nach 'eil thu a' guidheadh beath agus slaint' o Dhia ? am bheil thu co an-dàna as gu 'n abair thu ris, cho dean mi bun as do chàirdeas, cho bhith mi a d' chomain air son beathaidh no lòn latha eile ? ma tha thu co an-dàna 's gu 'n abair thu so, is duine dall an diadhaidh thu. Ma shaoileas tu gu bheil spèis aig Dia do d' chorp, an saoil thu nach 'eil spèis aige do t-anam, a 's mò mòr-luach ? ma tha e ga t-altram le saibhreas mhaitheis nach traogh, bi cinnteach nach coi-dheas leis an toir thu gràdh no fuath dh'a an èiric a chairdeis.

4. An creid thu gur è Dia Ard-riaghlai-fhear an t-saoghail ? mur è, ni bheil an saoghal fo riaghailt chothromaich air bith. Oir mar nach 'eil cumhachd ag sith-bhreitheamh ach o 'n uachdaran ; mar an ceadna, ni bheil cumhachd ag uachdaran ach o Dhia ; ni mo ata uachdaran laghail ach fa ùghdarras-san. Ach mur 'eil ùghdarras aig Dia, tha 'n saoghal aimh-reidh. Ach ma 's eigin duit aideachadh gur è Dia ard-riaghlai-fhear an t-saoghail, cia neo-ghlic agus

mì-chothromach an riaghlai-fhear a b' àill leats' a dheanamh dheth, ma shaoileas tu gu bheil è coi-dheas mu rùin agus mu ghiulan a chuid iochdrana? cha 'n 'eil an so ach a bhith ag àicheadh gur Dia è.

5. Ma 's coi-dheas le Dia ciod è a tha 'n ar n-intin-nibh agus 'n ar gnìomharraibh. Ciod ar son a dhealbh è lagh d' ar smuaintibh, d' ar briatharaibh, agus d' ar gnìomharraibh? an sparradh e oirn an ni bu choma leis? an toirmisgeadh è am peaca co teann na 'm bu choi'-dheas leis ge do chuireamaid 'an gnìomh e? an gealladh è beatha shiorruidh do 'n umhlachd naomha, na 'm bu choi'-dheas leis ge do chaitheamaid ar beatha gu h-eas-umhail mi-naomha? Am bagradh e daoin' an-diadhaidh le h-ifrinn na 'm bu choi'-dheas leis ge do bhitheamaid an-diadhaidh. Am bheil thu co ro-dhàna's gu 'n abair thu, gur maith leis an Dia chumhachdach naomha, an saoghal a mhi-riaghlachadh le breig, agus daoin' a mhealladh gu h-umhlachd? Tha againn ann an lagh nàtur cha 'n i amhain comhairl' ar leas, ach dòchas an t sonais shiorruidh, agus bagradh na dòrainn bhith-bhuain, as eag' uis nach faodar an saoghal a riaghlachadh; agus air chinnt cha 'n ann le mealtoireachd, ata gliocas gun mhearachd, uile-chumhachd agus maitheas nach traogh a' riaghladh an t-saoghail.

6. Mur bitheadh Dia ro-chùramach mu'r cridhe agus mu'r giulan, ciod air son a dheanadh è an saoghal freasdalach dhuinn? Nach d' thug e grian, gealach agus reult' a dheanadh an iuil duinn; an talamh agus a luchd-àiteachaidh a fhreasdal d'ar feum, le'm bladhadh agus le'm beathaidh; agus an abair thu nach 'eil è ro-chùramach mu'r cridh' agus mu'r giulan? Tha so co amaideach r'a ràdh, as ge d' abradh tu gun do chruthaich Dia an saoghal an diomhanas, agus nach do ghabh e cùram air bith dheth o'n àm sin.

7. Mur bitheadh Dia cùramach mu leas ar n anama, cho chuireadh e a Mhac d' ar saoradh, d' ar glanadh o aingidheachd, agus d' ar naomhachadh dha fein mar

phopull dileas. Tha mòr-luach-saoraidh an t-sluaigh pheacaich, agus deagh rùn iongantach Dhe, ann an obair saoruidh, a' taisbineadh gu soilleir gu bheil fuath aig air a pheacadh, agus gur ro-mhòr a ghràdh air naomhachd.

8. Mur tugadh Dia fainear ar n anama agus ar beusa, cha tugadh è mar-obair d'a mhinisteiribh bhith 'g ar cuireadh gach là chum aithreachais, agus naomhachd beatha, cha sparradh è orra urrad shaothair a bhuileachadh air sluagh peacach, chum an cosnadh do Dhia ; ni mò a dh' orduicheadh è chum na criche so, gach deagh ghniomh diomhair agus follais. Am bheil Dia a' sparradh an t-saothair so a bhuileachadh air ni a 's coma leis.

9. Ni mo a chlaoidheadh Dia daoine aingidh le h ifrinn na dòrainn an taobh thall do'n uaigh, no lediogh-altas uamhasach an taobh a bhos di, mar tha na miltean a' mothachadh ; na'm bitheadh e coma mu'n smuainte, am briathara agus an gnìomharra Shaoilinn gun tuigeadh daoine aingidh a ta 'g osnaich fo smachd co tric, gu bheil suil ag Dia air an cridhe agus air an giulan.

10. Agus cia mar dh' fhaodas an spiorad naomh bhith mar Fhear-naomhachaidh againn, ma tha Dia coi'-dheas, am bith sinn glan no neo-ghlan? am bheil thu 'co ro-dhàna as gu 'n abair, no gu 'n smuaintich thu gun do ghabh an Spiorad naomha obair gun fheum os laimh?

11. Shaoilinn gun tuigeadh sibh, o mhi-run a bhuaireadair, gu bheil Dia naomha, agus gur fuathach leis eacoir ; agus gur fìor fhocal-san, a ta 'toirt fios duinn air dioghaltas siorruidh a pheacaidh. Tha 'n scription a' toirt fios duinn air tuisle nan aingle, agus gu'n d'rinn am peaca diabhlaidh de mhòran diu agus eas-cairde mi-rùnach do shonas an duine. Agus nach leoir-shoilleir dhuibh gur fìor sin? Cia mar eil' a bhitheadh iad a' buaireadh dhaoine co'-dùrachdach, mar tha sinn a' mothachadh o'r fiosrachadh fein? no mur lan-dearbha leis an neo-chreideach so, ciod

uim' a dhealbh iad a choilion innleachd a tharraing dhaoine o an Dia, agus o an sonas, mar a rinn iad? Ciod uim' a thaisbin iad iad fein do choilion neach ann cruitheachdaibh agus ann riochdaibh uamhasach, agus mu ghnòthaichibh millteach, a ta gu leor-shoil-leir a' dearbhadh an cor muladach dèisteanach, an eas-cairdeas mallaichte do Dhia agus do dhaoineibh, agus an dian-thogradh chum daoine' a mhealladh gu slighe peacaidh, d' an crìoch leir-sgrìos? Mur creid an neo-chreideach gu bheil diabhair da rìreadh ann, no spiorada mi-runach truagh, d' an do thilg am Messiah neart-mhor, urchuir uamhasach o airde nam flaitheas, chum doimhn' ifrinn na dòrainn, d' an sior-chlaidh air son ansaint anabarraich inbhe, diabhair le 'm miann an cinne-daoine' a tharraing le'n innleachdaibh chuman ionada còmhnuidh dòrainneach fein; mur creid an neo-chreideach so, thigeadh è agus reasonaicheadh e a chùis riumsa, agus gun dàil air bith, bheir mi dha coilion dearbha gun teagamh, as nach bith smid aige r'a ràdh an aghaidh an cinnt agus am firinn mur abair è nach creid è. Urrad dhearbhaidh, as nach toir mi buidheachas do'n neo-chreideach an diadhaidh air son geill a thoirt domh, mur toir e thairis d'a reuson, ann àite cead a thoirt d'a dearcadh air solas iuil na firinn.

12. Fa dheoidh, ma shaoileas sibh do rìreadh, gu bheil Dia (an t'ard-riaghlai' ear siorruidh, uile-làthaireach, a tha cumail suas an t-saoghail lé uile-chumhachd,) a' gabhail co beag cùraim do dhaoineibh agus d' an gnìomharraibh; agus gu' bheil è coi'dheas am bi iad naomha no mi-naomha, ùmhail no eas ùmhail d'a lagh: an sin, measaidh sibh, mar mo bharrail, gur co beag cùraim is còir dhuibhs' agus d' ar co'-bhràthaireibh a ghabhail de na nithibh sin.

Air an aobhar sin 's eigin domh da cheist a chuir oirbh 'an so.

1. An coma leibh ciod a labhras daoine' eil' umaibh, no a ni iad oirbh? Am bu taitneach leibh gu mas-

laicheadh, agus gu'm mi-ghnàthaicheadh iod sibh ; no gun cuireadh iad teine ra'r tighibh no r'ar bailtibh ; no gum milleadh iad ur mnà, ur clann agus ur sprèidh, no gu'n cuireadh iad sibh fein ann an gainntir, chum ur lot agus ur cosgraidh ? Ma 's mor an t aobhar gear-ain leibh an ana-cainnt a bheir daoine eile dhuibh, agus an èa-coir a ni iad oirbh ; am bheil sibh co mhor air boile, 's gun saoil sibh nach olc leis an Dia uile chumhachdach naomh' an ana-cainnt a bheirear, agus an èa-coir a nithear air fein, no air a luchd muinntir, agus sin, le cnuimhibh co diblidh ri daoineibh, a chruthaicheadh le lamhaibh fein ? Mur fàgadh ur fein-spèis dall agus claon-bhreitheach sibh, bu leur dhuibh gur toilteannach' ar tuille dioghaltas aon pheacadh 'an aghaidh Dhe, na deich mìle do mhiltibh peacadh an aghaidh thruaghana suarrach mar sibhse. Nach eadar-dhealaich sibh deagh fhear tuarasdail, o dhroch fhear-tuarasdail ? leanabh umhail, o leanabh eas-umhail ? Mac a chuireas anam ann cunnart air ur son, o mhac leis am fada gus an leagar lo saighead bàis sibh, chum 's gun sealbhaich e fein ur n oighreachd ? caraid dileas o eas caraid millteach ? mur eadar-dhealaich, cho daoine sibh, ach creatuirean eil' an riochd dhaoine. Ma dh' eadar-dhealaicheas, an sin, is measa sibh na daoine, ma b' àill leibh nach eadar-dhealaicheadh an t uile-chumhachdach, ach gu gann, na h an maibh naomha le 'n ionmhninn e os ceann an t-saoghail gu h iomlan ; o na h anmaibh mi naomha nach toir fainear è.

2. Chuirinn mar cheist oirbh am bu mhath no am b' olc leibh, gun tugadh na h uachdrana saoghalta fainear briathara agus gnìomhara nan iochdrana ? ma b' olc leibh so, ciod e a b'ait leibh, ach gun rachadh an saoghal uile gu mi-riaghailt, gum faodadh am meirleach aim-beartach ur creachadh ; gum faodadh luchd mi-ruin ur marbhadh agus ur murt ; gum faodadh daoine sanntach ur n aitreabh, ur fearann ur n eallach agus ur maoin a thoirt uaibh ; agus gum faodadh luchd diolanais agus adhaltrais ar mnà phòsta

agus ar n ingheana a thruailleadh? Ach mur taitneach leibh an aimhrèite so, an sin, is daoine ro mhi-reasonta sibh, nam b' àill leibh gun tugadh na h uachdrana saoghalta gnìomharra dhaoine fainear, agus nach tugadh Dia, àrd-uachdran nan uile bheo fainear iad. Ma b' àill leibh gun crochadh na h uachdrana saoghalta an dream a ni èa coir oirbh, agus nach buineadh an t-uachdran sìorruidh ris an dream a ni ea-coir air fein a ni di-meas air a lagh, agus tailceas air ùghdarras, lochd a 's mo gu neo-chrìochnach na aon èa coir a nithear air duine. Mar gum b' àill leibh gun smachdaichte daoin' èa-corach le maoraibh, gun rìgh, gun bhreitheamh, g'an toirt fainear, oir tha rìgh ni 's isle gu mòr fo ùghdarras De, na tha maor fo ùghdarras rìgh.

C'uime cheilear an fhirinn! Tha daoin' aingidh air tuiteam co fad o Dhia, agus co domhainn annta fein, as gu bheil iad mar Dhe 'n am barailibh mearachdach fein, agus cha 'n aithne dhoibh Dia, ach iad fein : agus air an aobhar sin, b' àill leo gun tugadh fainear gach ea-coir a nithear orra agus math a bheirear dhoibh. Ach b' àill leo nach cuirteadh an suim air bith, an ea-coir a nithear air Dia, no an eas umhlachd a bheirear dha. Tha smuainte co maslach agus neo-urramach aca air Dia, (as ged bu chreatuir mar iad fein e, nach faod bhith ach anns an aon àit, anns an aon àm,) as gu bheil iad a' toirt orr' a fhreasdal a mhaslachadh agus a smuainteachadh nach 'eil sgoinn aige de mhath no dh'òlc, agus nach toir e fainear an duine diadhaidh, agus nach smachdaich e an duin' an-diadhaidh, ach gu bheil e mar iodhola nan cinneach, ag am bheil sùile leis nach leur dhoibh, cluasa leis nach cluinn iad, agus làmba leis nach cuir iad cumhachd 'an gnìomh. Ach an uair dh' fhosglas Dia leabhar a chuimhne, anns a' bheil sgriobht' an aitim sin air a' bheil eagal fein agus a smuainticheas air ainm, agus an uair a their an Triath riu, anns an àm san dean e suas a sheuda, "Is " leams' an dream so;" agus caomhnaidh se iad mar



a chaomhnas Athair a Mhac umhal, an sin thig daoine an-diadhaidh g' an cèill, agus saorar daoine diadhaidh o 'm fulangais agus o'n eagal gu siorruidh, agus eadar-dhealaichidh am breitheamh luchd deagh-bheusa, o luchd mi-bheus, agus an dream a bheir geill d'a, o'n dream nach tabhair, Mal. iii. 16, 17, 18.

Tha mi cluinntinn cunnuil eile ro choitcheann ann am briathraibh dhaoine an-diadhaidh, gu h-àraidh o cheann ghoirid: their iad, “ Ch'an urra sinn gnìomh air bith a dheanamh as eagmhuis De; tha sinn gun ghràs mur toir e dhuinn è; agus ma bheir, pillidh sinn gu grad; mur do roi òrduich e sinn chum sonais, agus mur pill è feinn sinn, am faod sinn sinn fein a philleadh, no a theasairginn? cha 'n ann anns an neach a mhiannaiches no anns an neach a ruidheas ata so.” Agus an sin saoilidh iad gu bheil an leithsgeul gabhta.

Fhreagair mi a chunnuil so cheana, seadh anns an leabhar so fein; ach ceadaichibh dhomh anis an urrad so a ràdh.

1. Ge nach urra dhuibh sibh fein a theasairginn; is urra dhuibh deoch de nimh bhasmhoir a ghabhail chum ur dochainn. Is e Dia amhain a naomhaicheas ur n anmaibh; ach co a thruaill iad? An gabh sibh deoch de nimhe blàsmhoir gu deonach, do bhrìgh nach urra dhuibh sibh fein a theasairginn? Shaoilinn mur urra dhuibh mearachd a pheacaidh a leasachadh, gur mò bu choir dhuibh sgur dheth agus bhith air ur faicill roimhe.

2. Ge nach iompoichear sibh ach le gràs sonraichte Dhe, gidheadh is feumail dhuibh fios a bhi agaibh gun toir an Tighearn' a ghràs, ann an gnàthacha nam meadhona naomh' a dheònaich è fein chum na criche sin; agus faodaidh an gràs coitcheann, neart a thoirt dhuibh na meadhona sin a ghnàthachadh; agus am peacadh millteach a chumail o bhriseadh amach ann an gnìomharraibh. Am faod sibh a ràdh le firinn, gu bheil sibh a' deanamh urrad as tha 'n ar comas?;

Am faod sibh gabhail seach an tigh òsda, no deoch bhuaireasach a sheachnadh? no 'n co'chomunn a chruadhaicheas ann am peaca sibh a thrèigsinn? Nach 'eil sibh comasach dol a dh'èideachd focail De, agus smuainteachadh air an teagasg a chluinn sibh, air pilleadh dhuibh chum ar n ionnadaibh còmhnuidh? Agus smuainteachadh 'an uaigneas, air ur staid fein, agus air nithibh siorruidh? Nach 'eil sibh comasach deagh leabhar a leughadh, o là gu là, gu sonraicht' air là an Tighearna, agus dol 'an co'chainnt luchd eagail De? cha 'n fhaod sibh a ràdh le firinn, gun d' rinn sibh do rèir ur comais.

3. Agus air an aobhar sin, bithibh cinnteach gun caill sibh còir air gràs agus cuideacha Dhe, le 'r peaca toile, agus le'r neo-chùram, ge uach faod sibh gun ghràs, pilleadh ri Dia. Mur dean sibh na dh'fhaodas sibh, is ceart do Dhia an gràs sin a dhiultadh dhuibh, leis am faodadh sibh tuille mòr a dheanamh.

4. Na smuaintichibh mu òrducha Dhe, gun do sgar è a chrìoch o na meadhonaibh, ach gun do choi'cheangail è gu teann re chèil' iad. Cha do roi-òrduich Dia sonas siorruidh riamh, ach do 'n t-sluagh naomhaichte, no truaigh bhi-bhuan ach do 'n t-sluagh mhinnaomhaichte. Roi-òrduich Dia co chinnteach o shiorruidheachd, am bi barr ur fearainn tarbhach no mi-tharbhach am bliadhan, agus a cheart aimsir a bhitheas sibh beo air thalamh; as a roi-òrduich e an sealbhaich no nach sealbhaich sibh sonas bith-bhuan. Mheasadh sibh mar amadan, an neach a sguireadh de threabha, de chur, agus de chliathadh, ag ràdh, "Ma roi-òrduich Dia, gum bi barr m'fhearainn gu tarbh-ach trom, tarlaidh so, ge nach treabh, nach cuir, agus nach cliath mi. Ma roi-òrduich Dia saoghal fada dhomb, mealaidh mi è, ge nach ith agus nach òl mi; ach mur do roi-òrduich è so, cha chum biadh no deoch beo mi." An aithne dhuibh am freagra bheir sibh air a leithid so do dhuine? ma 's aithne, thugaibh am freagra ceudn' oirbh fein; oir is

ionann a chùis : tha òrducha Dhe co chinnteach mu'r corpaibh 's a tha e mu'r n anmaibh. Mur aithne dhuibh am freagra, dearbhibh gach co'-dhuna dhuibh sin air ur cuirp, mu 'n gabh sibh do dhànadas am feuchainn air ar n anmaibh : feuchaibh air tùs an cum Dia suas sibh gun bhiadh, gun deoch, gun aodach ; an toir è bàrr tarbhach dhuibh, gun treabha, gun saothair ; an treoraich è gu ceann ar n uighe sibh gun astar, gun dicheall : agus ma shoirbhicheas sibh 'an so, feuchaibh 'n a dhiaigh sin, an treoraich Dia sibh chum flaitheas na glòire, gun gnàthacha dicheallach a dheanamh air meadhona nan gràs ; agus suidhibh sìos, agus abraibh, cha 'n urrainn duinn sinn fein a naomhachadh.

Mar a bhuineas do 'n t saor-thoil, mn 'n do chonnaich sibh co fad : cha 'n 'eil na Diadhaires a'mi-chordadh uimpe co mhòr 's a shaoileas sibh. Tha Augustinus agus Pelagius, tha Calmhinus agus Arminius, tha Chlèir Dhominicach agus a Chleir Iesuitech gu h aonsgeulach, agus gu coitcheann, a' dearbhadh saor-thoil an duine ; tha luchd an fhior-chreidimh, ag ràdh gu bheil an t-saor-thoil trùailte agus a' claonadh gu h-aimhleas. Dhìt Epiphanius Origenes, air son gun dubhairt è gun do chaill an duine dreach na diadhachd, agus chuir e so as a leth mar mhi-chreidimh. Gidheadh faodaidh neach a ràdh le firinn, gun do chaill an duine dreach na diadhachd ; agus faodaidh neach eil' a ràdh nach do chaill. Oir tha da dhreach dhiadhaidh air an duine : a h-aon diubh nadurra, eadhon, reason agus saor-thoil, agus cha do chailleadh iad so. Tha an dreach eile ceutfadhach, agus beusach, agus is i so an naomhachd, agus chailleadh moran di, ach dh'aisigeadh agus dh' ath-nuadhaicheadh le gràs i. Is neach gun tuigs' a dhiultas gu bheil toil anns an duine tha saor do bhrìgh nàduir, saor a sheachnadh uile agus a leanmhuinn maitheis. Ach cha 'n 'eil i saor o dhroch-thograibh. Is cleachdainn di (o anabharr ain-eolais agus mi-fhaicill,) bhi gu tric 'an

aghaidh Dhe agus naomhachd, agus a' claonadh gu nithe talmhuidh feol-mhor. Tha i 'na tràill aig togra peacach. Shaoilinn nach faodadh an creideach criosduidh, no am mi-chreideach a thainig gu h aois agus neart reasoin, so àicheadh no a dhiultadh. Ach is muladach le m' anam, 'an diaigh m' uile theagaisg agus m' impidh, gu bheil e agam r'a aideachadh le dubh-bron, nach 'eil deagh-thogra, no an t-saor-thoil spioradail annaibh; oir nam bitheadh, cha 'n fheumadh sibh a leithid so do leabhar a chur impidh oirbh dòraian a sheachnadh, agus sonas a roighneachadh. Ma tha easbhuidh na saor-thoile spioradail so oirbh, cha ghabh sin ur leith-sgeul, ach meadaichidh e ur truaigh, agus an-tromaichidh è ur dioghaltas; do bhrìgh gum faodsibh ruigheachd air urrad di, 's a cheadaicheas neo-fhoirfieachd ur nàduir dhuibh a shealbhachadh. Oir tha searmonach' an fhocail, èisdeachd chùramach, agus giulan do reir an teagaisg fhallain a chluinn sibh, 'n am meadhonaibh sonraicht' agus 'n an seola, chum ruigheachd air saor-thoil spioradail, no dianthogra slainteil, a roighnicheas ur leas, agus a sheachnas ur n aimhreas.

Seadh, a mhuinntir ionmhuinn, ceadaichibh dhomh tri athchuinge iarruidh oirbh, agus ann sin sguiridh mi.

1. Leughaibh an leabhran so gu dùrachdach; agus ma dh' fheumas neach air bith d' ar teaghlachaibh, leughaibh a rìs, agus a rìs è; agus nan rachadh luchd eagail De, o àm gu h-àm, a dh' ionnsuidh an coimhearsnach' ain-eolach, agus an leabhar so no a leithid eil' air an stèidh cheudn' a leughadh dhoibh, dh' fhaoidte gum bitheadh iad 'n am meadhonaibh a chosnadh annaibh. Ma bhitheas sibh co leasg mu 'r saothair, 's nach leugh sibh air m' impidh an teagasg aithghearr so, chum ur slainte fein, cha 'n 'eil ach spèis ro bheag agaibh d' ar n anamaibh; agus is ceart an ni gun rachadh sibh 'am mugh.

2. Aun diaigh dhuibh an leabhran so a leughadh a rìs, agus a rìs, sparrainn oirbh dol 'an uaigneas, agus an ni sin a leugh sibh a rannsachadh car tamuill, agus a smuainteachadh agaibh fein 'an làthair an Tighearn', am bheil è fìor, am bheil è maothachadh ur n-anama, agus am mithich leibh amharc mu 'r timchioll. Ghuidhinn oirbh mar 'an ceadna, gun lubadh sibh ur glùn gu h-urramach cràbhach, agus gu 'n aslaicheadh sibh air an Tighearn', ur sùilean fhosgladh a leirsinn na firinn; ur n-anmaibh iompochadh a thoirt gràidh laiste dha fein; agus gu 'n guidheadh sibh uaithe gach gràs slainteil a dhearmaid sibh co fhada, agus gnàthaichibh an obair sin o là gu là, gus an lan-iompoichear ur n-anmaibh. Os-barr, rachaibh a dh' ionnsuidh ar n-aodhaire, ri 'n d' earb Criosd ur saodachadh chum inealtra na slainte shiorruidh, agus a tha 'gabhail cùram d' ar slainte, agus d' ar tearmann spioradail, mar a ghabhas lèigh cùram d' ar slainte chorporra, agus iarraibh orra an t-slighe air an còir dhuibh triall a sheoladh dhuibh; agus thugaibh fios doibh air staid ur n-anama, chum 's gum bi an comhairle agus an còmhnadh agaibh mar chuid-eacha. No mur 'eil fear teagaisg dileas agaibh, 'n ar sgìreachd fein, rachaibh a dh' ionnsuidh fir eil' a chuidicheas leibh ann ur feum ana-barrach.

3. Co luath 's a gheibh sibh, le leughadh, smuainteachadh, agus comhairle fir-theagaisg, mothachadh de pheacadh agus de thruaigh; agus eolas ur dleas-nais, ur sonais, agus ur n-ioc-shlainte; na deanaibh moille ach trèigibh ur comunn agus ur giulan peacach gun dàil; agus pillibh ri Dia, agus freagraibh a ghairm. Ma 's ionmhuinn leibh ur n-anmaibh fein, thugaibh fainear nach diult sibh gairm ard-ghuthach Dhe, agus nach mùch sibh ur coguis; chum 's nach measa dhuibh ann an la a bhreitheanais, na do Shodom agus do Ghomorra. Iarraibh o Dhia eolas na firinn; mar a b' ait leibh agaibh è: agus na meal-

laibh ur n-anmaibh fein gu toileil. Rannsaichibh an scription naomha gach là, agus feuchaibh am bheil a chùis mar a chluinn sibh o 'r luchd teagaisg; feuchaibh an tearuinte dhuibh sibh fein earbsa ri-neamh no ri talamh; am fearr dhuibh Dia a leanmhuinn na duine; reason a leanmhuinn na ana-miann; am fearr dhuibh ur beath' a chaitheadh ann am fìor-ghloine gun smal, no ann am peaca gràneil; agus an tearuinte dhuibh buanachadh ann an staid neo-naomhaichte aon la ni 's faide; agus ann diaigh dhuibh amus air an ni a 's fearr, togaibh è mar roghain gun dàil. Ma b' àill leibh bhi dileas d' ar n-anmaibh fein; agus mur ionmhuinn leibh sior-dhòrainn, guidheam oirbh, 'an ainm an Tighearna gabhaibh a chomhairle réasonta so. O! nach bu shonadh an rioghachd so, agus nach bu shona gach baile agus dùthaich innte nam b' ur-rainn duinn impidh a chuir air a coimhearsnach' aontachadh leis an earail fheumail so! nach b' ait leis gach aodhaire dileas amharc air a threud a' fàs naomha, neamhuidh do rìreadh! B' è so coi'-rèite, sìth, tearmann, agus uail ar n-eaglaisibh; sonas ar coimhearsnach', agus co'-fhurtachd ar n-anama. 'An sin, cia h-intinneach a shearmonaicheamaid sìth agus fuasgla dhuibh; agus a fhrithealamaid dhuibh baiste agns suipeir an Tighearna; na deas-ghnàtha sin a tha ciallachadh nasga na sìth! agus cia mor an gràdh agus an gairdeachas leis an caitheamaid ar beath' 'nar cuideachd? Aig adhart ur bàis, cia dòchasach a bheireamaid misneach d' ur n-anmaibh, an uair a thrialladh iad chum saoghail eile? agus an àm ur n-adhlachaidh, cia cridheil a ghabbamaid cead dibh ag an uaigh, ann dùil co'-dhail a chumail r' ar n-anmaibh ann an rioghachd nam flaitheasa; agus an dòchas ur cuirp fhaicinn, àrdaichte chum an ionaid ghlòr-mhoir sin.

Ach ma bhunaicheas sibh am an giulan neo-chùramach, ain-eolach, feolmhor, saoghalta, agus mi-

naomha ; agus mur faod ar guidhe dùrachdach agus ar saothair, impidh a chuir oirbh gun sibh-fein a leir-sgrios gu deonach ; an sin leanamaid eisempleir ar Tighearn' a tha spèiseil mu 'n bheagan sheud' a tha aige, agus mu 'n treud a ghabhas an rioghachd neamhaidh mar oighreachd, an uair a shealbhaicheas am mor-shluagh aingidh, an dòrainn a thoill iad. Is tearc nithe luach-mhor an domhain. Cha 'n 'eil iomad grian, no gealach. anns an t-saoghal so. Is beag do 'n chruinne-che a 's òr, no a 's airgiod. Is tearc rìghre, flaithe agus àrd-uaislean, ann am measg cloinn nan daoine. Cha mhor ata geur-chuisseach, glic air thalamh. Air an aobhar sin, ma tha an geata cumhang, agus an t-slighe aimh-leathann, is tearc iad a gheibh sonas ; gidheadh, gheibh Dia a ghloir, agus a shòlas fein, anns a bhuidheann theirc sin. An uair a thig Crìosd le ainglibh cumhachdach, ann an teine lasarradh, a dheanamh dioghaltais air an dream nach gabh eolas air Dia, agus nach toir gèill d'a shoisgeul, cliùthaichear a theachd leis a naomh-shluagh, agus is aobhar iongantais ait è do gach creid'each.

Mar a bhuineas do 'n chuid eile de 'n chinne-daonna, mar dh' aontaich Dia an t-Athair an cruthachadh ; agus Dia am Mac paineachas am peacaidh a ghiulan air a chrann, agus mar nach do mheas e am fulangas sin faoin, ged a bha fios aige, le diulta naomhachaidh an Spioraid, gu'm milleadh iad iad fein, fa dheire ; mar an ceudna, ge nach faodar iad sin a chruinneachadh chum Chrìosd, cho mheas luchd teagaisg an t-Soisgeil gu bheil an saothair uile cailte.

A leaghadoir sguiridh mise dhìot, an uair a leughas tu an leabhar so ; ach cha do sguir am peaca dhìot, seadh am peaca sin a shaoil thu a dhi-chuimhnicheadh o chionn fhada. Cha do sguir an diabhol dìot, ge nach faic thu anns an àms' e. Cha do sguir Dia dhìot, do brìgh nach àill leatsa gun sguir thu air impidh-san, do 'n pheaca mhilteach, a fhuair lamh

n-uachdar ort. Sgriobh mi an impidh so dhuit, mar do neach aig a' bheil fios gu bheil e a' dol chum saoghail eile gu goirid, saoghal, anns am faic e fein na nithe sin air an do labhair mi. Mar a b' àill leat am feasd mis' a choinneachadh le gairdeachas an làthair an Tighearn' a chruthaich sinn le chèile; mar a b' àill leat tearnadh o 'n phlàigh shiorruidh a dheasaicheadh do gach neach a ni dimeas air sonas; gach neach nach do naomhaicheadh le Spiorad nan gràs; agus leis nach ionmhuinn co'-chomunn nan naomh, mar bhall de 'n eaglais fhior-ghloin choit-cheann; mar tha dùil agad gum faic thu gnùis Chrìosd am breitheamh, agus mòrachd Dhe an Athar ann an sìth shòlasaich; agus gun gabhar thu gu fàilteach chum rioghachd na glòir' am feasd, an uair dh' iomainear lom-nochda a feàrann nam beo thu; guidheam, guidheam, ort, cluinn gairm Dhe, agus freagair i; pill le rùin sheasmhaich anama, chum 's gun sealbh-aich thu beatha shiorruidh. Mur gabh thu ri cuire Dhe, agus gun fhior aobhar agad a dhiultadh, ach t-an-toil fein; tha mi toirt iartuis theann dhuit freagradh air a shon so, an lathair an Tighearn ann an la a bhreitheanais, agus a' sparradh ort, fianuis a thogail leams' an sin, gun d' thug mi rabhadh dhuit, agus gu bheil thu mar chobhartach aig an diabhol, cha 'n ann do bhrìgh nach d' fhuair thu cuire gu pilleadh chum beath shonadh, ach do bhrìgh nach d' thug thu creideas no gèill do 'n chuire; mar a dhearbhar osbarr le fianuis,

*Do chomhairlich dhùrachdaich,*

RICHARD BAXTER.



# G A I R M

DO'N

## T-SLAUGH NEO-IOMPAICHTE.

---

ESEC. xxxiii. 11.

*Abair riu, mar is beo mi, ars' an Tighearna Dia, cha 'n 'eil tlachd air bith agamsa ann am bàs an aingidh, ach gu'm pilleadh an t-aingidh o shlighe, agus gu'm biodh è beo : pillibh, pillibh, o'r droch shlighibh, c'ar son a bhàsaicheas sibh, O thigh Israeil ?*

**B'** IONGANTAS uabhasach 'le mòran eile co math as leamsa, bhi a' leughadh anns an sgrìobtuir naomha, cia tearc an dream a thearnar ; agus gu'm bi a chuid is mò dhiubhsan a ghairmear, air an druide gu siorruidh a mach a rioghachd neamh, agus air an claidh maille ris na deamhain ann an teine bith-bhuan. Cha chreid na neo-chreidich so 'n uair a leughas iad è, air an aobhar sin, 's eigin gu'm mothaich iad gu trom è : tha iadsan a tha ga chreidsinn air an co'-èigneachadh gu ghlaodhaich le Pol, Roimh. xi. 33. “ O doimhne “ saibhris araon gliocais agus eolais Dè ! Cia do-rann- “ suchaidh a bhreitheanais, agus do-lorgachaidh a “ shlighibh !” Ach tha reuson fein a' teagasg dhuinn coire na droch-bheirt fhàgail orassan a ni è. Uime sin 'n uair a chi sinn droch ghniomh sam bith, brosnachidh fonn ceartais sinn a rannsachadh a mach an

ùghdair, chum gu'n guilaineadh è dochair mhaslach a ghnìomha, mar a mhi-chliu fein. Nam faiceamaid duine mìllte, agus air a ghearradh na bhloidibh as a chèile air an t-slighe, dh' fheòraicheamaid air ball, Och ! co a rinn an t-an iochd so ? Ma chuirear baile gu deonach ri theine, fiosraichi sibh gu grad, co 'n duine mi-chneast a rinn è ? Fòs 'n uair tha sinn à' leughadh gu'm bi mòran mar athainde teine ann an grìosaich ifrinn gu sìorruidh ; nach eigin duinn a smaoiniach, Cia mar tharlas so ? co è an coireach ? co is aobhar an-ìochd'ar do'n truaighe so ? agus 's tearc neach a dh' aidicheas a chionta. Aidichidh gach aon neach gur h è 'n droch-spiorad an coireach ; ach cha fhreagra so do'n cheist, do bhrìgh nach è am prìomh ùghdar. Cha 'n èignich, ach broснаichidh è daoine gu peacadh, agus fàgaidh è gun roghainn fein a chuir an gnìomh, no gun a chuir. Cha ghiulain è daoine chum an tighe-òsda ; cha 'n fhosgail è 'm beul le foirneart, a thaosga deoch bhuaireasach annta ; cha mhò a ghlacas è cho teann iad, 's nach faod iad dol a thoirt umhlachd do Dhia ; cha mhò a dh' èignicheas è an anmaibh o smuaintibh naomha. Uime sin tha choire ri fàgail eadar Dia fein, agus am peacach ; is eigin gur è 'n dara neach dhiubh, fìor aobhar na truaighe so uile, co air bith è ; oir cha 'n 'eil neach eile ri choireachadh : diultai Dia a choire so, agus cha ghabh è air fein i ; agus 's tric leis a pheacach aingidh a diùlta cuideachd ; 's i so a chonnsuid a tha ri rèiteachadh ann am theagasga.

Tha 'n Tighearn a' gearan air an t-sluagh, agus tha 'n sluagh a' coir-iomchair air an Tighearna. Tha chonnsuid so air a co'-riasunachadh ann an Caib. xviii. 25. far a' bheil an sluagh gu soilleir, agus gu h-ann-dàna ag ràdh, "nach 'eil slighe an Tighearna cothromach." A deir Dia, " 's i 'n slighse nach 'eil cothromach," Caib. xxxiii. 10. Ars' an sluagh, "ma bhitheas ar cionta, agus ar lochdan oirn, agus

“gun searg sinn annta, cionnas a dh' fhaodas sinn “mar sin bhì beo?” Mar gan abradh iad, ma bhàsaicheas sinn gu truagh, am faod sinn a leasuchadh? mar nach b'ì so an coire-san, ach coire Dhè. Ach tha Dia 'am briathraibh mo theagaisg ga shaoradh fein uaithe, agus ag innse dhoibh mar dh' fhaodas iad an truaighe so a bhacadh ma bhios iad deonach air a dheanamh: agus a' cuir impidh orra meadhona feumail chum na criche sin a ghnàthachadh; agus m'ar gabh iad r'a impidh, tha è toirt fios doibh gu bheil coire na truaighe aca fein; agus mar toilich so iad, cha sguir è ga'n smachdachadh. Is easan am breitheamh, agus bheir è breth orra a rèir an gnìomharraibh; cha bhreitheachan iad air Dia, no orra fein, a dhì-bhail ughdarrais, gliocais, agus neo-chlaon-bhreth; cha trod agus cha chonnsucha ri Dia a ni 'n gnothach, no a shaoras iad o'n cheartas a chuir 'an gnìomh, air a' bheil iad a' deanamh gearain.

1. Tha 'n rann so a' ciallucha, gu bheil Dia ga shaoradh fein o choire leir-sgrìos dhaoìn aingidh nach iompaich. Cha dean è so leis an reachd àicheadh, chum na h-aingidh a chuir gu bàs sìorruidh; no le a bhreitheanais a chuireas è 'an gnìomh do rèir an reachd sin àicheadh; ach le fìor aidmheil, nach taitneach leis am bàs, ach gun iompaicheadh iad, chum gu'm maireadh iad beo; agus dhaighnich è so le mhionnaibh fein.

2. Earail dhùrachdach do luchd-aingi'eachd iompachadh; earail leis a' bheil Dia, cha 'n è a mhàin a' sparradh an leas orra, ach a' cuir impidh chàirdeil orra gabhail ris, agus ag aontachadh a chùis a reusonacha riu, c'ar son a bhàsaicheas sibh? 'Si crìoch àraidh na h-earail so, gu'm pill, agus gu'm mair iad beo: Agus 'siad a dara crìocha (mar pill iad) an dithis so a leanas.

1. A thoirt mothacha dhoibh trid nam meadhona a ghnàthaich è, nach i coire Dhe, ach an coire fein ma theid iad am muga.

2. A dhearbhadh dhoibh o'n toilealachd shoilleir fein, le cùl a chuir ri uile aitheantaibh agus impidh an Tighearna, gur i an coire fein ma mhillear iad ; agus gu'm bàsaich iad, a chionn nach àill leo ach bàs.

Tha bladh an stèigh theagaisg so a' co'-sheasamh sna nithibh a leanas

1. Teagasg. Is è lagh neo-chaochlaideach an Tighearna Dia, gur eigin do luchd-aingi'eachd iompachadh, no bàsachadh.

2. Is è gealla Dhe gu mair na h-aingidh beo, ma philleas iad.

3. Tha Dia a' gabhail tlachd 'an iompachadh agus 'an slainte nan aingidh ; ach is neo-thaitneach leis am bàs agus an leir-sgrìos : is taitniche leis gu'm pilleadh agus gu'm bitheadh iad beo, na gu'n gabhadh iad air an aghaidh agus gu'm bàsaicheadh iad.

4. Is dearbh-fhirinn so, agus do bhrìgh nach b'àill le Dia gu'n cuire daoin' an teagamh i, dhaighnich è dhoibh i, le a mhionn follaiseach fein.

5. Tha 'n Tighearn ag asluchadh agus ag earulachadh air daoin' aingidh iompachadh.

6. Tha 'n Tighearn ag aontachadh a chùis a cho'-reusonacha riu, 'sa feoraich de luchd-aingi'eachd c'ar son o bhàsaicheas iad ?

7. Mar iompaich na h-aingidh an diaigh so uile, cha 'n i coire Dhe ach an coire fein gu'm bàsaich iad ; 's i an an-toileileachd fein fìor aobhar an leir-sgrìos ; uime sin bàsaichidh iad a chionn nach àill leo ach bàs.

Mar a leigeadh ris duibh gach teagasg dhiu so, ann am briatharaibh soilleir, a nis labharar caileigin orra gu h-aithghearr ann diaigh a chèile.

1. Teagasg. Is e lagh neo-chaochla'each Dhe gur eigin do 'n duin' aingidh pilleadh no bàsachadh.

Ma chreideas sibh Dia creidibh so : cha 'n 'eil ach iompachadh no dol a 'mugha aig an duin' aingidh fa roghainn. Tha dearbh-bheachd agam gur gann a

chuirear mar fhiachaibh air luchd-aingi'eachd gur fìor no cothromach so. Cha 'n iongantach ged chuireas luchd-cionta cunnail ar an lagh. Is tearc an dream a chreideas a ni nach bu mhath leo a bhi fìor; agus is teirce iad gu mòr le 'm bu mhath a ni sin a bhi fìor, a shaoileas iad a bhi 'n an aghaidh fein. Ach cha ghearán air an lagh, no air a bhreitheamh a theasairgeas fear mi-ghniomh. Dh' fhaodadh creidimh agus gèill a thoirt do 'n lagh a bhàs a bhacadh; ach cha dean a bhi ga àicheadh agus a' faghail coire dha ach a bhàs a luathachadh. Mar biodh a chuis mar sin, dhìte ceud an lagh mù 'n aon duin' a dhearbhadh a mhòr-luach: agus bu roighniche le luchd-aingidh-eachd bhi a' tagradh nach bu chòir an smachdachadh, na bhi 'g èisdeachd àitheanta agus aobhair an cuid uachdran' a dh'iarras gèill uatha. Cha do dhealbhadh an lagh chum 's gun tugadh tusa breith air; ach chum do riaghladh, agus a thoirt breith ort, do reir t-umhlachd, no t-eas umhlachd dha. Ach ma tha neach air bith co 'dall an-dàna, 's gun cuir e firinn agus ceartas an reachd dhiadhaidh an teagamh; bheir mi dha dearbhadh aithghearr orra le chèile, dearbhadh, a lan-thoilicheas, mar a shaoileas mi, gach duine reasond' air bith.

1. Ma chuireas sibh an teagamh gur e so focal De; ann àite ceud teagasg eile, toilicheadh am beagan so sibh. Mat. xviii. 3. "Gu deimhin a deirim ribh, "mur iompaichir sibh, agus mur bi sibh mar leanabana, nach d' thèid sibh a steach do rioghachd nèimhe."

Eoin. iii. 3. "Gu deimhin, deimhin, a deirim riut, "mur ath-ghineir duine, cha 'n fhaod e rioghachd Dhe fhaicinn."

2 Cor. v. 17. "Ma bhitheas duin' ann an Crìosd, "is creatuir nuadh è, chaidh na seann nithe seach, "feuch tha na h-uile nithe nuadh."

Col. iii. 9, 10. “ Chuir sibh dhibh an seann duine  
 “ maille r’a ghnìomharaibh, agus chuir sibh umaibh  
 “ an nuadh-dhuine ath-nuadhaicht’ ann an eolas a  
 “ reir ìomhaigh na ti a chruthaich è.”

Eabh. xii. 14. “ Gun naomhachd cha ’n fhaic aon  
 “ neach Dia.”

Roimh. viii. 8, 9. “ Cha ’n fhaod iadsan a tha san  
 “ fheoil Dia a thoileachadh. Cha le Criosd, an neach  
 “ aig nach ’eil a spiorad.”

Gal. vi. 15. “ Ann an Iosa Criosd, cha ’n ’eil  
 “ tairbhe air bith ann an timchioll-ghearradh, no ann  
 “ an neo-thimchioll-ghearradh, ach anns an nuadh-  
 “ chruthacha.”

1 Pead. i. 3. “ A rèir a mhòr thròcair, dh’ ath-  
 “ ghin è sinne gu beo-dhòchas.”

Rann. 23. “ Air dhuibh bhi air ar n-ath-ghin-  
 “ eamhuin, cha ’n ann o shìol truailidh, ach neo-  
 “ thruailidh, le focal an Dè bheo, agus a mhaireas gu  
 “ sìorruidh.”

1 Pead. ii. 1, 2. “ A’ cuir uaibh gach uile mhì-  
 “ ruin, gach cealgaireachd, gach mealtaireachd, gach  
 “ farmad, agus ana-cainnt; miannaichibh mar naoidh-  
 “ eana air an ùr-bhreith, bainne fìor-ghlan an fhoc-  
 “ ail, chum as gum fàs sibh leis.”

Sal. ix. 17. “ Cuirear na h-aingidh gu h-ifrinn, na  
 “ cinnich nach cuimhnich Dia.”

Sal. xi. 4. “ Dearbhaidh an Tighearn’ an t-ion-  
 “ racan, ach is fuath le anam an t-aingidh.”

Mar nach feum mi stad, a mhìneachadh nam  
 briathara leoir-shoilleir so, shaoilinn nach mò na sin a  
 dh’ fheumas mi tuill’ a chuir riu do ’n mhòran a  
 dhearbhas an ni ceudna, ma ’s duine thu a chreideas  
 focal Dè, chual thu cheana ni ’s leoir a dhearbhadh  
 gur eigin do ’n duin’ aingidh iompachadh no dol am  
 muga. Thugadh co fhad air t’ aghaidh thu cheana,  
 ’s gur eigin duit aideachadh gur fìor so, no a ràdh gu  
 dìreach nach creid thu focal De. Agus mur creid

thu Dia, thug mi dùil diot; thoir fainear thu fein, mar is fear a dh' fhaodas tu; oir is cosmhuil gur goirid gus am bi thu ann an ifrinn. B' ealamh a dheanadh tu lamh-dhearg air neach a bheireadh a bhrèug dhuit; agus a' bheil thusa co an-dàna 's gun cuir thu breug air Dia? Ma dh' innis thu do Dhia gu saor, nach creid thu è; na coirich è ge nach toir è tuille rabhaidh dhuit; no ged a thrèigeas è thu; no ged a bheir è thairis duit mar dhuine gun dòchas; oir ciod uime bheir è rabhadh dhuit, mur creid thu è? Ged chuireadh è aingeal o neamh ad ionnsuidh, is cosmhuil nach creideadh tu è; Oir ciod a labhras aingeal ach briathara Dhe: agus nan tugadh aingeal soisgeul air bith eile ad' ionnsuidh, cha b' ion duit a chreidsinn; ach a mheas mar theachdaire mallaichte, Gal. i. 8. Agus gu deimhin cha cho mhath an aithrigh air creideas aingeal air bith, ri mac Dhe, a thainig o' n-Athair a thoirt an teagaisg so dhùinn; mur aithrigh easan air creideas, cha 'n aithrigh air creideas uil' ainglibh nam flaitheas. Ma sheasas tu air na cùmhnantaibh so ri Dia, sguiridh mi dhìot, gus am buin è fein riut, air mhodh a 's fearr a leigeas ris do chionta dhuit. Bheir àrd-ghuth Dhe ort gun cluinn thu è. Ged dh' earalaicheas è ort gu sèimh èisdeachd ri guth a shoisgeil, bheir è ort gu 'n cluinn thu guth labhar a bhìnne, leis an dìtear thu, an uair nach cluinnear do ghearan. Cha 'n urra sinn a thoirt ort gun creid thu an aghaidh do thoile; ach bheir Dia ort gu 'm mothaich thu an aghaidh do thoile.

Cluinneamaid do leith-sgeul? Ciod uime nach creid thu focal De? An è gu 'n abair è gur eigin do luchd aingidheachd iompachadh no dol am mughas? Is aithne dhomh do leith-sgeul; measaidh tu nach cosmhail gu 'm bi Dia co an-ìochdmhor; saoilidh tu gur an-ìochd daoin' a dhìteadh gu sìorruidh, arson coire co beag ri giulan peacach. Agus tha so 'g ar treorachadh chum an

2. Dara ceann teagaisg, A dhearbhadh ceartais De, an lagh agus am breitheanas. Agus

1. Air tùs, shaoilinn nach àicheadh agus nach diultadh sibh, gur ro iomchuidh do anam neo-bhàsmhor, bhi riaghlaichte le lagh a gheallas duais bhith-bhuan, agus a bhagras dioghaltas siorruidh; No cha bhiodh an lagh freagarrach do nàdur an iochdrain, nach lan-riaghlaichear le meadhonaibh a 's laige na muinghinn agus eagal nithe siorruidh; mar a thàrlas an cùis dioghaltais aimsireil. Nan tugadh Dia amach reachd, a smachdaicheadh gach peacadh uabhasach le bruid cheud bliadhana, dh' fhaodadh so bhi foghainteach ann càileigin, mar is co fhada r' ar naois è. Ach mur bitheadh paineachas eile roimh 'n Tuil, ach am paineachas cheud bliadhana so, an uair a mhair daoine ochd no naoi ceud bliadhan air thalamh, cha 'n fhoghnadh è, do bhrìgh gu 'm faodadh iad fios a bhi aca, gum mealadh iad na h-urrad do cheudaibh bliadhna saor o 'n phaineachas. Is ionann a thachair 'n ar cor-ne.

2. Shaoilinn gu 'n abradh sibh, nach 'eil gealladh air glòir shiorruidh agus dho-thuigsinn, a' co fhreagradh do ghliocas De, agus do staid an duine: agus ciod uime nach creid sibh gu bheil bagra na truaigh shiorruidh agus dho-labhairt, mar sin cuideachd?

3. An uair a chi sibh 'am focal De, gu bheil è air an doigh so, agus gum bi è air an doigh so, an saoil sibh gur ion duibh cuir an aghaidh an fhocail sin? An gairm sibh ur cruthai-fhear 'an làthair cathair breitheanais; agus an toir sibh breith air fhocal do rèir casaid na brèige? An suidh sibh, a thoirt breith air, a rèir lagh ur smuainte fein? An glioca, am fearr, agus an ionraice sibh na Dia; an eigin do Dhia nam flaitheas agus na talmhainn, gliocas fhoghlum uaibhse? An eigin do ghliocas gun mhearachd fhoghlum a ghabhail o amaideachd? An eigin do fhior-ghloine gun smal gabhail re smachd o pheacach



salach, breun, nach urr' è fein chumail glan car aon uaire? An eigin do 'n uilè-chumhachdach seasamh an làthair cathair breitheanais chnuimhe dìblidh. Och an-dànadas uabhasach an luaithreagain gun tuisge! An cuir am famh, an cuir an dall-luch, dorchadas as leth na grèine, agus an gabh iad os laimh an saoghal a shoillseachadh? Cia an t-àit anns an robh thu 'n uair a dhealbh an t-uile-chumhachdach a lagh, agus nach d' iarr è do chomhairle? Gu deimhin dhealbh è a lagh mun do ghineadh thu, gun do chomhairl' iarraidh, agus bha thu ro-fhada gun teachd a dh' ionnsuidh an t-saoghail g'a thilgeadh bun os-ceann: ma bha thu co ghniomh-chomasach, c' arson nach do mhosgail thu o neo-ni, agus nach do chuir thu an aghaidh Mhaois agus Chrìosd an uair a bha iad air thalamh, agus nach do theasairg thu Adhamh agus a shliochd peacach, o 'n bhàs bhagarrach, chum 's nach bitheadh feum air Crìosd! Agus ciod e ma chumas Dia fhoighidinn agus a thearmann uait, agus ma cheadaicheas è dhuit tuiteam ann an Ifrinn am feadh a tha thu a' connsachadh 'an aghaidh a reachd, an creid thu an sin gu bheil Ifrinn ann?

4. Ma 's olc co mòr am peacadh, as gum feum è bàs Chrìosd mar Iobairt glanaidh, cha 'n iongantach ged thoilleadh è ar truaigh' shiorruidh-ne.

5. Ma thoill peaca nan Deamhan claoidh shiorruidh, c' arson nach thoilleadh peaca dhaoin' è, mar an ceudna?

6. Shaoilinn gun tuigeadh sibh nach faod na daoine a's fearr, agus ni a's lugha na sin gu mòr, luchd-aingidheachd, breith chothromach a thoirt air droch-thoillteannas peacaidh. Mo thruaigh tha sinn dall agus claon-bhreitheach. Cha 'n fhaod sibh bhi lan-eolach air droch-thoillteannas a pheacaidh gus am bi sibh lan-eolach air olc a pheacaidh; agus cha 'n fhaod sibh bhi lan-eolach air olc a pheacaidh gu

bràth, gus am bi sibh lan-eolach, 1. Air mòr-luach an anma air an do chuir è mi-dhreach. 2. Air mòr-luach na naomhachd a chuir è a' cuimhne. 3. Air reusan agus mòr-luach an reachd a bhriseadh leis. 4. Air mòr-luach na gloire air an d' rinn è dimeas. 5. Air feum agus mòr-luach an reusoin air an do shaltair è gu trom. 6. Seadh, no gus am bi sibh eolach, air mor-luach gun chrìoch, uile-chumhachd agus naomhachd an Dè mhòir, air an d' rinn am peacach urrad cheannairc! An uair is aithne dhuibh iad sin uile, is aithne dhuibh droch-thoillteanas peacaidh os-barr. Tha fios agaibh gu bheil an ceannairceach ro-chlaon, a thoirt breith chothromach air naomh-reachd agus air gnìomharradh an àrd riaghlaidh. Bheir sinn breith le mothach a chuibhricheas ar reuson. Chi sinn 'an gnothaichibh coitcheann saoghalta, gum meas mòran gur ceart an cùis fein; agus gur mi-cheart gach cùis ata 'n an aghaidh: agus is dìomhain d'an càirdibh glic agus neo-chlaon-bhreitheach atharrach so a chuir mar fhiachaibh orra. Is tearc clann mhi-umhal, nach abair gur athair gun iochd le 'm buailear iad. Is tearc duine rag-mhùinealach, neo-ghlan, nach cuir euceart as leth na clèire, ma dh' fhògras iad o chomunn nan naomh' è, gus am pill e r'a Dhia le nuadh umhlachd. Is tearc meirleach no fear-murt a chrochar, nach cuireadh euceart as leth an reachd agus a bhreitheamh; nam fuasgladh sin o n chroich iad.

7. An saoil sibh gu bheil na h anama neo-ghlan iomchuidh air neamh; an t-ionad nach fosglar gu bràth do thruaill'eachd? Mo thruaigh, cha 'n urr' iad cuspair an gràidh a dheanamh do Dhia air thalamh, no obair air bith a dheanamh, a s' taitneach leis. Tha iad an aghaidh Dhe, is fuath leo an ni sin a's ionmhùinne leis; cha 'n urr' iad a mhealtainn a cho'-chomunn neo-iomlan sin le Dia, a tha a chuid naomh a' sealbhachadh air thalamh. Uime sin, cia mar dh'

fhaodas iad teas-ghràdh iomlan a thoirt da, agus co-chomunn sòlasach a shealbhachadh leis, seadh sonas siorruidh nam flaitheas? Cha chuir sibh an-ìochd as ur leth fein, ge nach fàiltich sibh ur nàmhaid 'an glacaibh ur gràidh, mar fhear-cogair dileas; agus ge nach toir sibh cuid d'ar bòrd agus d'ar leabuidh do mhuc bhrèin an òtraich; cho chuir, seadh, ged chasgaireadh sibh i sin, nach do pheacaich riamh; gidheadh, an coirich sibh Aird-thighearna, agus Riaghlai-fhear glic, cothromach, agus gràsmhor an t-Saoghail; ma dh'fhògras è'n sluagh neo-iompaichte chum dòrainn shiorruidh.

### FEUM.

Guidheam, guidheam oirbhs' uile, le 'n ionmhuinn ur n-Anmaibh fein, an àite connspoid a chuir air Dia, geillibh dha gu grad: agus an àite cunnuil a chuir air fhocal, gabhaibh ris gun dàil, agus gluaisibh d'a rèir, chum ur leas. Gabhaibhs' uil' a tha neo-iompaicht' anns a cho'-thional so, ri so mar dhearbhfhirinn De; eadhon, gur eigin duibh gu goirid, iompachadh, no dol am mugha; cha 'n 'eil duibh ach an dara cuid pilleadh no bàsachadh. An uair a dh'innis an Dia nach breugaichir so dhuibh; an uair a chluinn sibh è o Chruthai-fhear agus o bhreitheamh co-thromach na tamlhainn: is mithich, seadh, is tuill' is mithich, do neach aig am bheil cluas adh' èisdeachd; oir chi sibh anis, an ni' as an ion duibh earbs' a dheanamh. Is daoine marbh agus air dol am mugha sibh, mur pill sibh. Nan insinn atharrach so dhuibh mhealainn le brèig sibh. Nan ceilinn so oirbh mhillinn sibh, agus bhithinn ciontach d' ar fuil: mar a dhearbhas na ranna sin, roi m' theagasg, Rann. 8. "An uair a their mi ris an aingidh, O dhuin' aingidh, bàsaichidh tu gu deimhin; mur labhair thu, a thoir-measg a shlighe do 'n aingidh, gheibh an duin' aingidh sin bàs 'na aingi'eachd ach iarraidh mis

“ fhuil air do laimhse.” Chi sibh a nis, ged is teagasg garbh agus mi-thaitneach so, gidheadh, is è a leithid a 's eigin duinn' a shearmonach', agus a's eigin duibhs' èisdeachd. Is fearr dhuibh iomradh a chluinntinn air ifrinn, no a dòrainn fhulang. Mur feumadh sibh è, cha chuireamaid searbhadas air ur cluasaibh beadarrach le firinn a tha co neo-bhinn leibh r'a cluinntinn. Cha bhiodh ifrinn co làn, nam bu toileach le siol Adhaimh ach eolas a ghabhail air an staid fein, a h-ìomra a chluinntinn, agus smuainteachadh oirre le dùrachd. Is è an t-aobhar gur tearc an dream a theasairgir o ifrinn, nach gabh daoine do dhocair orra fein, dol a steach gu spàirneil, air doras cumhainn an iompachaidh; no triall air slighe aimh-leathann na naomhachd, am feadh ata ùin aca; agus cha chuir iad spairn orra fein, do bhrìgh nach do mhosgladh iad gu beo-mhothacha do 'n ghàbha mhòr anns a' bheil iad; agus cha do mhosgladh iad, do bhrìgh gur leisg leo an cunnart a chluinntinn, no smuainteachadh air; agus tarlaidh cuid de so, o rìomhadh amaideach, agus o fhein-speis fheolmhor; agus tarlaidh cuid eile dheth do bhrìgh nach math a chreideas iad am focal a bhagras an dòrainn. Mur lan-chreid sibh an fhirinn so, shaoilinn gun tugadh a truimead oirbh a cuimhneachadh, agus gun leanadh i ruibh, gun fhois a thoirt d'ar n-anmaibh, gus an iompaichear sibh. Nan cluinne tu an guth so ach aon uair, o bheul Aingil, “ Is eigin “ duit iompachadh no dol am mughas: pilleadh no “ bàsachadh!” Nach leanadh è ri t' anam gu teann: agus nach tathaicheadh è thu gach oi'ch agus là? Nach cuimhnicheadh tu air ann an gnìomh a pheacaidh? Nach cluinneadh tu gu labhar ann ad chluasaibh do ghnàth “ Pill no bàsaich!” “ O, nach bu shonadh ur n-anmaibh nan oibricheadh è orra mar so; agus mur di-chuimhnichte gu bràth è: agus mur tugadh è fois duibh, gus an iomaineadh è dh' ionnsuidh Dhe sibh! Ach ma dh' fhògras sibh uaibh è, le

di-chuimhne, agus le mi-chreidimh, cia mar dh'oibricheas e chum slaint' agus iompachaidh dhuibh? Ach thugaibh so leibh mar aobhar dubh-broin, ge d'fhògras sibh an guth so as ur cuimhne cho 'n urra sibh d'a fhogradh as ur Bioblaibh: ach seasaidh è annta, mar fhirinn naisgte, a thoirt sanais duibh gu bràth, nach 'eil duibh ach " Pilleadh no Bàsachadh."

Och, ciod uime 'nis nach 'eil cridhe gach peacaich air a bhiora leis an dearbh fhirinn so! Shaoileadh neach a nis, gum biodh gach anam neo-iompaicht' a chluinneas na briathran so, air a bhiora gu goirt; agus gun smuainticheadh iad annta fein, agus gu 'n abradh gach neach, " Is e so mo chor-sa," agus cha ghabhadh è fois gu bràth, gus am mothaicheadh è iompacha fein. Creidibh a dhaoine, nach mair am fonn suaimhneach neo-chùramach so ach goirid. Is da ni mhosglach, iompachadh agus sgrios: agus cha 'n fhada gus am mothaich sibh a h-aon diu. Faodaidh mi a ghealtainn, co chinnteach 's ge d' fhaicinn le m' shuilibh è, gun toir gràs, no ifrinn oirbh a ràdh, gu goirid, (an uair a bheir iad dhuibh beo-mhothachadh air na nithe sin) " Ciod a rinn sinn? Cia " amaideach aingidh a ghluais sinn?" Cha mhair staid sgeigeil nam peacach gun umhail ach tamall beag. Co luath 's a Philleas no a Bhàsaicheas iad, thèid crìoch air am breislich an-dàna, agus pillidh an ciall agus am mothacha riu.

Ach tha dà ni agam anns an amharc d'an cosmhuil an duine neo iompaicht' a chruadhachadh, agus mo shaothairs' a chuir an neo-brìgh, mur gabhar rompa: agus is iad sin an da fhocal so, an *t-aingidh*, agus *iompacha*, an uair a thuigear ann an seadh mearachdach iad. Ars' aon neach ris fein, " Is fìor gur eigin do'n " aingidh iompachadh no bàsachadh: ach ciod è sin " domhsa?" Cha 'n 'eil mi aingidh ged a' tha mi peacach, mar gach duin' eile do'n t-sluagh. Arsa neach eile ris fein, Is fìor gur eigin domh pilleadh o

m' dhroch shlighe ; ach tha dùil agam nach 'eil sin gun deanamh gus a nis, oir phill mi o chionn fhada. Agus mar so, an uair a shaoileas daoine' aingidh nach 'eil iad aingidh, ach iompaichte ; chaill sinn ar saothair, ann an impidh a chuir orra gu pilleadh. Air an aobhar sin, mun gabh mi ni 's faid' air m' aghaidh, innsidh mi dhuibh co iad na daoine' aingidh d' an eigin pilleadh no bàsachadh ; agus mar an ceudna, ciod is ciall do'n iompachadh ; agus co tha lan-iompaichte ; agus chuir mi romham gun so innseadh dhuibh gus a nis ; oir is i so riaghailt is fearr a fhreagras do'm ghnothach.

Agus tha è agaibh r'a thoirt fainear ann an so, ann am briathraibh ar teagaisg, nach ionann duine' aingidh agus duine' iompaichte ; oir cha 'n 'eil duine' aingidh iompaichte, agus cha 'n 'eil duine' iompaicht' aingidh ; agus mar so 's ionann bhi aingidh agus bhi neo-iompaichte. Air an aobhar sin, ann an leigeil a h-aon diu ris, leigear ris iad maraon.

Mum fead mi nàdur aingidheachd no iompachaidh innseadh dhuibh ; 's eigin domh tòiseachadh o'n ceud thionnsgna.

B' iomchuidh le Cruthai-fhear cumhachdach an t-saoghail, tri seorsa chreatuirean beo a ghairm o neoni ; dhealbh è na h aingle, spiorada fior-ghlan, reasonda, neo-bhàsmhor, agus neo-cheangailte ri corpaibh ; agus air an aobhar sin iomchuidh a dh' àiteachadh nam Flaitheas. Dhealbh è na brùidean, gun anam reasonda ; agus air an aobhar sin iomchuidh a dh' àiteachadh na talmhainn. Thug è do'n duine nàdur meadhonach eadar aingle agus brùide ; dhealbh è a chorp gu h-iongantach innleachdach, agus chuir è spiorad reasond agus neo-bhàsmhor ann, d'a àiteachadh, agus d'a riaghladh ; agus uime sin, iomchuidh a dh' àiteachadh neamh agus talmhainn. Ach mar thugadh corp do'n duine mar iochdran ùmhal d'a anam ; cha d' fhuair è an talamh so mar bhuan-chòmhnuidh

shonadh : ach mar shlighe air an triall è dh'ionnsuidh nam flaitheas. Chruthaichheadh an duin' ann an staid bheannuicht', a dhearcadh air mòrachd ghlòr-mhor an Tighearn', a seinn haleluiah dhà leis na h-ainglibh naomha ; agus a dheanamh àrd chuspair a ghràidh dheth gu siorruidh. Agus mar a chruthaichheadh an duine chum na criche so, dheonaich Dia dha meadhona iomchuidh a ruigheachd oirre. De na mèadhonaibh sin, tha dà ghnè. A cheud ghnè, a riaghladh fonn anam an duine. An dara gnè, a riaghladh a bheatha agus a ghnìomharra. Mar a bhuineas do'n cheud ghnè, chuimisich Dia fonn anam' an duine r'a chrich ; a' toirt dha urrad eolais air fein 's a bha iomchuidh air a staid, agus cridhe ag aomadh d'a ionnsuidh fein le gràdh naomha. Gidheadh cha do dhaingnich Dia an duine gu neo-chaochlach anns an staid sin ; ach air a dhealbh dha 'n a dheanadaich saor, dh'fhàg è gu comhairl' a shaor-thoile fein è. Mar a bhuineas do 'n dara gnè, thug Dia mar a fhreagrachd dha fein, lagh iomlan do'n duine, a' sparadh air buanachadh ann an teas-ghràdh nach fuaraich gu bràth, agus ann an ùmhlachd gun mhearachd a thoirt dha fein. Ach le brise toileil an reachd sin, cha do chaill an duine, còir, amhain air muinghinn na beatha shiorruidh ; ach mar an ceudna, dh'iompaich è anam o Dhia, shocraich è a smuainte air nithe diblidh feolmhor, agus mar so, is beag nach do thilg è dheth dreach na diadhachd gu h-iomlan. Air an doigh so, dhearmaid an duine glòir Dhe, agus gèill d'a reachd, a chrìoch chum an do dhealbhadh è ; agus chaidh è air seacharan cian, o 'n t-sligh' a threoraicheas da h-ionnsuidh ; agus sin an smuaintibh anma, agus ann gnìomharaibh a bheatha. Chaill an duine am fonn naomha sin, spèis an anma do Dhia agus da lagh ; agus fhuair è 'n àite, fein-spèis fheolmhor, a shàsaicheas è le nithibh talmhuidh ! Air fàs da ain-eolach air Dia, agus eolach air a chreatuir : tha cuairt

na beatha so a co'-fhreagradh do thogra claon a chridhe ; cha 'n 'eil è beo do rèir naomh-reachd Dhe, ach do rèir an-toil fheolmhoir fein : dh' iarr e an creatuir a thoileachadh a chiocras fheolmhoir, ann àit a bhi ag iarraidh an Tighearn' a riar. Thainig sinn uile chum an t-saoghail, leis an nàdur, no leis a chlaon-thogra thruaillidh so : “ Oir co dh' fhaodas ni “ fìor ghlan a thoirt o ni neo-ghlan ? ” Iob xiv. 4. Mar ata gnè fhuileachdach bhorb anns an leomhann, mun cosgair è an t-shealg, agus gnè nimheil anns an nathair, mun lot i le gath ; mar an ceudna, tha a ghnè pheacach, no an togra milteach so, 'n ar naoidheanachd, mun smuaintich, mun labhair, agus mun dean sinn gu h-olc. Agus uaith so sruthaidh uile pheacadh ar beatha. Cha 'n è so amhàin, ach an uair a sholair an Dia tràcaireach cungaidh-leighis duinn, eadhon an Tighearn' Iosa Criosd, mar leigh d' ar n-anmaibh, agus mar cheannard g'ar treorachadh gu Dia ; is ionmhuinn le'r gnè an cor anns am bheil sinn, agus is leisg leinn a fàgail, agus uime sin tha sinn an aghaidh uile mheadhona ar saoraidh ; ged a theagaisg cleachdainn duinn buidheachas a thoirt do Chriosd arson a chàirdis, gidheadh, tha fein-spèis fheolmhor a' cuir impidh oirn a chungaidh-leighis a thairgeas è, a dhiultadh, agus a' sparradh oirn ar leith-sgeul fein a ghabhail an uair dh' earalaichear oirn an leigheas a thairgeas Criosd duinn a ghabhail, agus a ghairmear sinn a thrèigsinn gach ni saoghalta, agus da leanmhuinn-san chum Dhe na gloire.

Guidheam, guidheam oirbh, leughaidh an duilleag so a rìs, agus comharraichibh i ; oir anns na briathraibh so, tha fìor-chunntas agaibh air staid ur nàduir thruaillte ; agus air an duin' aingidh. Oir is duin' aingidh, agus buailteach do bhàs siorruidh, gach neach a tha anns a chor thruaillidh so.

Mar an ceudna, dh' ullaicheadh sibh le so, a thuigsinn an iompachaidh. Chum na criche so, tuigibh



os-barr, nach àill le Dia, gu 'm bàsaicheadh daoin' ann am peaca; gun do sholair è cungaidhleighis duinn gu tràcaireach, mar a thug è air a Mhac ar nàdur a ghabhail, chum air bhì dha 'na Dhia-dhuin', ann an aon phearsa, gum bitheadh è 'na eadar-mheadhoin-ear eadar Dia agus duine; agus air fulang da bàs maslach na croiche arson ar peacaidh, gun saoradh e sinn o mhallachd Dhe agus o chumhachd an droch-spioraid; agus mar a shaor è sinn air an dòigh so, thug an t-Athair dha sinn mar a chòir fein. Dhealbh an t-Athair agus an t-eadar-mheadhoin-ear lagh agus co'-cheangal nuadh do 'n duine: cha 'n ann mar an ceud cho'-cheangal, nach tugadh beatha ach do 'n neach a bheireadh ùmhlachd iomlan da, agus a dhìheadh an duine gu dòrainn arson gach peacaidh: ach dhealbh Criosd lagh gràis gheall è maitheanas peacaidh, agus beatha shiorruidh, do gach neach a dh' iompaichear chum Dhè, le fìor chreidimh, aithreachas neo chealgach, agus leasacha beatha dùrachdach: Mar reachd di-chuimhne no mar lughadh, a bheir Rìgh do luchd ceannairc, ma leagas iad an armaibh, ma philleas iad ris le nuadh-umhlachd, agus ma bhunaicheas iad mar iochdrana freagarrach dha anns an àm ri teachd.

Ach mar is aithne do 'n Tighearna gun d' fhàs anam an duine co aingidh, 's nach gabh è a chungaidhleighis, ma dh' fhàgar dha fein è; uime sin, roighnich an Spiorad Naomh mar obair, gach abstol a theagasg, diadhachd an sgrìobtuir a nasgadh le miorbh-uilibh iongantach; agus na h-anma taght' a shoillseachadh agus iompachadh.

Chi sibh o 'n urrad so, mar ata triuir phearsadh anns an Diadhachd, an t-Athair, am Mac, agus an Spiorad naomh, gu bheil obair shonraichte fein ainmicht' air gach pearsa fa leth dhiubh.

Is i obair an Athair ar cruthachadh, agus ar riaghladh mar a chlann reusonda, le lagh nàduir; agus

breith a thoirt oirn da rèir : agus Fear-saoraidh a sholar dhuinn gu tràcaireach, an uair a bha sinn an cunnart dol am mugha ; agus a Mhac a chuir g'ar teasairginn, agus gabhail r'a luach-saoraidh a thug è dha arson peacaidh sliochd Adhaimh.

Is i obair a Mhic air arson : ar saoradh le fhulangas agus le fhìreantachd ; lagh no gealladh gràs mhor a thoirt d'ar n-anmaibh ; sinn a riaghladh agus breith a thoirt oirn mar ar Fear-saoraidh, air mhodh gràs mhor ; eadar-ghuidh' a dheanamh air arson, chum 's gu 'n co-pairtichear ruinn sochairean a bhais ; agus an Spiorad naomh' a chuir d'ar n-ionnsuidh, an Spiorad a tha 'n t-Athair mar an ceudn' a' cuir leis a Mhac.

Is i obair an Spioraid naomh' air arson : an scriob-tuir fìor-ghlan a dheachadadh do na fàidhibh agus do na h-abstolaibh, agus seol' a thoirt doibh g'a chuir an cèill ; cinnt agus frinn an fhocail a nasgadh le miorbhuilibh, tiodhlacaibh, agus gnìomharraibh iongantach slainteil ; luchd teagaisg ghnàthaicht' an t-soisgeil a shoillseachadh agus a bhrosnucha ; cuideacha leo ann an teagasg, agus ann an craobh-sgaoileadh an fhocail ; agus leis an fhocal cheudna, a soillseachadh agus ag iompachadh anama dhaoine. Anis, mar nach bu chreataire reusonda sibh mur cruthaichheadh an t-Athair mar sin sibh ; agus mar nach faodadh sibh dol a dh' ionnsuidh an Athar mur saoradh am Mac sibh ; cha mhò na sin a bhitheadh còir aguibh air Criosd, no air tearmunn uaithe mur naomhaichheadh an Spiorad sibh.

Chi sibh anis aobhair fa leth na h-oibre so. An t-Athair a' cuir a Mhic d'ar saoradh ; am Mac 'g ar saoradh, agus a' toirt tairgse nan gràs duibh ; an Spiorad naomh' a' deachdadh agus a' nasgadh an t-soisgeil ; na h-absdoil mar luchd-cogair an Spioraid 'g a sgrìobhadh ; luchd teagaisg 'g a fhoillseachadh, agus a' cuir impidh air daoine gabhail ris ; agus tha

'n Spiorad naomha, chum an teagasg a dheanamh dìongmhalt', a' fosgladh cridheacha dhaoìn' a thoirt aoidheachd dha; agus so uile dh' ath-nuadhachadh dreach na diadhachd air ar n-anmaibh; a shocracha na h-intinn air Dia a rìs; a thogail an anma os ceann a chreatuir agus fein-speis fheolmhoir, chum an do theich è o Dhia; agus mar so, a thoirt air gnìomh-arruibh na beatha, a chleachd ruith ann an sruth-chlais thalmhuidh, ruith ann an sruth-chlais neamhaidh; agus so uile le aoidheachd a thoirt, trid creidimh, do Chrìosd Lèigh an anma.

Uaith so a labhradh ruibh, faodaidh sibh fhaicinn, co è an duin' aingidh, agus co è an duin' iompaichte. Agus tuigidh sibh so nì 's fearr, mur meallta mi, ma gheibh sibh mion-chunntas air am buaidhibh agus air an giùlan fa leth: agus mar a bhuineas do 'n duin' aingidh, aithnichear e air na trì nithibh so.

1. Is neach è a tha lan-toilichte le nithibh talmhuidh; is fearr leis an creatuir na an Cruthaifhear; agus suaimhneas feolmhor na sonas neamhaidh: tha deagh-thoil aige do nithibh feolmhor air am bheil è eolach, agus mi thoil do nithibh spioradail air a bheil è ain-eolach: ge d' abair è, gur fearr neamh na talamh, cha mheas è aige fein gur fearr da rìreadh. Nam b' oighreachd chinnteach leis an talamh, cha ghabhadh è neamh mar roghainn air; b' fhèarr leis fuireach an so, na dol air imirich do na flaitheasaibh. Bu roighniche leis beatha shlainteil, shoiceil, àrd-inbheach air thalamh; na beatha fhiorghlan, shior-shonadh, an làthair Dhe anns na Neamhaibh; seadh, na bhi a' gràdhachadh agus a' sìormholadh na diadhachd. Ged aidich è gu cealgach, gur ionmhuinn leis Dia os gach neach, gidheadh, cha do mhothaich anam riamh cumhachd a ghràidh dhiadhaidh do rìreadh, ach tha inntinn nì 's suidhicht' air an t' Saoghal, agus air suaimhneas feolmhor na air Dia. An aon fhocal, ge b' è neach le 'n ion-

mhuinne talamh na neamh, suaimhneas feolmhor na Dia, is duin' aingidh neo-iompaicht' è.

Air an laimh eile, tha 'n duin' iompaichte siollsicht' a dearcadh air ionmhuinneachd na diadhachd; is leur dha urrad mhor-luach anns a ghloir a tha r'a faghail o Dhia, as gun do shocraich è chridh' orra, ni a's mò gu mòr na air aon ni saoghalta. B' fhearr leis sealla de ghnùis De, agus a bheath' a chaitheadh 'n a ghràdh siorruidh, a' seinn a chliu gu bith-bhuan, na gach saibhreas agus suaimhneas saoghalta. Is leur dha gur diomhanas gach aon ni eile, agus nach sàs-aichear an t' anam ach le Dia amhàin: agus air an aobhar sin, rachadh an saoghal an taobh a thogras è, taisgidh an duin' iompaicht' a shaibhreas agus a mhuin-ghinn, anns na neamhaibh; agus ann geall riu sin-bheir è thairis de gach ni, gu deonach. Mar a lasas an teine suas, agus mar a dhearcas an t-snàthad a bheanas do 'n tarrang-art air an Airde tuath; mar an ceudna, aomaidh an t' anam iompaichte dh' ionnsuidh Dhè. Cha lan-shàsaich aon ni eil' è; cha 'n 'eil toileachas-inntinn no fios aig' ach ann an gràdh an Tighearna. An aon fhocal, tha meas agus gràdh aig gach duin' iompaicht' air Dia, ni 's mò gu mòr na tha ac' air an t-saoghal gu leir; agus is roighniche leo sonas neamhaidh, na suaimhneas feolmhor, cia mòr air bith è. Gheibh sibh dearbhadh an teagaisg so anns na sgrìobtuiribh a leanas. Phil. iii. 18, 21. Matt. vi. 19, 20, 21.; Col. iii. 1. 4.; Roimh. viii. 5. 9.; xviii. 23.; Sal. lxxiii. 25, 26.

2. Is prìomh-obair do 'n duin' aingidh bhith co-thacha saibhreas saoghalt' a shàsachadh an-toil fheolmhoir fein. Ged a leughas, ged èisdeas, ge do ni è mòran de ghnìomharraibh cràbhach o 'n leth a muigh, agus ge do sheachnas e peaca maslach; gidheadh cha 'n 'eil an so uil' ach leth-obair; cha phrìomh-obair dha idir Dia a thoileachadh, chum sonas bith-bhuan a shealbhachadh; cuiridh è Dia seachad le

fuighleach an t' saoghail, agus cha toir è dha do ghèill ach am beagan a sheachnas a fheoil, oir cha chuir è a chuid de 'n t' saoghal an geall neamha gu deonach.

Air an laimh eile, is prìomh-obair do'n duin' iompaichte bhi a' toileachadh Dhe gu cùramach, agus a' saothaireachadh chum è fein a theasairgin; cha ghabh e sòlas na beatha so ach mar lòn goireasach a thuruis trid an t'saoghail so, chum saoghal a 's fearr; gnàthaichidh è na creatuirean mar a dh' iarras Dia; is toigh leis beatha naomha, agus is fada leis gus am bi e fein ni 's naomha gu mòr; is beag air gach peacadh a ta r'a agradh air; tha è guidhe agus a' cathachadh 'n a aghaidh gu spairneil, agus is bliadhna leis gach là gus am bi è saor dheth. Tha rùn agus togradh anam' an geall Dia: ma thuiteas è am peacadh cha 'n ann gu deonach, ach ann aghaidh rùn shuidhicht' a chridhe; agus air an aobhar sin, èiridh è a rìs, le mor-bhron ar son a neo-chùraim, agus cha 'n 'eil è co an-dàna 's gun cuir è peac' air bith an gnìomh le fhios. Cuiridh è an saoghal gu leir, cia mòr air bith a spèis deth, an geall Dhe agus muinghinn an t'sonais shiorruidh, le uile chridhe; bheir è suas do Dhia gu deonach, gach tiodhlac saoghalt' a fhuair è uaithe, le cliu arson an iasaid. Chi sibh so uile, ann an Col. iii. 1, 5.; Matt. vi. 20, 23.; Luc xviii. 22, 29.; Luc xiv. 18. 27.; Romh. viii. 13.; Gal. v. 24. Luc xii. 21. &c.

3. Cha do ghabh anam an aingidh riamh fìor-eolas air obair na saorsadh, ach tha i dha mar dhìomhair-eachd, agus cha 'n 'eil spèis aige dhith; cha do ghabh è le buidheachas ri tairgs an t' Slanui-fhir, agus cha do las a chridhe le gràdh do 'n Fhear-shaoruidh; ni mò is toileach leis bhi riaghlaichte le lèigh an anma, chum 's gun teasairgear do Dhia è, o chionta, agus o chumhachd peacaidh; ach tha a chridhe neo-mhothachail air an tiodhlac do-labhairt so, agus gu tur 'an

aghaidh nam meadhona slainteil, leis, an teasairgt' è nan gabhadh è riu. Abair gur taitneach leis bhith cràbhach air mhodh feolmhor, gidheadh cha d'thug è riamh suas anam do Chrìosd, no do chomhairl' a Spioraid agus fhocail.

Air an laimh eile, air mothachadh do'n anam iompaichte gun robh è millte le peaca; gun do chàill è a shìth ri Dia, agus a mhuinghinn neamhaidh; agus gun robh è 'an cunnart dòrainn shiorruidh, ghabh è le buidheachas ri teachdaireachd na saorsa; chreid è anns an Tighearn' Iosa, mar aon Slanui-fhear, agus choisrig è dha è fein, chum gliocais, ceartais, naomhachaidh, agus saoraidh. Ghabh e Crìosd mar bheatha da Anam agus mar Leigh slainteil da chreuchdaibh; tha meas mòr agus urramach aige air gliocas agus gràdh Dhe ann obair iongantach so ar saoraidh. Ann an aon fhocal, tha còmhnuidh Chrìosd, 'n a anam trid creidimh, agus tha a bheatha so a tha làthair aige, trid creidimh ann am Mac Dhe, a ghràdhaich è agus a thug è fein air a shon. Seadh cha 'n easan a tha beo, ach Crìosd a tha beo ann. A dhearbhadh so, faic Roimh. viii.; 1 Philip. iii. 7—10.; Gal. ii. 20. Eòin xv. 2—4.; 1 Cor. ii. 2.

Chi sibh anis, am briathraibh soilleir o fhocal De, co iad na daoine' aingidh, agus co iad na daoine' iompaichte. Saoilidh luchd-ain-eolais mur bith daoine' a' cuir ri mionnaibh, no ri mallacha, ri h ana-cainnt, ri misg, no ri neo-ghloine, ri foirneart, no ri h-eacoir an gnothaichibh, agus ma thig iad do'n Eaglais agus ma ni iad ùrnuigh nach faodar am meas mar dhaoin' aingidh. No ma bha neach ciontach am misg, am mionnachadh, an iomairt thoirmisgte, no an leithid sin de mhi-bheusaibh, ach ma sguireas è dhiu anns an aimsir ri teachd, saoilidh an sluagh ain-eolach gur duine' iompaicht' è so. Saoilidh dream eile, gur duine' iompaichte gun amharus, an neach a bha naimhdeil do'n Diadhachd, agus a' deanamh fanoid air, ma tha è

a' gabhail tlachd dhethanis, a' dol ann cuideachd dheagh-dhaoine, agus uime sin, mar chuspair fuath aig luchd-aingidheachd mar a tha na deagh-dhaoine. Tha cuid de dhaoine co amaideach 's gun saoil iad gu bheil iad iompaichte, ma thogas iad nuadh-bharail mhearachdach; agus ma thuiteas iad ann an cuideachd eigin a sgarras iad fein o'n t-sluagh, mar luchd ana-baistidh, crith-chreidimh, pàpanachd, no an leithid sin. Saoilidh daoine eile, gur fìor-iompacha, ma chuir eagal ifrinn uamhann orra, ma leigeadh ris doibh an cionta agus ma bhioradh an cridhe le h-agartas coguis air a son; agus ma chuir iad rompa agus ma gheall iad leasacha beatha; agus ma roighnich iad giùlan cràbhach beusach o'n leth a muigh. Is iad sin na h-anama mealta truagh, d' an cosmhuil tairbh' ar n-impidh-n' a chall gu tur: an uair a chluinn iad gur eigin do 'n duin' aingidh iompachadh no bàsachadh; saoilidh iad nach do labhradh so riu fein; oir cha 'n 'eil iad aingidh ach lan-iompaichte ma 's fìor iad fein. Is è so an t-aobhar a thug air Chrìosd innseadh do chuid dena Riaghlearaibh Iudhach a b' àrd-inbhiche agus bu shuairce no an sluagh coitcheann; gun rachadh Cìos-mhaoir, agus striopichean do rioghachd Dhe air thoiseach orra-san. Mat. xxi. 31. Cha n è gun teasairgìr striopach na prìomh-pheacach gun iompachadh, ach gum b' usa peacadh, truaigh, agus feum pillidh, a leigil ris do na prìomh-pheacachaibh sin, na do 'n dream bu shuairce na iad; dream a bha 'g am mealladh fein le dòchas gun robh iad lan-iompaichte, an uair a bha iad ann am boilsgin an ain-eolais agus ann am meadhon an aingidheachd.

A dhaoine, is obair nach saoil sibh an t-iompacha: cha ghnòthach faoi an duine ris nach taitinn ach nithe talmhuidh, a thoirt gu neamh, agus mòr-luach ionmhinneach na diadhachd a leigil ris da, gus an toir è do Dhia teas-ghràdh nach fuaraich gu bràth, teas-ghràdh a leaghas a chridhe cruaidh gu h-aithreachas

arson peacaidh, agus a bheir air teicheadh chum Chrìosd, da ghlaicail mar leigh anma le buidheachas ; gus an iompaichear miann agus togradh a chridhe, chum an truaigh sin a sheachnadh a ghabh è ann an riochd a shonais, agus an sonas sin a roighneachadh, a sheachainn è ann an riochd a thruaighe ; agus gus an trèig è gach crioch agus gnòthach a bha aige roimhe sin ; ann aon fhocal, “ Is creatuir nuadh an neach a tha ann an Crìosd ; thriall seann nithe seach, feuch “ dh’ fhàs na h-uile nithe nuadh.” 2 Cor. v. 17. Tha aige nuadh-eolas, nuadh-thoil agus nuadh-rùin ; nuadh-dhòlas, nuadh-mbianna, nuadh-ghràdh agus nuadh shòlas, nuadh-smuainte, nuadh-chainnt, nuadh-chuideachd (ma’surrè) agus nuadh-iompachadh. Tha am peacadh a bha aige mar aobhar macnuis anns an aimsir a chaidh seachad, air fàs a nis co screataidh uabhasach da rosgaibh, ’s gun teich e uaithe mar o’n bhàs. Cha ’n ’eil an saoghal a bha co luachmhor ’n a shùilibh, ach camparach diomhain a nis ; is è an Dia air an d’ rinn è dearmad, aonsonas anama a nis ; roimhe so leig e Dia air di-chuimn’, agus bu roighniche leis gach ana-miann na è : ach a nis tha cathair àrd-inbheach a chridh’ aige, agus tha na mianna gu leir fo a cheannsal : is prìomh-obair do’n anam, bhi a’ toirt aire agus gèill da ; is aobhar dubh-bròin leis gruaim a thriath, agus cha leir dha sonas as eag’uis. Is è Crìosd air an do chleachd è smuainteachadh le neo-chùram, a mhuinghinn agus a thearmann amhain ; tha è da anam mar an t-aran lathail da chorp ; cha ’n fhaod è urnaigh a dheanamh as eag’uis, cha dean è gairdeachas, cha smuaintich, cha labhair agus cha bhi è beo as eag’uis. Roimhe so cha d’ amhaire è air neamh ach mar thearmann so fhulang a bha dùil aige b’ fhèrr a chòrdadh ris na ifrinn, an uair nach faodadh è fuireach ni b’ fhaide air thalamh ; ach anis roighnich e na flaitheas mar cheann-uidhe agus mar chòmhnuidh, mar ionad a làn-mhuinghinn, agus a shuaimhnis, anns



am faic, anns an gràdhaich, agus anns an cliuthaich è an Dia g'an do choisrig è anam gu h-iomlan. Roimh so cha d' amhairc è air ifrinn ach mar bhòchdan a chuir eagal peacaidh air daoine; ach anis criothnaichidh è roimpe mar ionad na fìor-dhòrainn; is baoghalach leis dol 'n a dàil, agus cha sùgra leis fanoid a dheanamh oirre. Roimh so bha è sgith de obair na naomhachd, agus mheas è mar anabharr gun fheum i; ach anis, cha suaimhneas, cha 'n obair, agus cha 'n ealain beathachaidh leis ach i. Roimh so, is beag nach do mheas è am Biobal mar leabhar coitcheann; ach mheas è anis è mar naomh-lagh Dhe, mar litir a sgrìobhadh d'a ionnsuidh o neamh, le laimh na mòrachd shiorruidh, agus ghabh è rithe mar riaghailt d'a smuaintibh, d'a bhriathraibh agus d'a ghniomharaibh; litir a tha le h-iartus 'g a cheangal, le bagradh 'g a oilteachadh, agus le gealladh a' labhairt briathra na beatha r'a anam. Cha bu mhò air daoine diadhaidh na daoin' eile anns an aimsir a chaidh seachad; ach anis cha leur dha air thalamh daoine sona luach-mhor ach iad. Roimh so b'iad na daoin' aingidh a luchd-sùgraidh; ach anis is iad a luchd-campair, agus ge b' àrd a chluint' a ghàir gairdeachais mu'm peaca; co anis is mò a ghuileas arson am peacaidh; agus an dòrainn, na e? Salm xvi. 3. agus xv. 4. Phil. iii. 18. Am briathraibh aith-ghearr, tha crìoch nuadh aige d'a smuaintibh, agus slighe nuadh d'a shaothair; agus air an aobhar sin, tha a chridhe agus a bheatha nuadh. Roimh so bu chrioch dha an-toil fheolmhor fein; agus bu shlighe dha a shuaimhneas, a thairbhe agus a chreideas saoghalta; ach anis is crìoch dha Dia agus gloir shiorruidh: agus is slighe dha Criosd, an Spiorad, an soisgeul, an t-òrducha diadhaidh, naomhachd a thaobh Dhè, ceartas agus tròcair a thaobh dhaoine. Roimh so, b' àrd-riaghlair dha fein-spèis, agus b' eigin de 'n choguis agus de ghnothaichibh Dhe bhi fo a ceannsal agus gèill a thoirt di;

ach anis is è Dia ann an Criosd trid an Spioraid, am focal agus a fhrithealadh, an t-ard-riaghlair, d' an gèill fein-speis agus fein-ghnothaichean : air achd 's nach atharracha so, ann an ni no dhà, no fichead ; ach ann an rùin agus ann am beusaibh an anma gu leir. Faodaidh neach ceum-taoibh a thoirt o aon slighe gu sligh' eile, agus aghaidh bhi air an aon àird, agus a thriall a bhi chum an aon àit' : ach cha 'n ionann a tharlas ma bheir è aghaidh an taobh a bha chùl, agus ma thriallas e chum àird agus àit' eile. Mar an ceudna, faodaidh neach iompachadh omhisg gu caomhnadh ; odhroch-cuideachd agus o mhi-bheusaibh chum cuid de dhleasnais chràbhaich ; agus bhi sior dhol air aghaidh chum nan criche ceudn' a bha roimh sin aig' anns an amharc, agus bhi a' miannachadh suaimhneas feolmhor os ceann gach ni, agus a' toirt àrd-riaghailt an anma da fhein-spèis. Ach an uair a dh' iompaichir è, tha cùl air a chuir ris an fhèin-spèis, tilgear as a h ùghdarras i, cuirear an t-anam fo cheannsal Dhe, pillidh an duin' iompaichte ri neamh, agus triallaidh è air an t-slighe d' an ceann-uidhe an tionad glormhor sin ; bha è roimh so, fein-spèiseil, agus a' glusad do rèir an-toil fein ; ach tha è anis, coisrigte do Dhia, agus a' glusad do rèir a thoile ; roimh so, dh' fharraid e dheth fein ciod a dheanadh è r'a aimsir, r'a cheadfaibh, agus r'a oighreachd, agus bhuilich è air fein iad ; ach anis feoraichidh è do Dhia ciod a ni è riutha, agus gnàthaichidh è do reir iartais iad. Roimh so, thoilich è Dia co-fhad 's a fhreagradh sin da fhein-spèis, agus da shuaimhneas feolmhor ; gun mhoran mi-thlachd a chuir orra. Ach anis toilichidh è Dia, cia mor air bith a mi thlachd a chuireas so air fhèin-speis agus air a shuaimhneas feolmhor. Is è so an t-atharracha mòr a ni Dia air an dream sin uil' a theasairgear.

Faodaidh sibh a ràdh gu bheil spiorad Dè 'g ar naomhachadh, ach a' bheil fios agaibh ciod is ciall de

naomhacha ? Is è so a thaisbein mi dhuibh anis ; agus is eigin do gach duin' air thalamh bhi naomhaichte no dol am muga gu siorruidh. Is eigin doibh pilleadh no bàsachadh.

A dhaoin', an creid sibh so uile ? Is cinnteach leam nach 'eil dànadas agaibh a ràdh nach creid ; oir is cùis gun teagamh so, agus cha 'n fhaodar àicheadh ; cha chonnsoid so mu bheil daoine foghlumta diadhaidh an aghaidh a chèile ; mu 'n abair aon dream so agus dream eile sud ; tha am pàpanach, agus an t-anabaisteach, gach dream agus aitim 'n ar measg, is aithrigh air an ainm christuidh a' co-shìneadh r' a chèile, ann am barail mu na nithe sin a labhair mi, agus mur creid sibh Dia na firinn, anns an ni sin a tha gach dream agus aitim a' creidsinn, cha 'n fhaodar ar leth-sgeul a ghabhail.

Ach ma chreideas sibh so ciod è mu bheil sibh co-sàmhach 'n ur staid neo-iompaichte ? Am bheil cinnt agaibh gun d'iompaicheadh sibh ? An do mhothaich sibh an t-atharrachadh iongantach so air ur n-anmaibh ? An d'ath-ghineadh no 'n do nuadh-chruthaicheadh mar so sibh ? nach iongantach an ni so le mòran agaibh ? An do mhothaich sibh riamh a leithid annaibh fein ? Mur faod sibh là no seachduin ar n-atharrachaidh, no an t-searmoin leis an d'iompaicheadh sibh innseadh, am faod sibh a ràdh gu bheil an obair deanta ; gun d'atharraicheadh sibh da rìreadh ; agus gu bheil na h-intinne sin annaibh a nochd mi cheana dhuibh ? Mo thruaigh leanaidh ro-mhòran na gnothaichean saoghalta, agus cha chuir iad ach ro-bheag docair orra fein le smuainte air an atharracha so. Agus ma dh' fhanas neach ach o pheacaibh maslach, agus ma dh' fhaodas è a ràdh, " Cha 'n fhear neo-ghloine, no gadaich, cha 'n fhear mallachaidh no mionnachaidh, cha 'n fhear misg no foirneart mi, thèid mi do 'n Eaglais agus " ni mi ùrnuigh." Ma dh' fhaodas neach so a ràdh,

saoilidh è gu bheil è lan-iompaichte, agus gun teas-airgear è co luath ri neach eile. Ach mo thruaighe, tha è 'g a mhealladh fein gu h-amaideach : oir is dimeas anabarrach so air gloir shiorruidh, agus dearmad eagallach air an anam nach bàsaich. Am faod sibh bhith co chaoin-shuarrach mu Fhlaitheas na glòire agus mu ifrinn na dòrainn ? Is goirid gus an taisgear ur cuirp anns an uaigh, agus gus an glac aingle caomh no deamhain bhorb ur n-anmaibh. Is goirid gus am bi gach fear agus bean agaibh, ann an cuid-eachd, agus ann an saoghal eile. Cha 'n fhad a dh' àiticheas sibh ur tighean. Cha 'n fhad a dh' oibricheas sibh 'n ur bùthaibh. Cha 'n fhad a shaothraicheas sibh ur fearann. Cha 'n fhad is ionad còmhnuidh dhuibh an talamh. Is goirid a chi sibh leis na sùilibh sin, a chluinneas sibh leis na clusaibh sin, agus a labhras sibh leis na teangaibh sin, is goirid gus am fàg saigh-ead a bhàis sibh gun fhradharc, gun chlaisteachd, gun chainnt ; agus bithidh sibh mar sin gus an co'-cheanglar ur n-anam agus ur corp r'a chèile, ann an là na h-ais-èiridh ; agus ciod è seol' air am faod sibh na nithe so a dhearmad ? O ! ciod è an t-ionad aoibhnis, no dòrainn, anns am bi sibh gu goirid ! O ! ciod è an sealla chi sibh gu goirid anns na neamhaidh shuas, no ann an ifrinn shios ! O ! na smuainte sin a lionas ur cridhe gu goirid, le sòlas do-labhairt, no le h-àmhghar uabhasach ! Ciod i a's obair dhuibh anns an t-saoghal sin eile an taobh thall de 'n uaigh ? Am bi sibh a' cliuthachadh Dhe leis na h-ainglibh, agus leis na naomhaibh, no a' sgreadail gu gairisneach ann am builsgin nan deamhan, anns an teine nach mùchar gu bràth ? Agus an còir so uil' a dhearmad ? Bithidh na nithe so uile gun chrìoch, agus naisgte gu daingeann le reachd neo-chaochlaideach. Is i an t-shiorruidheachd, an t-shiorruidheachd, leis an toimhsear ur sòlas agus ur dòlas, agus am faodar so a dhearmad ? Is fìor so, a dhaoine, is fìor gach smid dheth ; an

diagh dhuibh triall sìos agus suas beagan nì 's faide ; agus an diaigh dhuibh codal agus mosgladh tamull beag eile ; spionar a fearann nam beo sibh, agus an sin chì sibh gur fìor gach nì a dh' innis mi dhuibh anns an àm so, agus an ceadaich sibh anis dhuibh fein an di-chuimhneachadh ! Cuimhnichidh sibh an saoghal eile, gun cualadh sibh an t-searmoin so, agus gun do chuireadh na nithe so 'n ar cuimhne anns an àm agus anns an àite so ! agus chì sibh an sin, gur mò na nithe so, mìle uair na aon nì a dh' fhaodas sibhse no mis a thuigsinn ann taobh a bhos do 'n uaigh ; agus an deanar dearmad co mhor air na nithe so anis ?

A chairde caomh, mur mosgladh an Tighearna mis a chreidsinn na nithe so, annam chridhe fein, bhithinn air mo dhalladh le dorchadas na fein-speis, agus rachainn am muga gu sìorruidh : ach ma thug è dhomh fìor-mhothachadh orra, broснаichidh so mi, chum truas a ghabhail dhibhse co mhath as dhiom fein. Nam bitheadh ar sùile co fosgailte 's gum faice sibh ifrinn na dòrainn, agus ur coimhearsnaich neo-iompaichte air an iomain d'a h-ionnsuidh, agus a' sgreadadh gu gairisneach 'n a builsginn ; ge do mheas sibh iad mar dhaoine deagh-thoilteannach air thalamh, agus ge nach robh eagal orra fein roimh 'n dìoghaltas sin ; shaoilinn gun tugadh an sealla so oirbh dol an uaigneas, a smuainteachadh air a rìs, agus a rìs ; agus gun fùgadh è oirbh rabha thoirt do gach neach mu'r timchioll mar an Geòcair an saoghalt' a chaidh am muga, (Luc xvi. 28.) agus leis am b' àill gun tuga rabha d'a bhràthribh d' an cumail o ionad na dòrainn anns an robh è fein 'g a chlaoidh. Is gnè fhradhairc an creidimh ; is è sùil an anma, agus dearbha nithe do-fhaicinn : ma chreideas mise Dia, is gnè mhothachaidh so ; agus air an aobhar sin guidheam, guidheam oirbh, gabhaibh mo leith-sgeul, ma bhitheas mi co leth dhùrachdach ruibh mu na nithe so, as ge d'

fhaicinn le m' shùilibh iad. Nam b' eigin domh bàsachadh am maireach, agus nam b' urra mi pilleadh o 'n t-saoghal eile a dh' innseadh dhuibh ciod è a chunnaic mi, nach èisdeadh sibh rium gu deonach? Nach tugadh sibh fainear, agus nach creideadh sibh mo sgeul? Nan ceadaichte dhomh ach aon searmoin a thoirt duibh ann diaigh mo bhàis, agus ann diaigh dhomh obair luchd-àiteachaidh an t-saoghail a tha ri teachd fhaicinn, nach b' àill leibh gu 'n innsinn an fhirinn duibh gu soilleir saor, agus nach cruinnicheadh sibh mu m' thimchioll do m' èisdeachd? Agus nach taisgeadh sibh mo theagasg 'n ar cuimhne? Ach cha 'n fhaod so tachairt; tha dòigh shuidhicht' aig Dia, d' ar teagasg le a scribeuir agus le a Mhinisteiribh; agus cha toir è urrad d' an toil do luchd mi-chreidimh 's gun cuir è luchd teagaisg o na marbhaibh d' an ionnsuidh, no gu 'n atharraich è a sheol suidhichte fein; ma ni neach air bith gearan air dorchadas na grèine, cha toir Dia urrad da thoil da, 's gun las è dha solas is dealraiche. Guidheam oirbh, a chàirde gaolach, guidheam oirbh, thugaibh an aire dhomh anis, co mhath 's ged a thiginn le teachdaireachd d' ar n-ionnsuidh o na marbhaibh; oir faodaidh mi landearbhadh a thoirt duibh air cinnt agus firinn nan nithe sin a theagaisg mi dhuibh, co mhath 's ge d' fhaicinn le m' shùilibh iad ann an saoghal eile; oir faodaidh teachdair o na marbhaibh ur mealladh; ach cha an fhaod Iosa Criosd ur mealladh gu brath; cha 'n fhaod focal Dè a chuireadh an cèill anns an scribeuir, agus a naisgeadh le miorbhuilibh an Spioraid naoimh, ur mealladh gu bràth. Creidibh so, ma chreideas sibh a bheag idir. Creidibh agus gèillibh, no thèid sibh am mugha. Anis ma chreideas sibh focal De, agus ma ghabhas sibh cùram do léas ur n-anma gu bràth, ceadaichibh dhomh an athchuinge reasonda so iarraidh oirbh, agus guidheam oirbh na tugaibh an èara dhomh: air fàgail an ionaid so,

cuimhnichibh gun dàil na chualadh sibh, rannsaichibh  
 ur n-intinne gu dùrachdach, agus abraibh ruibh fein.  
 “ Am bheil a chùis mar so? An eigin domh pil-  
 “ leadh no bàsachadh: Iompachadh no dol am  
 “ mugha? Is mithich dhomh anis amharc mu m’  
 “ thinchìoll, mun tig orm o’che tinnis agus bàis.  
 “ Och cìod uime nach robh sùil agam air na nithe  
 “ so gus anis. Cìod uim’ a chuir mi dàil anns a  
 “ ghnothach mhòr so gu h-an-dàna; agus mun do  
 “ choidil mi air co fhad? An robh mi a’ m’ fhair-  
 “ each? An robh mo chial agam? A Dhe uile-  
 “ bheannaicht’, is i do throcair a chum nach do  
 “ spìonadh a fearann nam beo mi, mun robh dùil  
 “ chinnteach agam ri beatha shiorruidh do m’ anam!  
 “ Ach nar leigeadh Dia gun dearmaid mi an obair so  
 “ tuille gu bràth. Cìod i an staid anns am bheil m’  
 “ anam? Am bheil mi iompaichte, no neo-iomp-  
 “ aichte? An d’ oibricheadh an t-atharracha mòr  
 “ so air m’ anam riamh? An do shoillsicheadh mi  
 “ le Spiorad an Tighearn’ a thoirt fainear! gràineal-  
 “ achd peacaidh, feum Slanui-fhir, gràdh Chrìosd,  
 “ agus àrd-mhor-luach Dhe na glòire? Am bheil  
 “ mo chridhe briste brùite ann am chòm, arson na  
 “ ciont’ a tha r’a h-agradh orm? An d’ thug mi  
 “ aoidheachd chàirdeil do m’ Thighearn’ agus do m’  
 “ Shlanui-fhear a thairg è fein domh le maitheanas  
 “ agus beatha do m’ anam? Am beag orm mo  
 “ bheatha chiontach a chaidh seachad, agus fuigh-  
 “ leach gach peacaidh a tha ann am nàdur? Am bheil  
 “ mi a’ teicheadh uatha mar o naimhdibh mìlteach?  
 “ A’ bheil mi ’gam thoirt fein suas do ghiulan naomha?  
 “ Am bheil mi ùmhal do Dia? An taitneach leam  
 “ an ùmhlachd? Am faod mi a ràdh do rìreadh gu  
 “ bheil mi marbh do ’n t-saoghal agus do ’n fhèin-  
 “ speis fheolmhoir? Agus am bheil mi beo do Dhia,  
 “ agus do ’n glòir gheall è dhomh? Am mò a tha  
 “ do m’ spèis agus do m’ rùin air neamh, na air

“ Talamh? An è Dia roghainn m’ anma os gach  
 “ neach? An d’ thug mi an t-àit a ’s inbhich ann  
 “ am anam dha? Is cinnteach leam gun robh  
 “ mi roimhe so beo do ’n t-saoghal agus do ’n  
 “ fheoil gu h àraidh, agus nach d’ thug mi do Dhia  
 “ ach ùmhlachd neo-chridheil, seadh, am fuighleach  
 “ truagh nach b’ fhiu leis an t-sannt anabarrach  
 “ shaoghalta fheolmhor. An do phill m’ anam anis  
 “ chum sligh’ eile? Am bheil nuadh-rùn, nuadh-  
 “ cheadfadh naomh’, agus nuadh-chrioch agam? Am  
 “ bheil m’ anam agus mo dhòchas a’ ploscartaich an  
 “ diaigh nam flaitheasa, le ciocras nach diolar gu bràth  
 “ ach leo fein? Nach i crìoch mo bheatha, lan-rùn  
 “ agus dian-thogra m’ anma, ruigheachd air neamh,  
 “ agus air sealla de ghnùis ghlormhoir mo Thighearn’,  
 “ agus bhi beo ’n a ghràdh agus ’n a chliu siorruidh?  
 “ Am bheil am peacadh an aghaidh rùin agus tograidh  
 “ ghnàthaichte mo chridhe? Am bheil mi a’ claidh  
 “ gach peacaidh ghràineil? Am bheil mi sgith dheth;  
 “ agus am bu mhath leam bhi saor dheth? so staid  
 “ anam iompaichte. Is eigin domhsa bhi mar so no  
 “ bàsachadh. An i so mo staid da rìreadh? Is  
 “ mithich dhomh freagra fhaghail do ’n cheist so,  
 “ mum freagair am breitheamh neo-chlaon i gu h-  
 “ uabha sach. Cha ’n ’ell mi ann am choigreach co  
 “ mòr air m’ anam, agus air mo ghiulan, as nach tuig  
 “ mi an caileigin am bheil, no nach ’eil mi iom-  
 “ paichte; agus mur ’eil, cha ’n ’eil feum dhomh m’  
 “ anam a bhreugadh le dòchas mealltach. Is i mo  
 “ rùn gun mi fein a mhealladh ni ’s mò: ach a chuir  
 “ as an teagamh am bheil no nach ’eil mi iompaichte;  
 “ chum ’s ma tha, gun gabh mi air m’ aghaidh gu  
 “ sunntach ait, a’ cliudhachadh mo Dhia glormhor,  
 “ gus an ruig mi air a choron a tha dealrach mar a  
 “ ghrian agus buan mar m’ anam nach bàsaich; agus  
 “ mur ’eil mi iompaichte mosglaidh mi o m’ neo-  
 “ chùram, iarraidh agus grìosaidh mi an gràs, a dh’



“ fhaodas mo philleadh, agus iompaichidh mi gun dàil  
 “ air bith : agus ma mhothaicheas mi tràth gun do  
 “ chaill mi slighe na beatha, faodaidh mi pilleadh le  
 “ comhna Chrìosd, agus gabhar rium gu failteach ;  
 “ ach ma stadas mi gus am fàg Dia m’ anam an  
 “ dorchadas, agus an cruas, no gus am fuadaich bàs  
 “ a’ fearann nam beo mi ; is ro anamoch dhomh  
 “ pilleadh an sin. Cha ghabhar ann sin re h aith-  
 “ reachas agus iompacha ; tha fios agam gur eigin  
 “ domh iompachadh anis ann an la tairgse nan gràs,  
 “ no dol am mugha gu sìorruidh.”

A dhaoine is i so m’ athchuinge, gun gabhadh  
 sibh cunntas d’ ar n anmaibh agus gun ceasnaicheadh  
 sibh iad, air an doigh so, gus am faic sibh, ma ’s urra  
 dhuibh ; am bheil no nach ’eil sibh iompaichte ; agus  
 mur faod sibh so a rannsachadh amach le ’r dicheall  
 fein, ruigibh ur luchd teagaisg, ma ’s daoine fiosrach  
 dileas iad, agus iarraibh an còmhna. Tha an gnothach  
 so mòr, agus uime sin na bacadh nàire, no neo-chù-  
 ram sibh. Tha ùghdarras aca os ur ceann a thoirt  
 comhairl’ oirbh chum slaint’ ur n-anma, mar a bheir  
 lèigh comhairl’ oirbh chum slaint’ ur cuirp. Tha è  
 cuir as de mhiltibh, gun saoil iad bhi air slighe na  
 slaint’, an uair nach ’eil iad ach air slighe na h ea-  
 slainte : agus gun saoil iad gu bheil iad iompaicht’  
 an uair nach ’eil. Agus an sin, an uair a ghlaodhas  
 sinn riu pilleadh gach la, trialladh iad air slighe na h-  
 ea-slainte, mar bu ghnàth leo ; agus saoilidh iad nach  
 buin a chomhairle so dhoibh-se oir tha iad iompaichte  
 cheana ma ’s fìor iad fein, agus tha dùil aca gur leoir-  
 cheart an t-slighe air am bheil iad, ma roighnicheas iad  
 an ceum is gloine, agus ma sheachnas iad an ceum is  
 ro shailiche ; an uair nach ’eil iad fad na h-ùine so, ach  
 beo do’n t-saoghal agus do’n fheoil gu truagh, agus  
 ain-eolach air Dia agus air beatha shìorruidh ; agus  
 air seacharan cian o an t-slighe d’ an ceann-uirghe  
 flaitheas na glòire. Agus tarlaidh mòran deth so uile

do bhrìgh nach faodar impidh a chuir orra cail-eigin d'an aimsir a bhuileachadh a' smuainteachadh guidù-rachdach air an staid, agus 'g a rannsachadh le cùram. Nach iomad truaghan fein-mhealtach a tha 'g am èisdeachd, nach do bhuilich riamh an ùin is lugha d' am beatha, a' ceasnachadh an anma, agus a' feuchainn an robh iad da rìreadh iompaichte no nach robh? A Dhe thròcairich, is tus' a ghabhas cùram d'an leithid sin do thruaghanaibh nach gabh cùram dhiu fein, agus a theasairgeas o ifrinn, agus a thredraicheas chum neamh an aitim nach dean ach ro-bheagan air an son fein! Nam b' aithne do 'n dream a tha air an t-slighe chum ifrinn, agus buailteach do leir-sgrìos, an cunnart anns am bheil iad, philleadh iad gu grad le h-oillt agus le h-uamhann. Ma cheadaicheas sibh do 'n diabhol ur dalladh le h-ain-eolas mu 'r staid, agus a thoirt oirbh gun creid sibh gur lan-cheart ur slighe, bheir so an dòchas is mò dhà gum faod è ur treorachadh gun spàirn chum leir-sgrìos gun tearmann. Nam bu leir dhuibh nach 'eil sibh air an t-slighe chum neamh, agus gun teid sibh am mughha gu siorruidh, ma bhàsaicheas sibh anns an staid anns am bheil sibh, an leigeadh oillt agus eagal leibh cadal aon o'che, no fuireach aon la innte? An deanadh sibh gàire cridheil no sùgradh anns an staid sin? An deanadh? agus gun fhios agaibh nach tilgear sibh air a cheart uair so ann am boilsgin ifrinn! Shaoilinn gun tugadh so oirbh cùl a chuir ri 'r droch cuideachd agus ri 'r mi-bheusaibh gnàthaichte; agus teicheadh chum slighe na naomhachd, agus co'-chomunn nan naomh. Shaoilinn, air chinnt shaoilinn, gu 'n iomaineadh so sibh a ghuidh cridhe nuadh o Dhia, agus comhairle mar chòmhnadh o 'n dream ag am bheil i r'a sheachnadh. Is cinnteach nach bu mhath le aon neach agaibh dol am mughha gu siorruidh. Agus mar nach bu mhath, guidheam oirbh, guidheam ransaichibh ur n-anmaibh gun dàil, agus na tugaibh fois doibh, gus an leir

dhuibh ur staid ; chum 's ma tha i math gun gabh sibh air ur n aghaidh innte le gairdeachas ; agus ma tha i olc, gu 'n amhairc sibh mu 'r timchioll gu grad ag iarraidh tearmaidh mar dhaoin' a chreideas gur eigin doibh pilleadh no bàsachadh. Abraibh a dhaoine, An i ur rùn agus an geall sibh an t-saothair so a bhuileachadh air ur n anmaibh ? An tionnsgain sibh air an fhein-cheasnacha so an uair a thèid sibh chum ur n ionada còmhnuidh ? An an iartas m' a' chuinge ? is leud d'ar n anmaibh nach h-eadh : uime sin tionnsgainibh air ball ris. Air bhith dhuibh fiosrach gur è so leas ur n anma, guidheam oirbh air ghaol an De a tha 'g a iarraidh so oirbh, agus d' an eigin duibh cunntas a thoirt gu goirid, ann an lathair cathair a bhreitheanais, guidheam oirbh na diultaibh m' a' chuinge reusonda ? Air ghaol nan anma sin d' an eigin pilleadh no bàsachadh, guidheam oirbh na tugaibh an èara dhomh : ach glacaibh mar obair, ur cor fein a thugsinn ; togaibh ur muinghinn air stèigh shocraich ; biodh fios agaibh am bheil no nach 'eil sibh iompaichte ; agus na h-earbaibh ur n anma ri neo-chùram suaimhneach.

Ach faodaidh è bith, gu 'n abair sibh, ma chi sinn gu bheil sinn neo-iompaichte, ciod a ni sinn an sin ? Treoraichidh so mi chum mo dhara teagaisg ; anns am bheil fuasgla na ceiste so, agus gabhaidh mi anis air m' aghaidh d' a ionnsuidh.

## TEAGASG II.

Is è gealla Dhe gum bi daoin' aingidh beo ma philleas iad, gu h iomlan neo-chealgach.

Tha 'n Tighearn' an so ag aideachadh gur taitneach leis, gum pilleadh daoin' aingidh agus gum bitheadh iad beo. Tha neamh co-chinnteach do'n duin' iompaichte, 's a tha ifrinn do'n duine neo-iompaichte. Is firinn cho chinnteach, pill agus bi beo, ri pill no

bàsaich. Cha do chuir ni air bith ach a dheagh-rùn athaireil mar fhiachaibh air Dia, Slanui-fhear a sholar, doras na neo-bhasmoireachd fhosgladh d' ar muinghinn, agus cuire thoirt duinn pilleadh le h-aithreachas, an uair a chuir sinn as duinn fein le peacadh. Shruth so uile gu saor o chaomh-thròcair ar Triath. A dhaoine peaçach, cha 'n 'eil aobhar aig neach agaibh dol da thigh, agus a ràdh, gu bheil mi a' teagasg an-dòchais duibh. An gnàth leinn doras na tròcair' a chrannadh oirbh? Och, b' fhearr nach crannadh sibh oirbh fein è? An gnàth leinn inseadh dhuibh nach dean Dia tròcair oirbh, ged a philleas, agus ged a naomhaichear sibh? Cuin a chualadh sibh riamh fear teagaisg a' cuir a leithid so an cèill? càinidh cuid agaibh luchd teagaisg an t-soisgeil arson bhith g' iarraidh ur coimhead o ifrinn, agus cuiridh sibh as an leth gun do shearmonaich iad ea dòchas; ach innsibh dhomh, ma 's urra dhuibh c'uin a chualadh sibh riamh duine glic ag ràdh, nach 'eil aobhar dòchais agaibh, ge d' philleadh sibh le h-aithreachas arson peacaidh? Cha 'n fhaod sibh innseadh: oir is è a cheart atharrachadh sin, a tha sinn a' cuir an cèill duibh o'n Tighearna gach là. Agus ge b' è neach a tha athghinte, agus a dh' fhàs mar chreatuir nuadh le creidimh agus aithreachas teasairgear è gun teagamh; agus is co fhad a ghabh e uainne impidh an-dòchais a chuir oirbh mu 'n chùis so, 's gu bheil sinn ag earalachadh oirbh gun a cuir an teagamh. Is beatha, agus cha bhàs, ceud chuid na teachdaireachd a tha sinn a' cuir an cèill duibh; is è ar barantas-ne tairgse na slainte chinntich, shiorruidh, ghlor-mhoir, a thoirt do gach aon neach agaibh; do'n diol dèirce dhiblidh, dhaichir, co-mhath 's do'n triath shaibhir àrd-inbhich: do'n dream is meas agaibh, do luchd misg agus mhionn, do luchd sainnt agus braid, seadh, agus do'n dream a ni dimeas agus fanoid air slighe naomh na slainte. Tha iartas againn o'n triath d' an gèill sinn,

maitheanas gach peacaidh a chaidh seachad a chuir 'n ar tairgse, ma philleas sibh ach anis, agus ma 's àill leibh beatha ; tha iartas againn bhi 'g earalachadh agus ag asluachadh oirbh gabhail ris an tairgse so, agus pilleadh a thoirt fios duibh, ciod 'e an t-ullacha sin a rinn Criosd duibh, ciod i an tròcair agus an fhoighidinn, agus ciod è 'n càirdeas a tha a' feith-eamh oirbh o Dhia ; agus cia sona, cia sonadh air mhodh do-labhairt, a bhitheas sibh gu cinnteach, ma 's àill leibh sonas. Tha againn gu deimhin, teachd-aireachd feirg agus bàis mar an ceadna, seadh dà ghnè feirg agus bàis : ach cha phrìomh-ghnothach dhuinne a h-aon diu : is eigin duinn an fhearg agus am bàs, d' an d' fhàg brise lagh nan gnìomharra buailteach sibh innseadh dhuibh : ach cha 'n 'eil so, ach a thaisbineadh dhuibh am feum a 'ta agaibh air tròcair, agus d' ar brosnachadh chum meas urramach a bhi agaibh air gràs an Fhir-shaoraidh. Agus cha 'n innis sinn duibh ach an fhirinn amhàin, air an eigin duibh fein eolas a ghabhail : oir co a dh' iarras cungaidh-leighis, aig nach 'eil fios gu bheil è tinn ? Cha dean fios ur truaighe, truagh sibh, ach iom-ainidh è sibh a dh' iarraidh tròcair. Is sibh fein a tharraing am bàs so oirbh. Ata sinne toirt fios duibh air bàs eile mar an ceudna, seadh bàs gun tearmann, agus dòrainn is ro-mhò, d' am bheil an sluagh nach iompaich buailteach. Ach mar is firinn so 's eigin innseadh dhuibh ; is i cuid a 's deireannaich, agus a 's muladaiche d' ar teachd-aireachd. Air tùs tha sinn ri tròcair a chuir 'n ar tairgse, ma philleas sibh : agus is iad an aitim sin amhàin, a gheibh cuire tròcaireach agus nach pill, is eigin duinn a bhagradh le truaigh. Cuiribh ach cùl ri 'r seacharanaibh, air iartas Chrìosd, gun tuille moille, fàsaibh mar chreataire nuadh, thigibh agus pillibh, agus cha bhagrar sibh le feirg mhiltich, no le bàs. Tha mis' an so, an ainm triath na beatha, a'

gealltainn tròcair agus sonais dhuibhs' uil' a tha 'gam èisdeachd, do 'n dream is measa, do 'n peacach is mò, agus is sine 'n ar measg, ma philleas sibh. Tha tròcair ann an Dia, tha mòr-luach anns an lan diola sin a thug Criosd do cheartas De air ur son, tha 'n gealla saor, iomlan, agus uile-choitcheann; agus gheibh sibh beatha ma philleas sibh. Ach mar is ionmhuinn leibh ur n-anmaibh fein, cuimhnichibh ciod è 'n t-iompachadh, a tha 'n scriobtuir ag iarraidh. Cha 'n è an seann-tigh a leasachadh, ach a leagadh gu làr, agus thogail as ùr, air Criosd, an stèigh shocrach, nach fàillnich gu bràth. Cha 'n è cail-eigin de 'n bheatha fheol-mhoir a leasachadh, ach na h-ana-mianna feol-mhor a chuir gu bàs, agus gluasad do rèir comhairl' an Spioraid. Cha 'n è gèill a thoirt do 'n t' saoghal agus do 'n fheoil air mhodh ath-leasaichte, le peacaibh maslach graineil air bith, no le cail-eigin de Chràbhadh; ach ur Maighisteir, ur n-obair, agus ur crìoch a' mhùghadh; ur cùl a thionndadh riu, agus gach aon ni a dheanamh chum na beatha nach facadh sibh riamh; sibh fein agus gach ni a tha agaibh a choisrigeadh do Dhia. Is è so an t-atharracha fo 'n eigin duibh dol, ma 's àill leibh beatha.

Anis is fianuisean sibh fein, gur sonas agus nach leir-sgrios, an teagasg mòr a shearmonaich mi dhuibh: agus gur è so a cheud chuid de m' theachdaireachd. Gabhaibh sonas agus seachnaibh leir-sgrios, agus cho tèid sinn ni 's faide leibh: oir cha chuireamaid an dragh, no an t-eagal is lugha oirbh, le h-ainm an leir-sgrios mur b' eigin è.

Ach mur àill leibh tearmunn, cha 'n 'eil teasairgin agaibh, ach 's eigin gun leir-sgriosar sibh. Oir ni bheil roghainn agaibh eadar tearmunn agus leir-sgrios; ach 's eigin duibh bàs no beatha thogail mar roghainn.

Agus cha 'n 'eil sinn amhàin ri beatha chuir 'n ar tairgse ; ach ri dearbha thoirt duibh, ciod è an t' ùghdarras a ta againn chum so a dheanamh, agus gairm a thoirt duibh a chreidsinn gu bheil rùn Dhe mar tha è 'g a labhairt : gu bheil an gealla fìor agus gun ruig è oirbhs' air chumhnanta sonraichte, co math as air daoine eile, agus nach meanm-mhacnus neamh, ach fìor-shonas.

Ma chuireas sibh mar cheist oirne ciod è an t' ùghdarras leis am bheil sinn a' toirt na tairgse so dhuibh? ann am measg ceud teagasg scribeair, tha an n' ùghdarras leor-shoilleir o 'n bheagan so.

Air tùs, chi sibh ar barandus, ann an stèigh mo theagaisg, agus anns na rannaibh a leanas, agus anns an xviii. Esec. co-shoilleir 's is urrainn briathran g'a dhearbhadh. Agus ann an 2 Cor. v. 18—20. tha agaibh suim ar baranduis ; “ Tha na h-uile nithe o  
 “ Dhia, a rèitich sinne ris fein, trid Iosa Crìosd, agus  
 “ a thug dhuinn fritheala na rèite ; eadhon gun robh  
 “ Dia ann an Crìosd, a' rèiteachadh an t-saoghail ris  
 “ fein ; gun bhi a' meas an cionta dhoibh, agus  
 “ dh' earb è ruinne focal na rèite. Uime sin is  
 “ teachdairean sinn arson Chrìosd, mar gun cuire-  
 “ adh Dia impidh leinne ; tha sinn a' guidheadh  
 “ oirbh as uchd Chrìosd bithibh rèidh ri Dia.”—  
 Mar an ceudna, Marc xvi. 15, 16. “ Imichibh air  
 “ feadh an domhain uile, agus searmonaichibh an  
 “ soisgeul do gach dùil. Ge' b' è chreideas agus a  
 “ bhaistear, saorar è, ach ge' b' è nach creid, ditear è.”  
 Agus Gniomh xiii. 38. “ Uime sin biodh fhios  
 “ agaibhse, fheara agus a bhràithre, gur ann tre 'n  
 “ duine so tha maitheanas peacaidh air a shearmonacha  
 “ dhuibh.” Agus chum 's nach saoleadh sibh gun  
 d' thugadh an tairgse so do'n fhine Iudhach amhàin,  
 faicibh Gal. vi. 15. “ Ann an Iosa Crìosd cha 'n 'eil  
 “ èifeachd sam bith ann an timchioll-ghearradh, no

“ ann an neo-thimchioll ghearradh, ach ann an cruth-  
 “ achadh nuadh.”

Chi sibh anis, gun do sparradh oirne tairgse na beatha thoirt duibh uile, agus innseadh dhuibh o Dhia, ma philleas sibh gum bi sibh beo.

Is tearuinte dhuibh ar n anma earbsa ris an tairgse so; oir shruth i o ghràdh Dhè, agus choisinn fuil luach-mhor Mhic Dhe i: chuir firinn agus dilseachd Dhe mar fhiachaibh air, a ghealla fein a choi lionadh: naisgeadh firinn a gheallaidh so, gu tric le miorbh-uilibh: chuireadh luchd teagaisg air feadh an t saoghail ga fhoilseachadh: tha baiste agus suipeir an Tighearn' orduicht' agus gnàthaichte chum an gealla so a thoirt gu follais air taobh Dhe, agus a ghabhail air ar taobh-ne: fosglaidh an spiorad an cridh' a ghabhail ris an tairgse so, agus tha è fein againn mar airlis gun lan-shealbhaich sin i. Mar so is firinn gun teagamh gun teasairgir sibh uile, eadar dheagh-dhaoin' agus dhroch dhaoine; ma bhunaicheas an deagh dhuin' ann am beusaibh fìor-ghlan an t-soisgeil, agus ma philleas an droch-dhuine, o dhroch-shlighe.

Gu deimhin, ma chreideas sibh gun teasairgir sibh gun iompacha, creididh sibh breug: agur nan teagaisginn sin duibh theagaisginn breug: cha 'n è so creidsinn ann an Dia, ach anns an droch-spiorad, agus 'n ur n' intinnibh cealgach fein. Tha a ghealla beatha fein aig Dia, agus a ghealla beatha fein aig an Diabol. Is è gealla Dhè, “ Pill agus bi beo;” ach is è gealla an diabhoil, “ Bithidh tu beo ge nach pill thu gu “ bràth.” Tha briathra Dhe mar dh' innis mi dhuibh, “ mur iompaichir sibh agus mur bi sibh mur leanbana, “ cha tèid sibh chum rioghachd neamha. Mat. xviii. “ 3. Mur aith-ghinear duine cha 'n fhaod è riogh-  
 “ achd Dhe fhaicinn. Eoin iii. 3. Gun naomh-  
 “ achd cha 'n fhaic aon neach an Tighearna.” Eabh. xii. 14. Is è briathar an droch-spioraid: “ Teas-  
 “ airgir sibh, agus bithidh sibh lan-cheart, gun ath-



“ ghineamhuinn ; gun iompachadh agus gun naomh-  
 “ acha ; cha ’n ’eil Dia ach a’ cuir eagail oirbh, tha è  
 “ ni ’s tròcairiche na gun dean è mar a bhagras è ;  
 “ bithidh è ni ’s fearr na a ghealla dhuibh.” Agus  
 mo thruaighe creididh cuid mhòr de ’n t’ saoghal  
 focal an diabhoil roimh fhocal De ; ceart mar a  
 thainig ar ceud pheacadh agus truaigh chum an t  
 saoghail. Arsa Dia r’ ar ceud shinnsir, “ Ma dh’  
 “ itheas sibh bàsaichidh sibh ;” ars’ an diabhol, an  
 aghaidh Dhe, “ Ge d’ ith sibh cha bhàsaich sibh ;”  
 agus chreid Eubh an deamhan roimh Dhia. Mar so  
 anis ars’ an Tighearna, “ Pill no bàsaich ;” ach ars’  
 an diabhol, “ ge nach pill cha bhàsaich, ma dh’iar-  
 “ ras sibh tròcair o Dhia anns an uair dheireannaich,  
 “ agus ma sguireas sibh de ’n pheacadh, an uair nach  
 “ urra sibh g’ a chuir an gnìomh.” Agus is i so cainnt  
 a chreidear leis an t’ saoghal. Och, aingidheachd ard-  
 uamhasach ! an droch-spiorad a chreidsinn roimh  
 Dhia !

Agus cha ’n è so cuid is measa ; ach their luchd-  
 aingidheachd ri so, gu dia-mhaslach, creidsinn ann an  
 Dia, agus bhith earbsach as, an uair a chuireas iad è  
 an riochd Shatain. Athair nam breug’ o thoiseach ;  
 agus an uair a chuireas iad mar fhiachaibh orra fein  
 gur breug focal Dè, their iad ri so, creideamh ann  
 an Dia, agus earbs’ a dheanamh as chum slainte. Ach  
 cia an t’ àit anns an dubhairt Dia riamh, gun teasair-  
 gir daoine gun aith-ghineamhuinn, gun iompachadh,  
 agus gun naomhacha ? Dearbhaibh smid de so o’n  
 scriobtuir, ma ’s urra dhuibh. Bheir mi ur dùbhlán.  
 Oir is i so cainnt an droch-spioraid, agus ge b’ è neach  
 a chreideas i, creididh è na deamhain, agus is i so a  
 chiontarisan abrar gu coitcheann peacadh an-dànadais.  
 Agus an abair sibh ri so, creidimh ann an Dia, agus  
 earbs’ a dheanamh as ? Tha focal Dè làn-fhoghain-  
 teach a thoirt neart agus comh-fhurtachd do anmaibh  
 an t’ sluaigh naomhaichte ; ach cha ’n ’eil iomradh

air bith air lamha dhaoine a' aingidh a neartaichadh, no air dochas an tearmainn is lugh' a thoirt do dhuine gun iompacha gun naomhacha.

Ach ma philleas sibh re slighe na tràcair, tha tràcair an Tighearn' agaibh mar aoidheachd ullamh. An sin is tearainte dhuibh ur sonas earbsadh ri Dia le muinghinn agus le dànadas; oir ghabh è ur teasairginn air fein, 'n a fhocal. Cha 'n athair caomh è ach d'a chloinn dhileas, cha teasairg è ach dream a chuireas cùl ris an diabhol, ri sannt anabarrach saoghalt' agus ri h' ana-miannaibh feol-mhor, agus a thig chum a theaghlaich, agus a dh' ionnsuidh co-chomuinn nan naomh, chum bhith mar iochdranæ freagarrach d'a Mhac. Ach mur tig iad a'steach is i so an coire fein: oir tha doras na tràcair sior-fhosgailte do 'n t'sluagh iompaichte, agus cha chrannar gu bràth air duine dhiu è. Cha do chuir è riamh leithid na teachdaireachd so dh'ionnsuidh aon neach agaibh: "Tha è ro an-moch anis: cha 'n fhosgail, agus cha toir mi aoidheachd dhuit, seadh ged a tha "thu iompaichte fein." Tha è sior-ullamh a ghabhail ruibh, nam bitheadh sibhs' ach ullamh a philleadh gu cridheil neo-chealgach. Agus foilsichear iomlain-eachd na firinn so ni 's soilleire o'n da theagasg a leanas, agus air an aobhar sin, gabhaidh mi air m' aghaidh d' an ionnsuidh, mun dean mi tuille feum do'n teagasg so.

### TEAGASG III.

Is taitneach le Dia iompachadh agus sonas dhaoine, ach is mi-thaitneach leis am bàs agus an truaighe; is roighniche leis gu'n iompaicheadh agus gum maireadh iad beo, na gun gabhadh iad air an aghaidh agus gum bàsaicheadh iad gu truadh.

Nochdaidh mi dhuibh air tùs cia mar a thuigear an teagasg so; agus a ris soilleirichidh mi dhuibh a chinnt agus fhirinn.

1. Agus air tùs mar a bhuineas do thuigsinn an teagaisg so, thugaibh fainear na nithe so a leanas. Is i an tlachd aon-fhilde ceud ghnìomh an anam, a leanas am beachd no an t'eolas aon fhilte, mun coimeas an t'anam nithe r'a chèile. Ach leanaidh ghnìomh an roighneachaidh, a roimh-chiallaicheas ghnìomh a choimeis no a cho-shìnidh; agus faodar an dà ghnìomh so a shineadh a dh' ionnsuidh chuspairean calg-dhireach an aghaidh a chèile, gun chiont' air bith d'on anam.

2. Tha ceuman eagsamhail no neo-ionann anns an toileileachd, no anns an tlachd neo-chealgaich. Is co taitneach leam cuid de nithibh, 's gun dean mi urrad diu, 's is urrainn domh; agus is fìor-thoileach leam gun deanadh neach eile cuid de nithe, an uair nach dean mi fein cuidéacha leis, do rèir mo neart, do bhrìgh gu bheil iomad aobhar bacaidh agam; ge do ni mi gach aon ni is còir dhomh.

3. Tha toil riaghlair, mar riaghlair, foillsichte, ann an dealbh' agus ann an cuir reachd an ghnìomh; ach is i toil an duine, a chumhachd aon fhilte, nàdurra, mar Ard-thighearn' a mhaoine fein, agus tha a thoil foillsichte ann am miannachadh nithe taitneach, agus ann an diultadh nithe mi-thaitneach.

4. Is i toil riaghlair, mar reachd-thabhartair, air tùs, agus gu sonraichte, gun gèillear d'a reachd, agus nach cuirear a phaineachas an ghnìomh ach air na h-Iochdranaibh nach gèill. Ach tha toil riaghlair, mar bhreitheamh, a' roimh-chiallachadh gun do choimhdeadh no gun do bhriseadh an reachd: agus air an aobhar sin is i a rùn duais a thoirt duinn, no dioghaltas a dheanamh oirn d' a rèir.

O thug mi dhuibh na h-eadar-dhealacha feumail so, cuiridh mi nis iad ris a ghnothach an laimh, anns na briathraibh a leanas.

1. Tha 'm focal agus an cruthachadh a' teagasg, gur eigin duinn eolas a ghabhail air Dia anns an t'

saoghal so : agus mar sin, do rèir mor-luach naduir an duine, cuiridh sinn as leth Dhè, maitheas, eolas, gliocas, cumhachd, ag atharrachadh uaidh gach neo-iomlaineachd air bith, agus a' toirt dha ard-iomlaineachd gach buaidh luach-mhor, do bhrìgh nach 'eil doigh is fearr againn chum eolas a ghabhail air.

2. Mar an ceudna, leis an sriobtuir, eadar-dhealaidhidh sinn gnìomharra Dhe, do rèir an cuspairean eadar-dhealaichte, ged a tha iad uile mar aon-ghnìomh, ann am bith na diadhachd.

3. Agus le tuille danadais, an uair a labhras sinn air Crìosd do bhrìgh gu bheil an tuill' aobhair againn o a nàdur mar dhuine.

4. Mar so their sinn, gu bheil toil, tlachd, no spèis aon-fhilt' aig Dia, do gach neach a tha math, air mhodh nàdurra no beusach, do rèir gnè agus tomhais am maitheis. Agus mar an ceudna gur taitneach leis iompachadh agus sonas nan uile chreatairean reusonda, ge nach tachair so gu brath.

5. Tha toil Dhe, mar riaghlai-fhear agus mar reachd-thabhartair an t'saoghail, co-ghnìomhach chum sonais dhaoine, 's gun do thairg è dhoibh Crìosd agus beatha, mar thìodhlaca saor. Dhealbh è reachd dearmaid peacaidh, do 'n dream nach diult an thìodhlaca so gu neo-urramach, ach a ghabhas ris, gu deonach. Thug è iartas-teann d'a theachdairibh an thìodhlaca so a chuir an tairgs' an t'saoghail uile, agus a ghuidheadh orra gabhail ris gu fàilteach. Rinn è so uile chum sonas daoine, mar reachd-thabhartair agus mar bu chòir dha ann an lorg a gheallaidh.

6. Ach gidheadh, is toileach leis mar lagh-thabhartair, gun tèid an dream nach pill am mugha : agus mar bhreitheamh, an uair a thèid la tairgse nan gràs seach, cuiridh è an reachd so an gnìomh.

7. Mar so is fìor-toileach le Dia gu 'n iompaicheadh an dream nach iompaich gu brath, ach cha 'n àill leis a lan-toil uil fhoghainteach, agus a mhòr

chumhachd a chuir an gnìomh, mar Ard-thighearna, d'an iompachadh gun teagamh air bith. Tha comas aig rìgh, cùl-choimhead a cuir air fear-murt ga chumail o 'n chroich a thoiltinn dh'a fein: Ach ma bhitheas deagh aobhar aig rìgh gun an ro-chùram so a ghabhail do luchd-murt, ach fios, agus rabhadh a thoirt da iochdranaibh, agus a ghuidheadh orra gun iad a bhi ciontach ann am murt, tha dùil agam gu 'm faod è a ràdh nach bu mhath leis gun crocht' air son murt iad; oir cha taitneach leis so, ach gum bitheadh iad neo-choireach, agus gum maireadh iad beo. Agus ma ni è tuille arson cuid de dhaoine, air aobhair shonraicht' eigin, am bheil è mar fhiachaibh air sin a dheanamh arson an iomlain? Is ceart do 'n Rìgh a ràdh re uile luchd-murt agus mi-ghnìomh a rioghachd, "Cha 'n 'eil tlachd air bith agamsa 'n ar bàs, ach bu roighniche leam gu mor sibh a thoirt gèill do m' reachd, agus a bhi beo; ach mur gèill sibh, is i mo bhreith gu 'n fuiling sibh bàs." Is ceart do 'n bhreitheamh a ràdh ri meirleach, no ri fear-murt, "Mo thruaigh a dhuine, cha taitneach leamsa do bhàs; b' fhearr leam gu mòr gun coimheadh tu an reachd, agus gun teasairgeadh tu t' anam fein; ach o nach do choimhead thu an lagh, is eigin domh do dhìteadh gu bàs, oir bu bhreitheamh claon mi mur deanainn sin." Mar an ceadna, ge nach bheil tlachd air bith aig Dia 'n ar leir-sgrios, agus air an aobhar sin, ged tha è toirt gairm dhuibh pilleadh, agus bhi beo, gidheadh, is taitneach leis a cheartas fein a dhearbhadh agus a reachd a chuir a gnìomh, agus air an aobhar sin, is i a rùn suidhichte, mur pill sibh gun teid sibh am mugh. Nam bith-eadh Dia co mhor ann aghaidh bàis dhaoin' aingidh, 's gun cuireadh è a mhor-chumhachd an gnìomh d'a bhacadh, an sin cha rachadh duine do 'n t-sluagh am mugh. Ach tha Dia co-mhor an aghaidh ur leir-sgrios, 's gu bheil è a' toirt teagaisg agus rabhaidh

dhuibh, agus a' cuir bàis agus beatha fa' r roghainn, agus a' sparradh air a' mhinisteiribh earalachadh oirbh, gun sibh fein a' chuir am mugha, ach gabhail ri tròcair gu deonach, agus mar so, dh'fhàg è gun leth-sgeul sibh; ach mur iompaich so sibh, gheall è gur i a' rùn suidhichte, ur milleadh le leir-sgrios gun teagamh; agus sparr è oirn a' ràdh ruibh 'n a ainm fein, Rann. 8. "A dhuin' aingidh gheibh thu gu deimhin bàs!" Agus is beag nach do mhionnaich Criosd a rìs, agus a rìs, ag ràdh, "Gu deimhin, deimhin, mur bi sibh iompaichte agus ath-ghinte, cha 'n fhaod sibh dol a steach do rioghachd neamh gu bràth," Mat. xviii. 2. Eoin iii. 3. Thugaibh fainear gun dubhairt è, "Cha n' fhaod sibh." Is bruaadar diomhain, dùil a bhì agaibh ris an rioghachd so, gun iompachadh: oir cho sealbhaich daoine neo-iompaichte gu bràth i.

Chi sibh anis seadh an teagaisg so, chi sibh nach 'eil Dia, reachd-thabhartair an t' saoghail gu leir, a' gabhail tlachd air bith ann am bàs dhaoin' aingidh, ach gur roighniche leis gum pilleadh, agus gum mair-eadh iad beo; ge nach i a' rùn gidheadh, gum bi beatha, ach aig an dream a philleas; agus mar bhreith-eamh, is taitneach leis ceartas agus foillseachadh a dhìom an aghaidh peacaidh, ge nach taitneach leis Truaigh mar atha i innte fein, an truaigh sin a tharraing daoin' aingidh air an anmaibh.

2. Mar a' bhuineas do dhearbhadh an teagaisg so, gheibh sibh sin am briatharaibh ath-ghoirid, do bhrìgh mar a' shaoileas mi, gur furasd leibh a' chrèid-sinn cheana.

1. Tha nàdur gràmhor an Thighearna foillsichte; Ecsod. xxiv. 6. agus xxvi. 6. agus gu tric an ionadaibh eile, a' dearbhadh dhuibh nach 'eil tlachd air bith aige 'n ar bàs.

2. Nam bu taitniche le Dia do bhàs, na t' iompachadh agus do bheatha, cha sparradh è ort co tric pilleadh, na fhocal; cha tugadh è dhuit a' choilìon geal-

ladh air beatha, nam pilleadh tu ; agus cha chuireadh è impidh ort gu pilleadh, le urrad reusoin ; mar a dhearbhas an Soisgeul.

3. Tha am bàrandas a thug Dia do mhinisteiribh an t' soisgeil a' lan-dearbhadh an teagaisg so. Nam bu taitniche le Dia do leir-sgrios, na t' iompachadh agus do shonas, cho sparradh è riamh oirne tràcair a thairgse dhuit ; an t' slighe chum na beatha shiorruidh, a theagasg dhuit, gu diomhair agus gu follasach ; a ghuidheadh agus a ghriosadh ort pilleadh agus bhith beò ; fios gràineileachd agus cunnairt peacaidh a thoirt duit ; urrad o's atha 'n ar comas a dheanamh chum t' iompachaidh ; agus buanachadh le foighid anns an obair so, ged a bheireadh tu fuath agus mi-ghnàthacha dhuinn arson or saothair. An deanadh Dia só air ar son, agus am foillsicheadh è dhuibh a reachd chum ur leas, nam bitheadh tlachd aige 'n ur bàs, agus leir-sgrios ?

4. Mar an ceudna, tha so soilleir o riaghailt ghnàth-aichte frèasdail an Tighearna. Nam bu roighniche le Dia ur leir-sgrios agus ur dòrainn, na ur n-iompachadh, agus ur tearmann, cha cho-shineadh a ghnìomh-arra r'a ghealla ; cha tàla'eadh è ris fein sibh le caomhalachd gach là ; cha n'altramadh è sibh le nithibh maith na beatha so, na meadhona sin d' ar treorachadh chum aithreachais, Romh ii. 4. cha leagadh è 'n t' slat-smachdachaidh oirbh co-tric, a chuir ciall annaibh, agus a thoirt mothacha cunnairt duibh ; cha tugadh è dhuibh coilion eisempleir, agus cha ghiulaineadh è leibh co-fhoighidneach, 's a rinn è o là gu là agus o bhliadhna gu bliadhna. Cha chomh-arra so gu bheil tlachd aige 'n ar bàs ; oir nam bu taitneach leis ur dòrainn, nach b' fhurasda dha ur n-iomain chum ifrinn o chionn fhada ? Nach faodadh è gu tric roimhe so, ur spìonadh a fearann nam beo, am boilsgin ur peacaidh, ur n-ain-eolais, ur n-uail, agus ur n-ana-mianna, an uair bu mhallachadh, mionnan

eithich, no breug bu chainnt duibh ; an uair a bha sibh gun chèill le misg, no a' deanamh gàire a fanoid mu naomh-reachd Dhe ? Nach b' fhurasda dha stad a chuir air ur n anail, ur claidh le plàigh, anns an t' saoghal so, agus ur lan-cheansachadh le dòrainn anns an t' saoghal eile ? An spàirn leis an uile-chumhachd-ach an teangadh is mo ana cainnt agus mi-naomhachd-a riaghladh ; glas-lamh a chuir air luchd dian-ruagaidh is mò mi-rùn ; buaireas nan eas-cairdean is fuileachd-aiche rùn, a chiuneachadh ; agus a dhearbhadh dhoibh gur cnuimhibh diblidh so-chlaidh iad ; Nan amhairceadh è oirbh ach le gruaim, thuiteadh sibh bonn os ceann, anns an uaigh. Nan tugadh è barandas do aon d'a ainglibh, dol a chasgradh deich mìle peacach, nach grad a rachadh an t' iartas an gnìomh ? Nach furasda dha ur leagail air leabaidh na h-ea-slainge, gus am bi sibh ag èigheach le claidh ? an deacair dha a thoirt oirbh gu 'n ith sibh an ana-cainnt a thug sibh da luchd-muintir, da fhocal, da aoradh, agus da shlighe naomha ? an cruaidh air a thoirt oirbh cuir a shireadh còmhnadh eadar-ghuidhe na h-aitim air an d' rinn sibh dimeas an-dàna ? Nach fhurasda dha t' fheoil uaibhreach a chlaidh le saigheadaibh agus le h-osnaibh, gus am bi i gràineil mar shalchar na talmhainn, agus mar ionad còmhnuidh neo-ìomchuidh do t' anam ? an fheoil sin is eigin duit anis a dhiol leis na nithibh is fearr a chòrdas ria, agus nach suail duit a mi-thoileachadh. An fheoil sin is eigin duit a riarachadh le biadh, le deoch, agus le h-aodach, ge b' è ni a their Dia an aghaidh so ; cia grad a chuireadh gruaim an uile-chumhachdaich as di ? 'N uair a bha thu a' tagradh cùis do pheacaidh gu dian ; a' conn-sachadh ris an dream leis am b' àill do tharraing uaidhe ; a' taisbineadh t' an-ìochd ann aghaidh do luchd-achmhasain, agus a' gabhail leith-sgeil obair an dorchadais ; nach b' fhurasda do Dhia t' fhuadachadh leis, agus do chuir ann an lathair a Mhòrachd uabh-



asaich ; anns am faiceadh tu deich mìle de mhìltibh aingeal glormhor a' feitheamh air cathair a bhreitheanais ; agus am breitheamh a' toirt gairm dhuit, do chùis a thagradh, agus a cheist so a fhreagradh, “ Ciod “ è anis ata agadsa r'a ràdh an aghaidh do chruthai- “ fhir ; an aghaidh fhirinn ; an aghaidh a luchd- “ muintir ; agus an aghaidh a naomh-reachd ; Tagair “ anis do chùis mar is fearr is urrainn duit. Cia mar “ a ghabhas tu leith sgeul do pheacaidh ? freagair air “ son do shaoghaltachd anabarraich ; do bheatha “ fheolmhoir ; t aimsir agus gach tròcair a mhi- “ bhuilich thu.” Och, nach leaghadh do chridhe cruaidh ; nach ilslicheadh do shealla borb ; nach uainicheadh do ghnùis le h-uamhann ; nach iompaicheadh do bhriathra maslach gu tosd, no gu sgreadail ghairisneach ; nan cuireadh Dia mar sin thu an làthair cathair a bhreitheanais, agus nan tagradh è riut a chùis fein, a chùis sin a dhìt thusa co mhirunach air thalamh ? mar bu rèidh do Dhia a ràdh ri t' anam ciontach, “ Imich, na bi tuille anns an “ fheoil sin gu la na h ais-èirigh,” am faodadh tu cuir an aghaidh so ? sgaoididh focal a chumhachd co'-cheangal t' anma agus do chuirp, agus an sin bithidh gach cumhachd chorpor'a ta agad gun eifeachd, agus gach ball gun mothacha. Nan abradh Dia riut, “ Na bi beo ni 's faide ; no, triall chum ifrinn ;” Am faodadh tu gun ghèill a thoirt da ?

Ach cha d'rinn Dia so ; ach chaomhuinn è beo thu gu foighidneach ; chum è suas thu gu tròcaireach ; fhuair thu uaidh' an anail leis an d' thug thu ana-cainnt dha ; gach tiodhlac a thug thu mar iobairt do'n fheoil ; gach tiodhlac leis an do shàsaich thu do shlugan ciocrach ; agus gach uair de 'n aimsir sin a mhi-bhuilich thu air diomhanas, misg agus an-saoghaltachd : agus nach 'eil an fhoighid agus an tròcair so gu leir, a' dearbhadh dhuit nach taitneach le Dia do leir-sgrìos ? Am faod lòchrann lasadh gun ola ? an

seas do thigh gun an talamh ga ghiulan? cha mhò na sìn a sheasas tusa aon uair ann am fearann nam beo gun chòmhnua Dhè. Ciod uime chum è co fhada beo thu, ach a chum 's gun smuainticheadh tu air ammaideachd do shlighe, agus gu 'n iompaicheadh tu chum bhi beo gu sona siorruidh? An cuir neach air bith arm gu deonach ann an laimh a nàmhaid a chuir cath air fein? no 'n cum duine glic solas ri fear-murt a chosgras a chlann; no ri fear-tuarasdail chum 's gum bu leur dha aimsir a mhi-bhuileachadh le sùgra no le diomhanas? Is ni cinnteach gun do ghiulain Dia leatsa co fhada, chum 's gum pilleadh tu agus gum bitheadh tu beo.

5. Os-barr, tha bàs Mhic Dhe a' dearbhadh, nach taitneach le Dia bàs dhaoin' aingidh. An saoradh è o bhàs iad le luach co daor? An cuireadh è iongantàs co-mhor air aingle, agus air daoine, le aontacha ro ghràs-mhor? An tigeadh Dia an riochd seirbhisich a ghabhail còmhnuidh ann am feoil, agus an gabhadh è irisleachd ann an aon phearsa leis an Diadhachd? Am fuilingeadh Criosd urrad dholais 'n a bheatha, agus an rachadh è fo bhàs mallaichte, arson luchd peacaidh; nam bu taitniche leis am bàs na am beatha? Nam faiceadh sibh è gu dùrachdach a' teagasg slighe na beatha, agus a' leigheas creuchdan luchd ea-slainthe, Marc iii. 23. Nam faiceadh sibh è an-fhad ann an trosga, Mat. iv. Nam faiceadh sibh è fad oi'che re h'ùrnaigh, Luc vi. 12. Nam faiceadh sibh è fo dhrùchd fallais fhola, le spàirn ùrnaigh, Luc xxii. 24. Agus nam faiceadh sibh fhuil neo chiontach a' smùidrich air a chroich, agus è a' dortadh amach anma mar iobairt arson ar peacaidh. Nam faiceadh sibh so uile, an saoiladh sibh gum bu taitneach le Criosd bàs siorruidh dhaoin' aingidh?

Na smuaintichibh mòr-luach a bhàis a lughdachadh, le ràdh, gun do bhàsaich è arson dhaoine taght' amhàin. Oir is e do pheacadh's agus peacadh an t'

saoghail gu leir an t' uallach a bha air ur Fear-saoraidh; agus thug è lan-dioladh annt' uile, leis an iobairt a thug è do cheartas De air an son; agus thairgeadh tairbhe na h-iobairt so do gach duine fa leth de 'n 't sluagh; ach is fìor, nach b' i rùn Chrìosd riamh maitheanas agus tearmann a dheonachadh do'n dream nach pill le creideamh agus le h-aithreachas. Nam faiceadh agus nan cluinneadh sibh è, a' caoidh agus ag osnaich arson staid an t' sluaigh eas umhail gun aithreachas, Luc xix. 41, 42. No a' gearan air an eas-urram, Mat. xxiii. 37. "A Ierusalem, a Ierusalem, "cia tric a b' àill leam do chlann a chruinneachadh, "mar a chruinnichéas cearc a h àlach fo à sgiathaibh, "agus cha b' àill leibh so?" No nam faiceadh agus nan cluinneadh sibh è air a chrann-cheusaidh, ag eadar-ghuidheadh arson a luchd dian-ruagaidh, "Athair "thoir maitheanas dhoibh, oir cha 'n 'eil fios aca ciod "atha iad a' deanamh." Nan cluinneadh sibh so, an cuireadh sibh an umhail da gun robh tlachd aige ann am bàs dhaoin' aingidh; seadh ann am bàs na h-aitim sin fein a chaidh am mugha le mi-chreideamh toileil? "An uair a ghràdhaich Dia an saoghal co "mhòr, 's gun d' thug è aon-ghin Mhic fein, chum " 's ge b' è neach a chreideadh ann, nach rachadh è "am mugha, ach gum faigheadh è beatha shiorruidh:" shaoilinn gun do dhearbh è air an dòigh so, an aghaidh mi-ruin dhaoin' agus dhiabhla, nach 'eil tlachd air bith aig' ann am bàs dhaoin' aingidh, ach gur roigh-niche leis gum pilleadh iad agus gum bitheadh iad beo gu sona shiorruidh.

6. Fa dheoidh, mur creid sibh so uile, agus mur toilich è sibh, creidibh focal Chrìosd fein; oir is aithne dha a rùn fein, ni 's fearr na 's aithne dhuinn i. No air a chuid is lugha creidibh a mhionnan: ach treoraichidh so mi chum a cheathraimh teagaisg.

## TEAGASG IV.

DHAINGHNICH an Tighearna dhuinn le Mhionnaibh, nach 'eil tlachd air bith aige ann am bàs dhaoin' aingidh, ach gur roighniche leis gum pilleadh iad agus gum bitheadh iad beo ; chum 's nach biodh aobhar aig duine de 'n t' sluagh an fhirinn so a chuir an teagamh.

Ma chuireas sibh focal an Tighearna ann an teagamh gu h-an-dàna, tha dùil agam nach cuir sibh cunnail an-dàn' air a mhionnaibh. Mar a mhionnaich Criosd gu follaiseach, nach faod an dream nach 'eil ath-ghinte agus iompaichte dol chum rioghachd neamha gu bràth. Mat. xviii. 3. Eoin iii. 3. Mar an ceudna, mhionnaich Dia nach taitneach leis bàs luchd-aingidheachd, ach an iompachadh agus am beatha : agus *ars'* an t' Abstol, Eabh. vi. 13—18. “Do bhrìgh nach faod Dia mionnachadh air neach is mò na è fein, mhionnaich è air fein, &c. Mionnaichidh daoine gu deimhin, air neach is mò na iad fein, agus is è am mionna-daighneachaidh crìoch gach çonnsachaidh. Air bhith do Dhia deonach, neo-chaochlaidheachd a chomhairl' a thaisbineadh do dh' oighreachaibh a gheallaidh, dhaighnich è le mionnaibh è. Chum is trid dà ni neo-chaochladh-ach anns nach faod Dia breug a dheanamh, gum, bi co'-fhurtachd laidir againn, a theich chum dèidin gu greim a dheanamh air an dòchas a chuireadh romhainn, agus a tha againn mar acair ghramail chinntich an anma.” Ma tha duin 'air bith de 'n t' sluagh nach urrainn so a reiteachadh ri teagasg roi-òrduchaidh, no fìor-dhite dhaoin' aingidh, is i so coire ain-eolais fein ; cha 'n 'eil aobhar air bith aige an fhirinn so àicheadh no a chuir an teagamh ; oir dhaighnicheadh i le mionn Dhe, agus air an aobhar sin cha 'n fhaodar a lùbadh a cho-shìneadh ri bar-

ailibh mearachdach, ach barailean neo-chinnteach a lùbadh da h-ionnsuidh, agus is eigin a chreidsinn gu bheil frinne àraid a' co-fhreagràdh dhi, ge nach urrainn ar n-anma crìochnaicht'ne an co-rèit' a thuigsinn ach gu gann.

## FEUM.

GUIDHEAM ort, ma 's peacach neo-iompaichte thu, smuaintich re tamaill bhig air na teagaisg sin a chualadh tu, agus smuaintich co leis an taitneach do pheacadh, agus do dhòrainn ? Is cinnteach nach taitneach le Dia iad : oir mhionnaich è mar is beo è nach 'eil tlachd air bith aig'annta. Agus is deimhin leam nach bi do rùn Dia a thoileachadh le peacadh. An abair thu gu h-an-dàna, gun d'òl, gun do mhionnaich, gun do dhearmaid thu dleasnas naomha, agus gun do mhùch thu comhair' an spioraid a thoileachadh Dhe ? Mar gun tugadh tu anacainnt do'n rìgh, eas-umhlachd d'a reachd, agus ionnsuidh mhillteach air fein ; agus gu'n abradh tu, rinn mi so uile g'a thoileachadh.

Co eile leis an taitneach do pheacadh agus do bhàs ? Cha taitneach le dream air bith air am bheil dreach na diadhachd, oir is eigin gur ionann inntinn dhoibhsan agus do Dhia fein. Tha fios aig Dia, gur mìthlachd le d' luchd teagaisg dìleas, amharc ort a' toirt gèill do d' nàmhuid millteach, gu h-ei-cèillidh a' cuir do shonais shiorruidh an cunnart, agus ged' thilgeadh fein ann an lasair ifrinn. Is aobhar bròin leo bhì 'g amharc air an dòrainn a rinneadh air t' anam, le h-ain-eolas, cruas-cridhe, an-toileileachd, leisg agus neo-chùram, mu thriall trid an t'saoghail so air slighe na beatha agus na sìth ; is aithne dhoibh, gur comharrà bàis, agus feirg Dhe iad sin ; is aithne dhoibh o fhocal De ciod is cosmhuil a bhì na crìch dhoibh : agus air an aobhar sin, cha taitniche leo iad, na le lèigh tiom-chridheach neasgaide plàigh fhaicinn air

daoine tinn a tha fo laimh. Is truagh a bhi leirsinn ur dòrainn shiorruidh roimh-laimh, agus gun seol againn air gabhail roimpe! Bhi faicinn cia dluth sibh air ifrinn, agus gun seol againn a thoirt oirbh sin a chreidsinn, agus a thoirt fainear! bhi leirsinn gum b' fhurusda dhuibh tearnadh, gu cinnteach, nam b' aithne dhuinn ach ur deanamh toileach, a ghnàthachadh nam meadhona! cia dlùth sibh do shonas bithbhuan, nam pilleadh sibh, gu cùramach, saothair-eachail, agus le uile dhicheall ur beatha! ach cha phill sibh. Ge do chuireamaid ar n anma ann geall, cha 'n urra sinn impidh a chuir oirbh so a dheanamh. Tha sinn a' dealbh gach oi'ch agus là, ciod a theagaisgeas sinn duibh a chuir impidh oirbh, ach chàill sinn ar saothair. Tha sinn a' dearbhadh dhuibh o fhocal Dè, nach teasairgir sibh mur pill sibh; ach is eigin duinn cuid mhor agaibh fhàgail neo-iompaichte mar a fhuair sinn sibh. Tha dùil againn gun creid sibh focal Dè, ge nach creid sibh sinne, agus gun toir sibh fainear è, an uair a chi sibh sgriobht' è; ach is diamhain ar dùil, agus is diamhain ar saothair mu atharracha slainteil ar n anmaibh. Agus an saoil sibh gur taitneach leinne so? is tric bu mhaith leinn cruas ar cridh' a ghearan ri Dia, ann an ùrnaigh dhiomhair le dubhachas anma, ag ràdh, "Och a Thighearna, labh-  
 " air sinn riu ann a t' ainm, ach is beag a thug iad  
 " fainear sinn; dh'innis sinn doibh na dh'iarr thu oirn  
 " mu chunnart an staid neo-iompaichte, ach cha do  
 " chreid iad sinn; dh'innis sinn doibh gun do mhion-  
 " naich thu nach 'eil sìth do'n duin' aingidh; ach 's  
 " gann a chreideas an dream a's measa dhiu gu bheil  
 " iad aingidh; thaisbein sinn doibh t' fhocal, anns an  
 " dubhairt thu, ma chaitheas iad am beatha do rèir  
 " na feola gum bàsaich iad; Roimh. viii. 13. ach is  
 " cainnt doibh gun creid iad thu, ge nach creid; agus  
 " gu'n earb iad asad, an uair nach creid iad smid de  
 " t' fhocal, an dùil gu bheil do bhagra breugach;

“ agus their iad gur dòchas diadhaidh so ; agus ged a  
 “ nochdas sinn doibh on t’ àit anns an dubhairt thu,  
 “ gum bàsaich uile dhòchas an duin’ aingidh, an uair  
 “ a bhàsaicheas e fein ; gidheadh cha ’n urra sinn an  
 “ iompachadh o’n dòchas mealltach ; Gnath. xi. 7.  
 “ Dh’ innis sinn doibh, cia screataidh mi-tharbhach  
 “ am peacadh, ach ’s ionmhuinn leo è ; agus uime  
 “ sin cha trèig iad è. Thoir misg sinn doibh gun an  
 “ sonas siorruidh a chuir gu dàna an geall sòlais  
 “ dhìom-buain pheacaich, d’ an crìoch dòrainn bhith-  
 “ bhuan ; agus sheun, agus choisrig iad iad fein, agus  
 “ cha d’ thug iad fainear ar toirmeasg ; ach ni iad mar  
 “ a ni am mor-shluagh peacach ; do bhrìgh gu bheil  
 “ Dia tròcaireach, cha chreid iad a bhagradh, ach  
 “ cuiridh iad an anam an cunnart, cìod air bith a  
 “ thàrlas. Dh’ innis sinn doibh gu bheil Dia deòn-  
 “ ach gabhail riu ma philleas iad ; agus cha d’ thug so  
 “ orra ach dàil a chuir ann an aithreachas, agus peac-  
 “ achadh le tuille dànaidais. Is cainnt do chuid diu  
 “ gu bheil aithreachas ann an rùn an anma, ach tha  
 “ iad do ghnàth air aon doigh ; *arsa* cuid eile dhiu,  
 “ ghabh sinne, aithreachas cheana ; gidheadh tha iad  
 “ neo-iompaicht’ o’m peacaibh. Ghuidh agus ghrìos  
 “ sinn orra pilleadh, agus thairg sinn cuideachadh leo,  
 “ ach cha b’ urra sinn impidh a chuir orra ; ach an  
 “ dream a bha misgeach tha iad misgeach ; an dream  
 “ a bha àilgheasach feol-mhor, tha iad àilgheasach  
 “ feol-mhor ; an dream a bha an-saoghalta, tha iad  
 “ an saoghalta ; agus an dream a bha ain-eolach,  
 “ borb, agus fein-speiseil, tha iad mar sin, gun athar-  
 “ racha. Is tearc iad a chi agus a dh’ aidicheas am  
 “ peacadh ; agus is teirce iad a thrèigeas è, ach is  
 “ aobhar misnich leo, gu bheil na h-uile dhaoine  
 “ peacach ; mar nach biodh peacach iompaichte agus  
 “ peacach neo-iompaichte eadar-dhealaichte. Cha tig  
 “ cuid diu am fogasg dhuinn, ged a bhios sinn toileach  
 “ an teagasg, ach saoilidh iad gu bheil iad fein lan-

“fhoghlumta cheana, gun fheum air tuille. Eisdidh  
 “cuid eile ruinn, ach ni iad an-toil fein. Tha  
 “cuid mhor dhiu mar dhaoine marbh gun mhoth-  
 “acha; cha’n urrainn duinn a thoirt air teagasg an  
 “t’sonais shiorruidh gun drùigh smid dheth air an  
 “anmaibh, no gum faicear a dhreach air an giulan.  
 “Mur gèill sinn doibh, mur freagair sin an an-iartas,  
 “mur baisd sinn clann dhaoin’ aingidh ro dho-lùbaidh,  
 “mur toir sinn doibh suipeir an Tighearna, agus mur  
 “dean sinn gach aon ni is àill leo, seadh ann an  
 “aghaidh focail De; bheir iad fuath agus anacainnt  
 “duinn; ach ma ghuidheas sinn orra am peacadh  
 “aideachadh, agus a thrèigsinn, agus an anmaibh a  
 “theasairginn; cha dean iad sin. Dh’innis sinn  
 “doibh, ma philleas iad, nach diult sinn baiste d’an  
 “cloinn, no suipeir an Tighearna dhoibh fein; ach  
 “cha’n èisd iad riunn: b’ àill leo gun tugamaid eas-  
 “umhlachd do Dhia, agus gun leir-sgriosamaid ar’n  
 “anma fein air an iartas-san; gidheadh cha phill agus  
 “cha teasairg iad an anma fein air iartas De. Is gllice  
 “iad’n an sùilibh fein no an luchd teagaisg uile; tha  
 “iad air mhìre le buaireas agus ro-earbsach as an  
 “slighe fein; ged a chuireamaid ar n anma an geall,  
 “cha b’ urra sinn an atharrachadh. A Thighearna,  
 “is i so staid ar treuda truagh, agus cha’n urra  
 “dhuinn a leasachadh; chi sinn iad an cunnart tuiteam  
 “an ifrinn na dòrainn, agus cha’n urra dhuinn am  
 “bacadh: tha fios againn mo philleas iad gu neo-  
 “chealgach, gun teasairgir iad; ach cha’n urra dhuinn  
 “an impidh sin a chuir orra; ge do ghuidheamaid orra  
 “air an glùnaibh, pilleadh, cha drùigh ar n impidh  
 “orra, ge do ghriosamaid so orra le deuraibh, chaill  
 “sinn ar saothair: agus am bheil tuille’n ar comas?”  
 “Is è so an gearan diomhair, is eigin d’ar luchd  
 teagasg a dheanamh le h-osnaibh mhuladach, agus  
 an saoil sibh gur taitneach leo aobhar an gearain?  
 An taitneach leo ar trials’ ann an slighe peacaidh



chum ifrinn agus dòrainn, agus gun seol' air ur baca ?  
 bhi ag' amharc oirbh ann am meadhon truaigh' gun  
 chomas aca thoirt mothacha dhuibh air ur cumart ?  
 bhi ag' amharc oirbh ri sùgradh, agus gun fhios agaibh  
 am bheil uair eadar sibh agus ifrinn ? bhi smuainteach-  
 adh ciod is eigin duibh fhulang gu siorruidh, do  
 bhrìgh nach do phill sibh ann an la tairgse nan gràs ?  
 agus bhi smuainteachadh ciod a bheatha shiorruidh  
 ghlormhor a thilg' sibh uaibh, le dimeas toileil ; an  
 urra dhuibh a dhealbh ni air bith a chuireas tuille  
 campair air luchd teagaisg na so ?

Co nis ata sibh a' toileachadh le 'r peacadh agus le 'r  
 bàs ? cha taitneach le 'r deagh chairdibh tuigseach  
 è. Och, is campar inntinn leo bhi 'g amharc air  
 ur truaigh : is tric a ghuileas iad air ur son, an uair  
 nach toir sibh dhoibh ach ro bheagan buidheachais,  
 agus an uair nach 'eil mothachadh agaibh a chaoidh  
 ur staid fein.

Co nis leis an taitneach ur peaca ! Co ach tri  
 naimhde mor an Tighearna Dia ; an naimhdean  
 sin a thrèig sibh 'n ar baiste, agus ris an do phill sibh  
 anis, a thoirt lan-ghèill doibh.

1. Is deimhin gur taitneach leis an diabhol ur  
 peacadh agus ur bàs : oir is i so fìor-chrioch uile  
 bhuairidh, agus fhurachrais oirbh gach o'ch agus là.  
 Cha 'n urra dhuibh a dhealbh ni a's taitniche leis an  
 droch-spiorad na sior-ghiulan peacach. Nach ait leis  
 'n uair a chi è sibh a' dol chum tigh na misge, no  
 peacaidh eile ? am bheil ceol a's binne leis na bhi 'g  
 èisdeachd do mhionnachaidh, do mhallachaidh, agus  
 t' anacainnt ? Cia taitneach leis bhi g' èisdeachd riut,  
 a' toirt anacainnt do t' fhear teagaisg, leis an àill do  
 philleadh o shlighe peacaidh a threoraicheas chum  
 ifrinn, agus do sdiùreadh air slighe an t' soisgeil chum  
 fhlaithis na glòire ? 'S iad sin sòlas an diaibhoil !

2. Is sòlas le luchd-aingidheachd do pheacadh agus  
 do thruaigh ; oir is ionmhuinn leis gach neach a chos-  
 las.

3. Ach gidheadh, tha fios agam nach è do rùn an diabhol a thoileachadh, seadh an uair a thoilicheas tu è: ach is è do rùn t' fheoil fein, an namhuid is mò agus is cunnartaich' a tha agad, a thoileachadh. Is taitneach leis an fheoil a diol de bhiadh, de dheoch, agus de thrusgan, ga' deanamh tlachdmhor an cuid-eachd, agus creideasach àluinn an sùilibh an t'saoghail. Is taitneach leis an fheoil sùgradh, ana-miann, agus diomhanas; so am poll anns am bàthar daoin' aingidh nach iompaich; agus an Dia d'an gèill iad; oir is è am bolg an Dia. Phil. iii. 18.

Ach guidheam oirbh fanaibh tamall beag, agus smuaintichibh air na nithe so.

#### CEIST I.

An còir dhuibh ur feoil a thoileachadh roi 'r Cruthai-fhear? am mi-thoilich sibh an Tighearna, ur luchd-teagaisg, ur càirdean-diadhaidh, agus gach duine, chum ur n-ana-miannaibh-brùideil a thoileachadh? Am fuilleibh Dia a riaghladh ur feola? mur riaghlaidh è i, na biodh dùil agaibh gun teasaig è i.

#### CEIST II.

Is taitneach le 'r feoil peacadh: Nach an taitneach de 'r coguis è? Nach 'eil i gearan air ur staid, agus gu tric ag innseadh dhuibh, nach 'eil sibh co tearuint' 's a shaoileas sibh? agus nach còir dhuibh ur n-annaibh agus ar coguisibh a thoileachadh roi 'r feoil?

#### CEIST III.

Ach nach solair ur feoil a sòlas fein? is ionmhuinn leis a' chorp am biadh, ach an ionmhuinn leis an dubhan? Is ionmhuinn leis deoch laidir, greim blasda, socair, cluich, agus sùgradh; is ionmhuinn

leis saibhreas, deagh alladh, agus àrd-inbh shaoghalta; ach an ionmhuinn leis mallachd Dhe? an ionmhuinn leis seasamh le geilt-chrith 'an lathair cathair a bhreitheanais, gus an toirear breith a thilgeil anns an teine shiorruidh? An ionmhuinn leis bhì air a chlaoidh leis na deamhuin gu bràth? Gabhaibh iad so uile le chèile; oir cha sgarar ifrinn o pheacadh, ach le fìor-chreidimh agus iompachadh amhàin; ma choimheadas sibh ur peacadh, is leibh ifrinn gu cinnteach. Ma 's sòlas leibh bàs agus ifrinn, cha 'n iongantach ged a thriallas sibh ann an slighe peacaidh: ach mur sòlas leibh iad, mar is cinnteach leam nach h-eadh, cia taitneach air bith am peacadh, an dìong è call an t' sonais shiorruidh? Am bheil biadh, no deoch, no socair; am bheil deagh alladh o pheacach-aibh, no saibhreas saoghalta ni 's luach-mhoire na sòlas neamhaidh? no an dìong iad claidh an teine shiorruidh? A dhaoine! nach còir do gach neach aig am bheil reuson a chreidsinn gu bheil anam aige r'a chall no r'a chosnadh, smuainteachadh air na ceistean so, mun tèid è ni 's faide?

Seadh anis, mhionnaich an Tighearna ann so, nach sòlas leis ur bàs, ach gur roghnaiche leis gum pilleadh agus gum bitheadh sibh beo. Gidheadh, ma thriallas sibh chum bàis, mar roghainn air pilleadh; cuimh-nichibh nach ann a thoileachadh Dhe, ach g' ar toileachadh fein agus an t' saoghail, a rinn sibh sin. Ach ma chuireas sibh am mugh a sibh fein, g' ar toileachadh fein, agus ma ruidheas sibh chum claidh shiorruidh ag iarraidh sòlais, agus mur 'eil de chèill, de chridhe, no de ghràs agaibh, èisdeachd ri Dia, no ri daoimibh leis an àill ur pilleadh; na biodh dùil agaibh ri tearmann, ach mealaibh duais ur droch-thoilteanais, agus gabhaibh aithreachas air mhodh eile, an uair a bhios è ro anamoch.

Mun gabh mi ni 's faid' air m' aghaidh chum tuille feum a dheanamh de na nithibh sin a chualadh sibh,

thugamaid fairear an teagasg a 's faigse ; agus bheir sin tuille cothrom dhuinn.

### TEAGASG V.

[THA] Dia co dùrachdach mu iompacha dhaoin' ain-gidh, 's gun d' àithn agus gun d' earalaich è gu dian, *Pillibh, pillibh, ciod uim' a bhàsaicheas sibh ?*

Tha an teagasg so ag earalachadh oirbh, feum iomchuidh a dheanamh de 'n teagasg a chualadh sibh fa dheire, agus laimhsichear è do reir sin. Am bheil peacach neo-iompaichte air bith, a' cluinntinn briathra dùrachdach so an Tighearna Dia? Am bheil fear no bean anns a choimh-thional so nis, a tha ain-eolach air obair an Spioraid naoinh' a nuadhaicheas agus a naomhaicheas? (is coimh-thional sonadh è, mur 'eil cuid mhòr dheth neo-iompaichte!) Cluinnibh guth ur Cruthai-fhir, agus pillibh ris trid Chrìosd gun dàil. An àill leibh eolas air toil De! Is i so a thoil gum pill sibh air ball. An cuir an Dia beo teachdaireachd cho dùrachdach chum a chreatuìrean; agus nach còir dhoibh gèill a thoirt di? Cluinnibhs' uile a tha beo do 'n fheoil; chùir an Tighearn' a thug dhuibh ur bith agus ur beatha, teachdaireachd o neamh d' ar n-ionnsuidh; agus is i so a theachdaireachd, *Pillibh, pillibh, ciod, uim' a bhàsaicheas sibh ?* An ti ag a bheil cluasa chum èisdeachd èisdeadh è. An deanar dimeas air guth na mòrachd shiorruidh? Ma labhras è le guth na tàirneanaich uabhasaich, tha geilt-chrith oirbh. Ach is còir dhuibh tuille suim a ghabhail de ghuth so a theachdaireachd. Nan innseadh è dhuibh gum bàsaich sibh am maireach, an cuireadh sibh so an neo-brìgh? ach is àithne agus earail an teachdaireachd so, anns a' bheil do bhàs no do bheatha shiorruidh. Mar gu 'n abradh è ris gach duine fa leth, "Sparram ort, air sgàth na h-umhlachd mhionnaicht' a dhligheas tu dhomhsa do Chruthai-fhear agus t'

“ fhear-saoraidh, sparram ort, cùl a chuir ris an  
 “ diabhol, ris an t’ saoghal, agus ris an fheoil, agus  
 “ pilleadh riumsa, chum ’s gum bi thu beo gu  
 “ tearuinte. Aontaicheam a ghuidheadh ort, ma tha  
 “ gràdh agad air an Dia chruthaich thu, no eagal  
 “ ort roimhe ; ma tha gràdh agad air t’ anam fein,  
 “ agus air beatha, seadh beatha shiorruidh, pill agus  
 “ bi beo ; mar a b’ àill leat tearnadh o dhòrainn bhith-  
 “ bhuan,” *Pill, pill, ciod uim’ a bhàsaicheas tu ?* Am  
 bheil cridh’ ann an duine, ann an creatuir reusont’,  
 is urrainn an cuireadh, an t’iartas, agus an earail dhùr-  
 achdach so a dhiultadh ? ma tha, nach gàbhaidh  
 cruaidh è !

Eisdibhs’ uile leis an ionmhuinn sibh fein agus ur  
 sonas : so an teachdaireachd is mò sòlas a thainig  
 riamh chum cluasaibh dhaoine, *Pillibh, pillibh, ciod uim’  
 a bàsaicheas sibh ?* cha do ghlasadh fo an-dòchas sibh.  
 So tròcair ’n ar tairgse ; pillibh agus gheibh sibh i.  
 A dhaoine, cia mòr an gairdeachas anma leis an còir  
 dhuibh gabhail ris an teachdaireachd so ! Tha fios  
 agam nach è so an ceud àm a chualadh sibh i : ach  
 cia mar a thug, no cia mar a bheir sibh anis fainear  
 i ? A pheacachaibh ain-eolach neo-chùramach, cluin-  
 nibh focal an Tighearna ! Cluinnibhs’ uil’ a dhaoin’  
 an-saoghalt’ a shàsaicheas ur n-anamiannaibh feol-  
 mhor ; sibhs’ a luchd-craois agus misge, a luchd neo-  
 ghloin’ agus mhionn ; sibhs’ a luchd cùl-chainnt,  
 maslaidh, anacainnt agus bhreugan ; *Pillibh, pillibh,  
 ciod uim’ a bàsaicheas sibh ?*

Cluinnibhs’ uil’ a luchd na h-aidmheil fhuar-  
 chràbhaich o ’n leth a muigh, a tha ain-eolach air  
 beatha Chrìosd nach do ghabh eolas riamh air cumh-  
 achd a cheusaidh agus ais-èiridh, nach do mhothaich  
 riamh ur n-anmaibh laiste le gràdh dha, agus nach do  
 ghabh beatha uaith-san, neart ur n-anmaibh ; *Pillibh,  
 pillibh, ciod uim’ a bhàsaicheas sibh ?*

Cluinnibhs' uile aig a' bheil intinne gun gràdh Dhe, gun togra 'n a dhiaigh, agus gun tlachd ann am muinghinn glòire; ach a tha ni 's toighiche gu mòr mu shuaimhneas agus mu shoirbheacha saoghalta, na mu shòlas neamhaidh? Sibhs' uile nach 'eil ach leth chràbhach, agus nach toir do Dhia ach an ùmh-lachd a sheachnas an fheoil; agus nach do chuir cùl ri 'r fein-spèis fheolmhor, agus nach do thrèig gach ni a tha agaibh arson Chrìosd le lan-run suidhicht' anma, ach aig a bheil ní saoghalt' eigin co'-luachmhor 'n ur barail 's nach dealaich sibh ris arson Chrìosd fein, ged a dh' iarras è oirbh è, ach leis an roighniche dol an cunnart a dhiom, na cùl a chuir ris an ni thoirmisgte sin, *Pilibh, pillibh, ciod uim' a bhàsaicheas sibh?*

Mur cualadh agus mur d' thug sibh roimhe so fainear è, cuimhnichibh gun d' innseadh dhuibh anis o fhocal De, ma philleas sibh, gum bi sibh beo; ach mur pill sibh, gum bàsaich sibh gun teagamh.

Ciod anis a ni sibh a dhaoine? Ciod è atha 'n ar rùn? Am pill no nach pill sibh? Na stadaibh ni 's faid' eadar dha bharail: ma 's è 'n Tighearn' ur Dia leanaibh è: ach ma 's i 'n fheoil ur Dia, thugaibh tuille gèill di. Ma 's fearr leibh neamh, na talamh agus sòlas feolmhor, thigibh agus iarraibh dùthaich a 's fearr, agus taisgibh ur n-ionmhas far nach truail meirg no léomann, agus far nach cladhaich agus nach goid meirleach, agus mosglaibh anis le 'r n' uile neart, a dh' iarraidh rioghachd nach gluaisear, Eabh. xii. 28. Builichibh ur n-aimsir air gnothach is àirde, agus pillibh sruth ur cùraim agus ur saothair chum sruth-chlais eile, anns nach b' àbhaist leo ruith. Ach ma 's fearr agus ma 's buaine leibh talamh na neamh; cumuibh agaibh è, deanaibh am feum a 's fearr leibh dheth agus leanaibh ris. A dhaoin' an do smuaintich sibh ciod è a ni sibh? Mur do smuaintich, bheir mi

earail no dha eil' oirbh, a shealtainn an toir reuson oirbh socrachadh air leas ur n-anmaibh.

1. Faicibh ciod è an sonas a dheasaich an Dia tràcaireach dhuibh : agus cia truagh an gnothach gun rachadh aon duin' am mughana dhiaigh so uile. Bha aimsir anns an robh cloidheamh lasarradh air an t-slighe, agus chumadh mallachd Reachd Dhe air t' ais thu, cia toileach air bith a bhitheadh tu chum pilleadh ri Dia : bha aimsir, anns nach b' urrainn thu fein agus t' uile chairdean saoghalta, maitheanas do pheacaidh a chaidh seachad a chosnadh dhuit, seadh ged a bhitheadh tu 'g a chaoineadh agus 'g a leasachadh gu la do bhàis. Ach thug Criosd an ceap tuislidh so as an t' slighe, le dorta fhola mar ar luach-saoraidh. Bha àm, anns an robh Dia aimhreidh riut, do bhrìgh nach d' fhuair è diòladh ann am brise a reachd : ach anis tha è co' diolt' ann an so, agus co-rèidh riut, 's gun d' thug è amach mar lagh, nach cuimhnich è do pheaca dhuit ni 's mo, ma ghabhas tu ri Criosd agus ri sonas air cùmhnant an t' soisgeil, mar atha è 'g an tairgseadh dhuit, agus 'g an cuireadh ort gu saor, a' dearbhadh dhuit, gur leat iad ma 's àill leat. Oir, “ bha è ann an Criosd, a' reiteachadh an t' saoghail “ ris fein, agus thug è dhuinne focal na rèite sin,” 2 Cor. v. 18, 19. A luchd ceannairc, tha iartas againn an teachdaireachd so a reic ruibh uile, mar o Dhia. “ Thigibh oir tha na h-uile nithe ullamh, “ Luc xiv. 17.” Am bheil na h-uile nithe ullamh, agus am bheil sibhse neo-ullamh ? Tha Dia ullamh a thoirt aoidheachd dhuibh, le maitheanas gach peacaidh a chuir sibh an gnìomh 'n a aghaidh, ma thig sibh. Cia fada, cia toileil, no cia uabhasach air bith a pheacaich sibh, tha Dia ullamh g'a thilgeil so uil' air cùl ma thig sibh. Ge do theich sibh o Dhia, mar a theich am Mac struidheil o Athair, agus ge d' fhan sibh co fhad uaidhe, tha è ullamh a ruidh 'n ar còmhaile, chum ur fàilteachadh ann an glacaibh a ghràidh,

le gairdeachas mu 'r ni-iompacha, ma philleas sibh. Gheibh an duin' an-saoghalt' agus am misg-fhear buairesach, Dia ullamh a chuir fàilt' orra, ma philleas iad. Nach iompaich so do chridhe? A pheacaich, mas cridhe feola, agus nach cridhe cloich' a th' agad, shaoilinn gun leaghadh so è. Am fan Ard-rìgh neamha ri d' philleadh, agus am bheil è ullamh a ghabhail riuts' a thug mi-ghnàthacha dha, agus a dhearmaid co fhad' è? An gabh è tlachd ann a t' iompachadh, agus gum b' fhrasda dha a cheartas a ghlòrachadh ann ad leir-sgrios? agus nach leagh so do chridhe cruaidh, agus nach 'eil thu ullamh gu pilleadh? Nach 'eil urrad aobhair agatsa bhi ullamh gu teachd, 's atha aig Dia a thoirt cuire failteach dhuit?

Ach cha 'n è so an t' iomlan; rinn Criosd a chuid fein air a chrann-cheusaidh, rinn è an t' slighe co rèidh dhuit chum an Athar, 's gur furasda dhuit triall oirre, agus 's è do bheatha air son Chriosd, ma thig thu. Agus nach bheil thu fhathast ullamh.

Dheonaicheadh, agus thairgeadh dhuit maitheanas anns an t' soisgeul. Agus am bheil thu ullamh a ghabhail ris?

Tha luchd teagaisg an 't soisgeil ullamh a chuideachadh leat, gu d' theagasg agus a labhairt briathra sith-chainnteach an fhuasglaidh ri t' anam, tha iad ullamh a dheanamh ùrnuigh air do shon, agus a nasgadh do mhaitheanas le fritheala suipeir naomh' an Tighearn; agus nach 'eil thu ullamh fhathast?

Tha uile luchd eagail De mu d' thimchioll ullamh a dheanamh gairdeachais mu t' iompachadh, a ghabhail riut ann an comunn nan naomh' agus a thoirt deaslamh a cho chomuinn duit, seadh, ged a thilgeadh roimh amach o'n cuideachd thu: cha 'n 'eil do dhànadas aca gun mhaitheanas a thoirt duit, an uair a chi iad o t' aidmheil agus o t' iompacha gun d' thug Dia maitheanas duit: cha 'n 'eil do dhànadas aca, do



pheacadh a chaidh seachad a chuir mar chunnuil ort, do bhrìgh gu bheil cinnt aca nach maoidh Dia ort iad. Cia maslach air bith do ghiulan san àm a chaidh seachad, ma philleas tu gu cridheil agus ma thig thu a steach, cha diult iad thu, abradh an saoghal na 's àill leo. Agus am bheil iad sin gu leir ullamh a ghabhail riut agus nach 'eil thus' anis ullamh a theachd a steach?

Seadh, tha neamh fein ullamh : gabhaidh an Tigh-earna riut chum glòir a chuid naomh, ge bu ghràineil a chnuimh thu, ma 's àill leat do ghlanadh; agus gheibh thu àit inbheach ann an làthair cathair a mhòrachd: bithidh na h-aingle mar chùl-choimhead a threòrachadh t' anma chum ionada còmhnuidh a ghàirdeachais, ma thig thu ach a steach gu neo-chealgach. Agus am bheil Dia, am bheil iobairt Chrìosd, am bheil an gealladh, agus maitheanas ullamh? Am bheil luchd-teagaisg, am bheil pobull De, am bheil neamh agus aingle ullamh, agus iad sin uile a' feith-eamh air t' iompachadh: agus nach 'eil thu fein ullamh? Ciod è? nach àill leats' a bha marbh o chionn fhada, gabhail ri beatha? nach àill leats' a bha co fhad as do bheachd, teachd gu d' chèill mar am mac struidheil? Nach àill leats' a tha an cunnart dol am mugha, gabhail ri teasairginn? Nach 'eil thu ullamh a dheanamh greim air Crìosd a shaoras tu an uair a tha thu deas gu dol fodha ann an doimhne dòrainn? nach àill leat do shaoradh o ifrinn, an uair a tha thu abuich ri d' thilgeil innte gun tearmann? Och a dhuine! am bheil fios agad ciod è tha thu a' deanamh? ma bhàsaicheas tu neo-iompaichte, thèid thu am mugha gun teagamh: agus cha 'n 'eil cinnt agad am bi thu beo gu ceann uaire: gidheadh ni bheil thu ullamh gu pilleadh agus teachd astigh. Och, a dhuine thruaigh! nach d' thug thu gèill làn fhada do'n diobhol agus do'n fheoil? nach 'eil do dhìol peacaidh agad? Am bheil am peaca co-math agus co-tarbhach dhuit 's a

shaoil thu? am bheil dùil agad gun dìong è tuille dhuit? An robh coilion cuire agus coilion tràcair, coilion buille agus coilion eisimpleir agad; agus am facadh tu coilion duine 'taisgt' anns an uaigh, agus nach 'eil thu sgìth de pheacadh, toileach cùl a chuir ris, agus teicheadh uaidhe chum Chrìosd? Ciod è! an diaigh do d' bharailibh mearachdach bhi air an leigeil ris duit co tric, an diaigh coilion tagradh coguis, coilion rùin agus geallaidh, nach 'eil thu ullamh chum pilleadh agus bhi beo? Och, nach 'eil do chridh' agus do shùilibh fosgailt' a leursainn mòr-luach na tairgse so! agus cia sòlasach an teachdaireachd air an do chuireadh sinn, seadh, a thoirt cuire dhuit, a chionn gu bheil na h-uile nithe ullamh?

2. Thoir fainear mar an ceudna, gach gairm a bha agad chum pilleadh agus bhi beo. Cuimhnich cia lionmhor, cia h-àrd ghuthach, cia dùrachdach, cia uabhasach, seadh, agus cia sòlasach mor-bhuidhneach do ghairm.

Oir 's è Dia fein do phrìomh-fhear cuiridh, 's è an Triath a riaghlas neamh agus talamh a tha sparradh ort pilleadh; pilleadh air ball agus gun dàil. Bheir è iartas do'n Ghrèin a cuairt a ruidh, agus èirigh ortsa gach maduinn, ge d' is creutair co ghlòrmhor i, agus ni 's mò gu ro mhor na an talamh, gidheadh, bheir i gèill da, agus cha mhi-bhuilich i a bheag g' a h-aimsir chumta. Riaghlaichidh Dia na reulta seachranach uile, agus na speuraibh neamhaidh, agus bheir iad gèill da. Bheir è iartas do'n fhairge traoghadh agus lìonadh, agus do'n chruthacha gu leir fuireach 'n a riaghailt fein, agus gèillidh iad uile. Bheir na h-aingle neamhaidh ùmhlachd da thoil, an uair a chuireas è iad a fhrithealadh do chnuimhibh diblidh talmhaidh mar sinne, Eabh. xi. 14. Gidheadh, ma dh' iarras è air peacach ach pilleadh cha toir è gèill da: saoilidh è gur glìce è fein na Dia, tagraidh è cuis peacaidh agus cha ghèil è. Ma labhras an Triath uile chumhachd-

ach ach am focal, gèillidh neamh agus a luchd-àiteachaidh uile dha : ach ma ghairmeas è geòcach o thigh na misge, cha ghèill è ; no ma bheir è gairm do pheacach an-saoghalta feolmhor, fhein-spèis fheolmhor a sheachnadh agus a mharbhadh, agus intinn a shocrachadh air oighreachd is fearr, cha ghèill è.

Nam b' aithne dhuit Dia, agus nam b' ionmhuinn leat è, thuigeadh tu a ghuth, agus ghlaodhadh tu, ag ràdh, " Is i so gairm m' athar, agus an ceadaich mo " chridhe dhomh gun a freagradh ?" Is aithne do threud Chrìosd a ghuth, èisdidh iad ris, leanaidh iad è, agus saodaichidh se iad air ionaltra na beatha shiorruidh, Eoin x. 4. Nam biodh beodhalachd spioradail, agus mothachadh agad, nach abradh tu nis, " is i so " gairm uabhasach mo Thighearna, co nach freagradh " i ?" oir *ars'* am Fàidh, Amos iii. 8. " Bheuc an " leomhann, co air nach bi eagal ?" cha duine Dia, gun deanadh tu moille, no gun deanadh tu sùgra ris. Cuimhnich na labhair è ri Pol ann an àm iompachaidh, " Is cruaidh ortsa breabadh an aghaidh nan " dealg," Gniomh. ix. 5. An dean thu tuille dimeis air guth an Tighearna ? an cuir thu an aghaidh nan Spioraid ? an druid thu do chluas' an uair a chluinneas tu a ghairm ? Co is mò a chreanas air so ? Am bheil fios agad co d'am bheil thu 'toirt eas-umhlachd, co ris a tha do chonnsoid, agus ciod a tha thu a deanamh ? Bu ghlice, agus b' usa gu mòr dhuit, connspoid a chuir air an sgitheach dheilgneach, agus a bhreabadh cos-ruisgte, no a phronnadh lamh-ruisgte, no do cheann a sparradh ann an tùrlach lasaradh. Na meallar sibh, cha ghabh Dia ri fanoid, Gal. vi. 7. Cia air bith eil' a ghabhas ri fanoid, cha ghabh Dia ris : b' fhearr dhuit sùgra ri teine ann am brat do thighe, na ri teine feirge loisgich do Thriath. " Oir " is teine millteach ar Dia," Eabh. xii. 29. O ! nach neo-iomchuidh an seise còmhraig do Dhia thu ! " oir " is baoghalach an ni tuiteam ann an lamhaibh an Dè

“ bheo,” Eabh. x. 31. Air an aobhor sin, 's uabhasach an gnothach connspoid a chuir air Dia, no cathachadh ris! Mar is ionmhuinn leibh ur n' anmaibh, thugaibh fainear ciod a ni sibh. Ciod a tha agaibh ri ràdh ma thòisicheas è ri 'r tagradh ann am feirg? Ciod a ni sibh, ma leagas è ach a lamh oirbh? An cathaich sibh an aghaidh a bhreitheanais an sin, mar a chuireas sibh anis an aghaidh a ghràis? Deir an Tighearna Dia, Isa. xxvi. 4. “ Annamsa cha 'n 'eil dian chorruich.” 'S è sin, cha 'n 'eil tlachd agam ann an leir-sgrìos; cuiream 'an gnìomh è le m' ann-toil: gidheadh, “ Cò ‘ chuireadh an droighionn agus an dreas a' m' agh-aidhs' anns a chath? rachainn rompa, loisginn iad le ‘ chèile.” Cha chòmhrag eadar da sheise, còmhrag tèine ri crìon-dhreasaidh.

Mar so chi sibh co a tha 'g ar gairm, agus aomadh sin sibh chum èisdeachd agus pilleadh air iartas: thugaibh fainear mar an ceudna, ciod an doigh, agus cia tric, agus cia dùrachdach a tha è 'g ar gairm.

1. Tha gach duilleag de leabhar beannuichte Dhe, mar gum b' ann, a' glaothaich riut gu h-àrd ghuthach, *pill agus bi beo: pill no bàsaichidh tu.* Am fead thu so a leughadh, no a chluinntinn, gun a thoirt fainear gu bheil Dia a' toirt gairm pillidh dhuit?

2. Is è so iartas gach searmoin a chuala tu: oir ciod eil' is crìoch do gach teagasg diadhaidh, ach bhi toirt cuiridh dhuit, a'g earralachadh, agus a' cuir impidh ort gu pilleadh.

3. Is i so comhairl' an spioraid a chuireas an impidh sin ort a rìs, agus a rìs, gu h-uaigneach a' sparradh ort pilleadh.

4. Is cosmhuil gur è so iartas do choguis fein air uairibh. Nach do leigeadh ris duit air uairibh, gu bheil fonn t' anma agus gnìomharra do bheatha mi-cheart? Nach innis do choguis gur eigin duit bhi mar nuadh-dhuine, agus nuadh-rùn altram ann a t' intinn; agus nach tric a ghlaodh i riut pilleadh?

5. Is è so iartas eisempleir luach-mhoir nan deagh-dhaoine. An uair a chi thu an giulan neamhaidh, 'n uair a chi thu iad a' teicheadh o 'n pheaca sin anns am bheil do thlachd-sa, nach glaodh so riut pilleadh.

6. Is è so iartas uil' oibre Dhe. Oir is iad sin mar an ceudna, leabhar Dhe, a theagaisgeas so dhuit, le 'm mòrachd, an gliocas, agus am maitheas, agus a ghlaodhas riut an Cruthai-fhear agus iad fein a thoirt fainear le mor-iongantas. Salm xix. 1. *Cuiridh na neamha an cèill glòir Dhè, agus nochdai na speura gnìomh a lamh.* Glaodhaidh a ghrian riut pilleadh, gach uair a dhealras i ort, mar gu 'n abradh i, “ Ciod uim' a “ shoillsicheas mis' an saoghal, ach a leigeil glòir a “ Chruthai-fhir ris do'n t' sluagh, agus a thoirt solas “ iuil doibh a dheanamh obair-san: agus am faic mi “ thus' a' deanamh obair peacaidh gach là, agus a' “ caitheadh do bheatha ann an trom-chodal an neo- “ churaim? Mosgail thus' a choidleas, agus èirigh o “ na marbhaibh, agus bheir Criosd solas duit. Ephes. “ v. 14. Is mithich dhuinn anis mosgladh o chodal: “ chaitheadh an oi'che, agus dhruid an là ruinn: “ uime-sin cuireamaid dhinn oibre an dorchadais, “ agus cuireamaid umainn armachd an t' solais. “ Gluaiseamaid gu cubhaidh mar anns an la, cha 'n “ ann an rui'teireachd no ann am misg, no ann an “ seomraibh ri macnus, no ann an ais-sith agus am “ farmud; ach cuiribh oirbh an Tighearn Iosa Criosd, “ agus na deanamh ullachadh arson na feola, chum “ a h-ana-mhianna a shàsachadh.” Roimh. xiii. 11. —14. B' è an teagasg so meadhon iompachaidh Augustin.

7. Is è so iartas gach tròcair a shealbhaicheas tu. Nan cluinneadh agus nan tuigeadh tu iad, glaodhaidh iad uile riut pilleadh: ciod uim' a' ghiulaineas an talamh thu, ach chum 's gu 'n iarradh tu an Tighearna, agus gun tugadh tu gèill d'a? Ciod uim' a thilgeas an talamh do lòn mar thoradh, ach a chum 's gun

deanadh tu riar an Triath? Ciod uim' a bheir an t' àile anail duit, ach a chum 's gun cliudhaicheadh tu do Chruthai-fhear? Ciod uim' ⁊ riarach na creatuire thu le 'n saothair, agus leo fein; ach chum 's gun riarachaidh tus' an Tighearna leo-san agus leat fein? Ciod uim' a bheir è dhuit ùin agus slainte, neart agus reuson, ach dheanamh a riar? Ciod uim' ata agad biadh, deoch agus eadach ach chum gèill a thoirt do d' Dhia? Am bheil ni air bith agad nach d' fhuair thu? Ma fhuair thu iad, nach reusonta dhuit a smuainteachadh, co uaidh' agus ciod uim' a fhuair thu iad, agus ciod è am feum is còir dhuit a dheanamh dhiu? An do ghlaodh thu riamh air cuideachadh o Dhia ann a t' eigin? agus nach do thuig thu ann an sin gum b' è do ghnòthach pilleadh agus gèill a thoirt do t' fhear-cuideachaidh, nan saoradh è thu! Rinn Dia a chuid fein, choigil è tamall beag eile thu, agus dhearbh è thu o bhliadhna gu bliadhna; gidheadh, nach pill thu? Is aithne dhuit coimeas a chroinn fhìge mhi-tharbhaich, Luc xiii. 6—9. *Ars' an Tighearna,* “Gearr a nuas è, c' arson a chuireas è dragh air an “fhearann?” Chuireadh impidh air, a dhearbhadh fad bliadhn' eile, agus an sin mur bitheadh è tarbhach a ghearradh. Rinn Criosd fein feum iomchuidh de 'n choimeas so, a rìs agus a rìs, anns an 3 agus anns an 6 rann. “Mur gabh sibh aithreachas, theid sibh “uil' am mugha mar an ceudna.” Cia h-iomad bliadhn' a bha dùil aig Dia ri toradh gràidh agus naomhachd uaitse, ach an d' fhuair è so? gidheadh chaomhainn è beo thu. Nach tric, le t' ain-eolas, do neo-chùram agus t' eas-umhlachd, a bhrosnuich thu 'n Dia co'-thròmach gu ràdh, *gearr anuas è, ciod uim' a chuireas è dragh air an talamh?* gidheadh, chuir tràcair impidh air ceartas, agus chum foighid am buille milteach uait gus anis; Nam biodh tuigse duin' agad, chluinneadh tu so uil' a' glaothaich riut pilleadh. “Agus am meas thu a dhuine, gun teid thu as o

“ bhreitheanas Dè ? No ’n dean thu dimeas air saibh-  
 “ reas a mhaitheis, fhoighidin agus fhad-fhulangais,  
 “ gun fhios agad gun treòraich maitheas Dè thu chum  
 “ aithreachais ? Ach a rèir do chruais agus do chridhe  
 “ neo-aithreachail, taisgidh tu dhuit fein fearg chum  
 “ la na feirge, agus foillseachaidh ceart-bhreitheanais  
 “ Dè: a bheir do gach aon a rèir a ghnìomhara.”  
 Romh. ii. 3—6.

8. Os-barr, is è iartas gach àmhghair gum pilleadh tu gun dàil. Glaodhaidh’ tinneas agus claidh riut pilleadh ; tha bochdainn, call chairde gaoil, agus am meangan is caoile de n t’ slait-smachdachaidh, a’ glaodhaich riut pilleadh ; gidheadh an toir thu cluas bhodhar do’n ghairm ? Thainig iad so dlùth dhuit, lot iad thu, agus tharraing iad osna ghearanach uait ; gidheadh, an toir iad ort gèilleadh.

9. Tha do bhith, agus cruitheachd do nàduir, ag iarraidh ort pilleadh. C’arson ata reuson agad ach chum thu fein a riaghladh, agus gèill a thoirt do d’ Thriath, eolas a ghabhail air a thoil, agus gluasad da rèir ? C’arson atha cridh’ eagalach, miannach, gràdhach agad, ach chum ’s gum biodh eagal an Tighearn’ ort, gun gràdhaicheadh, agus gum miannaicheadh tu è os ceann gach ni agus neach ?

10. Seadh, tha do mhòid agus do ghealladh fein do ’n Tighearn’, a’ glaodhaich riut pilleadh ris agus gèill a thoirt da. Naisg thu thu fein ris le coi-cheangal baistidh, thrèig thu an diabhol, sannt an-saoghalt’ agus t’ ana-mianna feolmhor ; agus dhaingnich thu do cho-cheangal le h-aidmheil an t’ soisgeil chrìostuidh, dh’ ath-nuadhaich thu air bord suipeir an Tighearn’ è, agus an aimsir do thinnis iarganaich : agus an geall, agus am mionnaich thu an ni nach co’-gheall thu gu bràth ; an geall thu pilleadh ri Dia agus nach pill thu ?

Nis co’-shìn iad sin uile r’a chèile, agus faic an crìoch. Tha ’n scriobtuir naomh, agus luchd-teag-

aisg soisgeil Chrìosd, agus an Spiorad naomh a' glaothaich riut pilleadh: tha do choguis fein, tha eisempleir agus impidh nan deagh-dhaoin' a' glaothaich riut pilleadh: tha an saoghal gu h-iomlan, agus gach creatuir a tha agad anns an amharc, a' glaothaich riut pilleadh: Tha foighidin fhad-fhulangach Dhe, a' glaothaich pill: tha gach tràcair a fhuair thu, a' glaothaich pill: tha slat-smachdachaidh Dhe, a' glaothaich pill: tha do reuson, agus cruitheachd do nàduir ag iarraidh ort pilleadh: agus mar an ceudna, tha gach gealladh agus mionn' a thug thu do Dhia, gu h-aon-sgeulach a' glaothaich riut pill: gidheadh a' bheil thu cuir romhad pilleadh?

3. Os-barr, a pheacaich chruaidh-chridhich thru-aigh! an do smuaintich thu riamh ciod i do dhaimh ris an Dia a tha fad na h-ùine so ag glaothaich riut pill? Is leis fein thu, dlighidh tu tha do bhith agus gach ni a tha agad, agus nach faod è a chòir fein iarraidh ort? Is tu a dhaor-oglaoch, agus aige-san amhain tha còir air do ghèill. Tha thu fa ràidh a thròcair, tha do bheatha 'na laimh: agus cha 'n àill leis do thearnadh air chùmhnannt air bith eile, ach cùmhnannt a shoisgeil: is lionmhor do naimhde mirunach spioradail leis am b' ait gun tràigeadh Dia thu: gun leigeadh è eadar iad fein agus thusa, agus gum fàgadh è thu fa ràidh an an-toil; chum gun leir-sgrìosadh iad thu gu grad. Agus cha n' fhaodar do shaoradh uatha, mur pill thu ri Dia. Thuit thu cheana fo fheirg-san le d' pheacaibh: agus cha 'n aithne dhuit cia fhad a ghiulaineas fhoighidin leat. Co aig a' bheil fios nach i so do bhliadhn, agus nach è so do là deireannach air thalamh? Tha cloidheamh Dhe ri d' chridh' am feadh ata fhocal ann a' d' chluais; agus mur pill thu, is duine marbh thu. Nam bitheadh do shùile co fhosgailte 's gum bu leur dhuit cia an t' àit air am bheil thu ad sheasamh, eadhon air bruaich ifrinn, agus nam be leur dhuit cia lion



mìle peacach atha ann an sin, nach do phill ann an là tairgse nan gràs ; nach bu mhithich leat amharc mu d' thimchioll ?

Seadh, a dhaoine, gabhaibh ar n anmaibh fein anns an amharc anis, agus innsibh dhomh an taitneach leibh tairgs' an Tighearna? Chuala sibh a rùn; cha taitneach leis ur bàs; tha è a' glaodhaich ruibh, *pillibh, pillibh*. Is uabhasach an nì mur gluais, seadh mur glidich so sibh; agus is uabhasaiche gu mòr, ma nì è sibh nì 's neo-chùramaich ann am boilsgin ar truaighe, a chionn gun cluinn sibh mòr-thruacantachd ur De. Innsidh oibreachadh an leighis duinn ann an cail-eigin, an ion duinn dùil a bhi againn r' ar slainte. O nach b' ait an sgeula leis an dream atha ann an ifrinn cheana, nam biodh an teachdaireachd so aca a Dhia! nach b' ait leo gu 'n abairte riu, *pillibh agus bithibh beo*? Seadh, nach bu shòlasach an sgeula leat fein, nam biodh tu claidhte le feirg Dhe ach car aon uair; no an diaigh claidh mìle no deich mìle bliadhna nan cluinneadh tu ach an cuire so o Dhia, *pill, agus bith beo*? Gidheadh, an dean thu dimeas air an teachdaireachd so, agus an leig thu do luchd teagaisg uait gun an gnothach?

Faicibh a luchd peacaidh, chuireadh sinn air theachdaireachd o 'n Tighearn', a chuir bàs agus beatha 'n ar tairgse; cluinneamaid co dhiu is roighniche leibh? Tha Criosd an so agus flaitheas na glòir' aig' an aon laimh, agus ifrinn na dòrainn anns an laimh eile, a' tairgseadh ur roghainn duibh; ach co dhiu is àill leibh? Criothnaichidh guth an Tighearna na creaga, agus nach bi geilt-chrith orts' an uair a chluinneas tu an Tighearn' a' bagradh, *mur pill gum bàsaich thu*? Nach cluinn, agus nach tuig thu an guth so, *Pillibh, pillibh, ciod air son a bhàsaicheas sibh*? Is guth gràidh so, guth teas-ghràidh nach fuaraich gu bràth, guth do charaid a 's fearr, agus a 's caoimhe, guth na tiom-chridhe agus na tròcair, mar

is furasda dhuit aithneachadh air fhuaim, agus am faod thu dimeas a dheanamh air? Is leur do 'n Tighearna do thriall, agus ceann t' uighe, ni 's fearr gu mòr na 's lear dhuit fein, agus uime sin, gladhaidh è air do dhiaigh, *pill, pill*. Is leur dha do leir-sgrios mur pill thu: Ars' an Tighearna ris fein; "Och " tilgidh am peacach truagh so è fein ann an dòrainn " shiorruidh' mur pill è; is eigin domhs' ann an " ceartas buntainn ris do rèir mo reachd cho'-thro- " maich." Agus air an aobhar sin gladhaidh è air do dhiaigh, *pill, a pheacaich pill!* Nam b' aithne dhuitse mar am mìle cuid, co mhath 's is aithne do Dhia, an cunnart d' am bheil thù buailteach, agus an truaigh is ceann-uighe do d' ghiulan, cha 'n fheum-eadh luchd teagaisg tuill' impidh a chuir ort chum pilleadh.

Os-barr, is è an guth sin a tha 'gladhaidh riuts', a chuir impidh cheana air na mìlte, agus a ghairm chum neamh ua h-anma sin uil' a tha 'g a h-àiteachadh: agus cha b' àill leo anis air mìle saoghal, nach freagradh iad, agus nach pilleadh iad ri Dia. Ciod anis atha 'n dream sin a phill air impidh Dhe a' sealbhachadh? Is leur dhoibh anis gum b' impidh ghràdhach a ghairm sin, agus nach robh i bàsmhor ach slainteil. Agus ma fhreagras tus' a ghairm sin, sealbhaichidh tu an sonas ceudna. Is eigin do na mìltibh ifrionnach bhi 'caoidh gu siorruidh' nach do phill iad, ach cha 'n 'eil anam air neamh leis an duilich gun d' iompaicheadh è.

Seadh a dhaoine, an àill no nach àill leibh pilleadh? Am feum mi tuill' a labhairt ruibh? Ciod a ni sibh? Am pill no nach pill sibh? A dhuine labhair ri Dia o d' chridhe, ge nach labhair thu riumsa: labhair air eagal gun gabh è do thosd mar dhiulta. Labhair air ball, air eagal nach toir è an tairgse cheudna dhuit tuille. Labhair do rùn gu neo-chealgach; oir cha 'n àill le Dia luchd leanamh-

ainn mealtach. Abair anis o d' chridhe, gun tuille fuireach, agus gun ghlideachadh as an àite so, " Le gràs Dhe is è mo rùn pilleadh air ball. Agus do bhrìgh gur aithne dhomh mo neo-fhoghainteachd fein, roighnich mi fuireach ri gràs Dhe, agus easan a leanamhainn 'na shlighe fein, mo ghiulan agus mo chuideachd ghnàthaichte fein a thrèigsinn, agus mi fein a thoirt suas do chomhairl' an Tighearna Dia."

A dhaoine, cha do dhruideadh suas sibh ann an dorchadas chinneach, no ann an ea-dòchas na h aitim a chaidh am mugha; tha beatha 'n ar tairgse agus gheibh sibh i air chumhnanta reusonta, ma 's àill leibh i; seadh, air chumhnanta saor agus gun luach, ma ghabhas sibh i. Tha slighe Dhe gu còmhnard rèidh ann ad làthair, fosglaidh an Eaglais dhuit, agus gheibh thu Criosd, maitheanas, agus naomhachd ma 's àill leat iad. Ciod atha agad ra ràdh? an àill no nach àill leat iad? mur àill no mur abair thu smid, ach gun gabh thu air t' aghaidh gun tamh, is Fianais Dia, an co'-thional so, agus do choguis fein, cia math an tairgs' a fhuair thu an diugh! Cuimhnich gun robh Criosd ann ad' thairgs' agus nach b' àill leat è. Cuimhnich an diaigh dhuit beatha shiorruidh a chall, gun robh i ad' thairgse, co mhath 's a bha i ann an tairgse dhain' eile, agus nach b' àill leat i; agus cha d' fhuair thu i, do bhrìgh nach pilleadh tu! Ach thigeamaid chum an teagaisg a 's faigse, agus cluinneamaid do leith-sgeul.

## TEAGASG VI.

*Tha 'n Tighearna' ag aontachadh a chèis a reusonachadh ri peacachaibh neo-iompaichte, agus a' fiosrachadh dhiu c' arson a bhàsaicheas iad?*

Is im-reuson iongantach so, mar a bhuineas do 'n chonnsoid agus do 'n luchd-connsoid.

1. Is i a cheist tha r' a connsachadh, c' arson is taitneach le luchd-aingidheachd iad fein a chuir am mugha? no ciod air son is fearr leo bàsachadh na pilleadh? agus am bheil deagh aobhar aca chum so a dheanamh?

2. Is iad an luchd-connsoid Dia agus daoine: an Dia uile-naomha, agus daoin' aingidh neo-iompaichte.

Nach iongantach an ni, gu bheil aobhar aig Dia a mheas, gur taitneach le duin' air bith bàsachadh agus dol am mugha gu sìorruidh? seadh, gur i so roghainn dhaoin' aingidh gu leir; no a chuid a 's mo do 'n t-saoghal? ach *arsa sibhse*, “ cha 'n fhaod sin “ bith! oir is nàdurra do gach neach gur ionmhuinn “ leis a thearmann agus a shonas fein; agus is fein- “ speiseile luchd-aingidheachd na daoin' eile, air a “ chuid a 's lugha; air an aobhar sin, an taitneach le “ neach air bith dol am mugha?”

1. Is è mo cheud fhreagra dha so, gur cinnteach nach taitneach le neach air bith olc mar olc, gidheadh is taitneach le neach an t' olc a ghabhas e an riochd a mhaith; cha mhò na sin is taitneach le neach dòrainn shìorruidh. Cha taitneach leis truaigh mar thruaigh.

2. Ach gidheadh, is ro fhior an ni sin a theagaisg Dia dhuinn an so, gum bàsaich agus gun tèid daoin' aingidh am mugha, do bhrìgh nach àill leo ach bàs agus dòrainn. Agus tha so soilleir air iomad doigh.

1. Do bhrìgh gun triall iad air an t' slighe chum ifrinn, ge d' innis Dia agus daoine dhoibh an crìoch agus ceann an uighe: agus ged a gheall Dia co tric 'na fhocal, ma ghabhas iad air an aghaidh anns an t' slighe sin, gun tèid iad am mugha; agus nach teas-airgìr iad mur pill iad, Isa. xlviii. 22. “ Cha 'n 'eil “ sìth, deir an Tighearna, do'n aingidh, Cha 'n aithne “ dhoibh slighe na sìth; ni mò tha ceart-bhreth “ nan ròidibh; rinn iad dhoibh fein ceuma cama; co “ air bith a shiubhlas annta, cha 'n aithne dha sìth.”

Tha focal agus mionn' an De bhith-bheo aca, mur pill iad, nach tèid iad a steach chum a shuaimhnis gu bràth. Gidheadh, tha agus bithidh iad aingidh, abradh Dia agus daoine an toil! tha agus bithidh iad feolmhor agus saoghalta, ge d'innis Dia dhoibh, “gur naimhdeas do Dhia cairdeas an t' saoghail, ge b'é air bith neach uime-sin leis an àill bhi 'na charaid do 'n t' saoghal, tha è na namhuid do Dhia.” Sheum. vi. 4. Mar so 's toileach leis na daoineibh sin dol am mugha, ge nach ann gu dìreach: is taitneach leo an t' slighe chum ifrinn, agus is ionmhuinn leo fìor-aobhar an claidh, ge nach taitneach leo ifrinn fein, agus ge nach ionmhuinn leo an dòrainn a 's eigin doibh fhulang.

Nach i so ur ceart staid a dhaoine? Cha bu mhath leibh bhi 'g ar losgadh ann an griosaich ifrinn gu siorruidh, ach lasaidh sibh teine na dòrainn le 'r peacaibh, agus tilgidh sibh 'na mheadhon sibh fein; cha bu math leibh bhi 'g ar claidh leis na deamhain gu siorruidh, ach ni sibh am mi-ghniomh a thoilleas sin duibh, an aghaidh gach impidh. Mar gu 'n abradh tu, “olaidh mi deoch de nimh bhàs-mhoir, gidheadh cha bhàsaich mi. Tilgidh mi mi fein bonn os ceann o bharr torr an-àird, gidheadh cha mhill mi mi fein; sàthaidh mi a bhiodag so ann am chridhe, gidheadh cha mharbh mi mi fein; cuiridh mi sop teine ri m' thigh, gidheadh cha loisg mi è.” Is ionann a thachair do luchd-aingidheachd; bithidh iad aingidh agus triallaidh iad a rèir an t' saoghail agus na feola, gidheadh cha 'n àill leo gun tèid am mugha. Ach nach aithne dhoibh gun treòraich na meadhona chum na criche? agus gun do chuir Dia roimhe 'n a lagh co'-thromach gur eigin doibh pilleadh no bàsachadh? Ma dh'òlas neach deoch de nimh bhàs-mhoir is ionann sin a's fein-mhilleadh; oir cha tachair ni 's fearr na sin da fa dheire: ge bu bhlasta leis i, arson mìlseachd an t' siucair leis an do choi-measgadh i, agus

ge nach b' urra neach air bith a chuir an cèill da gum bu nimh bhàsmhor i, agus nach faodadh è a h-òl gu tearainte; ach cha 'n i a bharrail agus a mhisneach fein a theasairgeas anam. Mar so, ma 's taitneach leibh misg', neo-ghloin' fheolmhor agus an saogh-altachd, is ionann so 's mar gu 'n abradh sibh gu soilleir, thèid sinn am mugha; oir gun teagamh air bith, thèid sibh am mugha gu siorruidh, mur pill sibh. Nach tugadh sibh achmhasan do 'n mheirleach amaid-each no do 'n fhear-mhurt, nan abradh è, " cuiridh " mi slad agus murt an gnìomh, ach cha chrochar mi," an uair is leur dha ma chuireas è fein a chiont' an gnìomh, gun cuir am breitheamh co'-thromach an dioghaltas an gnìomh mar an ceudna. Nan abradh è, *ni mi slad agus murt*, is ionann sin as mar gu 'n abradh è, *crochar mi*; agus ma ghabhas sibhs' air ur n-aghaidh ann an slighe na 'neo-ghloin', is ionann sin, a's triall chum ifrinn.

2. Os-barr, cha ghnàthaich luchd-aingidheachd na meadhona ris an do cho-cheangail Dia gu neo-sgarail fìor-dhòchas an t-sonais shiorruidh. Ma dhiultas neach biadh, is ionann sin, as cùl a chuir ri beatha, mur 'eil seol' aig' air bhi beo gun bhiadh. Ma dhiultas neach dol air asdar, is ionann sin 's a ràdh nach ruig è ceann uighe. Air tuiteam do neach ann an uisge, ma dhiultas è teachd as, agus mur ceadaich è do neach eile cuideachadh leis, nochd è gur àill leis è fein a bhàthadh do rìreadh. Mar an ceudna, mur àill leibhs' a tha neo-ghlan agus mi-dhiadhaidh, iompachadh, no na meadhona sin a ghnàthachadh leis an iompachir sibh, agus ma smuainticheas sibh gur anabharr neo-fheumail so r'a dheanamh, dhearbh sibh gur àill leibh dol am mugha rìreadh. Oir ma tha seol agaibh chum sibh fein a thearnadh gun iompacha fhuair sibh seola nach robh aig neach eile riamh.

3. Seadh, cha 'n è so uile, ach cha, 'n àill le luchd-aingidheachd sonas siorruidh fein, ge bu mhath leo

aca ni eigin ris an abair iad neamh, gidheadh cha 'n àill leo neamh mar ata i innte fein : is fuath le 'n anmaibh i. Is iad na neamha ionada còmhnuidh na fìor-ghloine gun smal, na fìor-naomhachd, an teas-ghràidh nach fuaraich gu-bràth, agus, na h-aleluia cheol-mhoir ; agus chataitneach le luchd-aingidheachd iad sin. Cha taitneach leo, an gràdh, an cliu, agus an naomhachd neo-iomlan a tha ri m faghail anns an t' saoghal so fein ; agus ni 's lugha na sin, an iomlaineachd neamhaidh : tha 'n sòlas neamhaidh co fhìor-ghlanspioradail, 's nach faod luchd-aingidheachd fhìor-mhiannachadh.

Mar so chi sibh nis an t' aobhar a bha aig Dia a mheas, gum bu taitneach le luchd-aingidheachd an leir-sgrìos fein : cha phill iad ga d' is eigin doibh pilleadh no bàsachadh : is fearr leo dol an cunnart truaigh shiorruidh na iompachadh ; agus chum suaimhneas a thoirt doibh fein ann am peaca, cuiridh iad mar fhiachaibh orra fein gun tearuinn iad gun iompacha.

2. Mar is aobhar iongantais a chonnsoid, is aobhar iongantais an luchd connsoid mar an ceudna. Is cùis iongantais gu 'n islicheadh Dia e fein co mhor, 's gun tagradh è a chùis ri duine ; agus gum bitheadh an duine co ro-chrosda d'hall, 's gum feumeadh è so uil' ann an cùis co shoilleir, seadh, agus gun cuireadh è an aghaidh gnothaich ris am bheil a shonas an earbsadh.

Cha 'n iongantach ge nach èisd daoine aingidh r'an luchd teagaisg, agus nach 'eil annta ach daoine mar iad fein, an uair nach èisd iad ris an Tighearna, arsa Dia, Esec. iii. 7. an uair a chuir è am Fàidh chum sliochd Israeil ; “ cha 'n èisd tigh Israeil riut ; “ oir cha 'n èisd iad riumsa ; oir tha tigh Israeil mi nàrach, agus cruaidh-chridheach uile.” Cha 'n iongantach ma chonnsaicheas iad an aghaidh an luchd teagaisg, an uair a chonnsaicheas iad an aghaidh an Tighearna fein, seadh, an aghaidh an fhocail a 's soil-

leir' a labhair è, agus a shaoileas iad gur ann aca fein a tha chòir : an uair a sgithicheas iad an Tighearna le briathraibh, is cainnt doibh, “ Co leis a sgithich sinn è ? ” Mal. ii. 17. Dh' fhiosraich na sagarta sin a rinn dimeas air ainm an Tighearn', a cheist an-dana so ; “ Co leis a rinn sinn dimeas air t' ainm ? ” agus an uair a thruaill iad Altair, agus a tharraing iad dimeas air bòrd an Tighearna, dh' fhiosraich iad gu minàrach ; “ Co leis a thruaill sinn thu ? ” Mal. i. 6, 7. Ach ars' an Tighearn', “ Is an aoibhinn dhàsan a ni “ stri ra Cruthai-fhear ! an t' slige chreadha ri fear “ deilbh na creadha, an abair a chria ris an ti a chumas “ i, Ciod atha thu a' deanamh ? ” Isa. xlv. 9.

*Ceist. C' arson a reusonaicheas Dia cuis ri duine ?*

*Freag.* Mar is creatuir reusont' an duine, buinear ris do rèir sin ; agus cuirear impidh reusont' air : chum na criche so thug Dia reuson d'a r'a ghnàthachadh do rèir iartais fein. Shaoileadh neach nach bu chòir do chreatuir reusonta, cuir an aghaidh an aobhair a 's fearr air domhan, an uair a nochdar dha e.

*Freag. 2.* Air a chuid is lugha, chi daoine nach d' iarr Dia ach ni reusont' orra, agus nach do thoirmisg è dhoibh ach ni mi-iomchuidh, agus air an aobhar sin gur iomchuidh dhoibh gèill a thoirt da, agus gur mi-iomchuidh dhoibh bhi eas-umhal. Mar so, 's eigin do 'n dream a thèid am mugh a ceartas De aideachadh, 's eigin doibh aideachadh gum bu reusonta dhoibh pilleadh ris ; is eigin doibh iad fein a dhiteadh, agus aideachadh nach bu reusonta dhoibh iad fein a mhilleadh le dearmad a dheanamh air Gràs De, ann an la tairgse na slainte.

## FEUM.

A luchd-aingidheachd, feuchaibh an dean sibh an t iul duibh fein leis an reuson a 's fearr a tha agaibh : chi sibh anis co ris a tha ur gnothach. A thruaghain ana-miannaich neo-iompaichte, ciod a tha agadsa r'a



radh? am bheil do dhànadas agad dol a chuir connspoid air Dia? an urrainn thu a thilgeil a reusoin-san bonn os ceann? Am bheil thu deas a dhol 'n a dhàil? Chuir Dia mar cheist ort, c'ar son a bhàsaicheas tu? am bheil freagra deas na ceiste so agad? An gabh thu os-laimh a dhearbhadh gur è Dia an coireach, agus nach tusa? Nach truagh an oirp so! An dara cuid, tha an eacoir aig Dia a tha 'g iarraidh t' iompachaidh, no agads' a tha diultadh iompachaidh: Ghlaodh è riut pilleadh, ach cha phill thu; tha è 'g iarraidh oirt pilleadh air ball, am fad sa mhaireas là tairgse nan gràs, agus tha thu 'g a chuir air ath-là, an dùil gur leoir dhuit pilleadh 'n a dhiaigh so. Is aill leis do lan-iompacha, agus gum bi thu mar nuadh-chreatuir naomh' agus aith-ghinte: agus saoilidh tusa gun dean ni is lugha na sin an gnothach, agus gur leoir an seann-duin' a leasachadh, gun fhàs mar nuadh-dhuine. Co nis aig am bheil a choire, aig Dia no agadsa? Tha Dia a glaothaich riut pilleadh ri beatha naomh, agus cha phill thu; is ni solleir o d' ghiulan eas-umhal, nach pill thu. Ma b' àill leat pilleadh, c'arson nach do phill thu cheana? agus ciod air son nach tionsgain thu 'nis? Tha do ghiulan fa cheansal do thoile fein. Faodaidh sinn a mheas air chinnt'nach àill leat pilleadh, o nach 'eil thu a' pilleadh. Agus ciod air son nach 'eil thu a' pilleadh? am bheil leith-sgeul agad ris am faodar leith-sgeul a ràdh?

Ge nach 'eil annams' ach cnuimh, agus do cho-chreatuir ea-comasach, bheir mi dùbhlán an fhir is glìce do 'n t sluaigh aingidh, an uair a thagras mi cùis mo Chruthai-fhir; agus is mòide mo mhisneach gu bheil fios agam nach tagair mi ach a chùis a tha Dia a' tagradh, agus nach 'eil mi a' connsachadh ach cùis na ti aig am bi a chuid is fearr fa dheire. Nam biodh agam ach an da aobhar choitcheann so ann a t' aghaidh, is cinnteach leam nach bi deagh aobhar air bith agads' air do thaobh fein.

1. Is cinnteach leam nach deagh aobhar a tha an aghaidh Dhe an reusoin agus na firinn ; oir cha solas a tha an aghaidh na grèine. Cha'n 'eil eolas ann an creatuir air bith, ach eolas a fhuair è o Dhia ; agus air an aobhar sin cha 'n fhaod neach bhi ni 's glìce na Dia : is an-dànadas a thoillean sior-chlaoidh do'n aingeil is àirde, bhi 'g a choimeas fein r'a Chruthai-fhear ; agus nach ro fhearg-thoilteanach an ni do mheall salachair, no do 'n ùmaidh a 'tha ain-eolach air fein agus air gach aon ni a chi è, agus a tha ni 's ain-eolaiche gu mòr na daoin' eile, cuir an aghaidh gliocais an Tighearna ? Is lan-fhoillseachadh air aingidheachd uabhasach agus àrd-chuthach dhaoin' ana-mèineach peacach, gun cuireadh famh co diblidh connspoid air a Chruthai-fhear, no cunnuil air fhocal : Seadh, tha sluagh 'n ar sgìreachdaibh a tha co ain-eolach bhruid-eil, 's nach urrainn iad freagra iomchuidh thoirt air ceist air bith a chuirear orra mu cheud-thùs a chràbh-aidh, gidheadh, a tha co ghlic 'n am barailibh fein, 's gun cuir iad cunnuil, agus connspoid gu h an dana air dearbh-fhirinn De, agus cha chreid iad i, ni 's faide na a cho-shìneas i-r' an neo-ghliocas fein ; oir is tearc smid ghliocais a chluinnear as am beul.

2. Mar ata lan-chinnt agam gu bheil a chòir aig Dia ; mar an ceudna, is leir dhomh gu soilleir, gu bheil a chuis a tha è a' dìteadh, co ghràineil, 's nach iomchuidh do dhuin' air bith a tagradh. Am faod deagh aobhar bhi ag duine de 'n t' sluagh lagh an Tighearn' a bhriseadh ; an Triath glòrmhor a cheanaich è, a mhaslachadh agus a mhi-ghnàthachadh ? Am faod deagh aobhar bhi aig neach air bith, anam neo-bhàsmhor fein a chuir am mugha ? Cluinnibh, agus comharraichibh ceist an Tighearna, *pillibh, pillibh, c'ar son a bhàsaicheas sibh ?* an ion duibh bàs siorruidh a mhiannachadh ? am bheil trom-ghaol agaibh air ifrinn ? Ciod è an t aobhar a tha agaibh sibh fein a mhille gu deonach ? Ma shaoileas sibh gu bheil

cail-eigin aobhair agaibh peacadh a cuir an gnìomh, nach ion duibh a chuimhneachadh gur duais do 'n pheaca bàs? Romh. vi. 23. Agus smuaintichibh am bheil aobhar agaibh sibh fein a milleadh eadar anam agus chorp gu sìorruidh. Cha chòir dhuibh amhain a chuir mar Cheist oirbh fein, an ionmhuinn leibh an nathair nimhe, ach an ionmhuinn leibh a Gath. Is nì co oillteil do neach sonas sìorruidh a a thilgeil uaidhe, agus peacachadh an aghaidh Dhe, 's nach faodar deagh aobhar a chuir air; ach mar is mòid a ghabhas è a leithsgeul fein, is mòid a nochdas è de Chuthach. Ge do bhiodh moir-fhearachd no rioghachd ann ad thairgse arson gach peacaidh a chuireadh tu an gnìomh, cho dìongadh an duais do chall, agus bu chuthach dhuit a cosnadh: bu ro shuarrach an tuarusdal, r'a choimeas ris an t' sonas a chailleadh tu; ge d fhaigheadh tu arson gach aingidheachd an nì is luach mhoir' agus is fearr leat air thalamh, chum do lùbadh gu peacadh. Ge do thoilicheadh tu an caraid is mò agus is fearr a tha agad; ge do bheireadh tu gèill do 'n Rìgh is àrd-inbhich' air thalamh; ge do theasairgeadh tu thu fein o 'n truaigh shaoghalta is dòrainniche, le peacadh; cha bu chòir dhuit gum bu leoir leat sin uil' a chuir impidh ort chum am peacadh a chuir an gnìomh. Nam bacadh do làmh no do shùil-dheas do shonas; b' fhearr dhuit an tilgeil uait na dol chum ifrinn g' an tearnadh. Oir cha tearnar blòidh dhiot ma chaillir thu fein gu h-ìomlan. Tha sìorruidheachd shona cho luachmhor, 's nach coimeas nì saoghalt' air bith dhi. Cha dìong beatha, crùn rioghail, no rioghachd, a call. Cha'n fhaod fìor-aobhar, no leith-sgeul bhi aig duine do 'n t' sluagh, a shonas sìorruidh a chuir an cunnart. Ma chailleas tu flaitheas na gloire, ciod a nì suas do chall? Ma thilgeas tu thu fein ann an ifrinn na dòrainn, ciod a lughdaicheas do thruaigh, no a bheir fuasgla no comh-fhurtachd dhuit gu brath? Air an aobhar sin, cha'n eil mòr -

luach ni 's leoir, ann an ni air bith, a ghabhail do leith-sgeil, ma dhearmaideas tu do shonas bith-bhuan: oir ars' ar Slanui-fhear, " Ciod è an tairbhe do " dhuine, ged a chosnadh è an saoghal gu h-iomlan, " agus anam a chall." Marc viii. 36.

A dhaoine, 's truagh nach aithne dhuibh mòr-luach nan nithe sin air am bheil sinn anis a' labhairt ruibh! Cha 'n i ur barails' a tha aig naomh-shluagh nam flaitheas orra. Nam faodadh an diabhol dol far am bheil iad sin an lathair Dhè air lasadh le teas-ghràdh d' an Triath, agus le h-umhlachd d'a naomh-reachd, agus nan tairgeadh an nàmhuid so dhoibh deoch bhuaireasach bhlasta, no ban-striopach, no cuideachd mhacnusach d' am mealladh o Dhia na gloire: guidheam oirbh innsibh dhomh, cia mar a shaoileas sibh a chòrdadh sin riu? Seadh, ge do thairgeadh am buaireadair dhoibh inbh agus cumhachd rioghail air thalamh, an saoil sibh gum mealladh so iad anuas o neamh? O cia mor an t'antlachd agus an fhanoid naomha leis an deanadh iad dimeas air an tairgse, agus leis an diultadh iad i! Agus c' arson nach deanadh sibhs' an ni ceudna, sibhs' aig am bheil neamh fosgailte d' ar creideamh, nam biodh creideamh agaibh chum so a thoirt fainear? Cha'n eil anam ann an ifrinn, do nach leur anis gur mi-chiallach neamh a reic arson sòlais fheolmhoir; oir cha bheagan macnuis no sòlais, cha bheagan saibhris saoghalta no urram, agus cha bheagan gean-maith no gealltanais dhaoin', a mhùchas tein' ifrinn, no a bheir co-leasacha do 'n neach a chailleas anam. O! nam faiceadh agus nan cluinneadh sibh na nithe sin a chreideas daoine' eil' o fhocal De, dh' aidicheadh sibh nach 'eil aobhar no barantas iomchuidh' aig duine do 'n t' slugh anam fein a leir-sgrìos, agus cha leigeadh an t'eagal duibh tamh aon oi'ch' eil' a ghabhail gus an rùnaicheadh sibh pilleadh agus bhi beo.

Ma chi sibh neach a' sparradh a lamh anns an teine gus an loisgear dheth i, is iongantach leibh so ; ach faodaidh caileigin de ghnè aobhair bhi aig neach chum so a dheanamh ; mar a bha aig Easpuig *Cranmer* a loisg dheth an lamh a chuir e ri pàpanachd. Ma chi sibh neach a' sgathadh cois no gàirdein deth fein, is sealla dèistinneach sin ; ach faodaidh deagh aobhar bhi aige chum so a dheanamh, eadhon a thearmann fein. Ma chi sibh neach a bheir a chorp d'a losgadh gu luathre, no g'a chlaoidh le h-innealaibh dòrainn, agus an neach sin fein a' diultadh tearmainn ; is ro-chruaidh so air fuil agus feoil. Ach faodaidh aobhar sàr-mhath bhi aige chum so a dheanamh ; mar á chi sibh, Eabh. xi. 35, 36. Agus mar a rinn iomad fianais no Mairtireach criostuidh. Ach duin' a chuir cùl ris an Dia a chruthaich è, agus a ruith chum tein' ifrinn, agus fios aig' air a chunnart, agus cuireadh aige gu pilleadh chum 's gum bi è tearuinte ; is giulan so nach gabh aobhar air bith a leithsgeul. Oir dìongaidh neamh gach ni a chaillear 'g a cosnadh, agus gach saothair a bhuillichear oirre. Ach cha dìong ni air bith call neamha.

Guidheam oirbh, anis fosglaibh ur n-anmaibh do 'n teagasg so. Mar a leigeadh ris duibh nach 'eil aobhar agaibh sibh fein a mhilleadh, innsibh dhomh c' arson a dhiultas sibh pilleadh ri Dia chum bhi beo gu sona ? C' arson nach bi sibhs' a luchd an-saoghaltachd, misge, ain-eolais agus neo-churaim, co naomha agus co' chùramach m' ur n anmaibh ris gach dream eile is aithne dhuibh ? Nach bi ifrinn co loisgeach dhuibhs' as do 'n chuid eile de 'n t' sluagh pheacach ? Nach còir d' ar n anmaibh bhi co luach-mhor agaibh 's atha an anma fein aig daoin' eile ? Nach 'eil urrad ùghd-arais aig Dia os ur ceann, 's atha aige os an ceann-san ? air an aobhar sin, c' arson nach sluagh naomhaichte sibh co mhath riu-san ?

A dhaoine, reusonaich Dia ruibh o nàdur na cùise fein, agus nochd è dhuibh gu soilleir, nach mò tha do aobhar agaibh bhi mi-naomha, na tha agaibh ur n anmaibh fein a mhilleadh; agus mur tuig sibh so, agus mur pill sibh, is cosmhuil gu bheil sibh an staid ea-dochais.

Agus anis, an dara cuid tha aobhar agaibh a dh' ionnsuidh ar deanadais, no cha 'n 'eil. Mur 'eil an cathaich sibh an agaidh reuson? An dean sibh ni agus gun aobhar agaibh a dheanamh? Ach ma shaoileas sibh gu bheil aobhar agaibh, taisbinibh è. Reasonaichibh a chùis riumsa ar co-chreatuir, car tanaill bhig, oir is usa dhuibh so gu mòr, no a reusonachadh ri Dia. A dhuine, innis domh nis, an làthair an Tighearna, mar gum biodh tu ri bàsachadh air ball, c' arson nach rùnaich thu pilleadh an diugh, seadh, mun gluais thu a ionad do bhonn? Am bheil aobhar agad so a dhiultadh no a dhearmad? Am bheil aobhar agad a thoilicheas do choguis fein? Am bheil aobhar agad a thagras tu gu dàna mar do leithsgeul an làthair cathair bhreitheanais do Thriath; ma tha aobhar agad cluinneamaid è, cuir an cèill agus dearbh è. Ach mo thruaigh is anacainnt gun seadh an àite reusin, a tha sinn a' cluinntinn gach là, o 'n t' sluagh an-diadhaidh. Bu nàr leam a h-ainmeachadh mur b' eigin domh.

1. *Ars' aon-neach, mursaorar ach na daoine' iompaichte, naomhaichte' mar a labhras tusa, an sin cha bhi neamh ach falamh, agus gun cuidicheadh Dia leis a mhorshluagh.*

*Freag.* Coid e! is cosmhuil gun saoil sibh nach 'eil eolas aig Dia, no nach ion a chreidsinn! Na measaibh gur sibh fein an t' iomlan, oir tha naomhshluagh gun àireamh aig Dia. Ach is fearr dhuibh am feum sin a theagaisg Criosd a dheanamh do 'n fhìrinn so: Mat. vii. 13, 14. “Rachaibh a steach  
“ air an doras chumhann le spairn; oir is cumhann,  
“ an doras agus is aimhleathan an t' slighe e threor-

“ aicheas gu beatha, agus is beag a gheibh eolas oirre ;  
 “ ach is farsaing an doras, agus is leathan an t' slich'  
 “ a threoraicheas gu sgrios, agus, is mòr a thèid a  
 “ steach oirre.” Luc. xii. 32. Arsa Crìosd r'a naomh-  
 shluagh, “ na biodh eagal ort' a threud bhig : oir is  
 “ i deagh-thoil ur n-Athar an rioghachd a thoirt  
 “ duibh.”

*Cun. 2. “ Is cinnteach leam ma thèid mo leithidse  
 “ chum ifrinn, nach bi di cuideachd oirre.”*

*Freag.* Agus am fois no co'-fhurtachd dhuitsa sin ?  
 no an saoil thu nach faigh thu ni 's leoir de chuideachd  
 air neamh ? An caillear le di cuideachd thu ? No  
 'n creid thu nach cuir Dia a bhagrachd an gnìomh, do  
 bhrìgh gu bheil a choilìon duine ciontach ? Is bar-  
 aile mealtach iad sin uile.

*Cun. 3. Ach tha na h-uile dhaoine peacach, seadh  
 an dream is fearr.*

*Freag.* Ach cha sluagh peacach neo-iompaichte na  
 h uile dhaoine. Tha naomh-shluagh Dhe saor do  
 pheacadh gràineil ; is uallach trom agus aobhar bròin  
 leo an laigse ; is è an guidhe dùrachdach gach la gun  
 lughdaicheadh Dia i ; cathaichidh iad gu spàirneil 'n  
 a h-aghaidh gach là, agus is bliadhna lèo gach uair  
 gus am bi iad saor dhith. Cha'n 'eil iad fo cheannas  
 peacaidh,

*Cun. 4. Cha leur dhomh gur fearr luchd-aidmheil a  
 chreidimh na daoine eile : tha iad co shanntach chealg-  
 ach, fhoir-neartach ri sluagh air bith.*

*Freag.* Cha 'n ionann do dheanads luchd beul-chrà-  
 bhaidh, agus do ghniomharaibh dhaoine naomhaichte.  
 Tha sluagh gun àireamh, taitneach ann an sealladh  
 Dhe : ge do chuireas an saoghal mi-runach iomad ciont'  
 as an leth, air nach do smuaintich iad riamh, agus  
 nach dearbhar gu brath. Is tric le luchd-aingidheachd  
 an naomh-shluagh a dhèidheadh arson peacaidh cridhe,  
 nach leur do neach ach do Dhia fein ; gun aobhar air  
 bith, ach do bhrìgh nach urrainn iad a dhearbhadh 'n

an aghaidh, gach ciont' a tha soilleir 'n an gnìomh-  
araibh fein.

*Cun. 5. Ach cha duine neo-ghlan, misgeach, no foir-  
neartach mise ; agus air an aobhar sin, c' arson a  
ghlaodhas tu rium iompachadh.*

*Freag. 5. Mar nach ginteadh thu agus pòr nan ana-  
mianna feolmhor ann ad nàdur, agus mar nach gluais-  
eadh tu d' an reir co mhath ri daoine eile ! nach peaca  
co mòr riu sin, inntinn thalmhuidh gun chreidimh gun  
umhlachd a bhi ann an duine, agus an gràdh a dhligh-  
ear do Dhia a thoirt do 'n t' saoghal ? Seadh, ceada-  
ichibh dhomh innseadh dhuibh, gu bheil mòran a  
sheachnas peacadh maslach, co tàite ris an t' saoghal,  
co tràileil do 'n fheoil, co ain-eolach air Dia, agus mu  
neamh nan giulan lochdach, 's a tha daoine eile 'nan  
gnìomharaibh peacach a tha gu nàr follaiseach.*

*Cun. 6. Cha 'n 'eil mi mi-runach, no cronail do neach  
air bith ; agus c' ar son a leir-sgrìosas Dia mi ?*

*Freag. An cron leat di-meas a dheanamh air an  
Dia a chruthaich gun mhearachd thu, agus a chuir  
chum an t' saoghail thu ga d' sdiuradh gu sonas le  
focal a chumhachd ? an cron leat barrachd speis a  
thoirt do 'n chreatuir na bheir thu do 'n Chruthai-  
fhear ; agus a thairgse ghràsair a dhiultadh gu  
tàireil gach là ? Is è doimhne do pheacaidh bhi gun  
mhothachadh air : cha mhothaich am Marbh gu bheil  
è marbh ! Nan ath-bheothaichte thu, chithe tu tuille  
do mhearachd annad fein, agus b' iongantais leat gun  
robh thu co neo-mothachail air do chunnart.*

*Cun. 7. Is meallta mi, mur cuir thu daoine air boile  
an àit an iompachaidh ; is leoir a chuir sluagh bochd  
'nam breislich, bhi smaoinich oir gnothach a tha co  
anàrd os ceann an tuigse.*

*Freag. 1. Am faod thusa bhi ni 's mo air boile na  
tha thu ? air a chuid is lugha, am bheil cuthach is  
cunnartaiche na dimeas a dheanamh air do shonas  
siorruidh, agus thu fein a mhilleadh gu deonach ?*



2. Cha 'n 'eil duine fìor-shocrach an cèill gus an iompaichear è ; cha 'n aithne dha Dia, no Criosd, cha 'n aithne dha è fein, no an saoghal ; cha 'n aithne dha peacadh ; agus cha 'n aithne dha an gnothach a dh'earb Dia ris a dheanamh air thalamh, gus an iompaichear è. Ars' an sgrìobtuir *Is mi-rèusont' an sluagh aingidh, no, is amaideachd le Dia gliocas an t saoghais,* 1 Cor. i. 20. Agus air teachd do 'n Mhac struidheil gu cheill, rùnaich è pilleadh, Luc. xv. 17. Nach glic an saoghal, an uair a bheir iad eas-umhlachd do Dhia, agus a ruidheas iad chum ifrinn, air eagal bhi gun chiall ?

3. Ciod a th' anns an obair a dh'iarras Criosd, a chuireas duin' as a bheachd ? An cuir teas ghràdh do Dhia, earbs' as, gairm air, smuainte sòlasach air glòir shiorruidh, cùl a chuir ri peaca, gràdh bràthaireil, agus spèis do obair an Tighearna ; An cuir na nithe sin daoin' air mhearaichinn ?

4. An uair a ghearaineas sibh gu bheil na nithe sin an-àrd air arson, tha sibh a' dèidheadh Dhe fein ; do bhrìgh gun d' thug è na nithe sin duinn mar obair, agus gun do chuir e fhocal an cèill duinn, a' sparradh air gach neach leis an àill sonas, *gluasad d'a rèir gach o'ch' agus là.* An an-àrd ri beantainn doibh, na nithe sin chum an do chruthaichheadh sinn, agus chum an bheil sinn beo ? Ma gearaineas sinn so, ni sinn neo-dhaoine brùideil dhinn fein ; agus tha sinn mar dhreám nach bean re gnothaichibh is àirde na nithe talmhuidh feolmhor. Ma 's an-àrd na flaitheas ri smuainteachadh orra, agus deanamh air an son, is an-àrd iad mar an ceudna r'an sealbhachadh gu bràth.

5. Nan ceadaichheadh Dia do dhuine ceann-lag, a chiall a chall air uairibh le smuaintibh air nithe siorruidh ; tharladh so o ain-eolas an duine sin air nithe siorruidh, agus do bhrìgh gun do thriall e gun Fhear iuil : agus b' fhearr leam gu mor mor bhi ann an

staid an fhir sin, na ann an staid an t sluaigh cheann laidir neo-iompaicht' a mheasas mire cuthaich mar an gliocas.

*Cun. 8. Shaoilinn nach 'eil urrad churaim aig Dia de smuaintibh, de bhriathraibh, agus de gnìomharaibh dhaoine; 's nach 'eil è caoin-shuorrach umpa.*

*Freag.* Tuigear uaidh' so nach creid sibh focal Dè, agus mur creid, ciod è a chreideas sibh? Nach tugadh ur reuson fein duibh teagasg a's fearr na chunnuil so, ga nach creid sibh an sgrìobtuir? An saoil sibh nach robh cùram aig Dia dhinn, an uair dh' aontaich è ar cruthachadh le focal a chumhachd, ar cumail suas le a laimh thrèin, agus ar n altrum le a mhaitheas nach traogh? An dean duine glic obair innealt' an diomhanas? An dean no an ceannaich sibh uair-eadair adh'amharc air gach là, gun chùram a ghabhail am bi è ceart no mi-cheart? Air chinnte mur creid sibh gu bheil sùil aig Dia 'n a fhreasdal sonraicht' air ur 'n intinnibh, agus air ur giulan, cha chreid sibh gu bheil sùil aig' air ur n uireasbhui, no gun diolar leis e. Agus nan gabhadh Dia cobeag cùram dhibh's a shaoil-eas sibh, cha bhiodh sibh beo gus anis: bhitheadh ceud galar ann an gleac spàirneil adh' fheuchainn co dhiu is luaith' a chuireadh as duibh. Seadh, thathaicheadh na deamhain sibh agus dh' fhuadaicheadh iad leo sibh beo, mar a chosgras an garbh-iasg am min-iasg, agus an ealt fheoil-reubach na h-ealtadh eile. Cha 'n urrainn duibh a smuainteachadh nach do chruthaich Dia an duine chum crìch no feum eigin: agus ma chruthaich è chum feum air bith e, is ann a chum bhi sonadh ann an gèill a thoirt da fein. Agus an saoil sibh nach math le Dia gum freagadh an duin' a chrìoch sin, agus gun deanadh è an obair chum an do dhealbh-adh è; an obair o' n sruth sonas da anam?

Seadh leis a chunnuil an-diadhaidh so, b' aill leibh a dhearbhadh, gun do chruthaich agus gun do chum

Dia suas an saoghal an diomhanas. Ach c' ar son a chruthaich e creatuire iochdaranach na talmhainn, ach a chum feum an duine? Nach 'eil an talamh 'g ar giulan, agus 'g ar n-altrum? Nach 'eil gach beathach a tha air, a' freasdal d'ar feum, leo fein agus le 'n saothair? An do dhealbh Dia àros co ghlòir mhor; an d' thug è do 'n duine mar ionad comhnuidh è; agus an do chruthaich è luchd freasdaill d'a mar an ceudna; agus anis an saoil sibh nach 'eil dùil aig Dia ri ni eigin o lamhaibh an duin' air a shon so uile? An saoil sibh gur coma le Dia ciod è a smuainticheas, a labhras, no a ni an duine? ma shaoileas sibh so, tha ur barail ro mhearachdach.

*Cun. 9. Nach bu mhaith an saoghal, an uair nach robh an cràbhadh co dochrach do 'n t sluagh?*

*Freag. I.* Bu ghnàth leis gach linn an aimsir a chaidh seachd a chliuthachadh. Bu ghnàth leis an t' saoghal a tha thus' ag' cliuthachadh a ràdh gum b' fhearr linn an sinnsearachd no an linn fein agus b' i roghainn an sinnsearachd an linn a chaidh seachad: b' è so gearan gach linn de 'n t' saoghal. Is leur dhuinn olc ar linne fein, ach cha leur dhuinn an t'olc a chaidh seachad.

II. Mar mo bharail, tha sibh da rìreadh: oir saoilidh daoine an-saoghalta nach 'eil linn is fearr na an linn is taitniche leo fein: an linn anns am bi iad subhach sòlasach. Agus cha 'n 'eil è mar cheist orm, nach abair an diabhol co-mhath ruibhse gur iad na linne a chaidh seachad a b' fhearr, an uair a fhuair è fein mòran sòlais, anabharra gèill, agus beagan easumlachd. Ach 's è saoghal a 's fearr gu mòr an uair a gheibh Dia mòran gràidh, speis agus umhlachd. Agus ciod eil' an dòigh air an aithnich sibh maitheas no olcas an t' saoghail ach so?

*Cun. 10. Tha coimhlion gnè chràbhaidh ann, 's nach 'eil fios againn ciod è an creidimh d' am bi sinn ; uime sin, fanaidh sinn mar tha sinn.*

*Freag.* Do bhrìgh gu bheil iomad gnè chreidimh ann, am bi thusa do 'n chreidimh is meas' is aithne dhuit? Cha 'n 'eil neach is faide o shligh' an fhior-chreidimh na am peacach an-saoghalta, ifrionach, neo-iompaichte ; oir cha chuir a bharail so, no a bharail ud air seachran è, mar neach eile : ach is aon seachran claon a bheatha gu h-iomlan. Nan rachadh tu air turus ris am biodh t' anam an earbsa, an stadadh, no am pilleadh tu air t' ais, do bhrìgh gun tachradh slighe neo-chòmhnard gharbh ort, no do bhrìgh gum faiceadh tu cuid de 'n luchd-astair a' triall air sligh' a mharc-shluaigh, cuid air slighe nan coisichean, agus cuid a' leum fàil, seadh, agus cuid eil' a' call na slighe air fad? no nach b' fhearr leat an t sligh' iarraidh gu cùramach spairneil? Ma tha cuid de luchd-tuarasdail agad, nach 'eil eolach air t' obair a dheanamh gu ceart, agus cuid a tha mi-dhìleas, am bu mhath leat càch eil' a bhi diomhain, do bhrìgh gum faic iad an co luchd-tuarasdail cuid ri mille gnothaich, agus cuid eile ri macnus?

*Cun. 11. Cha leur dhomh gur fearr staid dhaoine diadhaidh no staid dhaoin' eile. Tha iad co aim beartach dhocrach ri luchd-aingidheachd fein.*

*Freag.* Abair gu bheil daoine diadhaidh ni 's aim-beartaich agus ni 's docraich na daoine eile, an uair a chi Dia sin iomchuidh : gidheadh an saoil thu gur tuarasdal leo socair agus saibhreas saoghalta? Thaisg iad an ionmhas agus am muinghinn ann an saoghal eile, no cha 'n fhior Chrìosdui'ean iad. Mar is lugha tha aca, is mòid' a tha aca r'a fhaghail : agus

fanaidh iad gu neo-ghearanach, gus an toir Dia dhoibh na nithe sin a tha dh' easbhuidh orra, a dheanamh an sonais iomlan.

*Cun. 12. An diaigh dhuit urrad a ràdh 's is urrainn thu, is i mo rùnsa, mo dhòchas a chuir ann an Dia, agus earbs' a dheanamh as, an ni is fearr a tha am chomas a dheanamh, ach gun urrad leth-trium a chuir orm fein le cràbha 's atha thus' ag iarraidh orm.*

*Freag. 1.* An è sin a bhi 'deanamh an ni is fearr a tha ann ad chomas, an uair nach pill thu ri Dia, ach a bhitheas do chridh' an aghaidh gèill dhùrachdaich naomh' a thoirt dha? Creideam gur' è sin an ni is fearr a tha ann ad rùn, ach cha 'n è an ni is fearr a tha ann ad chomas ; agus 's è sin aobbar do dhòrainn fa dheireadh.

2. Is è m' iartas dùrachdach, gun cuir thu do dhòchas ann an Dia, agus gun dean thu earbs' as. Ach ciod è ris am bheil do dhùil? An i do dhùil gu 'n teasairgear thu, ma philleas tu, agus ma naomhaichear thu? Gheal Dia sin duit; agus na caomhuinn dùil a bhi agad ris. Ach ma shaoileas tu gun teasairgear thu gun iompachadh agus gun bheatha naomha, cha 'n è so dòchas a chuir ann an Dia, ach anns an diabhol, agus ann ad fein: oir cha d' thug Dia an gealla so dhuit, ach a cheart atharrach: ach thug an diabhol agus t-fhein-spèis dhuit è, agus mhosgail iad an dòchas sin annad.

Seadh, mur 'eil cunnuil agaibh an aghaidh iompachaidh agus bèatha naomha ach an leithid sin, chaill sibh ur saothair, oir ni bheil annt' uil' ach neo-ni: agus ma shaoileas sibh gur deagh aobhar dhuibh gach cunnuil dhiubh sin, a chuir impidh oirbh cùl a chuir ri Dia agus sibh fein a thilgeil ann an ifrinn na dòrainn; gun teasairgeadh Dia sibh o leithid sin do reuson, agus o chruaidh-chridh' ain-eolach gun mhoth-

achadh. Am bi do mhisnich agaibh gach cunnail dhiubh sin, a chuir an cèill mar leith-sgeul, ann an lathair cathair-breitheanais an Dè mhoir? An saoil sibh gur leith-sgeul do neach air bith a ràdh ris an Tighearna, “ cha do phill mi do bhrìgh gun robh “ urrad agam r’a dheanamh air thalamh ; a chionn “ nach bu taitneach leam giulan cuid de luchd- “ aidmheil a chreidimh ; agus do bhrìgh gu’m facadh “ mi co’ lion gnè chràbhaidh aig daoine.” O, cia grad a leigeas solas an latha sin ris, laigse mhaslach nan cunnuile sin. An robh an saoghal agad ri cùram a ghabhail deth? Thugadh an saoghal d’ an d’ thug thu gèill, do thuarasdal duit, agus teasairgeadh è thu ma ’s urr’ è. Nach robh saoghal a b’ fhearr agad ri cùram a ghabhail deth air tùs? Nach do sparradh ort rioghachd Dhe agus a ceartas iarraidh air tùs, agus nach do ghealladh gun cuirear na h-uile nithe eile riut, Mat. vi. 33. Agus nach d’ innseadh dhuit, gu bheil an diadhachd aig am bheil gealla na beatha a tha làthair, agus a tha chum teachd, tarbach chum nan uile nithe, 1 Tim. iv. 8. An do chum peaca luchd-aidmheil a chreidimh air t’ ais thu? Bu chòra dhuit bhi ni b’ fhurachair, agus rabhadh a ghabhail o ’n cùl-sleamhnacha san gu bhi air t’ fhaicill, agus bhi ni ’s cùramaich ; is è an sgrìobtuir agus cha ’n è an giulan-san bu riaghailt duit. An do chum iomad gne chreidimh an t’ saoghail air t’ ais thu? Cha do theagaisg an sgrìobtuir, riaghailt do ghiulan, duit ach aon slighe, agus b’ i sin an t’ slighe cheart : nan leanadh tu a chuid a bha còmhnard reidh dh-ith, cha rachadh tu riamh air seacharan. Nach cuir an leithid so do fhreagraibh amla tosdach ort? — Mur cuir, tha seol’ eil’ aig Dia, a chuireas tosd ort gu siorruidh. An uair a chuir Dia mar cheist air an duine neo-iompaichte, Mat. xxii. 12. *A charaid cionnas a thainig thus’ ann so gun trusgan na bainse umad?* Is è sin ri ràdh, ciod è do ghnothach do m’ eaglais, ann

am measg m' fhior-luchd-cràbhaidh, gun chridhe agus giulan naomh' agad? Ciod am freagra thug an duine neo-iompaicht' air a cheist so? Cha d' thug focal; ach bha è tosdach, gun a bheag r' ràdh aige. Druididh a cheist shoillear so, agus mòrachd uabhasach na diadhachd, beul nan daoine aingidh sin is tul-chuisiche 'n ar measg, ge nach cuirear cosg ortsa, le h-aon ni is urrainn luchd teagaisg a ràdh riut anis, ach connsaichidh tu gur ceart do chùis fein cia mi-cheart air bith i. Tha dearbh-fhios agam nach bi feum dhuit fa dheire, ann an aon leith-sgeul is urrainn thu anis a chuir au ceill, an uair a rannsaichear do chùis an làthair an Tighearna agus an t' saoghail gu lèir.

Seadh, 's gann a chreideas mi gur taitneach le 'r coguisibh fein ur leith-sgeulan. Oir ma 's taitneach is cosmhuil nach 'eil aithreachas 'n ar rùn. Ach ma tha so 'n ar rùn, is cosmhuil nach mòr ur n-earbs' as a chunnuil a tha sibh a' cuir air, no as an leith-sgeul a tha agaibh 'n a aghaidh.

Ciod è anis a pheacaich neo-iompaichte? am bheil deagh aobhar agad gun iompachadh air ball agus le t' uile chridhe? no an triall thu chum ifrinn a dh' ain-deon gach reusoin? Thoir an aire dhuit fein trà, oir is ro ana moch dhuit sin a' dheanamh gu goirid. Am faod thu gearan a dheanamh air Dia, air obair, no air do thuarasdail? Am measa an t' uachdaran Dia na an diabhol agus an fheoil d'an gèill thu? Am bheil cron ann an giulan naomha? Am fearr giulan an-saoghalta, agus mi-naomha na è? An abair do choguis riut gun dean iompachadh agus beatha naomha do chron? Ciod an cron a ni iad? An olc leat spiorad Chrìosd a bhi annad? An olc leat cridhe fìor-ghlan? Nam b' olc bhi naomh', an abradh Dia, *bithibh naomha, oir tha mise naomha!* 1 Pead. i. 16. An olc bhi cosmhuil ri Dia? Nach do chruthaich *Dia an duine do reir a dhreach fein?* Is i an naomhachd so iomhaigh Dhe: Chaill Adhamh i, agus is àill le Crìosd a h-ais-

eag dhuitsa, agus do'n dream sin uil' a theasairgeas è le fhocal agus le spiorad. C'arson a bhaisteadh thu fein agus do Chlann do'n Spiorad naomha, mar do t' fhear-naomhachaidh, mur àill leat gun naomhaichir thu, agus ma shaoileas tu gun dean naomhacha do chron? Innis domh gun bhreug, mar ann an làthair an Tighearna; ge d' is leasg leat bhi naomha, nach b' fhearr leat bàsachadh mar naomh, na mar dhroch-dhuine? Nam bitheadh tu ri bàsachadh air ball, nach b' fhear leat bàsachadh mar dhuin' iompaichte, na mar dhuine neo iompaichte? Mar dhuine fìor-ghlan neamhaidh, na mar dhuine feolmhor talmhuidh? Agus nach abradh tu le Balaam, Aireamh. xxiii. 10. *Faigheamsa bàs an ionracain, agus bitheadh mo chrìoch dheireannach mar a chrìoch-san?* Agus c'arson nach guidh thu anis, an ni sin a ghuidheadh tu air adhart bàis? anis no an diaigh so, 's eigin duit iompachadh, no thig ort o'chce tinnis agus bàis anns nach faod thu so a dheanamh, ge do b' àill leat è.

Ach ciod è ata eagal ort a chall ma philleas tu? An caill thu do chairde neo-iompaichte? Ma chailleas gheibh thu cairdean eile is fearr na iad; gheibh thu Dia, Criosd, an Spiorad naomh, agus gach criosuidh. Gheibh thu aon charaid is fearr dhuit, agus a ni tuill' air do shon, na 's urrainn gach caraid saoghalt' a dheanamh. Mhealladh na cairdean sin a chaill thu, chum ifrinn thu, ach cha 'n fhaod iad do theasairginn; ach saoraidh an caraid a gheibh thu t' ànam o ifrinn, agus bheir è thu chum a shuaimhnis shiorruidh fein.

Tha eagal ort gun caill thu t' aoibhneas, agus nach bi là subhach agad gu bràth ma philleas tu. Mo thruaigh, an sòlasaiche lea sùgradh amaideach feolmhor, na beatha chràbhach, smuainte air glòir shiorruidh, teas-ghràdh do Dhia, seirc do'n chinne daonna, sìth coguis, agus aoibhneas anns an Spiorad naomh, anns am bheil staid nan gras' co'-sheasamh? Romh.



xvi. 17. Nam bu mhò an sòlas leat smuainteachadh air t' fhearann agus air t' oighreachd, nam biodh Tigh-earnas na tire gu leir agad, na smuainteachadh air cluich cloinne bige ; c' arson nach fearr leat smuainteachadh air rioghachd neamh, mar t' oighreachd, na air saibhreas an t' saoghail gu leir ? Mar is amaideachd leanbuidh a bheir air cloinn bhig urrad thlachd a ghabhail ann an nithibh faoin, 's nach cuir iad ann an geall t' oighreachd iad ; mar an ceudna is amaideachd anabarrach a bheir ortsa urrad thlachd a ghabhail do t' inbh, do d' shaibhreas agus do d' shòlas saoghalta, 's nach cuir thu iad ann an geall an t' sonais neamhaidh. Ach ciod a ni thu arson sòlais, an uair a chailleas tu iad sin ? Nach smuaintich thu air so ? an uair a chrìochnaicheas do shòlas saoghalta le h uabhas, agus a theid è as mar smal le droch bholtrach, bithidh sòlas neamhaidh an naomh-shluaigh a' sior-dhol am meud. Bhlais mi fein beagan do'n t' sòlas neamhaidh, ann an dearcadh air an dearbh-bheachd a tha agam air gràdh Dhe ann an Crìosd, agus ann an roi-smuainteachadh air an là bheannaicht' a tha ri teachd : agus tharraing mi lan-deoch de 'n t' sòlas thalmhuidh, gidheadh, is eigin domh aideachadh o m' mhothacha fein, nach coimeas d' a chèil' iad : Is eigin domh aideachadh ma shoillsicheas grian na beatha gu dealrach oirn, gur sòlasaich aon là ann an staid na naomhachd, na siorruidheachd ann an staid an t' sòlais pheacaich. “ Is fearr là a' d' chùirtibh na mìle : b' fhearr leam a bhi ri dorsaireachd ann an tigh mo Dhè, na bhi 'm chòmhnuidh ann am pàilliunaibh aingidheachd.” Sal. lxxxiv. 10. Tha gàire luchd-aingidheachd, mar ghàire luchd-cuthaich, do nach leur an dòrainn fein : uime sin arsa Solamh ris a ghàire sin, “ is mire chuthaich è : agus ri sùgra ciod is feum dha ? Eccles. ii. 2. “ Is fearr dol chum tigh a bhròin' na chum tigh “ cuirme : oir is è sin crìoch gach aon duine, agus “ gabhaidh am beo ga chridhe è. Is fearr bròn na

“ gaire : oir le dubhachas na gnùis, nithear an cridhe  
 “ ni 's fearr. Bithidh cridhe nan daoine gllice ann an  
 “ tigh a bhròin, ach cridhe nan amadan ann an tigh  
 “ an t-subhachais. Is fearr èisdeachd ri achmhasan  
 “ duine ghlic, na gun èisdeadh duine ri h-òran  
 “ amadana ; oir mar fhuaim droighnich fo phoit, mar  
 “ sin tha gaire an amadain : is diomhanas so mar an  
 “ ceudna.” Eccles. vii. 2—6. Tha an sòlas feolmhor  
 gu leir, mar an sòlas a bheir tach'as na sgrìobaich do'n  
 neach air am bi i : is i an ea-slaime a bheir air an sòlas  
 so a mhiannachadh : agus b' fhearr le duine glic na an  
 sòlas so uile, bhi saor o'n ea-slaime. Cha 'n eil ur  
 sùgradh ard-ghuthach, ach mar ghàire duine chigilte :  
 ni è gaire gun aobhar gairdeachais. Is gllice dhuit  
 gu mor t' oigreachd a thoirt arson gair' a thoirt ort le  
 cigle, na cùl a chuir ri gràdh Dhe, ri sòlas na naomh-  
 achd, ri dòchas neamhaidh, agus thu fein a chuir am  
 mugha ; chum 's gun toilichear t' fheoil le sòlas peac-  
 aidh car tamaill bhig. Smuaintich mar dhuine geur-  
 chuisseach an glic an giulan so. Is è do nadur mi-  
 naomhaicht' a bheir ort giulan naomh' a mheas mar  
 leathrom, agus giulan ana-miannach a mheas mar  
 shòlas. Ma philleas tu, bheir an Spiorad naomh  
 dhuit nadur agus togradh eile, agus an sin, is sòlasaiche  
 leat gu mòr cùl a chuir ri d' pheaca, na bhi 'g altrum  
 ni 's faide ; agus is cainnt duit an sin, nach robh eolas  
 agad air sòlas beatha, agus nach robh thu riamh ceart,  
 gus an do ghabh thu tlachd ann an Dia, agus ann an  
 naomhachd.

*Ceist.* C' arson a tha daoine co mhi-reusont' ann  
 an gnothach ris am bheil an sonas an earbsa ? Tha iad  
 leoir-gheur chùiseach an an gnothaichibh eile, ach c'  
 arson a tha iad co-leisg gu h-iompachadh, a's gur  
 saothair chailte bhi labhairt riu, air cùis co shoilleir ;  
 oir caithidh cuid mhor dhiubh am beatha agus bà-  
 saichidh iad gun iompachadh ?

*Freag.* Chum a cheist so fhuasgladh ann am briatharaibh aithghearr.

1. Tha anabharra gràidh do'n t' saoghal agus do'n fheoil ann an nadur dhaoin' aingidh ; rugadh iad le pòr nan ana-mianna peacach, agus tha an nàdur co naimhdeil do Dhia agus do naomhachd, 's tha an nathair do'n duine : agus an uair a bhios gach teagasg a gheibh iad, ann an aghaidh droch-rùin shuidhicht' an nàduir, cha 'n ioghnadh ged chailleas luchd teagaisg an saothair, agus ge nach toir iad buaidh le 'n impidh.

2. Tha luchd-aingidheachd ann an dorchadas co dui-neulach thiugh 's nach leur dhoibh an ni sin a chluinneas iad. Mar dhuin' a rugadh dall, a chluinneas mòr chliu an t' solais ; ach 's coma, dha so mur leur dha è. Cha 'n aithne dhoibh Dia, no cumhachd an 't soisgeil, cha 'n aithne dhoibh an Spiorad naomh, no giulan seirceil do rèir an fhior chreidimh : cha 'n aithne dhoibh iomchuidheachd, cinnt, mòr-luach, agus buanas na h-oighreachd neamhaidh. Cha 'n aithne dhoibh an t' iompacha, no intinn agus giulan naomha ; seadh, ge do chluinn iad iomradh orra. Dhalladh iad le duibhre dorch an ain-eolais. Chaidh iad air seacharan peacach, mar dhuin a chaill a shlighe anns an o'che, gun fhios aige c'ait an robh è, gus an do bhris an là speur-ghlan a dheanamh an iùil dha gu ceann uidhe.

3. Tha dùil an-toileil aca nach feum iad lan-iompachadh, ach cuid atharrachaidh ; agus gu bheil iad air an t' slighe chum neamh cheana ; agus gu bheil iad iompaichte ge nach 'eil. Agus ma chi thu neach a chaill an t' slighe gu tur, cha 'n 'eil feum dhuit bhi 'glaodhaich ris pilleadh, mur creid è gu bheil è air seacharan.

4. Is tràilleann daoin' aingidh d' an ana-miannaibh feol-mhor ; tha iad bàit' ann an-saoghaltachd, agus cha ni leo ach solar talmhuidh. Chuir an ana-mianna

eìocrach, an togra neo-gheimnidh, agus am buaireas intinn, as an cèill iad, agus fhuair iad lamh-an-uachdar orra co mòr, 's nach urr' iad a dhiultadh gèill a thoirt doibh, no ni air bith a thoirt fainear ach iad : air an aobhar sin ars' am misg-fhear, " Is ion-  
 " mhuinn leam deagh dheoch laidir, agus cha bheo  
 " mi as a h-eag'uis." Ars' an geocach, " Is ion-  
 " mhuinn leam cuirm shòghail, agus cha sòlas leam  
 " ach i." Ars' an neo-ghlan, " is ionmhuinn  
 " leam m' ana-mhianna feol-mhor, agus cho sonas  
 " leam, ach an lan-shàsachadh." Is ionmhuinn le  
 fear-cluiche a chleusachd, agus cha ni leis ach ì.  
 Mar so is tràillea ceangailte do 'n t' saoghal agus  
 do 'n fheoil iad, agus is ea-comas an toilealachd ;  
 agus an ni nach àill leo, cha 'n urr' iad a dheanamh,  
 ma 's fìor iad fein. Tha an duin' an-saoghalta co  
 chùramach mu nithe talmhuidh, 's nach bheil ùine,  
 cridhe, no rùn aige, chum smuainteachadh air nithe  
 neamhaidh, ach mar dh' ith bà granda chaola Pharaoh,  
 na bà sgiamhacha reamhara, Gin. xli. 4. Mar an  
 ceudna, shluig smuainte talmhuidh smuainte neamh-  
 aidh.

5. Tha cuid de dhaoin air seachran le sruth na  
 droch cuideachd, agus ni bheil ach droch bharrail aca  
 air giulan diadhaidh, do bhrìgh gun cluinn iad an  
 luchd-comuinn 'g a shior-dhìeadh ; no air a chuid is  
 lugha, saoilidh iad gur tearuinte dhoibh am mor-  
 shluagh a leanamhuinn, agus mar so thèid iad air an  
 aghaidh ann an slighe peacaidh ; agus ged a spionar  
 neach agus neach eil' uatha, d' an tilgeil ann an  
 ifrinn, cha chuir so oillt orra, oir cha leur dhoibh  
 c'àit an do thilgeadh iad : ach mo thruaigh triallaidh  
 iad ann an slighe peacaidh, gun fhios aca gu bheil  
 an luchd-gaoil agus comuinn, a tha ann an dòrainn,  
 'g a chaoineadh so gu goirt, Luc. xvi. Bu mhath  
 leis an duine dhoichiollach shaibhir ann an ifrinn,  
 neach a thoirt rabhadh d' a chuig bhràthairibh, mun

rachadh iad chum ionad sin na dòrainn. Is cosmhuil gum b' aithne dha an rùn agus an giulan, agus gun robh cabhag orra chum ifrinn, gun smuainteachadh gun robh am bràthair an sin; seadh, agus gur gann a chreideadh iad aon neach a dh' innseadh dhoibh gum bu chòmhnuidh dha ionad na sior-chlaidh. Is cuimhne leam sealladh, a dh' innis duin' uasal eigin domh, (Mr R. Rowly o Shrewsbury air drochaid Acham) a chunnaic è fein air drochaid Severn. Bha fear ag iomain treud reamhar uan, agus choinnich ni eigin iad, a chuir sgaoim orra, a thug air aon uan leum air balla na drochaid, agus air sleamhnachadh da chosaibh, thuit è anns an t-sruth; chunnaic càch an t' uans' a' dol as an sealladh, agus leum gach aon diu an diaigh a chèile thar an Drochad anns an t-sruth cheudna; agus is beag nach do bhàthadh iad uile; cha robh fios aig an deire ciod bu dìol do 'n toiseach, ach shaoil iad gum bu tearuinte dhoibh a mhòr-chuideachd a leantainn; ach co luath 's a thuit iad bonn os ceann thar a bhalla, mhothaich iad atharracha. Is amhuil a thachair do 'n t-sluagh fheolmhor neo-iompachte. Bàsaichidh neach laimh riu, agus tuitidh è ann an ifrinn, agus leanaidh neach eil' è: agus triallaidh càch air an luirg, do bhrìgh nach smuaintich iad c'àit ann deach' iad. Ach an uair a dh' fhosgaileas am Bàs an sùilean, agus a chi iad an dòrainn a tha air an taobh eile de 'n bhalladh; seadh, ann an saoghal eile, ciod nach tugadh iad air son bhi far an robh iad!

6. Os-barr, tha nàmhad mi-runach, innleachdach, agus neo-fhaicinneach aig luchd-aingidheachd; nàmhaid a leagas a cheap-tuislidh anns an dorchadas; agus is prìomh-obair dha bhi a' bacadh an iompachaidh; 'g an cumail far am bheil iad; a' cuir impidh orra gun an scrioptuir a chreidsinn; gun dragh a chuir air an intinne leis; droch-bharail a bhi aca air beatha dhiadhaidh; a mheas gur anabharr neo-fheumail i,

agus gun tearnar iad gun iompachadh, agus gun urrad dhragh; agus gu bheil Dia co tròcaireach s' nach leir-sgrios è an leithid sin; air a chuid is lugha, gum faod iad fuireach tamull beag eile; an leoir sòlais a ghabhail; an saoghal a leantainn beagan ni 's faide; agus an sin, cùl a chuir ris le h-aithreachas. Leis na h-ais-innleachdaibh mealltach so, cumaidh an diabhol cuid mhòr do 'n t-sluagh fo bhruid, agus treoraichidh se chum a dhòrainn fein iad.

Is iad sin, agus an leithid eile do cheapaibh tuislidh, a chumas anabharra sluaigh o iompacha. Ge do chaith Dia agus Criosd, an Spioraid naomh agus luchd teagaisg, urrad shaothair air an iompacha; gidheadh, do bhrìgh gun do chuireadh tosd air an reuson, agus nach urradh iad freagra thoirt air an Tighearn' a ghlaodhas air an diaigh, *Pillibh, pillibh, ciod air son a bàsaicheas sibh?* chailleadh gach saothair a bhuilicheadh air cuid mhòir dhiu; agus cha 'n fhàg iad anis aig luchd-teagaisg r'a dheanamh, ach suigheadh sios, agus an dòrainn a chaoidh.

Thaisbineadh anis duibh iomchai'eachd iartais De, agus mi-reasontachd eas-umhlachd dhaoin' aingidh. Agus mur dean so feum, agus ma dhiultas luchd-aingidheachd pilleadh, bheirear fainear anns an àit is faigse, co aig am bheil a choire ma thèid iad am mughha. Agus treoraichidh so sinn chum an teagaisg dheireannaich eadhon.

## TEAGASG VII.

*Mur iompaich daoine' aingidh na dhiaigh so wile, cha 'n i coire Dhè ach an coire fein gun leir-sgriosar iad; is i an an-toil fein fìor-aobhar an dòrainn: oir bàsaichidh iad do bhrìgh gur roighniche leo bàs' no iompacha.*

Ma thèid sibh chum ifrinn, ciod a chobhair a nitear oirbh? Shaor Dia è fein o 'r fuil; cha luidh coire ur leir-sgrios air-san. Faodaidh fear teagaisg neo-chùram-

ach, agus an dream a bheir misneach dhuibh anns an olc, agus nach toirmisg ur peaca dhuibh, cuid d' ur ciont' a tharraing orra fein; ach bithibh cinnteach, nach agrar air Dia i: Ars' an Tighearna mu Fhionlios gun toradh, an diaigh dha a thogail an am fonn tarbhach, na clochan a thilgeil as, agus rogha nan cranna fiona shuidheachadh ann, Isa. v. 3, 4. “ Am faodar tuill' a dheanamh re m' Fhionlios, na rinn mi ris?” Mar an ceudna, am faodadh Dia tuill' a dheanamh ruibhs' ach na rinn e? Chruthaich e ur cuirp gu h-iongantach; chuir e anma reusont' annta d' an riaghladh; chum e suas sibh le chumhachd; dh' altrum e sibh le mhaitheas; thug e air creatuirean eile bhi freasdalach dhuibh; thug e dhuibh lagh co-thromach iomlan d' ar sduireadh: an uair a bhris sibh e, agus a chuir sibh as duibh fein; dh' amhaire e oirbh le tiom-chridhe, dh' aontaich e gu h-iongantach grasmhor Aon mhac siorruidh a bhàsachadh, mar iobairt air son ur peacaidh, agus bha e ann an Criosd a' rèiteachadh an t-saoghail ris fein. Thug Criosd duibh e fein, agus beatha shiorruidh mar thiodhlac saor, ma ghabhas sibh e agus ma philleas sibh. Air a chumhnant reusonta so thairg e dhuibh gu saor lan-mhaitheanas 'n ar n' uile pheacaidh. Sgriobh e so 'n a fhocal, naisg e le a spioraid e, agus thairg e dhuibh le luchd teagaisg e, gu tric agus gu minig, agus ghuidh iadsan oirbh a ghabhail agus pilleadh ri Dia. Thug iad earail oirbh 'na ainm, reusonaich iad a chùis ruibh, agus fhreagair iad ur n-uile chunnuile fann. Dh' fhuirich Dia fada ruibh. Dh' fhuiling e anacainnt uaih. Chum e suas sibh gu grasmhor ann am boilsgin ur peacaidh: chuartaich e sibh leis gach gnè trocair! choimeasg e solas le 'r dòlas, a chuimbneachadh ur n-amaideachd dhuibh, agus d' ar gairm g' ur ceill; bu tric a Spiorad a' gleachd r' ur n-anmaibh, agus ag ràdh riu, fa leth, “ pill a pheacaidh, pill air iartas do Dhe: c' àit an triall thu? ciod is

“obair dhuit? An aithne dhuit do chrìoch, no ceann  
 “t’ uighe? Cia fhad a bheir thu fuath do d’ chàir-  
 “dibh, agus gràdh do d’ naimhdibh? C’ uin a thrèig-  
 “eas tu gach peacadh, a philleas tu ri d’ Dhia a bheir  
 “thu suas thu fein d’a umhlachd, agus a chuireas  
 “tu t’ Fhear-saoraidh ann an seilbh a t-anam? C’uin  
 “a tharlas so?” Thagradh leas t-anma riut air a  
 mhodh so. Agus air bhi dhuit màidheanach, spar-  
 radh ort cabhag a dheanamh, agus ghlaodh Dia riut  
 greasad ort, ag ràdh, “*An diugh, am feadh a mhair-  
 eas an là, na cruadhaich do chridhe: nach pill thu anis  
 gun tuille moille?*” Chuireadh beatha ann ad thairge;  
 leigeadh ris duit an sòlas neamhuidh anns an t’ soisgeul.  
 Dhearbhadh a chinnt, agus cinnte dòrainn shiorruidh  
 na h-aitim a chaidh am mugha dhuit. Mar b’ àill leat  
 sealla de fhlaithreas na glòire, agus de ifrinn na-dòr-  
 ainn fhaicinn, ciod tuille dh’ iarradh tu. Nochdadh  
 dhuit Crìosd air a cheusadh am fianuis do shùl, Gal.  
 iii. 1. Dh’ innse dhuit gu minig, *gur duine càillt thu  
 mar pill thu;* agus is co tric a chuala tu olc agus  
 diomhanas peacaidh; agus faoineachd sòlais agus  
 saibhris an t’ saoghail so; giorrad agus neo-chinnt  
 do bheatha; agus siorruidheachd sòlais agus dòrainn  
 an t’ saoghail eile. Leigeadh so agus tuille ris duit, a  
 ris agus a ris; agus an robh thu sgìth ’g a èisdeachd:  
 agus is lughaid a thug thu fainear è, gun cualadh tu  
 è co minig, mar Mhada Gobha, air an d’ fhuair  
 cleachdainn lamh-an-uachdar co mhòr, ’s gun coidil è  
 gu suimhneach fo fhuaim nan òrd, agus na drith-  
 leanna a’ sràdadh mu chluasaibh; agus ge nach d’  
 iompaich so uile thu, gidheadh, tha thu beo, agus  
 gheibh thu trocair an diugh, ma ’s àill leat i. Anis  
 leig a chùis fa ràidh, do reusoin fein; agus fiosraich  
 dheth, an i coire Dhe no do choire fein, ma thèid thu  
 am mugha gun iompachadh na dhiaigh so uile? Ma  
 bhàsaicheas tu anis; is ann do bhrìgh gur fearr leat  
 bàs na beatha. Ciod è tuille a dh’ fhaodar a ràdh



riut? No innis fein ma 's aithne dhuit, ciod eil' an doigh air an teasairgir thu? An abair thu, " och bu " mhath leam iompachadh mar nuadh-chreatuir, ach " cha 'n urra mi; bu mhath leam mo chuideachd, " mo smuainte, mo bhriathra, agus mo ghnìomhara " atharrachadh, ach cha 'n urra mi sin a dheanamh." Nach b' urrainn thu nam b' àill leat? Ciod a bhac thu ach aingidheachd do chridhe fein? co a thug ort peacachadh; no a chum air t' ais thu o leas t' anma? Nach robh an teagasg, an ùin, agus an comas ceudna agadsa gu bhi diadhaidh, a bha aig do dheagh nà-baidh? Agus e' arson nach faodadh tusa bhi diadhaidh mar an ceudna; an do chrannadh doras na heaglais ort? no, nach do chum thu fein amach thu? no, nach do shuigh agus nach do choidil thu; agus nach cualadh tu mar nach cluinneadh tu. An do chuir Dia cunnail ort 'n a fhocal, an uair a thug é cuire do pheacachaibh pilleadh; agus a gheall è dhoibh tròcair nam pilleadh iad? *An dubhairt è, Bheir mi maitheanas do gach neach a ghabhas aithreachas, ach dhuitse?* An do dhiult è comas aoraidh dhuit? an do thoirmisg e dhuit urnaigh a dheanamh, ni 's mò na do chach eile? Tha fios agad nach do thoirmisg. Cha d' iomain Dia uaidhe thu, ach theich thu fein uaidhe. Agus an uair a ghairm è d'a ionnsuidh thu, cha b' àill leat teachd. Nan diultadh Dhia dhuit gealladh agus tairgse choitcheann na tròcair, no nan abradh è riut; *Seas uam, cha bhi gnothach air bith agam ri d' leithid; na dean ùrnaigh rium, oir cha 'n èisd mi riut. Cha toir mi feart air t' aithreachas air a mheud, agus cha fhreagair mi cia dùrachdach air bith a dh'iarras tu tròcair.* Mur fàgadh Dia agad mar mhuinghinn ach an do-chas bha sàr leith-sgeul agad. Agus dh' fhaodadh tu a ràdh, *Ciod air son a ghabhas mi aithreachas, agus a philleas mi, agus gun fheum air bith dhomh ann?* Ach cha b' è so do chor-sa. B' fhurusda dhuit Criosd a bhi agad mar Thighearna agus mar Làigh, mar atha è

aig daoin' eile, ach cha b' àill leat è; do bhrìgh nach do mhothaich thu tinn ni 's leoir thu fein, arson an Lèigh; agus nach b' àill leat dealachadh ri t' easlainte: thubhairt thu le d' chridhe mar an luchd ceannairc, Luc. xix. 14. *Cha 'n àill leinn am fear so mar rìgh.* Ghabhadh Crìosd thu fo a sgiathaibh slainteil, ach cha b' àill leat sin, Mat. xxiii. 37. Nach anabarrach an spèis do leas dhaoin' a thaisbin an Tighearna 'n a fhocal fìor-ghlan? Nach mor an tiom-chridhe leis an dubhairt è, " O! nan èisdeadh " mo shluagh rium, agus gu'n gluaiseadh iad ann am " shlighibh! Sal. lxxxi. 13. O! gum biodh an gne " chridhe so annta, gum biodh m' eagals' orra, agus " gun gleidheadh iad m' aitheantan uile a ghnàth, a " chum gun èireadh gu math dhoibh agus d' an " cloinn gu bràth! Deut. v. 29. O! gun iad a bhi " glic, O! nach tuigeadh iad so, agus nach measadh " iad an crìoch dheireannach!" bhiodh Dia dhuit mar Dhia, agus bheireadh è dhuit sonas mor mar do mhiann, nan tugadh tu gèill d'a; ach thug thu barrachd speis do'n t'saoghal agus do'n fheoil na thug thu dha, agus uime sin cha d' èisd thu ris; ge do chliudhaich thu è, a' toirt mòr-ainm dha; gidheadh cha b' àill leat è fa dheire. Air an aobhar sin cha n iongantach ged a thug è suas thu do ana-miannaibh do Chridhe, a ghluasad a rèir t' an toil' fein. Dh' aon taich è a chùis a thagradh riut, agus chuir è mar cheist ort, " Cìod atha annamsa, no ann am obair, 's gum " bitheadh tu co mhor a'm' aghaidh! Cìod an cron a " rinn mi ort a pheacaich? an do thoill mi an " gnàthacha mi-shuairce so o d' lamhaibh? Is iomad " tròcair a nochd mi dhuit; agus c'arson a ni thu " dimeas orm? Am mise no an diabhol is nàmhaid " duit? An ann o bheatha naomh, no o ghiulan " peacach, a tha aobhar agad teicheadh? Ma thèid " thu am mugha, 's tu fein an coireach; oir thrèig thu " mise do Dhia tearmainn, Ier. ii. 17. Smachdaich-

“ idh d’ aingidheachd fein thu, agus ni do chùl-  
 “ sleamhnachadh fein do chronachadh: aithnich  
 “ uime sin agus faic, gur olc agus searbh an ni gun do  
 “ thrèig thu mise, Ier. ii. 5, 6. ? Ciod an cron a fhuair  
 “ thu dhomh, an uair a thrèig thu mi agus a lean thu  
 “ diomhanas? Ier. ii. 5, 6.” Tha an Tighearn a’  
 gairm neamh agus talamh mar fhianais a thagraidh  
 r’a shluagh. “ Eisdibhse O shlèibhte, agus a bhunaite  
 “ laidir na talmhainn, co stri, an Tighearna; or tha  
 “ co-stri aig an Tighearna r’ a shluagh, agus tagraidh  
 “ è ri h-Israel. O! mo shluagh! ciod a rinn mise  
 “ ort, agus co leis a sgithich mi thu? tog fianuis a’m’  
 “ aghaidh, oir shaor agus thug mi mach as an Eiphit  
 “ thu, &c. Mic. vi. 2, 3, 4. Cluinnibh O neamha, agus  
 “ eisd o thalamh; oir labhair an Tighearna. Dh’  
 “ altrum agus thog mi suas Clann, agus chathaich iad  
 “ a’m’ aghaidh. Is aithne do’n damh a shealbhadoir,  
 “ agus do’n Asail Prasach a maighstir; ach cha’n  
 “ aithne do Israel Mise, agus cha smuaintich mo  
 “ shluagh orms’. Ach! cinneach peacach, slugh  
 “ luchdaichte le h-aingidheachd, a shliochd luchd-  
 “ uilc! &c. Isa. i. 2—4. O shluagh amaideach agus  
 “ gun chèill? nach easan’t athair a cheannaich thu?  
 “ nach do chruthaich, agus nach do dhaingnich è  
 “ thu? Deut. xxxii. 6.” An uair a chunnaic Triath  
 na slainte gun do chuir thu cùl ris fein, gun d’ fhàg-  
 thu è, agus gun robh thu a’ sealg nithe diom-buan  
 saoghalta, leig è do mhi-ghliocas ris duit, agus ghairm  
 è thu gu h-obair bu tarbhaich, ag ràdh, “ Ciod air  
 “ son a bhuilicheas tu t’ airgid air ni nach aran? agus  
 “ do shaothair air ni nach sàsaich? Eisd gu dùrachd-  
 “ ach riumsa, agus ith an ni a tha math, agus bith-  
 “ eadh tlachd aig t’ anam ann an reamhrachd. Clao  
 “ do chluas agus thig am ionnsaidhse; cluinn, agus  
 “ mairidh t’ anam beo, agus ni mise co’-cheangal  
 “ siorruidh riut, eadhon tràcairean cinnteach Dhai-  
 “ bhidh. Isa lv. 2. 3. Iarraibh an Tighearna, am

“ feadh a ta è r’a fhaotainn ; gairmibh air, am feadh  
 “ a ta è am fagus. “ Trèigeadh an t’ aingidh a shlighe,  
 “ agus an duin eacorach a smuainte, agus pilleadh è  
 “ ris an Tighearn, agus nochdai è tròcair dha ; agus  
 “ r’ar Dia-ne, oir bheir è mathanas gu pailt. Rann.  
 “ 6, 7.” Agus an uair nach èisdeadh tu, nach d’  
 thug thu do’n Tighearn aobhar gu gearan ort, agus  
 coire do leir-sgrios fhàgail air t’an-toileileachd choirbte  
 fein ? “ Biodh ioghnadh oirbh o neamha mu’n ni so,  
 “ agus biodh uabhas oirbh deir an Tighearna ! oir  
 “ chuir mo shluaghsa da ole an gnìomh ; thrèig iad  
 “ mise tobar nan uisgeacha beo, agus chladhaich iad  
 “ dhoibh fein sluichd, sluichd ea-dionach nach cum  
 “ uisge.” Ier. ii. 12, 13. Is minig a thug Crìosd  
 cuire saor dhuit, ag ràdh, “ Thigeadh an neach air  
 “ am bheil tart, agus ga b’e neach leis an àill  
 “ gabhadh è uisge na beatha gu saor.” Foil. xxii. 17.  
 Ach an diaigh gach tairgse, thug sibh aobhar do  
 Chrìosd an gearan so a dheanamh oirbh ; “ Cha tig  
 “ iad am ionnsuidhse chum gum faigh, iad beatha,  
 “ Eoin v. 40.” Thug è cuire dhuit chum fleadh nan  
 naomh ann an rioghachd a ghràis : agus o nach robh  
 toil agad dith, ghabh thu mar leith-sgeul, nach cead-  
 aicheadh t’ fhearann, t’ eallach, agus do ghnothaiche  
 saoghalta dhuit gèill a thoirt d’a chuire, agus mar so,  
 bhrosnuich thu e chum feirg, agus chuir è roimhe  
 nach blais thu a shuipeir gu bràth. Luc. xiv. 15—  
 25. Co anis an coireach, co ach thu fein ? co is  
 prìomh-aobhar do d’ leir-sgrios, ach t’an-toil chean-  
 nairceach ? oir roighnich thu dol am mugh. Leig  
 Crìosd fein ris a chùis gu h-iomlan, Gnath. i. 20—33.  
 “ Tha gliocas ag èigheach a muigh, anns na sràidibh,  
 “ tha i a’ cur a mach a gutha ; ann an àitibh sòn-  
 “ raichte a’ chomh-chruineachaidh tha i ag èigheach,  
 “ ann am fosgladh nan geata ; anns a’ bhaile tha i a’  
 “ cur a mach a briathra, cia fhàd, a dhaoine baogh-  
 “ alta, a ghràdhaicheas sibh baoghaltachd ? agus a

“ ghabhas luchd-fochaid tlachd nam fochaid, agus a  
 “ bhcir amadain fuath do èolas? Pillibh ri m’ achmh-  
 “ asan: feuch, dòirtidh mi mach mo spiorad dhuibh;  
 “ ni mi aithnichte mo bhriathra dhuibh. A chionn  
 “ gu’n do ghairm mi, agus gu’n do dhiult sibhse, gu’n  
 “ do shin mi mach mo làmh agus nach d’ thug duine  
 “ sam bith an aire; Ach gu’n do chuir sibh an neo-  
 “ brigh m’ uile chomhairle, agus nach b’ àill leibh a  
 “ bheag do m’ achmhasan: Ni mise mar an ceudna  
 “ gàire ri’r sgrios-sa; ni mi fanoid ’n uair a thig bhur  
 “ n-eagal; ’N uair a thig bhur n-eagal mar fhàsachadh,  
 “ agus a thig bhur leir-sgrios oirbh mar iomghaoith;  
 “ ’n uair a thig teinn agus cràdh-cridhe oirbh. An  
 “ sin gairmidh iad ormsa, ach cha fhreagair mi;  
 “ iarraidh iad mi gu moch, ach cha ’n fhaigh iad mi;  
 “ A chionn gu’n d’ fhuathaich iad èolas, agus nach  
 “ do ròghnuich iad eagal an Tighearna. Cha b aill  
 “ leo bheag do m’ chomhairle, rinn iad tair air m’  
 “ achmhasan uile. Uime sin ithidh iad do thoradh  
 “ an slighe fein agus lìonar iad le ’n innleachdaibh  
 “ fein. Oir marbhaidh claonadh nan daoine baogh-  
 “ alta iad, agus sgriosaidh soirbheachadh nan amadan  
 “ iad fein. Ach ga b’e dh’ eisdeas riumsa, gabhaidh e  
 “ comhnuidh an tearuinteachd, agus bithidh è saor o  
 “ eagal olc.” B’ iomchuidh leam an teagasg so a  
 “ chuir an cèill duibh gu iomlan, do bhrìgh gun leig è  
 “ ris lan-aobhar leir-sgrios luchd-aingidheachd. Cha  
 “ sgriosar iad do bhrìgh nach do theagaisg Dia iad, ach  
 “ a chionn nach do ghabh iad foghlum. Cha tèid iad  
 “ am mugha do bhrìgh nach do ghairm Dia iad, ach a  
 “ chionn nach do phill iad air impidh. Is i an an-toil  
 “ fein fìor-aobhar an dòrainn.

### FEUM.

O na briathraibh a labhradh ruibh, foghlumaibh os-barr na nithe so a leanas.

1. Uaidhe so chi sibh, nach toibheum agus an-diadhachd amhàin, Dia a choireachadh airson leir-sgrios dhaoin' aingidh; ach mar an ceudna, gur mi-nàdurra an ni do luchd-aingidheachd a chasaid so a chuir air an Cruthai-fhear. Glaodhaidh iad gu gearanach, ag ràdh, nach d' thug Dia gràs diobh, gu bheil a bhagra borb, agus nar leigeadh Dia gun leir-sgriosar gach duine neo-iompaichte agus mi-naomhaichte? agus is cruaidh an gnothach leo gun smachdaichear peaca diom-buan le dioghaltas bith-bhuan; agus is cainnt doibh ma theid iad am mugha, nach faod iad a leasachadh: An uair is sior-obair dhoibh bhi a' cosgradh an anmaibh, agus cha chum iad an lamhan o n leir-sgrios fein air impidh Dhe no dhaoine. Saoilidh iadg ur neo-iochdmhor an do Dhia an leir-sgrios, gidheadh, tha iad co an-iochdmhor dhoibh fein, 's gun ruidh iad gu dian chum ifrinn; ge d' innis Dia dhoibh nach 'eil i ach ro ghoirid uatha, gidheadh, cha chuir impidh, gealla, no bagra stad orra. Chi sinn gur beag nach 'eil iad lan-mhillte: Tha am beatha neo-chùramach, fheolmhor, saoghalt', a' dearbhadh gu bheil iad fo chumhachd an diabhoil; tha fios againn ma thig bàs orra roimh iompacha, nach faod an saoghal gu leir an teasairginn; agus do thaobh neo-chinnt am beatha, is aobhar eagail gach la gun tuit iad ann an teine na dòrainn. Air an aobhar sin tha sinn a' guidheadh, dùrachdach a' guidheadh orra, truas a ghabhail d' an anmaibh, agus gun iad fein a mhilleadh an uair ata trocair dlùth dhoibh; agus cha 'n èisd iad ruinn. Tha sinn ag earalachadh orra am peacadh a thrèigsinn, agus ruidh chum Chrìosd gun dàil, agus cail-eigin do thruas a ghabhail diu fein; ach cha chuir iad tiom-chridhe no tròcair an gnìomh. Gidheadh, saoilidh iad gur neo-iochdmhor an ni do Dhia am milleadh gu siorruidh. Och a thruaghana an toileil peacach! Cha 'n è Dia ata on-iochdmhor dhuibh, ach sibh fein. Fhuair sibh fios gur eigin dibh pill-

eadh no losgadh gu sìorruidh; ach cha phill sibh. Fhuair sibh fios ma ghleidheas sibh peaca, gun gleidh sibh mallachd Dhe leis; gidheadh, gleidhidh sibh è. Fhuair sibh fios nach 'eil slighe chum sonais ach slighe na naomhachd, gidheadh, cha bhi sibhs naomha. Ciod eile b' àill leibh Dia a ràdh ruibh? ciod eile b' àill leibh è a dheanamh r'a throcair? Thairg è dhuibh i, agus dhiult sibhs' i. Tha sibh ann an doimhne peacaidh agus ann an cunnart dòrainn, agus shìn Dia amach dhuibh a lamh thearmainn, gidheadh, dhiult sibh a chuideacha. Ghlanadh è dhibh sal peacaidh, ach 's fearr leibh oirbh è. Is ionmhuinn leibh ur n ana-miannaibh, croas, misg agus macnus, agus cha tràig sibh iad. Am b' àill leibh gun giulaineadh Dia chum neamh sibh d'ar n-ain-deon? no am b' àill leibh gun togadh è sibh fein agus ur peacadh chum neamh le chèile? Is ni so co dho-dheanta ri h-iompacha na grèine gu dorchadas. An saoil sibh gum fosglar na neamha fìorghlan, do'n anam neo-ghlan mhi-naomha! Cha 'n fhosglar gu bràth, do ni neo-ghlan air bith, Foils. xxi. 27. *Oir ciod è an comunn a bhitheas aig solas ri dorchadas, no aig Crìosd ri belial?* 2 Cor. vi. 14, 15. Ciod anis a ni sibh? an glaodh sibh air tràc-air o Dhia? C' arson? Ghlaodh Dia ruibh tràc-air a dheanamh oirbh fein, ach cha 'd rinn. Chi luchd teagaisg cupa na h-amaideachd, deoch mhillidh cuirp agus anma, ann an laimh fir-misge, glaodhaidh iad ris iochd a dheanamh air fein, agus gun an cup a chuir r' a bheul; ach cuiridh e r'a bheul è, oir is toigh leis è, agus olaidh è as è ge do rachadh ifrinn sios leis; gun leith-sgeul air bith ach nach faod e a leaschadh. Ciod a dh' fhaodas neach a ràdh r'a leithid sin do dhuine? teagaisgidh sinn do thruaghanaibh an-diadhaidh neo-chùramach, agus an-saoghalta, "Nach dean a leithid so de ghiulan an gnothach, agus nach toir è chum nan flaitheas gu bràth iad. " Nam biodh beithir mhillteach an toir oirbh nach

“ luathaicheadh sibh ur ceum? ach ged a’ tha mall-  
 “ achd Dhe, agus an diabhol, agus ifrinn ann an toir  
 “ oirbh, cha ghluais sibh, ach cuiridh sibh mar cheist,  
 “ ciod è aobhar na cabhaig? Am bheil an t’anam neo-  
 “ bhàsmhor co neo-luachmhor’n ar barail? O deanaibh  
 “ iochd oirbh fein!” Ach cha toir iad fainear sinn, agus  
 cha ghabh iad truas air bith dhiubh fein. Teagaisgidh  
 sinn doibh gur searbh an crìoch; oir co is urra còmh-  
 nuidh a ghabhail anns an teine shiorruidh? gidheadh,  
 cha truagh leo iad fein. Agus an abair na truaghana  
 minàrach sin, gu bheil Dia ni ’s trocairich gu mòr, na  
 gun leir-sgrìos è iad. An uair is iad fein a tha gu  
 h-an-dana, an iochdmhor, a’ ruidh chum leir-sgrìos.  
 Ge do ruigeamaid iad ceann-ruisgte, agus ge do chuir-  
 eamaid impidh orra air ar gluinibh lubta, cha ’n urra  
 sinn a chuir stad orra; ach chum ifrinn is àill leo  
 dol, gidheadh, cha chreid iad gur i is ceann-uirghe  
 dhoibh, gus an tuit iad innte bonn os ceann. Ged a  
 ghuidheas sinn orra air ghaol an Dè a chruthaich  
 agus a choimhead iad; air ghaol Chrìosd a bhàsaich  
 air an son; agus air ghaol an anmaibh bochd; truas  
 a ghabhail diubh fein; gun dol ni ’s faid’ air an t’  
 slioghe chum ifrinn; ach pilleadh ri Crìosd, am feadh  
 ata a làmhan sinte d’ an glacail gu fàilteach; tòiseach-  
 adh air beatha nuadh, am feadh ata Doras nan gràs  
 fosgailte; agus trocair a ghabhail anis, am feadh ata  
 tròcair so-fhaghail: ge do ghuidheas sinn so orra  
 cha ’n atharraich ar n-impidh iad. Ged a b’ ionann  
 leinn ’s am bàs è, cha ’n urrainn duinn a thoirt orra,  
 urrad, agus smuainteachadh air an cunnart, agus ni ’s  
 lugha gu mòr na sin pilleadh uaidhe. Gidheadh, is  
 furasd leo a ràdh, *Tha dùil againn gum bi Dia trocair-  
 each.* Ach an do smuaintich sibh riamh gun dubhairt  
 è, Isa. xxvii. 11. *Is sluagh gun tuigs’ iad; uime sin  
 cha ghabh an ti a rinn iad truas diubh, agus cha nochd  
 easan a dhealbh iad caoimhneas dhoibh.* Mur sgeudaich  
 neach eile sibh air dhuibh bhi lom-nochda, mur



beathaich è sibh air dhuibh bhi ocrach : ma thilgeas è ann an gainntir, ma bhuaileas, agus ma chlaoidheas è sibh ; nach abair sibh gur duine gun iochd è ? Gidheadh, ni sibh a mhìle urrad so oirbh fein. Tilgidh sibh uaibh ur n-anmaibh agus ur cuiap gu siorruidh, ach cho ghearain sibh ur n-an-iochd fein gu bràth. Seadh, ach is eigin, (mar a shaoileas sibh) gur an-iochdmhor an Dia a dh' fhuirich ruibh gu tròcaireach gus anis, ma smachdaicheas è sibh fa dheire. Mur toir an Dia fìor-ghlan comas do na truaghanaibh tràilleil so saltairt le dimeas air fuil a Mhic, agus mar na Iudhaich, bhi tilge seile na aodann ; bhi deanamh tailceis air Spiorad nan gràs ; fanoid air peacadh, agus magadh air naomhachd ; bhi deanamh tuille dimeis air tròcair shlainteil, na air sal ana-miannaibh feolmhor ; agus 'n a dhiaigh so uile, mur teasairgear iad leis an trocair a dhiult iad, agus nach b' àill leo, cha 'n abair iad ach an-tighearna gun iochd ri Dia fein. Ach is easan am breitheamh cothromach, a thomhaiseas gnìomharradh air meidh a cheartaais neo-leth-phairtich ; ge nach cliudhaicheas è ann an lathair cathair breitheanais nan truaghana tàireil sin.

Is aithne dhomh iomad gearan sonraicht' a ni daoine neo iompaicht' air an Tighearna, ach cha 'n fhuirich mi r' am freagradh fa leth, oir thilg mi bonn os ceann iad, ann am leabhar air breitheanas, agus leughadh iad è. Nam biodh luchd-connsoid an t' saoghail, co chùramach a sheachnadh peacaidh agus leir-sgrìos, 's a bha iad dicheallach a rannsachadh aobhar na dòrainn, agus d' a leth-thilgeil mar chunnail air Dia, chuireadh iad an geur-chùis an gnìomh air mhodh bu tarbhaiche dhoibh fein, agus dheanadh iad eacoir bu lugha air an Tighearna. An uair a tha duaichneachd co ghraineil ri peacadh annainn, dioghaltas an-trom an tòir air an n-anama, agus ifrinn a' fosgladh gu huabhasach d'ar slugadh beo ; shaoileadh neach gum

bu cheist shoilleur, sho-fhreagraidh, Co an coireach ? An è Dia, no an duine prìomh-acbhar ciontach na dòrainn sin ? Is luchd breitheanais co chàirdeil dhoibh-fein cuid de dhaoine, 's gur usa leo gearan a dheanamh air maitheas neo-chriochnach làn-fhoirfidh, na air an anmaibh mi-bheusach fein ; is teomadh leo aithris a dheonamh air an ceud-shinnsireachd a thubhairt ri Dia, *Mheall an nothair mi agus dh'ith mi. Agus a bhean a fhuair mi uait fein; thug i dhomh, agus dh'ith mi.* Mar so dh' fhag Adhamh agus Eubh gu cealgach coire an ceannairc air Dia fein. Agus mar an ceudna ars' an sliochd neo-iompaichte, ri Dia, “ Tha an t' “ eolas a thug thu dhuinn neo-fhoghainteach a thuig- “ sinn ar leas ; tha an toil a fhuair sinn uait neo- “ chomasach a roighneachadh ar sonais ; tha na “ cuspairean leis an do chuartaich thu sinn, a' mealladh “ furachrais ar n anma d' an ionnsuidh fein ; agus “ tha am buaireadh d' an do cheadaich thu ionnsuidh a “ thoirt oirn, a' toirt buaidh.” Ann an aon fhocal, ge do chruthaich Dia an duin' ann an inbh beagan is isle na inbh nan aingle, gidheadh, cha toilich inbh' air bith an duin' aingidh, is isle na lan-fhoirfeachd an Uilechumhachdaich !

*Cun. Cha 'n urra sinn sinn fein iompachadh ; cha'n iompaichear gu bràth sinn, mur iompaich Dia sinn ; cha 'n urrainn duinn gne a dheanamh gun ghràs De : cha 'n ann o'n ti leis an àill n o'n ti a ruitheas, ach o Dhia a ni tròcair.*

*Freag.* Tha da ghnè thròcair aig Dia r'an nochda : tròcair an iompachaidh ; agus tròcair an t' slànuchaidh ; agus cha toir è tròcair na slainte ach amhain do'n dream leis an àill i, agus a ruitheas d'a h-ionnsuidh ; oir gheall è i dhoibh-san, agus dhoibh-san amhain. Ni tròcair an iompachaidh deonach daoine mi-dheonach ; agus ge nach aithrigh ur toil agus ur dicheall

fein air gràs so Dhe ; gidheadh, tha ur diulta toileil a' toiltinn nach toirear dhuibh è. Is i ur mi-thoil fein ur neo-chomas, agus cha ghabh i leith-sgeul ur peacaidh, ach an-tromaichidh si è. B' fhurasda dhuibh pilleadh nam b' àill leibh ; agus ma tha ur toil co thruaillte, 's nach faod ni air bith ach gràs foghainteach Dhè ur 'n iompachadh, is mòid' ur n-aobhar an gràs so iarraidh, aontachadh leis, meadhona nan gràs a ghnàthachadh do rèir ur comais, gun an dearmad, agus gun cathachadh 'n an aghaidh. Deanaibh an ni is fearr a tha 'nar comas, agus an sin gearainibh ma bitheas aobhar agaibh, gun do dhiult Dia a ghràs duibh.

*Cun. is cosmhuil gum b' àill leat a ràdh fad no h-ùine so, gu bheil saor-thoil aig an duine.*

*Freag.* Gun dragh a chuir oirbh le connspoid dho-thuigsinn mu 'n t' saor-thoil ; toilicheadh so sibh, gu bheil saor-thoil agaibh, no comas na nithe sin is taitneach leibh a roighneachadh, agus na nithe sin is mi-thaitneach leibh a dhiultadh. Mothaichidh gach duin' an comas so ann fein. Ach gu truagh ! o an-abharr ar neo-chùram 's tric leinn gun gabh sinn ar leas an riochd ar n-aimhleis, agus gur mi-thaitneach leinn è ; gun diult sinn è ; agus gun gabh sinn ar n-aimhleas an riochd ar leas ; gun taitinn è ruinn, agus gun roighnich sinn è. Anis nach feumail an neo-chùram so air smachd o Dhia, d' ar mosgladh ; agus ma dhiultas sinn mosgladh gu bràth, nach do thoill sinn gum buanaichear an smachd gu siorruidh ? Abraibh gu bheil nàmhuid mi-rùnach agaibh, a bheir ionnsuidh mhillteach oirbh fein gach uair a tharlas sibh air, agus a chosgras ur clann gus am bith fuil an cridh' a' smùidrich air faobhar a chuid arm ! an gabh sibh a chainnt so uaithe mar leith-sgeul, *Och cha robh saor-thoil agam, is è so mo nàdur ; cha 'n fhaod mi math*

*a roighneachadh mur toir Dia gràs domh?* An gabh sibh a leithid so do leithsgeul o sheirbhiseach a ghoideas ur maoin shaoghalta? An cum an leith-sgeul so luchd murt agus meirle o'n chroich? Mur cum, an saoil sibh gun saor è sibhs' o dhioghaltas an Uile-chumhachdaich air an d'rinn sibh sior-cheannairc an-dàna?

2. Uaidh so thugaibh fainear na tri nithe sin.

1. Cia ais-innleachdach am buaireadair an diabhol.

2. Cia cealgach an ni am peacadh.

3. Cia amaideach an creatuir an duine truailte.

1. *Is ais-innleachdach am buaireadar an diabhol do rir-eadh*, cuiridh è impidh air mòran triall chum an teine shiorruidh gu deonach, an aghaidh gach earail agus comhairl' a gheibh iad d'an cumail uaidhe. Is ni mealltach am peacadh gu deimhin, cuiridh è druidheachd air na milte, chum sonas siorruidh a chuir an geall neo-ni! Is amaideach an creatuir an duine gu dearbh, o'm meallar beatha bhith-bhuan le fhios, arson ni ro shuarrach; seadh, agus le nàmhuid air am bheil è lan-eolach. Shaoileadh tu gum bu ni do dheanta le duine glic air bith, air impidh a naimhdibh gu leir, an geall beagain, è fein a thilgeil ann an teine, ann an uisge, no ann an slochd guail, chum a leir-sgrios: gidheadh, tha daoine so-aomaidh le h-impidh an diabhol chum iad fein a thilgeil ann an ifrinn. Nam biodh ur saoghal 'nar lamhaibh fein; 's gum faodadh sibh bhi beo gus am milleadh sibh sibh fein; cia fhad a mhaireadh sibh air thalamh? ach ged a tha ur beatha bhith-bhuan co-mor 'nar lamhaibh fein, fo Dhia, 's nach millear sibh gu siorruidh, gus am mill sibh sibh fein; gidheadh, cia tearc iad a chumas an lamhan o'n leir-sgrios fein? Mo thruaighe, cia h-innleachdach an diabhol, cia truallidh an duine, agus cia mealltach druidheachd a pheacaidh?

2. Tuigibh uaidh so mar an ceudna, nach mòr an t'aobhar iongantais ma bhacas daoin' aingidh, daoin' eile o thriall air an t' slighe chum neamh; ma 's àill leo coi-

lion neach a bhi neo-iompaichte 's is urr iad ; ma bu mhath leo mòran a tharruing chum peacaidh agus an glasadh ann ! Am faod sibh dùil a bhi agaibh gun dean iad iochd air daoine eil' an uair nach dean iad iochd orra fein ? An saoil sibh gun sòr iad leir-sgrios dhaoine eile, an uair nach sòr iad an leir-sgrios fein ? Cha mheasa do dhaoineibh eil' iad na dhoibh fein.

3. Fa dheigh, foghlumaibh uaidh so, gur è àrd-namhuid an duine neo-iompaichte è fein ; gur è dioghaltas is mò a nithear air anns an t' saoghal so, fhàgail dha fein ; gur i mor-obair gràs Dhe a theas-airginn uaidh fein ; gur còir ga ghearan, agus ga àrd chasaid bhi air fein, do bhrìgh nach 'eil obair is deacaire aige na cuir 'na aghaidh fein ; no nàmhuid is mò aige, na a chridhe ana-miannach agus an-toil aingidh, re h-urnaigh a dheanamh 'n an aghaidh gu dùrachdach, agus ri gleachd spàirneil a chumail riu gach la. Tuigibh ma b' àill leibh math a dheanamh air daoine eile, agus an cuideachadh chum neamh, gur è cruadh-chas is mo a tha agaibh anns an obair so, an saoradh uatha fein, o dhoilleadh inntinn, o'n an-toil thruaillidh, o'n ana-miannaibh do theagaisg, o'm buaireas bras agus mi-riaghailteach. Dh' ainmich mi na nithe sin, amhàin, chum 's nach cuirinn sgìos oirbh, agus fàgaidh mi agaibh iad gu smuainteach orra.

Anis a dhaoine, rannsaich sinn amach na ciontaich mhòr sin, luchd millidh an anma, eadhon, daoine fein, agus an an-toil aingidh ; agus ciod anis a nithear riu, ach breith a thoirt orra do rèir an dearbhaidh a tha agaibh air am mi-rùn millteach ; agus earalachadh orra an aingidheachd dhòrainneach so aideachadh ann an lathair an Tighearna, iad fein irioslachadh air a son, agus gun a cuir an gnìomh tuille gu brath. Ris na trì cinn shonraichte sin cuiridh mi beagan eile.

1. Chum impidh a chuir oirbh.

2. D' ar n irisleachadh.

3. D' ar n ath-leasachadh, mi 's ion domh dùil a bhi agam gur urrainn mi sin a dheanamh.

1. Is aithne dhuinn urrad do nàdur ro-ghràsmhor an Tighearn' a tha toileach math a dheanamh agus tròcair a nochda; 's nach 'eil aobhar againn a chuir an umhail gur è aobhar ciontach ar dorainn, no a ràdh gu bheil è neo-iochdmhor : oir is è ùghdar gach maitheas, agus Dia tearmainn nan uile: cumaidh è suas iad le uile-chumhachd, riaghlaichidh se iad le gliocas gun mhearachd, agus altrumaidh se iad le maitheas nach traogh: “Tha sùilean gach dùil a  
 “ feitheamh air, agus bheir è biadh dhoibh ann an àm  
 “ iomchuidh, fosglaidh è a lamh fhial, agus sàsaichidh  
 “ è miann gach ni beo. Tha è ceart 'na uile shligh-  
 “ ibh, agus naomha 'na uile ghnìomharaibh. Sal.  
 “ cxlv. 15—17. Tha è math mar an ceudna do na  
 “ h-uile; agus tha a chaomh-thròcair os cionn uil'  
 “ oibribh.” Sal. clv. 17. Uaidh so chi sibh nach è Dia ùghdar peacaidh no mi-cheartais.

Ach mar a bhuineas do'n duine, is ni soilleir gu bheil inntinn dorch, a thoil crosta, agus ana-miannaibh a' tilgeil a shonais bonn os ceann; tha e cuimsichte ri obair a leir-sgrios fein, le h-amaideachd agus le tru-aill'eachd. Nam faiceadh sibh uan marbh air an t' slighe, co dhiu a choiricheadh sibh mar ùghdar à mhillidh, a chaora, no 'n sionnach, air bhi dhoibh mar aon a' seasamh dlùth dha? Mà chi sibh tigh briste agus an teaghlach millte, an luaith' a shaoileadh sibh gur è 'n Rìgh no am breitheamh glic agus co-thromach, aig nach robh feum air am maoin, a mhill iad, no am meirleach ladurna? Air an aobhar sin arsa Seumas i. 13—15. “Na h abradh neach sam bith  
 “ an uair a bhuairear è, tha mi air mo bhuaireadh le  
 “ Dia: oir cha chomasach Dia a bhuaireadh le h-olc,  
 “ cha mhò a bhuaireas è aon neach. Ach tha gach  
 “ duine air a bhuaireadh, 'n uair a thairngear, agus a  
 “ thàlaidhear è le ana mhiann fein. An sin air bhi  
 “ do'n anamhiann torrach, beiridh è peacadh: agus  
 “ air do'n pheaca bhi air a chriochnacha, beiridh è

“ bàs.” Chi sibh an so gur è am peaca gineil ur n ana miannaibh fein, agus nach còir ainmeachadh air Dia mar gum b' è a b' Athair dha ; agus gur è am bàs iarmud ur peacaidh fein, agus an tora sin a thilg-eas è dhuibh air dha bhi abaich. Mar a tha nimh anns an damhan-alluidh, tha ionmhas an uilc annaibh fein, o'n ginear ur leir-sgrios ; agus o'n sniomhar lìontaibh ur dòrainn. Is ni soilleir gur è ur nàdur fein fìor-aobhar ur truaighe.

2. Is ni soilleir gur sibh fein is luchd millidh d' ar n-annaibh, o tha sibh co obann a ghabhail ris gach gnè bhuaireadh, ach beag, a thairgear dhuibh. Is gann atha an diabhol co ullamh d' ar brosnachadh chum uilc, 's atha sibh fein a thoirt èisdeachd dha, agus a dheanamh mar is àill leis. Ma bhuaireas è sibh gu barailean seachranach, gèillidh sibh. Ma bhacas è dhibh deagh rùn, tha so so-dheanta. Nam fuaraicheadh è ur deagh thograibh, cha 'n e sin is do-dheanta. Nam b' àill leis ur n ana-miannaibh gràineil fhadadh, tha iad so-bheothachaidh. Nam b' àill leis ur brosnachadh gu smuain, gnìomh, no giulan docharach tha sibh èasgaidh, cha 'n fheum sibh ur n-earaluchadh g' an ionnsuidh. Nam bacadh è sibh o smuain, o ghnìomh, no giulan naomh ; is beag a ni sin, cha 'n fheum sibh sparrag. Cha rannsuich sibh o chogar aim-leasach, cha chuir sibh cùl ris mar a chuireas è an cèill è ; agus cha mhùch sibh sràd an uilc a shèideas an diabhol annaibh : ach aomaidh sibh leis, bheir sibh comh'ail dha an leth na slighe, gabhaidh sibh a chomhairle, agus brosnachaidh sibh è d' ar buaireadh. Is furasda iasg co chiochrach ruibh a ghlacadh ; iasg a ruidheas ag iarraidh lòn, agus a ghlacas an dubhan lòm, mur tachair biadh is fearr air.

3. Is ni soilleir gu bheil ur leir-sgrios uaibh fein, o'n a chuireas sibh an aghaidh gach ni agus neach a chuidicheas leibh, a theasairgeas sibh, a ni math oirbh, no a bhacas ur dòrainn. Chuidicheadh Dia leibh,

theasairgeadh è sibh le fhocal, ach cuiridh sibh 'na aghaidh, oir is ro-theann leibh iartas. Naomhaicheadh è sibh le a Spiorad, ach cuiridh sibh 'na aghaidh, agus mùchaidh sibh a chomhairle. Ma bheir neach air bith dhuibh achmhasan arson peacaidh, bheir sibh anacainnt da ; agus ma b' àill leis ur n-iompachadh gu beatha naomh, agus fios ur cunnairt a thoirt duibh, bheir sibh ro-bheagan buidheachais da, ag ràdh, *Gabhsa cùram math do d' leas fein oir cha fhreagair thu air ar soin-ne.* No air a chuid is lugha, cuiridh sibh bhàrr ur n aodain è le buidheachas mi-chreidheil, ach cha phill sibh air impidh. Ge do bheireadh luchd teagaisg foghlum diomhair mar chuideacha, cha tig sibh d' an ionnsuidh ; cha mhothaich ur n anma diblidh feum aca fein air cuideacha. Nan ceasnaicheadh iad sibh, tha sibh ro shean r'ar ceasnachadh, ge nach 'eil sibh ro shean chum bhi ain-eolach agus mi-naomha. Ge b' è ni is urr' iad a ràdh ruibh chum ur leas, tha sibh co fhèin spèiseil, agus ghlic 'n ar barailibh fein ; seadh, ann an doimhne ur 'n ain-eolais, 's nach toir sibh feart air aon ni nach còrd r' ar barailibh mearachdach, ach cuiridh sibh an aghaidh ur luchd teagaisg, mar gum bu ghlice sibh fein na iad ; cuiridh sibh an aghaidh gach ni is urr' iad a ràdh ruibh, le 'r n-ain-eolas, ur n-an-toileileachd, ur connspoid amaideach, ur leithsgeulaibh fann, agus ur diulta mi-reusonta ; agus cha ghabh sibh gu fàillteach ri maith air bith a thairgear dhuibh.

4. Os-barr is ni leor-shoilleir gur luchd fein-sgrios sibh ; oir tharraing sibh aobhar ur leir-sgrios, seadh, o 'n Dia uile-bheannaichte fein. Cha chòrd innleachd a ghliocais ruibh. Cha chòrd a cheartas ruibh, ach measaidh sibh è mar an-iochd. Cha chòrd a naomhachd ruibh, ach is ullamh leibh a smuainteachadh gur cosmhuil ruibh fein è, agus gu bheil e co shuarrach mu pheaca ruibh fein. Cha chòrd fhirinn ruibh, ach saoilidh sibh gur breugach a bhagra, seadh, a bhagradh



ard-thighearnail, no ard-ùghdarrach. Ge d' shaoil-eadh neach gu bheil meas àrd-urramach agaibh air a mhaitheas, gidheadh, mi-ghnàthaichidh sibh è ann an cail-eigin, a neartachadh ur peacaidh, mar gu 'm bu leith-sgeul peacaidh dhuibh, gu bheil Dia tròcaireach, agus saibhir pailt ann an gràs.

5. Seadh, bheir sibh leir-sgrìos o'n Fhear-shaoraidh bheannaichte, agus bàs sìorruidh o thriath na beatha bhith-bhuain. Cha'n' eil aobhar misnich ismò agaibh, na gun do bhàsaich Criosd air ur son ; mar gun rachadh cunnart bàis shìorruidh seachad, agus air an aobhar sin gur tearuinte dhuibh peacachadh le dānadas ; mar gum bu tràill Criosd do 'n diabhol, agus d' ar peac-aibhs', agus mar gum b' eigin da feitheamh oirbh am feadh a bheir sibh obair dha ; agus do bhrìgh gur è lèigh an anma, agus gu bheil comas aige an dream sin uil' a theasairginn gu h-iomlan a thig chum Dhe da thrìd, saoilidh sibh gur eigin da a cheadachadh dhuibh a chuideachadh a dhiultadh ; gur eigin da a chungaidh-leighis a mhi-bhuileachadh oirbh ; agus saoilidh sibh gur eigin da ur teasairginn ge nach tig sibh chum Dhe da thrìd ; mar so, is i an earbs' an-dàn' a ni sibh a bàs Chrìosd, is aobhar do chuid mhòir d' ar peacaidh.

Cha smuaintich sibh gun d' thainig Criosd, a shao-radh a shluaigh o' m peacaibh, agus d' an naomhachadh mar shluagh sònraichte dha fein ; agus g' an co-dhaingneachadh ann an naomhachd a reir iomhaigh an Athair neamhaidh, agus an ceannaird. Mat. i. 21. Tit. ii. 14. ; 1 Pead. i. 15, 16. ; Col. iii. 10, 11. ; Phil. iii. 9, 10.

6. Mar an ceudna, bheir sibh ur dòrainn fein o fhreasdal agus o oibribh Dhè. An uair a smuainticheas sibh air roi-eolas agus òrducha sìorruidh Dhe, is ann d' ar cruadhachadh fein ann am peaca, no a lionadh ur n-anma le smuaintibh connspoideach, mar gum bu chòir do òrducha Dhe saothair ur n-aithreach-

ais agus ur giulan naomh a chaomhnadh, no, mar gum b' è aobhar ur peacaidh, agus ur leir-sgrios. Ma smachdaicheas è sibh is àrd ur gearan; ma shoirbhicheas è leibh, is mòid' a dhi-chuimhnicheas sibh è agus a bheatha tha chum teachd. Ma shoirbhicheas luchd-aingidheachd, di-chuimhnicidh sibh a chrìoch a leig-eas ris gliocas agus ceartas freasdail De; agus is ullamh leibh a smuainteachadh gur co mhath bhi aingidh agus diadhaidh. Agus mar so bheir sibh ur bàs siorruidh fein o gach ni.

7. Agus bheir sibh an leir-sgrios ceudna o chreatuiribh agus o throcair ur De. Thug è dhuibh a chreataire mar chomhar' a ghràidh, agus mar chungaidh chum ùmhlachd a thoirt d'a fein, ach gnàthaichidh sibh iad an aghaidh iartais chum ur n ana-miannaibh feolmhor fein a shàsachadh. Ithidh agus òlaidh sibh chum cosg ur n-ocrais agus ur n-iotaidh, ach cha 'n ann chum glòir Dhe agus g'ar deanamh neart-mhor 'n a obair. Mi-ghnàthaichidh sibh ur n-èididh chum spòrs. Tairngidh ur saibhreas ur n-anma o neamh. Sèididh ur n-urram agus ur deagh-alladh suas sibh le h-uaille. Ni an neart agus an t' slaint' a mhealas sibh, neo-chùramach dearmadach sibh mu 'r crìch. Seadh, mi-ghnàthaichidh sibh tràcair dhaoin' eile, chum ur dochair fein. Ma chi sibh an urram agus am mòr-luach, broснаichidh so ur tnùth agus ur farmad. Ma chi sibh an saibhreas, is ullamh leibh a shanntachadh. Ma dhearcas sibh air maise, mosglaidh so ur togra neo-gheamnaidh. Agus is math an ni mur droch còird sealla de 'n diadhachd fein ruibh.

8. Iompaichidh sibh gu peaca, na deagh thiodhlaca sin a bhuilich Dia oirbh, agus meadhona sin nan gràs a dheasaich se da eaglais. Ma tha ceatfadh agaibh is luchd-mhoire na tha aig daoin' eile, fàsaidh sibh uallach fein-spèiseil: mur 'eil agaibh ach tiodhlaca coitcheann, measaidh sibh iad mar ghràsa sonraichte. Measaidh sibh èisdeachd ur dleasnais mar

dheagh obair a ghabhas ur leith-sgeul, ge nach cuir sibh ur dleasnas an gnìomh. Iompaichir ur n-ùrnaigh gu peacadh, do bhrìgh gun toir sibh speis do 'n eacoir 'n ur cridhibh, Sal. lxvi. 18. Agus do bhrìgh nach triall sibh o eacoir an uair a ghairmeas sibh air ainm an Tighearna, 2 Tim. ii. 22. Tha ur n-urnaigh gràineil, do bhrìgh gu 'n aom sibh ur cluas o èisdeachd an reachd, Gnath. xxviii. 9. Agus a chionn gur deise leibh iobairt nan amadan' a thoirt do Dhia, na èisdeachd agus gèill a thoirt da fhocal. Ecles. v. 1. Cha cheasnaich sibh sibh fein, roimh ghabhail sùipeir an Tighearna, ach do bhrìgh nach dean sibh aithn' air corp an Tighearna, ithidh agus òlaidh sibh breitheanas duibh fein. 1 Cor. xi. 28, 29.

9. Seadh, ni sibh fàth peacaidh agus leir-sgrìos do 'n dream ris am bi ur co'-luadar, agus d' an gnìomh-araibh. Ma bhitheas eagal De orra, is beag oirbh iad. Ma bhitheas iad an-diadhaidh leanaidh sibh an cèime. Ma tha luchd-aingidheachd lionmhor, saoilidh sibh gur tearuinte dhuibh an leanmhuinn le dàna das. Ma tha daoine diadhaidh tearc is mòid a ni sibh do dhimeas orra le dàna das. Ma ghluaiseas iad gu h-iomchuidh saoilidh sibh gu bheil iad ro-fhaicilleach thearuinte ; ma thuiteas neach dhiu ann am mearachd sonraichte, tuislidh sibh air a mhuin, agus pillidh sibh o naomhachd do bhrìgh gu bheil daoin' eile neo-iomlan an naomhachd ; mar gum bu bharantas laghail dhuibh sibh fein a chuir as o mhuineal a chionn gun do chuir daoine neo-fhaicilleach iad fein as na h-altaibh. Ma leigeas am fuar-chràbhach ris e fein, is cainnt duibh gur ionann doibh uile, agus measaidh sibh gu bheil sibh fein co ionraic ris an dream is fearr dhiu. Ma gheibh an duine cràbhach an tuisle is lugha, ma ghearras e a mheur, bheir so misneach dhuibh ur scòrnan fein a ghearradh. Ma labhras luchd teagaisg ruibh gu soilleir saor, is cainnt duibh gun do throd iad ruibh. Ma labhras iad ruibh gu macanta ciùin, no ge fuar-

chainnteach, an dara cuid coidlidh sibh no cha mhò a dhrùigheas an teagasg oirbh, na air an stol air an suidh sibh. Ma shnàigeas mearachd do 'n eaglais, sluigidh sibh è gu ciocrach, agus dididh cuid eil' an teagasg criosduidh, arson an iomraill sin, ged a tha an soisgeul gu h iomlan 'na aghaidh. Agus ma b' àill le luchd teagaisg ur tarraing o mhearachd sean air bith, aig nach 'eil mar bharantas ach gun do fhreumhaich è fad iomad linn ann an cleachdainn dhaoine, tha sibh co diomach an uair a chomhairlicheas iad duibh a leasachadh, agus cùl a chuir ris, 's ge do bhiodh ur n-anmaibh agus ur sonas an earbsadh ris, agus leanaidh sibh gu teann ri sean mhearachd, an uair is àrd a chluinnear ur glaoth gearanach an aghaidh mearachd ùr. Is tearc connspoid a thàrlas am measg luchd teagaisg an t' soisgeil, nach tarraing sibh ur bàs fein uaithe. Cha toir sibh èisdeachd, no air a chuid is lugha, cha toir sibh gèill, do theagasg fìor-ghlan an fhir nach co'-shìn ruibh ann am barailibh: Tha neach nach èisd ri fear teagaisg do bhrìgh gun leugh è a shearmoin, agus neach eile nach èisd ris do bhrìgh nach leugh è i. Tha neach nach èisd ri fear teagaisg a chionn gu 'n abair e ùrnaigh an Tighearna; agus neach eile nach èisd ris do bhrìgh nach abair è i. Tha neach nach èisd ris an dream a ghabhas leis an easpuigeachd, agus neach eile nach èisd ris an dream nach gabh. Mar so b' fhurasd a nochdadh dhuibh ann an iomad càs eile, gun tarraing sibh leir-sgrìos o gach nì a thig dluth dhuibh; is nì ro shoilleir gur luchd fein-sgrìos daoin' an-diadhaidh, agus gu bheil an dòrainn uatha fein.

Anis, air smuainteachadh dhuibh air na nithe sin a chualadh sibh agus air ur slighe fein, shaoilinn gum bu chòir dhuibh a chuimhneachadh cìod è a rinn sibh, nàire ghabhail deth, agus bhì lan-irioslaicht an uair a bheir sibh fainear è. Agus mur dean sibh so, dearc-aibh air na firinnibh so a leanas.

1. Is peacadh am fein-mhilleadh, a tha an aghaidh an tograidh is neart-mhor a tha 'n ar nadur, eadhon, togradh an fhein-thearmuinn. Tha spèis nàdurra aig gach bith mothachail da leas, da shonas agus da fhoirfeachd fein. Agus an roighnich sibhs ur leir-sgrios fein? An uair a sparrar oirbh ur nàbaidh a ghràdhachadh mar sibh fein: tha so a' roimh-chiallachadh gur dual duibh sibh fein a ghràdhachadh. Ach mur gràdhaich sibh ur nàbaidh, ach mar a ghradhacheas sibh sibh fein, is cosmhuil nach b' olc leibh gun rachadh an sluagh gu leir am mugha.

2. Cia mor ata sibh an aghaidh ur rùin agus ur tograidh fein! Tha fios agam nach miann leibh ur leir-sgrios fein, seadh, an uair a bhios sibh 'g a thoilltinn; saoilidh sibh nach 'eil sibh ach a deanamh math dhuibh fein, le bhi a' sàsachadh ur n ana-miannaibh feolmhor. Anis mo thruaigh cha 'n 'eil so ach mar dheoch de 'n uisg' fhuar ann an an-teas fiabhruis, a mheudaicheas an tinneas agus a ghoimh. Nam b' àill leibh sòlas, saibhreas, agus urram, iarraibh iad anns an àit' a' bheil iad so-fhaghail, agus na bithibh 'g an sealg air an t' slighe chum ifrinn.

Nach truagh gun deanadh sibh an ni sin oirbh fein, nach urrainn aon neach eil' air thalamh, no ann an ifrinn a dheanamh oirbh! Ge do chruinnicheadh gach duin air thalamh, agus deamhan ann an ifrinn, a thoirt ionnsuidh oirbh, cha 'n fhaod iad ur milleadh no a thoirt oirbh peacachadh, mar aontaich sibh leo. Agus an dean sibh an ni sin oirbh fein, nach fhaod duine no deamhan a dheanamh oirbh? Is beag oirbh an droch-spiorad, a chionn gur è ur nàmhuid a dhealbhas ur dòrainn è. Agus am bi sibh ni 's measa na diabhoil dhuibh fein? Is è so ur cor cunnartach nan tuigeadh sibh è; an uair a ruidheas sibh o dhiadhachd chum peacaidh, agus a dhiultas sibh pilleadh air iartas Dhè, ni sibh tuille coire d' ar n-anmaibh fein na 's urrainn duine no deamhan a dheanamh oirbh. Agus ged a chuireadh sibh ur geur-chùis gu leir an

gniomh a dhealbh an aimhleis is mò dhuibh fein, cha 'n fhaodadh sibh dòrainn a dhealbh' a bheireadh bàrr oirre so.

4. Tha sibh mi-dhileas anns a ghnòthach a dh'earb Dia ruibh. Dh'èarb è mòran d' ar sonas ruibh fein, agus am meall sibh è 'n a earbsa? Sparr è oirbh-ur cridh' a choimhead le 'r n uile dhicheall; agus an e so coimhead a ni sibh air? Gnath. ii. 23.

5. Thoir misg sibh do gach aon neach eile truas a ghabhail dibh, an uair nach gabh sibh truas dibh fein: ma ghlaodhas sibh, ag iarradh tròcair o Dhia ann an là ur n amhghair; ciod ris am faod sibh dùil a bhi agaibh, ach gu 'n iomain è uaidhe sibh, ag ràdh *Chaghabhadh sibh truas dibh fein: agus co a tharraing an leir-sgrìos so oirbh, ach ur n-an-toile aingidh fein?* Agus ma chi ur bràthaire sibh ann an dòrainn shiorruidh, an truagh leo sibh, agus gur sibh fein luchd-millidh ur n-anna, agus cha ghabhadh sibh comhairl' ur leas?

6. Is aobhar sior-chlaoidh d'ar n anmaibh ann an ifrinn, bhi a' smuainteachadh, gun d'iomain sibh sibh fein gu deonach chum ionad sin na dòrainn. Och, nach cràdh-cridhe leibh gu bràth bhi a' cuimhneachadh, gur è so ur deanadas fein? Gun d' fhuair sibh fios an leir-sgrìos so roi-laimh, a rìs agus a rìs, ach nach do sheachainn sibh è: gun do pheacaich sibh gu deonach o Dhia: gun robh ùin agus aimsir agaibh mar a bha aig daoin' eile, ach gun do mhi-ghnàthaich sibh iad: Bha luchd-munaidh agaibh, mar a bha aig daoin' eile, ach dhiult sibh an teagasg: bha eiseimpleire naomh agaibh, ach cha do ghluais sibh d'an rèir; thairgeadh dhuibh Criosd, gràs agus glòir, mar a thairgeadh do chàch iad, ach thug sibh tuille spèis d'ar n ana-miannaibh feolmhor, na thug sibh dhoibh! Chuireadh luach 'n ur lamhaibh, ach cha robh cridhe annaibh ga bhuileachadh. Gnath. xvii. 17. Nach sior-chlaoidh d'ar n-anmaibh smuainteachadh air an amaideachd so? Och, nach 'eil ur sùile fosgailte, a

lèirsinn gun d' rinn sibh ea-coir air ur n-anmaibh gu deonach ! Och nach do thuig sibh ni 's fearr briathara so Dhe ! Gnath viii. 33—36. “ Eisdibh ri teagasg “ agus bithibh glic, agus na diultaibh e. Is beann- “ uicht' an neach a dh' èisdeas riumsa, a' deanamh “ faire gach là aig mo gheataibh' a' feithean aig “ ursannaibh mo dhorsa. Oir ge b' è neach a gheibh “ mise gheibh è beatha, agus gheibh è deagh-ghean “ o'n Tighearna. Ach an ti a pheacaicheas a' m' “ aghaidhs' ni è ea-coir air anam fein : iadsan uil' a “ dh' fhuathaicheas mi, gràdhaichidh iad am bàs.”

Air teachd dhomh anis chum co'-dhuna na h-oibre so, is duilich le m' anam dealachadh ruibh, air eagal an diaigh mo shaothair, gu meall ur n-ana-mianna feolmhor sibh, gun cuir, agus gun gleidh an diabhol agus an saoghal sibh, ann an ifrinn. O-ro mheud mo chùram d' ar n-anmaibh, is eagal leam so, mar is aithne dhomh gu bheil sibh so-lùbaidh gu h-àimh-leas : gidheadh, faodaidh mi a ràdh leis an fhàidh Jeremiah xvii. 16. *Tha fios agads' a Thighearna, nach do mhiannaich mi là na truaighe.* Cha domhiannaich mi le Seumas agus le Eoin gun tigeadh teine o neamh a leir-sgrìos nah-aitimsinadh iult gabhail reh-Iosa Criosd, Luc. ix. 54. Ach shaothairich mi fad na h-ùine so a ghabhail roimh an teine shiorruidh sin : agus is duilich leam gun robh feum agaibh air mo shaothair ! Is truagh nach robh sibh co neo fheumail air mo shaothairs' ann am barail Dhe agus dheagh-dhaoin, 'sa bha sibh 'n ar barailibh fein ! A chàirde caomh ! is co duilich leam gun luidheadh sibh ann an dòrainn an teine shiorruidh, agus gun crànnar doras nan neamha oirbh gu brath, a's ma 's urra mi gabhail roimhe, gun cuir mi a cheist so oirbh aon uair eile, *Ciod anis ata 'n ar n-aire ? Am pill nó am bàsaich sibh ?* Amhaircim oirbh mar dh' amhairceas lèigh air duin' ea-slan ann an tuinneas cunnartach, ag ràdh, *Ged a tha thu ann an gàbha co mhòr, nan gabhadh tu ach a chungaidh-leighis*

so, agus nan diultadh tu ach na nithe millteach so, chuir-  
inn m' anam ann an àite t' anma, ach mur gabh thu mo  
chomhairl, is duine marbh thu. Ciod e ur barail air a  
leithid so de dhuine, mur faod a lèigh no a chàirdean  
gu leir, impidh a chuir aon chungaidh-leighis a  
ghabhail d'a theasairginn fein, no beagan de nithibh  
nimheil millteach a sheachnadh? 'Sè so ur corsa.  
Ach cia mor air bith an cunnart anns am bheil sibh  
arson ur peacaidh, pillibh ach anis ri Criosd, agus  
gabhaibh a leigheas, agus mairidh ur n anann beo gu  
sona. Cuiribh uaibh am peaca bàsmhor le h-aith-  
reachas, agus na pillibh tuille ris ach ri leas ur  
n-anma, agus bithidh sibh gu math. Ach nam b' ann  
a mhain ri 'r cuirp a bhiodh ur gnothach-ne, bhiodh  
caileigin de bharail againn ciod a dheanamaid ruibh.  
Ge nach aontaicheadh sibh, chumamaid no chean-  
glamaid sibh, agus dhortamaid an ioc-shlainte sios 'n  
ar sluganaibh; chumamaid nithe dochannach uaibh.  
Ach cho bhuinear ri 'r n anmaibh air an dòigh so ;  
cha 'n fhaod sinn ur n-iompachadh an aghaidh ur  
toile. Cha ghiulainear luchd-cuthaich gu neamh fo  
chuibhreach. Faodar ur milleadh an aghaidh ur  
toile, oir pheacaich sibh le 'r toil, ach cha 'n fhaodar  
ur teasairginn ann aghaidh ur toile. B' iomchuidh  
leis an Dia uile-ghlic, cuid mhòr de shonas agus de  
leir-sgrìos dhaoin' a chuir fo roghainn an toile fein :  
chum 's nach tèid neach air bith chum neamh, agus  
an neach a roighnich an t' slighe chum neamh, agus  
nach tèid neach air bith chum ifrinn, ach neach d' an  
eigin a ràdh, *fhuaire mi mo roghainn ; thug mo thoil  
fein ann an so mi* Nam faodainn a thoirt oirbh bhi  
lan-toileach le rùn socrach anma, bhiodh an obair  
tuille 's leth-dheanta. Ach mo thruaigh, an eigin  
duinne ar càirdean a chall, agus dhoibh-san an Dia, an  
sonas, agus an anma a chall, as eagmhuis so ? Ach nior  
leigeadh Dia ? Is mor an t' iongantais leam, gu bheil  
daoine co an-iochd-mhor, agus air co beag mothach-  
aidh anns na gnothaichibh is mò, an uair atha iad co



deagh-mhèineach, shuairc, agus chompant' anns na gnothaichibh is lugha. Mar mo bharrail, tha gach coimhearsnach a ta agam co sheirceil domh, 's nan iarrainn co'-sta reusonta dhomh fein o gach neach fa leth dhiu, gun deonaicheadh iad è; gidheadh, an uair a thig mi dh' iarraidh orra an gnothach is fearr air bith a dheanamh dhoibh fein, tha moran diubh nach toir dhomh ach eisdeachd fhoighidneach. Cha 'n fhios dhomh an saoil no nach saoil an sluagh gu bheil fear teagaisg do rìreadh a' labhairt o 'n chrannaig do rèir eolais: gidheadh, shaoilinn gur tearc coimhearsnach ata agam, nan suidhinn leis gu caidreach, ag innse dha ciod a chunnaic, no ciod a rinn mi, no ciod is aithne dhomh anns an t' saoghal, nach creideadh agus nach tugadh fainear mo sheanachas; ach an uair a dhearbhas mi dhoibh o fhocal an De nach breugaichear, ciod a chi iad fein anns an t' saoghal a ta ri teachd, taisbinidh iad le 'n giulan, an dara cuid nach creid, no nach toir iad fainear mo theagasg. Ma tharlas mi air neach air bith dhiubh air an t' slighe, agus ma dh' innseas mi dha sud slochd guail, no so beo-ghaineamh, no sin luchd-millidh ann an ionad uaigneach a' feitheamh ort; is furasda dhomh impidh a chuir air dol taobh eile. Ach an uair dh' innseas mi dhoibh gu bheil an diabhol ri fàth-fheitheamh chum an leir-sgrìos, gu bheil am peaca millteach dhoibh, agus nach ni faoin bhi sùgradh re h-ifrinn, triallaidh iad air an aghaidh mar nach cluinneadh iad focal. Gu fìor a choinhearsnachaibh, tha mi co dùrachdach ruibh o 'n chrannaig, 's atha mi ann an co'luadar càirdeil; agus ma bheir sibh fainear mi gu bràth, guidheam oirbh thugaibh an so fainear mi. Shaoilinn nach bheil neach agaibh uile, nam bitheadh m' anam fo a ràidh, nach biodh toileach a theasairginn, ge nach faod mi a ghealltainn gun trèigeadh è a pheacadh air mo shon. Innis dhomh a mhìsg-fhir, am bheil thu co an-ìochdmhor dhomhs'

a labhras riut, 's nach leigeadh tu seachad cup no dha dibhe, nan saoiladh tu gun teasairgeadh sin m' anam o ifrinn? Am b' fhearr leat gun loisginn ann an sin gu siorruidh, na gum biodh tu fein neo-mhisgeach mar dhaoine eile? Ma b' fhearr leat sin, nach eigin domh a ràdh, gur Uilebheist gun iochd thu, agus nach duine? Nan tiginn ocrach no lom-nochda dh' ionnsuidh do dhorais, nach dealaicheadh tu ri tuille na cup dibhe chum mo theasairginn? Is cinnteach leam gun dealaicheadh: nam bu tearmann do m' anam è. Tha fios agam gun cuireadh cuid agaibh sibh fein ann an cunnart air mo shon. Agus nach gabh sibh os-laimh, air m' impidh, dealachadh ri 'r n-ana-miannaibh feolmhor air sgàth ar sonais fein? An diultadh tu ceud deoch, a dhuine, a theasairginn m' anmas', nam biodh a thearmann an earbsa re d' ghean-math? agus nach dean thu sin a shaoradh t' anma fein? Creidibh mi a dhaoine, guidheam oirbh an diugh co dùrachdach ar n-anma fein a theasairginn, 's a ghuidhinn uaibh tearmann domh fein, nam feumainn dol mar dhèirceach a dh' ionnsuidh ur dorsa ga iarraidh. Agus air an aobhar so nan èisdeadh sibh rium an sin, èisdibh anis rium. Nam bu truagh leibh mis' ann an àmhghar, guidheam oirbh gabhaibh truas anis dhibh fein. Guidheam oirbh a rithist, mar air mo glùnaibh lubta, èisdibh ri 'r Fear-saoraidh, *agus pillibh air impidh-san, chum 's gum bi sibh beo.* Sibhs' uil' a bha fo ain-eolais, fo neo-chùram, agus fo an-dânadas gus an diugh; sibhs' uil' a bha bàit' ann an ro-chùram saoghalta, agus nach do chuimhnich Dia, no glòir shiorruidh: sibhs' uil' a tha fo thràill-ealachd d' ar n-ana-miannaibh feolmhor, do bhiadh, do dheoch agus do shùgra neo-gheamnaidh: agus sibhs' uile do nach aithne feumalachd na naomhachd, agus nach robh eolach riamh air obair naomhachaidh an spioraid 'n ar n-anmaibh, agus nach do ghabh ri 'r Fear-saoraidh beannaichte le creidimh beo, le h-ion-

gantas, buidheachas, agus mothacha da ghràdh, agus nach do mhothaich riamh spèis is mò, no gràdh is cridheile do Dhia agus do neamh, na a bha annaibh d' ur suaimhneas feolmhor, agus do nithibh talmhuidh : guidheam oirbh gu dùrachdach, cha 'n ann amhàin air mo sgàth sa, no air sgàth ur n-anmaibh fein, ach air sgàth an Tighearna, na triallaibh aon latha tuille 'nur ceud slighe ; ach amhaircibh air gach taobh, agus glaothaibh ri Dia, ag iarraidh gràis an iompachaidh, chum 's gun nuadh-chruthaichear, agus gun saorar sibh o na plàighibh a tha dluth dhuibh, agus d' am bheil sibh buailteach. Agus ma ni sibh gnè gu bràth air mo shon, deonaichibh an ath-chuinge so, *pillibh o 'r droch shlighibh, agus mairibh beo* ; Diultaibh dhomh aon ni a dh' iarras mi gu bràth dhomh fein, ma dheònaicheas sibh ach so dhomh. Agus ma dhiultas sibh so dhomh, is coma leam aon ni eil' a dh' fhaodas sibh a dheònachadh. Seadh, ma 's àill leibh aon ni a dheanamh gu bràth air iartas an Tighearn a chruthaich agus a shaor sibh, na diultaibh so dha : oir ma dhiultas, is coma leis ciod eile dh' fhaodas sibh a dheònachadh dha. Ma 's àill leibh gum freagair è ur n-ùrnaighe gu bràth, gun deònaich è ur n-iartas, agus gun toir è tearmann duibh ann an uair bàis, an là breitheanais, no ann an àmhghar air bith ; na diultaibh dha an ath-chuinge so anis ann an là ur socair. O ! creidibh mi a dhaoine. Cha 'n fhaic sibh bas agus breitheanas, neamh agus ifrinn, le 'r sùilibh corporra an uair a bhitheas iad fad uaibh, air an doigh air am faic sibh iad dluth dhuibh. Ann an sin cluinnidh sibh leithid na teachdaireachd a chuir mis' ann cèill duibh, le tuille mosglaidh agus furachrais anma.

Seadh, ge nach 'eil barail co math agam air gach neach, tha dùil agam gur i rùn cuid agaibh pilleadh anis agus bhi beo : agus gu bheil sibh ullamh a chuir na ceist sin, a chuir na h-Iudhaich air Peadar, (an

uair a bhioradh an cridhe,) ag ràdh, Gniomh ii. 37. *Fheara agus a bràthaire ciod a ni sinn? Ciod an doigh air an lan-iompaichir sinn? Tha sinn toileach bhi ùmhal do Dhia, nam b' aithne dhuinn ar dleasnas. Nar leigeadh Dia gun diult sinn iompachadh, agus gun roighnich sinn leir-sgrìos, mar a rinn sinn gus anis.*

Ma 's i so rùn, agus ma 's iad sin smuainte ur n anma, faodar a ràdh ruibh mar a thubhairt Dia ri sluagh a thug deagh ghealla dha, Deut. v. 28, 29. " Is maith a thubhairt iad gach ni a labhair iad, " O ! gun a leithid sin do chridh' annta, gum biodh " m' eagals' orra, agus gu 'n gleidheadh iad m' àith- " eantan gu bràth : " Is sàr-mhath ur rùn-sa, agus O ! gun chridh' annaibh ga chuir an gnìomh ! agus an dùil gun tachair sin, is cridheil a sheolas mi dhuibh ciod a ni sibh ; agus sin gu h aithghearr, chum 's gur usa dhuibh a chuimhneachadh r'a chuir a gnìomh.

*Seòladh I.* Ma b' àill leibh bhi iompaichte agus àir ur saoradh, gnàthaichibh dicheall spàirneil, a thùigsinn feum agus fìor-nàdur an iompachaidh, ciod air son, co uaidhe, co dh' ionnsuidh, agus co leis, is eigin duibh iompachadh.

Tuigibh ciod è an cor bronàch anns am bheil sibh, gu h-uair ur n-iompachaidh, chum 's gum faic sibh nach cor è anns an tearainte dhuibh còmhnuidh a ghabhail. Tha sibh fo chionta gach peacaidh a chuir sibh riamh an gnìomh ; fo fheirg Dhè, agus fa mhal-lachd an lagha ; is tràilleann cuibhrichte do'n diabhol sibh, tha sibh saothaireach 'na obair gach là, an aghaidh an Tighearn ; an aghaidh ur leas fein, agus math dhaoin eile: tha sibh gu spioradail marbh agus duaich-ni, air bhi dhuibh gun bheatha, gun nàdur agus gun dreach naomh na diadhachd. Tha sibh neo-iom-chuidh air obair naomha, cha dean sibh gnè a tha fìor-thaitneach le Dia. Tha sibh gun ghealla gun chinnt agaibh air tearmann uaidhe, mur pill sibh. Tha sibh sìor-bhuailteach d'a cheartas, gun fhios agaibh c'uin a

spìonar chum ifrinn sibh, ach tha lan-chinnt agaibh gun d' thèid sibh am mugha, ma bhàsaicheas sibh anns an staid sin: agus cha ghabh ach iompacha roi 'n chunnart anns am bheil sibh. Cha dean suairceas, leasacha, no dìcheall is lugha na lan-iompacha tearuint' ur n anma gu bràth. Cuimhnichibh ciod is ciall do 'n truaigh mhi-nàdurra so, agus mar an ceudn am feum a tha agaibh air iompacha.

Agus an sin is eigin gun tuig sibh ciall an iompachaidh: is ciall da, nuadh-chridhe, nuadh-rùn agus nuadh-chaithe-beatha naomha.

*Ceist. C'arson is eigin duinn iompachadh?*

*Freag.* Chum gach crìoch dhiu so a leanas, agus air am faod sibh ruigheachd.

1. Air iompachadh dhuibh, is beo-bhuill de chorp Chrìosd sibh gu neo-mheadhonach, bithidh seilbh agaibh ann, ath nuadhaichear sibh do rèir iomhaigh Dhè, èidichear sibh le ghràsaibh uile, beothaichir sibh le beatha nuadh neamhaidh, teasairgear sibh o antighearnas an droch-spioraid agus a pheacaidh, saorar sibh o mhallachd an lagha, gheibh sibh maitheanas ann an uile pheacaibh ur beatha, gabhaidh Dia ruibh mar a Chlann, bheir è comas duibh ur n-Athair a ràdh ris le dānadas, agus dol d'a ionnsuidh le h-ùrnaigh an aimsir teinn agus airc, agus gabhaidh è ruibh mar a gheall è; gheibh sibh an Spiorad naomh a ghabhail còmhnuidh annaibh, d' ur naomhachadh agus d'ar seoladh: gheibh sibh comh-pàirt ann am bràithreachas, co'-chomunn agus ùrnaigh nan naomh: nithear iomchuidh air obair Dhe sibh; saorar sibh o an tigh-earnas peacaidh; bithidh sibh mar bheannacha feumail do'n ionad anns am bi ur còmhnuidh, agus gheibh sibh gealla na beatha so, agus na beatha a tha chum teachd. Cha bhi dì nithe air bith oirbh a tha do rìreadh math dhuibh, agus gheibh sibh neart a ghiulan ur n-àmhghara feumail; blaisidh sibh cail eigin de

cho'-chomunn Dhe anns an Spiorad ; gu sonraicht' anns gach òrdugh naomh, anns am bheil Dia a' deasachadh cuirm shlainteil d' ar n-anmaibh ; is sibh oighreacha neamh am feadh a bitheas sibh air talamh ; gheibh sibh roi-shealla de 'n ghlòir shiorruidh le sùil creidimh, agus mar so bithidh sibh beo, agus gheibh, sibh bàs ann an sìth : agus cha bhi sibh gu bràth co iriosal bhochd, 's nach bi ur sonas ni 's mò gu mòr na ur truaighe.

Cia luach-mhor gach beannacha dhiubh sin, nach ainmich mi ach gu h-aithghearr, agus a tha ri 'm faghail anns a bheatha so fein.

2. Agus ann an am bàis thèid ur n-anmaibh a dh' ionnsuidh Chrìosd, agus ann an là bhreitheanais, firinnichear, agus glòraichear ur n-anma agus ur cuirp, agus cuirear ann an seilbh iad ann an gàirdeachas ur Tighearna : agus nithear suas ur sonas leis na sòlas-aibh sonraichte so.

1. Nithear coi'-lìonta sibh ; nithear neo bhàsmhor ur cuirp bhàsmhor, agus cuiridh ur truail'eachd oirre neo-thruailleachd ; cha bhi sibh ocrach no iotmhor, sgèth no ea-slan tuille : cha bhi aobhar eagail agaibh roimh nàire, roimh dhòlas, roimh bhàs no roimh ifrinn. Làn-shaorar ur n anmaibh o pheacadh, agus lan ullaichear sibh a ghabhail eolais air Dia, agus a thoirt gràidh agus cliu dha.

2. Is obair dhuibh dearcadh air glòir an Fhìr-shaoraidh, ann an co-chuideachd neamhaidh nan naomh : agus sealladh a ghabhail de ghlòir an De uile bheannaichte ; ard-chuspair ur gràidh a dheanamh dh' easan a ghràdhaich sibh ; agus a chliudhachadh gu siorruidh.

3. Meadaichidh ur glòir, glòir Ierusalem nuaidh, cathair an De bhith-beo, agus is mò so dhuibh na sòlas aonaranach.

4. Glòraichear am Fear-saoraidh 'n ur glòir-se, cliudhaichear a mhòrachd leibh gu siorruidh, agus

is taitneach leis sibh, oir is sibh saothair anma ; agus is mò dhuibh so na ur glòracha fein.

5. Agus glòraichir 'n ur glòir-se mòrachd shiorruidh an De bhith-bheo: mar a chliudhaichear a mhòrachd leibh, mar a cho'-pàirticheas è a ghlòir agus a mhaitheas ruibh, agus mar is taitneach leis sibh, agus coiliontachd oibre ghlòrmhoir fein ann an glòir an nuadh-Ierusalem, agus ann an glòir a Mhic shiorruidh.

Is cinnteach gum faod an dèirceach is aimbear-taiche'n ur measg, so uil'a shealbhachadh gu siorruidh.

2. Chi sibh e' arson is eigin duibh iompachadh : agus anis, is eigin duibh a thuigsinn co uaidh' is eigin duibh iompachadh : agus an aon fhocal, 's eigin duibh iompachadh o'r fein-spèis fheolmhor, crìoch an t' sluaigh neo-iompaicht' uile. Is eigin duibh iompachadh o ana-miannaibh feolmhor, leis an àill gun toilich-eadh sibh iad fein roimh Dhia, na h ana-mianna sin, a tha 'g ar mealladh chum so a dheanamh. Is eigin duibh iompachadh o'n diabhol, agus o'n t' saoghal, am biadh leis am meall an t' iasgair cealgach sin ur n-anma. Agus mar so 's eigin duibh iompachadh o gach peaca toile is aithne dhuibh.

3. Is eigin duibh a thuigsinn co dh' ionnsuidh is còir dhuibh iompachadh, eadhon a dh' ionnsuidh Dhe mar ur crìoch ; a dh' ionnsuidh Chrìosd mar an t' slighe chum an Athar ; a dh' ionnsuidh naomhachd mar an t' sligh' a dh' òrduich Chrìosd, agus mar so a dh' ionnsuidh feum uile mheadhona nan gràs a thairg an Tighearna dhuibh mar chuideacha.

4. Fa dheoigh, 's eigin duibh a thuigsinn co leis is còir dhuibh iompachadh. Eadhon le Chrìosd, an t' aon Fhear-saoraidh, agus an t' aon Fhear eadar-ghuidhe? agus leis an Spiorad fhìor-ghlan, am Fear naomhachaidh ; agus leis an fhocal mar inneal iompachaidh an Spioraid ; agus le creidimh agus aithreachas mar na meadhona agus na dleasanais r' an coilionadh air ur taobh-se. 'S eigin da so uile bhith.

*Seol. II.* Ma 's àill leibh iompachadh agus bhi tear-  
uinte, smuaintichibh gu dùrachdach ann an uaigneas ;  
oir millidh neo-chùram an saoghal. Rachaibh gu tric  
an uaigneas agus smuaintichibh an sin air a chrich  
chum an d' rinneadh sibh ; air ur beatha a chaith sibh,  
air an aimsir a chaill sibh, agus air a pheacadh a chuir  
sibh an gnìomh : smuaintichibh air gràdh, fulangas  
agus iomlaineachd Chrìosd ; air a chunnart d' am bheil  
sibh buailteach ; air dlùthas bàis agus breitheanais  
duibh ; agus air mor luach chinnteach an t' sòlais  
neamhaidh ! smuaintichibh air uabhas cinnteach, agus  
air dòrainn bhith bhuan ifrinn, agus air an siorruidh-  
eachd sin mar aon ; smuaintichibh air feumalachd an  
iompachaidh, agus naomhachd beatha. Maothaichibh  
ur n'anma le smuainte mar iad sin.

*Seol. III.* Ma 's àill leibh iompacha agus bhi tear-  
uinte, feithibh air focal Dè, meadhon gnàthaicht' an  
iompachaidh. Leughaibh no èisdibh na scriptione  
naomha, agus sgriobha diadhaidh eil' a chuireas ruibh  
an scriptione gu tric, agus feithibh air searmonacha  
follaiseach an fhocail. Mar a shoillsicheas Dia an  
saoghal leis a ghrèin, agus cha 'n ann leis fein amhain :  
mar sin iompaichidh agus teasairgidh Dia an sluagh  
le a luchd teagaisg, oir is iad solas an t' saoghail.  
Gnìomh. xxvi. 17, 18. Mat. v. 14. An uair a dh'  
irioslaich è Pol, gu miorbhuileach, chuir è Ananias d'a  
ionnsuidh. Gnìomh. ix. 10. Agus an uair a chuir  
è aingeal a dh' ionnsuidh Chornelius, dh' iarradh air  
fios a chuir air Peadar, a dh' innseadh dha ciod bu  
chòir dha a chreidsinn agus a dheanamh.

*Seol. IV.* Cleachdaibh dhuibh fein dol a dh' ionn-  
suidh Dhe le ùrnaigh dhùrachdaich gu tric. Aid-  
ichibh agus caoidhibh ur beatha a chaidh seachad,  
agus iarraibh gràs d' ur soilseachadh agus d' ur n'  
iompachadh. Guidhibh maitheanas gach peacaidh a  
chaidh seachad, agus gun toir Dia a Spiorad duibh,  
a dh' atharrachadh ur cridh' agus ur giulain, agus  
d'ur sduireadh air a shlighe fein, agus d'ur teasairginn



o bhuaireadh. Agus saothairichibh ann an obair an Tighearna gach la gun sgìos.

*Seol. V.* Sguiribh air ball de gach peaca toil' is aithne dhuibh, stadaibh agus na triallaibh anns an t' slighe sin tuille; na biodh misg oirbh tuille, ach seachnaibh fàth agus ionad na mì-chèille. Na mal-laichibh, na mionnaichibh, agus na càinibh tuille. Tilgibh uaibh le gràin ur n ana-mianna agus ur sòlas peacach: agus ma rinn sibh eacoir air neach, thugaibh coi'-leasacha dha, mar a thug Sacheus. Ma chuireas sibh ur seann-pheacadh an gnìomh a rìs, an ion duibh dùil a bhi agaibh ri beannacha Dhè air meadhona ur n' iompachaidh?

*Seol. VI.* Ma bha droch-cuideachd agaibh toimh so, atharraichibh iad air ball, ma dh' fhaodas sibh. Cha 'n ann le cùl a chuir ri 'r càirdean dileas, ach ri 'r companachaibh peacach agus neo-fheumail, agus ceangailibh sibh fein ri luchd eagail an Tighearna, agus iarraibh eolas uatha air an t' slighe gu neamh.

*Seol. VII.* Thugaibh suas sibh fein do 'n Tighearn Iosa, lèigh ur n-anma, chum 's gun glan è sibh le fhuil, gun naomhaich è sibh le Spiorad, le fhocal, agus le luchd teagaisg, meadhona iompachaidh an Spioraid. Is è Crìosd an t' slighe, an fhirinn agus a bheatha; agus ni bheil slighe ri dol chum an Athar ach trid Chrìosd. Eoin xiv. 1. Ni mo atha ainm eile fo neamh, o 'n sruth ioc-shlàinte mhiorbhailteach. Gnìomh. iv. 12. Air an aobhar sin gabhaibh eolas air a phearsa agus air a nadur, tuigibh cìod a rinn, a dh' fhuiling, agus a ni è air arson; agus smuaintichibh cia mar a bhitheas è lan-diongmhalt a riarachadh ur n-uil' uireasbhuidh.

*Seol. VIII.* Ma 's àill leibh do rìreadh pilleadh agus bhi beo, deanaibh so air ball agus gun dàil. Mur àill leibh pilleadh anis, cha 'n àill leibh pilleadh gu bràth. Cuimhnichibh gu bheil sibh fad na h-ùine so 'n ur fuil fein; fo chionta nam mìlte peacadh, agus fo fheirg Dhe air an son; gu bheil sibh 'n ur seasamh

air bruach ifrinn, agus gun ach ceum eadar sibh agus bàs. Agus am faod ach duine gun chiall bhi suaimhneach anns a chunnart so? Air an aobhar sin, mosglaibh, mosglaibh gu grad, agus teichibh le 'r n-anmaibh; mar a theicheadh sibh o thigh r'a theine os ur ceann. Och! nam bu leur dhuibh an siorchunnart anns am bheil sibh, an call do-labhairt fo 'm bheil sibh gach là, agus cia sona tearuinte dh' fhaodadh sibh bhi, nan iompaicheadh sibh, nam bu leur dhuibh so, cha sheasadh sibh diomhain, ach philleadh sibh air ball. Tha mòran a' dol am mearachd nach pill gun dàil agus gu deònach, an uair a leigear ris doibh gur eigin doibh iompachadh no dol am mugha. Tha ur beatha neo-chinnteach gearr; agus ciod an staid anns am bi sibh ma bhàsaicheas sibh gun lan-iompacha! Dh' fhuirich sibh an-fhada cheana; bha sibh ro-fhad a' deanamh eacoir air Dia, fàsaidh am peaca neartmhor, agus freumhaichidh è gu teann, mur spìon sibh as a bhun è gun dàil. Fàsaidh ur n-iompacha ni 's cruaidhe agus ni 's cunnartaiche, ma chuireas sibh dàil ann; tha mòran agaibh cheana r'a dheanamh, agus air an aobhar sin na cuiribh dàil anns an obair uile, gu deireadh ur n-aimsir, air eagal gun tràig Dia sibh, agus gun toir è suas dhuibh fein sibh, agus ma thàrlas so thèid sibh am mugha gu siorruidh.

*Seol. IX.* Ma 's àill leibh pilleadh ri beatha gu bràth, pillibh air ball agus làn-dheonach. Na tairgibh an coi'-cheangal so a dheanamh ri Criosd, eadhon gun roinn sibh ur n-anma eadar è fein agus an saoghal, gun tràig sibh cuid d' ur peacaibh air iartassan; gun gleidh sibh cuid eile dhiu; agus gun cuir sibh uaibh urrad 's a cheadaicheas ur n-ana-mianna dhuibh a sheachnadh. Is fein-mhealltoireachd so; oir is eigin duibh gu cridheil deonach cùl a chuir ris gach ni a tha agaibh, no cha deisciobuil do Chriosd sibh, Luc. xiv. 26. 33. Mur gabh sibh Dia agus sonas mar chrannchar, agus mur leag sibh ur n-uile

mhaoin gu h-iosal ag cosaibh Chrìosd, cha deisciobuile dha sibh. Ach cha 'n fhuilear leibh crannchur de dheagh nithibh talmhuidh, oir cha leoir leibh Dia, agus glòir shiorruidh, agus is diomhain bhi 'g an tairgseadh dhuibh mar shonas coilionta. Cia cràbhach air bith sibh 'n ur barailibh fein, gidheadh mur 'eil agaibh do 'n chràbhadh ach treibh-dhireas, soirbheacha, sòlas, agus tearmann feolmhor, na h-earbaibh ur sonas riu, oir cia taitneach air bith leibh fein iad so, tha iad air chinnt, co dòrainneach bhàsmhor ri h-ana-dia-dhachd fhollaiseach, ge d' is i an dreach beagan is fearr.

*Seol. X.* Ma 's àill leibh pilleadh agus bhi beo, iompaichibh gu rùnach, agus na gabhaibh ùin fhada, g' ar comhairle, mar ann an gnothach amharusach. Na bithibh iomluath, mar dhaoin a tha neo-chinnteach, an è Dia, no 'n i an fheoil, uchdaran is fearr; an i neamh, no ifrinn ceann-uighe if fearr; an è am peaca, no naomhachd slighe is fearr. Ach cuiribh uaibh ur seann ana-mianna feolmhor, agus roighnichibh leasacha beatha air ball, agus le rùn shuidhicht anma: na bitheadh aon rùn agaibh an diugh agus rùn eil am màireach; ach thugaibh litir-dhealachaidh do'n t' saoghal uile; agus le làn-rùn thugaibh suas sibh fein agus gach ni a tha agaibh do Dhia. Anis air cluinntinn, no air leughadh so dhuibh, roighnichibh leas ur n-anma, m'an coidil sibh o'che eile, agus m'an gluais sibh as an àite so. M'am bi fàth aig an diabhol ur fuadachadh leis, roighnichibh iompachadh. Oir cha phill sibh gu bràth, gus an roighnich sibh pilleadh, le làn-rùn agus dian-thogra gun chaochla. *Gabhaibh an urrad so de sheòlaidh shlainteil.*

Anis rinn mise mo dhìcheall anns an obair so, chum 's gu 'n iompaich sibh air iartas Dè, agus gum bi sibh beo gu sona siorruidh. Ach ciod a bhuil a bhitheas air mo shaothair cha 'n aithne dhomh. Chuir mi pòr air iartas Dè, ach cha 'n urra mi a thoirt air fàs. Cha 'n fhaod mi dol ni 's faide le m' theachdaireachd; cha 'n urra mi a sparradh 'n ur n-

anmaibh, no a thoirt oirre oibreachadh annta ; Cha 'n fhaod mi ur n-obairs a dheanamh air ur son, eadhon, a thoirt oirbh aoidheachd a thoirt do m' theachd-aireachd, no smuainteachadh oirre : ni mò is urra mi a dheanamh obair Dhe, eadhon, ur n-anma fhosgladh chum a gabhail air aoidheachd ; no a thoirt sealla-sùl duibh air flaitheas na glòire, no air ifrinn na dòrainn, no a thoirt maoth-chridhe nuadh dhuibh. Nam b' aithne dhomh tuill' a dheanamh chum ur n-iompachaidh, is doigh leam gun deanainn ègu deònach

Ach, O Athair chaoimh nan uile Spiorada, mhionnaich thu mar is beo thu, nach taitneach leat leirsgrios dhaoin aingidh, ach gur roigniche leat gum pilleadh agus gum bitheadh iad beo ; na diult do bheannacha do gach impidh agus Seola dhiu so, agus na ceadaich do d' naimhdibh buadhachdadh ann ad làthair ; na leig do mhealltoir mòr an anma lamh an-uachdar fhaghail air do Mhac, air do Spiorad, no air t' fhocal. Amhairc le tiom-chridhe air gach peacach truagh neo-iompaichte, leis nach truagh è fein, agus nach iarr cuideacha. Faiceadh an dall, cluinneadh am bodhar, agus mosgladh am marbh air t' iartas ; agus na leig le peaca no le bàs cuir ann a t' aghaidh. Dùisg an neo-chùramach, fuasgail gach imcheist, socraich an duin udalach, agus sileadh sùilean gach peacaich a leughas na briathra so le deuraibh frasach an aithreachais arson peacaidh ; aisig an ciall doibh, agus pill ri d' Mhac iad, seal m'an iomain am peaca chum dòrainn iad. Ma labhras tu ach am focal bithidh buil air mo dhìcheall sa, a theasaiginn mòran anma chum an gairdeachais shiorruidh, agus chum do ghlòir bhith-bhuan-sa. *Amen.*

C R I O C H.

## URNUIGHEAN.

AON do theaghlaichibh ;

Aon eile do pheacach làn aithreachais ; agus

Aon r'a gnàthachadh air là an Tighearna, leis an dream sin amhàin a dh' fheumas a leithid so do chuid eachadh.

*A Leughadoir,*

LEIS an dà aobhar a leanas, bhrosnaicheadh mi, chum na h-urnaighean so a chuir ris an leabhar so.

1. Chi mi gu bheil mòran sluaigh anns am bheil cail-eigin do dheagh thogradh a' dearmad aoradh cràbhach a thoirt do Dhia ann an teaghlachaibh, do bhrìgh an laigse, agus an ain-eolais ; ach tha dùil agam nach dearmaid iad an dleasnas so, ma gheibh iad beagan cuideachaidh. Agus ged tha mòran urnaighean sgrìobhta, gidheadh, is tearc teaghlach bochd 'g am bheil iad, agus faodaidh mise m' ùrnaighean fein a thoirt dhoibh ni 's saoire, na dh' fhaodas mi ùrnaighean eil' a cheannach dhoibh.

2. Tha cuid de dhaoine d' an cosmhuil bhi iompaichte chum aithreachais agus nuadheachd beatha, le beannacha Dhe air leughadh mo sgrìobhaidhs' a' guidheadh orm riaghailt a sduireadh an teaghlachan ann an ùrnaigh, a sgrìobhadh dhoibh, mar chuideacha, a chionn nach do chleachd iad urnuigh a dheanamh ann an lathair dhaoin' eile.

Ma 's beo mi a sgrìobhadh riaghailt a sduireadh theaghlaichean anns an ùrnaigh, is i mo rùn tuill' a chuir riu so.

*Urnuigh teaghlaich, moch-thrà agus trà feasgair.*

O! DHE, is tus' an Spiorad siorruidh, neo-chriochnach, agus iomlan ann an cumhachd, ann an gliocas agus am maitheas; cha 'n fhaic rosga bàsmhor, agus cha làn-tuig eolas cruthaichte do nàdur; tha do làthaireachd leinn gach àm; is leur dhuit diomhair-eachd ar n anma: is aithne dhuit ar peacadh agus ar n-uireasbhuidh! ach iarraidh tu ar n-aidmheil mar obair ar n-aithreachais, agus ar n-iartas mar obair ar mianna agus ar n-earbsa mhacanta! Och is truagh nach fearr an aithrigh ar n-anma air do làthaireachd fhior-ghlan, agus nach 'eil sinn ni 's iomchuidh air an obair mhoir agus naomha so! O! thus a bheir cuire tròcaireach do pheacachaibh truagh teachd do t' ionnsuidh air slighe na beatha nuadh; na coinnich sinn annad cheartas mar theine lasrach, ach gabh ruinn air sgàth ceartais Mic do ghràidh, oir tha ar muinghinn na shior-eadar-ghuidhe.

Is tusa àrd-chruthai-fhear nan uile nithe; dhealbh thu sinn a rèir t' iomhaigh fein, chum eolas a ghabhail ort, gràdh agus ùmhlachd a thoirt dhuit: ach thruaill am peacadh ar cumhachdan uile; chlaon è uats iad, agus o 'n chrìch chum an do chruthaich thu sinn: ghabhadh, ghineadh, agus ghluais sinn ann am peacadh, ag an-tromachadh ar gin-chionta agus ar truaighe. Ged a bha fios againn gum bu tu ar sealbhadoir, ghluais sinn mar dhaoin air an comhairle fein. Ghairm sinn ortsa mar ar Rìgh agus ar riaghlai-fhear, ach rinn sinn ceannairc a' t' aghaidh agus thug sinn ùmhlachd d'ar n-an-toil fheolmhoir fein: is fìor-mhaitheas agus gràdh thu, is tu ùghdar gach aon ni air bith a tha math agus ion-mholta. Agus bu chòir d'ar n anmaibh teas-gràdh a thoirt duit gu deònach; ach tha iad ain-

eolach air do mhor-luach, ag iarraidh sòlais ann an diombanas saoghalta, agus ann an sàsachadh anamiannaibh feolmhor. Ghlac an saoghal cealgach so ar gràdh, ar cùram agus ar smuainte, ar briathara, ar n-aimshir agus ar saothair, mar gu 'm bu shiorionad-còmhnuidh agus oighreachd bhith-bhuan d' ar n-anmaibh è, am feadh a dhearmaid sinn ar Dia, agus ar n-anma nach bàsaich. Chuir thu ciocras glòire shiorruidh annainn, ghlaodh thu ruinn a h-iarraidh, agus ar smuainte a thogail suas riut fein: ach ghluais sinn mar nach creideamaid t' fhocal, agus rinn sinn di-measair gàirdeachas neamhaidh a thairg thu dhuinn, agus roighnich sinn sòlas diom-buan feolmhor. Thug sinn aoradh dhuit gu diomhanach, agus umhlachd dhuit gu fuar-chràbhach le 'r briathraibh amhàin. Thug sinn t' ainm uabhasach an diomhanas; agus mhi ghnàthaich sinn do latha naomha. Thug sinn eas-umhlachd d' ar n-uachdranaibh, agus dhearmaid sinn ar n iochdarain. Bu chòir dhuinn ar teaghlaichean a riaghladh mar eaglais naomh Dhe, ach bu tigh-ean diomhanais, saoghaltachd, agus talachaidh air an staid iad. Bha ar smuainte ciontach an diomhanas, an amaideachd, an ambluadh, am mi-run, agus ann an ain-miannaibh neo-ghlan. Bha ar teanga ciontach ann an cainnt amaidich dhiomhain, am briathraibh feargach, an ana-cainnt, an còmhradh truailidh mi stuamadh, an cùl-chainnt air daoine eile, agus am mòran bhreug. Cha do ghràdhaich sinn ar coimhearsnach mar sinn fein; ni mò a rinn sinn do chàch an ni b' àill leinn uatha: ach bha sinn uile fein-speiseil, gu h-uallach a' miannachadh meas mòr agus ard-inbh; gu sanntach ag iarraidh ar leas, agus ar sòlais anamiannaich fein; an uair a ghabh sinn ro-bheagan cùrain do leas corporra agus spioradail dhaoine eile. Bha sinn ro-mhall a ghràdhachadh ar naimhde, agus mi-chridheil a thoirt maitheanas cionta dhoibh. Mhi ghnàthaich sinn do thiodhlaca, mhi-bhuilich sinn ar

n-aimsir luach-mhor le diomhanas, is ro-bheag feum a rinn sinn air thalamh.

Ge do sholair do thròcair iongantach dhuinn Fear-saoraidh, agus cungaidh-leighis ni 's leoir ann-san: agus ge do thug thu dùbhlán eolais aingle agus dhaoine, ann am foillseachadh iongantach so do gliocais agus do ghràidh; gidheadh, fhuair sinn tuisle air t'fhocal le 'r neo-chreidimh, agus dhearmaid sinn an t' slainte mhòr so gu neo-mhothachail. Cia neo-chùramach a chualadh agus a leugh sinn do shoisgeul? Nach beag a chuir gràdh agus fulangas ar Slanui-fhir oirn? Bheireamaid buidheachas do neach air bith a bheireadh dhuinn tearmann no saibhreas saoghailta: ach cia mi-bhuidheach a bha sinn do Chroisd a rinn an urrad so, a theasairgin ar n-anma o leir-sgrios siorruidh! Mo thruaigh, tha ar cridheacha do-lùbaidh agus neo-irioslaichte, a' cuir a pheacaidh agus diom cho'-throm-aich Dhe, an suarrachas, agus coma mu Chroisd agus mu ghràs. Agus is ceart dhuits' an tròcair air an d' rinn sinn urrad dhimeas, a dhiultadh dhuinn gu siorruidh.

Ach buin ruinn O! Thighearna do rèir do mhaitheis fein, agus a rèir ar feum ana-barraichne; agus na smachdaich sinn do rèir ar droch thoillteanais. Pheacaich sinn mar dhaoine, ach bi thusa tròcaireach mar Dhia. Mar ata ar peacaidh-ne lion-mhor, biodh do ghràs ni 's lionmhoire gu mòr! Thug thu Slanui-fhear do 'n chinne-daonna, an uair bu naimhde dhuit sinn; agus bha thu ann an Croisd ag ath-reiteachadh an t' saoghail riut fein: is i do rùn ard-thighearnail, fàth a dheanamh d'ar beag luach, agus d'ar truaigh, a ghlòrachadh do ghràidh agus do thròcair iongantach, ann am mòran peacaidh a lughadh, agus am faod sinne gun mhòran gràidh a thoirt dhuits' air a shon so? agus 'n a dhiaigh so uile, ma chuireas sinn an teagamh, gu bheil thu deònach maitheanas a thoirt do 'n chreideach a tha lan aithreachais, ni sinn ea-coir



ana barrach air saibhreas do ghràis. Dh'iarr thu sinn an uair nach d'iarr sinne thusa ! is ann air t' iartas fein a shireas sinn thu, agus a ghuidheas sinn tròcair. Thug thu dhuinn na ceart mhianna sin a dhortas sinn amach ann ad lathair. Ghuidh thu oirne bhi rèidh riut, agus gabhail ri d' ghràs ; agus an cuir sinn an teagamh gu bheil thu toileach a dheonachadh ? Tha coi-leasacha iomlan do d' cheartas air son ar peacaidh, ann an iobairt agus deagh-thoillteannas do Mhic, agus ioc-shlainte ni 's leoir a dh' fhirinneachadh a chreidich a tha lan aithreachais ann ad làthair. Thug thu do Mhac mar fhear teagaisg gun mhearachd do t' eaglais : is Rìgh lan chumhachdach d' ar riaghladh, d' ar coimhead, agus d' ar fireanachadh è. Thug thu do Spiorad a naomhachadh ar n-anma ; agus tha do ghràdh lan-dhiongmhalta chum ar sonas agus ar suaimhnis shiorruidh. Air an aobhar sin, bheir sinn suas sinn fein dhuitse ar Dia, ar n-Athair, ar Fear-saoraidh agus naomhachaidh ; agus guidheamaid ort, gabh ruinn air cùmhnanta coi'-cheangail do ghràs. Na cuimhnich ann ar n aghaidh amaideachd, ain-eolas, agus ana-miannaibh ar n-òige : lugh dhuinn ar peaca diomhair agus follaiseach ; ar peaca neo-chùram, obann agus an dànadais, gu sonraichte na peacaidh sin a chuir sinn an gnìomh gu deonach, an aghaidh ar n-eolais, agus co'-spàirn do ghràs. Ath nuadhaich agus lan naomhaich sinn le d' Spiorad : buin uainn an seann-chridhe clochach, agus thoir dhuinn an cridhe maoth, brùite agus soi-theagaisg : thoir dhuinn an nàdur naomha neamhaidh ; naomhaich sinn le dreach t' fhìor-ghloine : thoir oirne sinn fein, agus gach ni a thug thu dhuinn, a choisrige dhuitse d' am buin iad, gu h iomlan. Lan-umhlaich do d' riaghailt uile chumhachd ar n-anma agus ar cuirp. O ! leig ris duinn do mhaitheas nach traogh, t' iomlaineachd ghlòrmhor, agus do thròcair iongantach, a thug thu dhuinn ann an Crìosd ; doirt amach do ghràdh air ar

n-anma le d' Spiorad naomh, gus an toir do ghràdh oirne, gur eigin duinn do ghràdhachadh, os ceann gach ni agus neach, le 'r n-uile chridhe, le 'r n uil' anam agus le 'r n-uile neart. Lasadh dealra do ghràidh ar n-anma, chum 's gun toir sinn teas-ghràdh dhuit gu deonach; gum blais sinn tionnsgna an t' sonais agus an t' sòlais neamhaidh ann ad ghràdh; gun tuig sinn nach 'eil doigh againn air ni 's leor a thoirt dhuit do ghràdh; agus gu 'n abair sinn gu neo-chealgach gur fada leinn gus am faod sinn tuille thoirt duit. Cha chedaich ar neo-iomlaineachd dhuinn a ràdh, gun toir sinn gràdh dhuit do reir do mhor luach, oir tha so os ceann neart aingle agus dhaoine: ach, o uach urra sinn urrad ghraidh a thoirt dhuit 's bu mhath leinn, gus an ruig sinn air an staid lan-bheannaichte sin, anns an gràdhaich sinn thu ni 's mò na 's urra sinn anis a mhiannachadh! Ge nach peacaicheamaid riamh am focal no an gnìomh, is peaca nach urrainn duinn a chaoidh gu bràth, easbhuidh ar gràidh dhuitse; is uallach nach urra sinn a ghiulan, masla ar nadur thruailte! Cha 'n iarr sinn tuille sonais anns a bheatha so, ach barrachd eolais ortsa, agus neart a thoirt tuille gràidh dhuit. Thoir dhuinn Spiorad na h-uchdmhacachd, a lionas sinn le rùn mhacanta dhuitse ar Dia, agus ar n-Athair neamhaidh, a tha rèidh ruinn ann an Crìosd. Thoir oirne ar n àrd chrioch àraidh a dheanamh dhiotsa, agus do ghloir iarraidh anns gach gnìomh. Deonaich gur e dianthogra ar n-anma, thus' e thoileachadh anns gach ni, soirbheachadh do rioghachd, agus do thoil a dheanamh. Ardaich do ghloir os ceann nan neamha, naomhaich t' ainm air an talamh uile, iompaich an saoghal ana-creideach, agus cuir fa cheannsal do Mhic è. Thoir luchd-riaghlaidh glic agus naomh do na rioghachdaibh, rachadh soisgeul do Mhic amach mar a ghrian, a shoillseachadh gach cearna de 'n talamh. Och, nach gabhadh an saoghal a tha fo mhi-

riaghailt rìgh mi-rùnach an dorchadais, ri d naomh-reachd, agus nach tugadh iad gèill da ! och, gun iad a bhi ni 's cosmhuile ri luchd-àiteachaidh naomh nan neamha, ann am maise agus ann an coi'-sheirm na naomhachd ! Ath-leasaich gach eaglais a tha truailte agus fo dhorchadas. Tilg anuas an t' an-tighearnas, an ain-diadachd, an saobh-chreidimh agus an eas-aonachd sin, a chumas amach eolas, naomhachd agus sìth. Dion agus beannaich na h-eaglaise ath-leasaichte ; gu sonraichte anns na rioghachdaibh anns am bheil sinne. Beannaich ar n-aon uchdaran dligheach, agus an teaghlach rioghail uile ; agus gach neach a tha ann an ùghdarras ; ar luchd teagaisg, agus thoir aodhaire comasach diadhaidh do gach treud anns na rioghachdaibh so. Thoir fonn, sìochail, diadhaidh, so-theagaisg do 'n t' sluagh. Cuir impidh oirne, do rioghachd agus do cheartas fein iarraidh air tùs : agus cuirse gach aon ni feumail eile ruinn. Cum suas agus beathaich ar nàdur le nithibh feumail, agus deonaich gum bi sinn lan toilichte le 'r n aran lathail ; agus foighidneach fo 'u uir-easbhuidh a thoill ar peacadh. Teagaisg dhuinn ar n-aimsir luach-mhor a dheagh-bhuileachadh, agus gun a mi-bhuileachadh le diomh-anas peacach ; ach crìoch a chuir air an obair ris am bheil ar beatha shiorruidh an earbsa ; agus ar giulan a bhi mar bu mhath dhuinn anns an uair dheireannaich. Deonaich aithreachas, agus maitheanas gach la ann am peaca gach latha, trid Chrìosd : agus thoir dhuinn muinghinn 'na eadar-ghuidhe-san do rèir ar sìor-fheum. Teagaisgear dhuinne le 'd mhor ghràdh, agus le 'd thròcair a mhaitheas peacadh, ar coimhearsnach a ghràdhachadh mar sinn fein ; ar n eas-cairde a ghràdhachadh, ciont' a mhaitheadh, agus math adheanamh air gach neach doreir ar comais fein ; agus am feum-san. Cuidich leinn cathachadh an aghaidh an diabhoil, an t' saoghail agus na feola, agus buaidh a thoirt orra. Coimhead sinn o 'n pheacadh

chealgach agus na leig dhuinn sinn fein iomain gu buaireadh. Dion sinn o ain-eolas agus o neo-chreidimh, an diadhachd agus o fhuar-chràbhadh, o uaill agus o shaoghaltachd anabarrach, o leisg agus o shàachadh ar n ana-mianna peacach feol-mhor. Cuir impidh oiru aoradh a thoirt dhuit ann an naomhachd ; t' ainm uabhasach a luadh gu h-urramach ; do là naomh a chuimhneachadh agus a choimhead gu cùramach. Gleidh sinn o eas-umhlachd pheacach a thoirt d' ar n-uachdranaibh ; o dhearmad ciontach a dheanamh air ar n-iochdranaibh ; agus o ea-coir a dheanamh air aon neach an smuain, am briathar, no an gnìomh ! Coimhead sinn o bhuaireas peacach na feirge ; o smuaintibh agus o mhiannaibh ; o bhriathraibh agus o ghnìomharaibh neo-gheamnaidh. Cum sinn o mheirle agus o mhealltaireachd a dheanamh air daoine eile ; o bhreugaibh, o mhasladh agus o chùl-chàine. Marbh an fhein-speis sin a tha an aghaidh leas ar coimhearsnaich. Dion sinn o 'n dioghaltas a thoill sinn. Co' oibriceadh ar n uil àmhghara chum ar leas. O ! cuidich leinn triall trid an t' saoghail dhiombuain so, 'g ar n ullachadh fein fa chomhair bàis. Biodh ar n-anma agus ar co' luadar air neamh. Na tràig sinn an aimsir ar n àmhghair dheireannaich. Ach glac ar n anma aig uair bàis, agus thoir do Chrìosd iad.

### *Abair Moch-thrà.*

DION, sdiuir agus beannaich sinn an diugh, 'nar slighe agus 'nar saothair laghail, chum as trà feasgair gun toir sinn duit buidheachas le gàirdeachas trid Iosa Chrìosd ar n-aon Slanui-fhear : agus le bhriathraibh san, co'-dhùnaidh sinn ar n ùrnuigh : “ Ar n-  
 “ Athair a ta air neamh, gun naomhaichear t' ainm,  
 “ gun tigeadh do rioghachd ; gun deanar do thoil air

“ thalamh mar nithear air neamh. Thoir dhuinn an  
 “ diugh ar n-aran lathail. Agus maith dhuinn ar  
 “ fiacha, mar a mhaitheas sinn d’ ar luchd fiacha, agus  
 “ na leig ann am buaire sinn, ach saor sinn o olc :  
 “ Oir is leats’ an rioghachd agus a chumhachd, agus  
 “ a ghlòir gu sìorruidh. *Amen.*”

### *Abair Tra Feasgair.*

Coimhead sinn an nochd, agus deònaich dhuinn an suaimhneas cuirp agus anma sin, a dh’ ullaicheas sinn chum saothair an là is faigse, air sgàth Iosa Criosd ar Slanui-fhear ; agus le bhriathraibh-san co’-dhùnaidh sinn ar n-ùrnuigh : “ Ar n-Athair a tha “ air neamh,” &c.

### *Aidmheil agus ùrnuigh peacaich a tha fo aithreachas.*

O ! Dhe lan-chumhachdaich, uile-ghlic agus ghràs-mhoir, ge d’ is beag ortsa uile luchd dheanamh na h-aingidheachd, agus ge nach faod thu bhì rèidh ri peacadh ; trid eadar-ghuidhe do Mhic uile-bheannaichte, amhaire le tiom-chridhe ormsa peacach truagh, a tha tuiteam le glùnaibh lùbta aig cos-stòl-do ghràis. Nam freagrainn an àrd chrioch àraidh fhior-ghlan sin chum an do chruthaichheadh agus an do shaoradh mi, dh’ fhaodainn anis teachd a t’ ionnsuidhle muinghinn agus le dânnadas mic, agus le dearbh-bheachd gun dean thu cuspair do ghràidh dhìom : ach rinn mi ceannaire amaideach a’ t’ aghaidh ! dhearmaid mi gu deonach an Dia a chruthaich mi ; an Slanui-fhear a shaor mi ; agus a ghlòir shìorruidh a chuir thu ann am thairgse. Dhi-chuimhnich mi an gnothach air ’n do chuir thu chum an t’ Saoghail mi ; ghluais mi mar nach cruthaichte mi, ach chum beagan

aimsir a struidheadh ann an suaimhneas feolmhor, agus mo chorp a reamhrachadh mar lòn do dhaolaibh na h-uaighe. Dhi-chuimhnich mi le m' thoil gur duine mi, a fhuair reuson chum m' fheoil a riaghladh, eolas a ghabhail air mo Dhia, roi-shealladh a ghabhail do m' bhàs, agus do staid na neo-bhàsmhoireachd. Chuir mi mo reuson fo cheannsal cumhachd iochdranach m' anma, agus ghluais mi mar bhrùid a bhàsaicheas. Och! an aimsir luach-mhor a chaill mi, agus cha 'n fhaod an saoghal gu leir a toirt air a h-ais! O! an cuire gràs-mhor a dhearmaid mi! O! gairm Dhe a dhiult mi! an gràdh iongantach ris an do chuir mi cùl le mi-thaingeachd agus an tròcair shaibhir a mhi-ghnàthaich agus a dh' iompaich mi gu macnus peacach! Cia domhainn a chiont a chuir mi an gnìomh! agus cia mòr na sòlais a chaill mi! Dh' fhaodainn bhì fad m' aimsir ann ad ghràdh s' a Dhe thròcairich; agus ann an sòlas t' fhocail agus do shlighe fhior-ghloin; ann an roi-shealla sòlasach neamh gach latha; agus ann an aoibhneas an spioraid naomh, nan gabhainn do naomh-reachd-sa mar riaghailt: ach dh' èisd mi ris an fheoil, agus ris an t' saoghal aingidh chealgach, agus roighnich mi beatha dhiom-buan pheacach, roimh d' ghràdh-sa agus roimh ghloir shiorruidh!

Och! ciod a rinn mi o thainig mi chum an t'saoghail! Thug peacadh agus amaideachd uam m' aimsir. Is nàr leam ath-shealladh a ghabhail do gach bliadhan a mhi-bhuilich mi; no smuainteachadh air a bhuaireadh gan d' aom mi: Och! ciod an diomhanas a mheall o m' Dhia mi? Nach beag a bha agam air son an t' sòlais naomh a chaill mi? Mar Esau reic mi mo chòir bhreith gu sanntach air aon lan beoil; a thoil-eachadh mo mheanm-mhacnuis, mo chiocras, agus m' ana-mianna, rinn mi di-meas air gach sòlas neamh-aidh; agus tailceas mhi-nàdurra air maitheas mo Chruthai-fhir! Rinn mi tàir air gràdh agus gràs m'

Fhir-shaoraidh ! chuir mi an aghaidh do Spioraid naomh ; chuir mi tosd air mo choguis, agus campar air do mhinisteiribh, agus air mo chàirdibh ro-dhìleas fein. Chuir mi anns an staid mhuladaich thruaigh so mi fein, agus is aobhar nàire agus uallach dhomh fein mi, agus is uabhann leam Dia, a bhiodh agam mar mhuinghinn agus mar shòlas mur bu mhi fein an coireach.

Is leur dhuitse mo pheaca diomhair, ge nach leur do dhaoineibh è ; 's aithne dhuit gach ni a tha 'g a an-tromachadh ! O ! Thighearna, fhuair mo pheacadh agus mo dhòlas lamh-an-uachdar orm ! Ma dh' amhairceas mi air mo dhiaigh, chi mi m' aingidheachd air tòir m' anma mar nàmhuid neart-mhor, deas gu m' ghlacadh agus do m' leir-sgrìos ! Ma dh' amhairceas mi romham, chi mi do breitheanas co'-thromach uabhasach, agus tha fios agam nach saor thu an ciontach, ach air chumhnanta soisgeil do Mhic. Ma dh' amhairceas mi air m' anam, chi mi cridhe truaille dorch. Ma dh' amhairceas mi an taobh amach dhìom, chi mi an saoghal a' sìor-thairgseadh nuadh-bhuair gu 'm mhealladh. Ma dh' amhairceas mi os mo cheann, chi mi do mhòrachd uabhasach d' an d' thug mi oilbheum. Ma dh' amhairceas mi fotham chi mi ionad na dòrainn shiorruidh a thoill mi, agus a chuid-eachd ifrionnach air an aithrigh mi ! is eagal leam bhì beo, agus is mò an t' eagal leam bàsachadh !

Ach gidheadh, an uair a ghabhas mi sealla do d' Mhac ; do shaibhreas do thròcair ; agus do d' choi-cheangal ; tha dùil chinnteach agam gun coi-shin do mhaitheas ri d' mhòrachd ; is fìor-ghràdh thu, agus tha do thròcair os ceann t' obair uile. Dh' aontaich do Mhac bhì co gràs-mhor do pheacachaibh, air mhodh co iongantach ; rinn agus dh' fhuiling è urrad chum ar saoradh 's na 'n cuirinn an ceist gu bheil thu toileach maitheanas peacaidh a dheònachadh, gu 'n ann-tromaichinn m' uile chionta, le h eas-urram a

thoirt do d' thròcair gun choi'meas a chuir thu romhad a ghlòrachadh. Os-barr chi mi sgriobht ann a' t' fhocal, gun d' rinn thu coi'-cheangal gràis trid Chrìosd, agus gun d' thug thu reachd dearmaid amach, anns an do dheònaich thu cheana maitheanas do na huile, air chumhnanta, ach gu saor; a' toirt doibh maitheanas nan uile pheacaidh, gun neach air bith a dhruideadh amach a philleas riut trid Iosa Chrìosd, le creidimh, aithreachas, agus leasacha beatha neo-chealgach. Tha do throcair a thaisbin thu cheana dhomh, a'meudachadh momhuinghinn, do bhrìgh nach do leirsgrios thu mi, agus nach d' thug thu thairis mi do chruas mo chridhe fein; ach gu bheil thu a' leigeil ris mo pheacaidh agus mo chunnairt dhomh m' an d' thèid mi a' àite teasairginn.

O! uime sin, amhairc ormsa peacach, a tha air mo ghlùnaibh lubt' ann ad làthair, a' bualadh m' uchd mar an cìos-mhaor, agus leis an nàr mo shùil a thogail ri neamh. O! Dhe dean tròcair ormsa peacach. Tha mi 'g aideachadh, cha 'n è amhain mo pheaca gin ach amaideachd agus cuthach m' òige, lionmhoireachd peacaidh m' ain-eolais, agus m' eolais, mo neo-chùrain agus mo thoileileachd, mo dhearmaid agus mo ghnìomharra, an aghaidh an reachd nàdurra, agus an aghaidh gràis agus soisgeil do Mhic. O! mo Dhia, teasairg mi, agus deonaich dhomh maitheanas, air sgàth saibhris do thròcair, air sgàth iobairt agus morluach do Mhic, agus air sgàth geallaidh a mhaitheanas a thug thu dhuinn trid do Mhic; oir annta sin amhain tha mo mhuinghinn uile. Na dìt mi oir tha mi 'g am dhiteadh fein. O thus' a dh' fhosgail tobar luach-mhor do pheacadh agus do neo-ghloine, gu h-iomlan ionnail mi o m' aingidheachd, agus glan mi o m' pheacadh. Ged a thoill mi o d' cheartas m' iomainn chum ifrinn gu grad, thugadh do thròcair buaidh ann am thearmann. Cha 'n 'eil tlachd air bith agad ann an leir-sgrios peacach, ach is roigh-



niche leat gum pilleadh è le h-aithreachas agus gu 'm bitheadh è beo. Mur 'eil m' aithreachas mar is àill leat, O! maothaich mo chridhe cruaidh cloiche, agus deonaich dhomh aithreachas slainteil. Pill, mi riut fein, O! Dhe mo shlainte; agus tog dealradh do ghnùis orm. Cruthaich cridhe glan, agus ath-nuadhaich Spiorad ceart annam. Air pilleadh dhomhsa do Mhac struidheil truagh, na coinnich ann am feirg mi, ach fàillteach mi ann an glacaibh do chaomh-throcair. Na tilg o d' shealla mi, agus na fògair uait mi le luchd dheanamh na h-aingidheachd. O! Athair a dh' fhuiling mi gu foighidneach an uair a rinn mi di-meas ort, anis, air iarraidh dhomh a' t' ionnsuidh, na diult mi, agus mi ar mo ghlùnaibh anns an luathre a' guidheadh do throcair. Dh' iompaich thu Manaseh aingidh, agus Saul t' fhear dian-ruagaidh, agus thug thu maitheanas doibh; agus tha mòran air neamh, a bha naimhdeil duit, mar an ceudna! le maitheanas a thoirt do ro-lionmhoireachd mo pheacaidhs' gloraichi tu làn-shaibhreas do ghràis.

Cha 'n 'eil mi 'g iarraidh comas peacachaidh a rìs, ach saorsadh o chumhachd mo nàduir pheacaich. Deonaich dhomh do m' nuadhachadh Spiorad do Mhic, a naomhaicheas uile chumhachda m' anma. Thoir dhomh an reuson, agus an nàdur nuadh neamhaidh, agus Spiorad na h-uchdmhacachd do m' athchruthachadh a rèir t' iomhaigh ghlormhoir fein, chum 's gum bi mi naomh mar atha thu fein naomh. Soillsich mi le h-eolas slainteil ort fein agus air do Mhac Iosa Criosd. O! lion mi le d' ghràdh, chum 's gum socraich mi m' anam gu h-iomlan ort; agus gum gabh mi tlachd os gach ni, ann an cuimhne do mhòrachd neamhaidh. Ruidheadh mo smuainte gu saor air do dhiaigh le tlachd! labhradh mo theanga gu sòlasach saor, ort fein, air do ghlòir, air do rioghachd, air t' fhocal agus air do shlighe. O! taisgear m' ionmhas air neamh, agus labhram le tlachd air an

ionad aoibhinn sin gach là. Deonaich gur è ard-ghnothach m' anma choisrigte gach la, thus a thoil-eachadh, agus a chliuthachadh; do rioghachd a chuir air a h-aghaidh, agus do riar a dheanamh! Cuir t' eagal ann am chridhe, chum 's nach tràig mi gu bràth thu! Bha tuille 's a chòir fein aig an t' saoghal so do m' anam cheana; ach anis ceusar an saoghal dhomhsa, agus mise do 'n t' saoghal, trid crann-ceusaidh Chrìosd. Na gràdhaichim an saoghal no nithe saoghalta gu h-anabarrach: ach air bhith do bhìadh agus do eudach agam, thoir orm bhì toilichte leo. Cuir as do 'm uil' ana-mianna feolmhor, chum 's nach amhairc mi le sannt an diaigh na feola ach an diaigh an Spioraid. Coimhead mi o ribe na cuideachd aingidh; o chomhairle agus o shlighe dhaoin' an-diadhaidh. Beannaich mi le co'-chomunn nan naomh mar chuideacha; agus leis na meadhonaibh sin uil' a dh' òrduich thu a shoir-bheachadh le 'r slaint' agus naomhacha. Och gun mo shligh a bhì co dìreach 's gum faodainn do naomh-reachd a choimhead. Na leig dhomh pìlleadh ri h-amaideachd gu bràth, no coi'-cheangal mo Dhe a dhearmad. Cuidich leam mo cheud thogra peacach a mhùchadh, agus gràin a ghabhail do gach smuain agus miann peacach. Neartaicheadh do Spiorad mi an aghaidh gach buaireadh chum 's gun toir mi buaidh, agus gum buanaich mi ùmhal dhuitse gu brath. Ullaich mi fa chomhair fulangais, bàis, agus breitheanais, chum 's an uair is eigin domh an saoghal peacach so fhàgail, gum faod mi mo Spiorad a thoirt suas le gàirdeachas, ann an lamhaibh dìleas m' Fhir-shaoraidh chaoimh; agus chum 's nach àireamhar mi le luchd-aingidheachd, a bhàsaicheas ann am meadhon am peacaidh neo-lughta, agus a thriallas chum dòrainn shiorruidh: ach gum bhì mi ann an Crìosd leis a cheartas a tha o Dhia trid creidimh; agus gun ruig mi air ais-eirigh nam firean: chum 's

gum brosnach cuimhn' a pheacaidh agus na dòrainn o'n do shaor thu mi, mo shior-chliu dhuitse mo Chruthai-fhear, m' Fhear-saoraidh agus m' Fhear naomhachaidh.

O! gun gairmeadh agus gu 'n iompaicheadh tu cinnich through an iodhoil-aoraidh agus an neo-chreidimh; agus lion-mhoireachd luchd-fuar-chràbhuidh an-diadhaidh, aig am bheil an t' ainm criosduidh, gun fhirinn, gun chumhachd, agus gun beatha an t' soisgeil. O! cuir amach luchd-saothaireach chum t' fhogharaidh agus na bacadh an diabhol iad. Soirbhich le soisgeul, agus le rioghachd do Mhic, chum 's gu'n iompaichear t'uile pheacaich a t' ionnsuidh, agus gum bi an talamh so ni 's cosmhuile ri neamh; 's a chum 'n uair a chruinnicheas tu sinn uil' an aon bhuidheann fo Chrìosd, gun cuirear as do leth, le gràdh agus le gairdeachas iomlan, rioghachd, cumhachd agus glòir, gu suthainn siorruidh. Amen.

*Urnaigh agus mola do Dhia air là an Tighearna.*

A ИЕHOВHАH ghlormhor, ata thu gu neo-chriochnach os ceann cliu aingle, agus gu sonraicht os ceann cliu chnuimhe peacach mar sinne. Gu ma fad a ghabhas è or n anmaibh a smuainteachadh gum feum thu aon ni is urrainn duinn a dheanamh, no gum faod ar n-uile mhola gnè air bith a chuir ri 'd shonas! Ach dh' àrdaich do ghràdh agus do thròcair sinn chum na h inbh urramaich so, agus thug thu dhuinn ar sonas mar dhleasnas: agus thèid gach neach a tha fad uait am mugha; ach is maith dhuinne teachd dlùth dhuit: agus air eagal gum bachd diomhanas agus gnothaiche saoghalta sinn, shònraich thu mach do latha naomh, chum 's gun dearc sinn le smuaintibh socrach, air do ghràdh, agus air do chliu; agus chum gum feith sinn air an Tighearna gun bhuaireas, agus gum blais sinn

ar suaimhneas siorruidh fein roimh laimh. O ! bi thus' anis mar Spiorad beatha, soillse, gràidh agus cumhachd do'n dream a ni do riar ! beothaicheadh a bheatha neamhaidh sinn, chum a ghnòthaich neamhaidh so ; chum ann ad sholas rùn-phairtiche, gum faic sinn thu fein trid creidimh : chum gun las ar gràdh le teas-chràbha sòlasach, trid co'-pairteachaidh bhlasda do ghràidh : chum gum bi gach ni a tha annainn, (a tha cathachadh a t' aghaidh,) lan-smàchdaichte le d' neart, a tha follaiseach 'n ar laigse ; agus chum mar so, gum bi an iobairt sin dhinn fein, agus d' ar cliu, a thairgeas sinn gu h-umhal air t' iartas, taitneach leat, agus ion-ghabhail ria, trid Iosa Criosd.

Is Dia thus agus thus amhàin ; is tu an Spiorad neo-bhàsmhor, do-fhaicinneach, siorruidh agus neo-chriochnach ann am bith agus ann an iomlaineachd : roimh chruthachadh an t' saoghail, o shiorruidheachd gu siorruidheachd is tusa Dia. Tha t' eolas neo-chriochnach : tha thu lan-eolach ort fein, agus air gach ni agus neach : ach cha 'n fhaod aon neach eile t' iomlaineachd a thuigsinn : is maith do rùn, seadh, is fìor-mhaitheas agus gràdh foirfe è : is ionmhuinn leat thu fein agus t uil' obair ! is tu an t' Uile-chumhachdach, agus cha chruaidh ort cùis air bith : is tu Cruthai-fhear an t' saoghail uile : ghairm thu gach ni o neo-ni ! labhair thu agus dhealbhadh an domhan ; thug thu bith do na h ainglibh glòrmhor, agus do gach Spiorad tuigseach eile ! Dhealbh thu na flaith-easa uile ! Las an solas air t' iartas ! Chruthaich thu grian agus reulta : thug thu dhoibh an cumhachda iongantach, agus an obair, chum le 'n solas, le 'n teas, agus le 'n siubhal, gun toir iad beatha agus gluasad, agus gum, bi iad chum aimsire agus mithise, air thalamh. Cia glòrmhor thu O ! Thighearna, ann an oibribh iongantach sin do chumhachd ? Tha am mòrachd, an glòir, agus am fearta, an-àrd os ceann ar tuigse dhorch-ne. Bheir na h àrd-aingle aig am bheil

eolas is fearr orra, na tha againn, agus a tha 'g àiteachadh nan ard-ionada còmhnaidh glòrmhor, cliu is fearr na ar cliu-ne 'dhuits' an Cruthai fhear cumhachdach, a dhealbh le t' fhocal cruth iongantach an t' saoghail, an uair a sheinn reulta na maidne coi'-sheirm, agus a rinn uile mhic Dhe gairdeachas. Chruthaich thu 'n talamh tioram agus a mhuir, agus gach creutoir a tha 'g an àiteachadh: gach eun agus iasg, gach beathach agus luibh; ann an iomad dreach iongantach, le mais agus feartaibh dhealbh thu iad uile. Is iad t' oibre mòr agus iongantach do-sgrùdaidh, an t' athar agus na neoil, an dealanach agus an tairneanach, an t' uisg' agus an sneachd, gaoth agus crith-thalmhainn, lìonadh agus tràdha iongantach na fairge, seadh, tha a chnuimh no a bhlàth is lugha, gu h an-àrd os ceann ar tuigse agus ar n-eolais. Air an aobhar sin cionnas a làn-thuigeas daoine bàsmhor, mòrachd agus riaghailt iongantach innealt' an t' saoghail? Cionnas a stèighich thu 'n talamh air neo-ni? agus ciod a tha 'n a dhoimhneachd? cia mar tha thu cumail suas, agus a' gluasad a chruthachaidh uile; agus a' buanachadh a riaghailt sheolta? Cia mar a dhoirteas tu gu frasach, fearta cumhachdach sòlasach an teas neamhaidh anuas air nithe talmhaidh? cia mar a dhruideas tu suas an fhairge le dorsaibh gainmhein, agus a rinn thu truscan di do na neulaibh, agus crios-pasgaidh do'n dorchadas thiugh; ag ràdh, Thig an fheadh so, ach na tèid ni 's faide? Cia mòr a Thighearna, agus cia lionmhor t' oibre: le gliocas gun mhearachd, le maithreas nach traogh, agus le h-uile chumhachd dhealbh thu iad uile?

Ach 's è an duin' an creatuir is luachmhoir a chruthaich thu dh' àiteachadh na talmhainn; shèid thu anail na beatha 'n a phollaruibh, agus dh' fhàs anam beo ann; chruthaich thu è ann an inbh is isle beagan na na h-aingle; chuir thu coron air de ghlòir agus de mhòr-luach; thug thu uachdaranachd dha os ceann

uil' oibre do làmh air thalamh ; agus chuir thu fo cheannsal iad uile. Dhealbh thu è a rèir do dhreach fein, thug thu anam tuigseach dha, toil shaor o fhoirneart, agus comas a' cuir an gnìomh. Chruthaich thu è chum eolas a ghabhail ort fein, gràdh agus gèill a thoirt duits a Chruthai-fhear math, glic agus cumhachdach. Shuidhich thu air thalamh è, chum triall trid na beatha so, a dh' ionnsuidh do làthaireachd ghlòrmhoir fein : mar is tu a shealbhadoir, is tu mar an ceudn a riaghlai-fhear, a phrìomh mhath, ard-fhear-comuinn, a chrìoch àraid agus Athair caomh ; chum 's gun tugadh è lan-ùmhachd neo-fhuasgailte, agus gràdh dhuit. Thug thu dha reuson agus iartaś, mar riaghailt mhath, naomh agus cho'thromaich, chum le giulan a reir do chomhairle, gun toilicheadh è thu, agus gun sealbhaicheadh è lànshonas. Dheonaich thu dha gach ni a bha feumail chum ùmhachd, chuir thu mar fhiachaibh air le saibhreas do thoirbheartais gèill a thoirt dhuit. Ach thuit è gu grad o neo chiontas agus o inbh urramaich, le pilleadh o Dhia, chreid è am buaireadair farmiadhach mealltach, seadh, an uair a chuir è farmad agus cealgoireachd as do leth-sa : mar nach dearbhadh t uil oibre agus do thròcair iongantach, gur fìor agus math thu. Is è so a thug an duin amaideach da Thighearna, an èiric a mhaitheis, thrèig è carraig a shlainte : agus le h-aon duine thainig peacadh a steach do'n t saoghal, agus bàs le peacadh. Ach rinn tròcair gairdeachas an aghaidh breitheanais, agus cha do leig thu mach t' fhearg iomlan ; ach ri bìnnè bàis choi'-cheangail thu gealla Fir-shaoraidh. O ! gun cliuthaicheadh daoine Dia, arson a mhaitheis, agus arson a ghnìomharradh iongantach do chloinn nan daoine !

Mar a thug thu gealla tròcaireach d' ar ceud sinn-sir ; mar an ceudna, ann an iomlaineachd na h-aimsir chuir thu do Mhac chum an t' saoghail. Thainig è,

agus ghabh è ar nadur-ne chum a dhiadhachd; ghabhadh è leis an Spiorad naomh; rugadh le h-òigh e; bha è fo 'n lagh; chaidh è fo dhimeas; ghabh è riochd seirbhisich air; agus dealbhadh mar dhuin è. O! aontachadh iongantach! O! gràdh gun choimeas! Chuir aingle an cèill è; ghabh iad iongantais mòr dh'eth; rannsaich iad è: agus sior-dhearcaidh iad air iomadai gliocais Dè. Cia h-ìosal anis is còir do pheacachaibh saorta tuiteam, gu h-ùmhal, a' gabhail iongantais chràbhaich da ghràs! Cia h-àrd is còir dhoibh binn-cheol buidheachais a sheinn d'am Fhear-saoruidh!

Thainig è chum an t' saoghail so, a cho'-luadar ri daoineibh, chum eolas a thoirt doibh air an Dia neofhaicionnach, agus air nithe do-leursainn an ath-shaoghail: thainig è mar sholas, agus mar Shlanai-fhear an t' saoghail, a thoirt beatha agus neobhàsmhoireachd chum soillse. Bha è naomha, neochoireach, neo-thruailte, eadar-dhealaichte o pheacachaibh, agus a' coi'-lionadh gach ceartais, chum bhì mar shagart iomchuidh, agus mar Shlanui-fhear foghainteach do pheacachaibh. Sheol è dhuinn le teagasg agus eisimpleir fhoirfe, gèill a thoirt do Dhia gu h-ùmhal, dimeas a dheanamh air sannt anabarrach saoghalta, fein-speis àicheadh, agus a chrann-ceusaidh a ghiulan, chum gun ruig sinn air crùn de 'n ghloir shiorruidh. Dh' irislich se è fein, fo chasaid agus fo mhi-chliu chealgaich an t' sluaigh pheacaich, agus fo bhàs maslach cràiteach na croiche, chum gun deanadh è dh'eth fein iobairt agus rèiteach air son ar peacaidh, agus èiric air son ar n-anma ciontach, chum gum bi sinn leighiste le a bhuillibh. O gràdh gun choimeas ar Slanui fhir, a leag sìos anam luach mhor, seadh, arson a naimhde! Chuir è bàs agus uaigh fo cheannsal, agus naomhaich è do gach Fìor-chreideach iad. Air an aobhar sin ghabh è co'-pairt ann am fuil agus ann am feoil, chum trid bàis, gun sgriosadh è an

diabhol aig an robh cumhachd bàis ; agus gun saoradh è an dream a bha le h-eagal bàis, fo bhruid, fad aimsir am beatha gu leir. Sholair è co'cheangal gràis do 'n chinne-daonna, agus naisg se è mar a thiomna le fhuil. Agus anis tha maitheanas agadsa chum gum bithear fo t' eagal, agus gun toirear gèill duit le muinghinn. O ! Athair, 's è do ghràdh do 'n t' saoghal, a thug t' aon-ghin Mhic dhuinn, chum 's ge b' è neach a chreideas ann nach tèid è am mugha, ach gun sealbhaich è beatha shiorruidh. Bha thu ann an Chrìosd a' rèiteachadh an t' saoghail riut fein, gun am peacadh a chuir as an leth. Thug thu briathara na rèite do d' luchd-teagaisg, a chuir impidh air luchd-aingidheachd, seadh, ann a t' ainm fein, agus ann an àite Chrìosd, bhi rèidh riut. Sparr thu orra do thròcair a thairgse do gach neach, agus an èigneachadh a steach le dùrachd chum as gun lionar do thigh, agus gum bi bord do mhòr-fhleadha bheannaichte làn le h-aoidhibh. Cha chuir thu cùl ri h-aon neach a thig do t' ionnsuidh trid Chrìosd ; cha diult thu tròcair do neach air bith, ach do 'n duine cheann-laidir nach gabh ria gu bràth : Thug thu beatha shiorruidh do mhic bàis ; agus 'si a bheatha so do Mhac ; oir tha è leoir-chomasach a lan-theasairginn gach neach a thig a' t' ionnsuidhs' air impidh agus air a chùmhanta fein. Do mheud 's a ghabh ris, thug thu comas bhi mar chloinn Dè. Thug thu dhoibh Spiorad do Mhic mar an ceudna ; seadh, Spiorad na h-uchdmhacachd, d' an ath-nuadhachadh do rèir t' iomhaigh naomh, chum 's gum bi iad cosmhuil ri 'n Athair neamhaidh ; d' an naomhachadh dhuit fein, agus le dòrtadh do ghràidh air an anmaibh, g' an tarraing suas do t' ionnsuidh fein ann an gràdh. Rinn thu sluagh sonraichte dhuit fein diu, agus eud-mhor mu dheagh-oibre, chum am bheil thu 'g an aith-ghineamhainn. Bheir thu dhoibh mar an ceudna aithreachas chum na beatha : agus ceusaidh tu an fheoil



le e h-ana-miannaibh ; teagaisgidh tu dhoibh bhi measarra, co'-thromach, diadhaidh, agus saoruidh tu iad o 'n droch linn so ; marbhaidh tu an sannt anabarrach saoghalta ; chum 's gum bi an gràdh agad fein, agus gum bi thu dhoibh mar lan-shonas. O ! cia an gradh leis an do ghràdhaich thu sluagh truagh ceannairceach peacach, chum gu 'n iompaichteadh iad gu bhi mar chloinn Dhe ! seadh, mar oighreacha neamh agus mar cho'-oighreacha le Criosd, ma' sè gu 'm fuiling sinn leis, gu 'n glòraichear leis sinn mar an ceudna.

Thog thu t' eaglais air carraig, air an Fhear-eadar-mheadhoin bheannaichte ; chum nach buadhaich cumhachd ifrinn 'na h-aghaidh. Rinn thu a Fear-teagaisg, a Sagart agus a Rìgh dh' easan : uaidh-san fhuair sinn eolas ortsa, agus air do thoil. Air a sgàth-san, tha sìth, fàillte, agus comas dol a' t' ionnsuidh againn. Is è Tighearna nam marbh agus nam beo. Thug thu na h-uile nithe 'na lamhaibh, agus dheonaich thu dha àrd-cheannsal t' eaglais. An uair a chaidh è suas do neamh, thug è iartas g'a mhinisteiribh, eaglais uil' a chruinneachadh, a riaghladh, agus a theagasg : thug è 'n Spiorad gun mhearachd d' a Abstolaibh, g' an treòrachadh chum gach firinn ; agus Spiorad nan cumhachda miorbhuileach a thogail fianuis leis do 'n t' saoghal. Theagaisg iadsan dhuinn gach aon ni air bith a dh'iarr è orra, agus thug iad teagasg an scriobtuir dhiadhaidh, do na h-aodhairibh agus do 'n luchd teagaisg sin, d' an d' òrduich thu a choimhead agus a chuir an cèill, agus ris an d' earb thu do threud ionaltradh gu crìoch an t' saoghail. Agus ged a thruaill peacadh, agus ged a roinn eadar-dhealacha t' eaglaise gu truagh ; gidheadh tha thu nam measg, a' giulan le 'n anmhuinneachd a' toirt do chomhairle dhoibh, 'g an gairm chum naomhachd, sìth, agus gràidh ; agus is aithne dhuit do chruithneachd fein ann am measg a mhuill.

O gum moladh daoine an Tighearn arson a mhaitheis, agus arson a ghniomhara iongantach do chloinne nan daoine : Cia glormhor thu ann an naomhachd, a Thighearna, agus cia h-urramach ann an coi'-thional do naoimh, agus an uile shluaigh a tha timchioll ort ? Tha naomhachd iomchuidh air do thigh gu siorruidh : agus ann ad theampull labhraidh gach neach air do ghlòir. Gum beannuichear t' ainm a Cruthaifhreachumhachdaich : gum beannuichear t' ainm Fhirsheoraich ghlormhoir : agus gum beannuichear t' ainm a Spioraid fhior-naomh. O ! gun ciuthaicheadh ar n-anma mòrachd an Tighearna le tuille buidheachais, agus gun deanadh ar Spiorad gàirdeachas ann an Dia ar Slanai-fhear, a rinn iochd oirn 'n ar staid chailte : oir mairidh do thròcair gu siorruidh. Cliu dhuit air son ar bith. Cliu dhuit air son ar saoraidh o pheacadh agus o ifrinn. Cliu dhuit gun d' thug thu sinn le baiste fo choi-cheangal nan gràs, agus chum t' eaglais. Cliu dhuit air son nan sochairean mòr agus diadhaidh so ; nach 'eil sinn coimheach coigrich an am measg nan Cinneach, agus an t' saoghail gun chreidimh ; ach gu bheil sinn ann an coimhearsnachd nan naomh, agus do theaghlach Dhe. Moladh dhuit gum faod sinn seasamh ann an làthair do naomhachd, cliu a thoirt dhuit ann an coi'-thional nan creideach, agus nach d' fhògradh sinn o obair agus o chuideachd naomh. Is fearr là ann ad chùirt na mìle là. Is fearr leinn doirsearachd tìghe Dhe, na còmhnuidh ann an tìgh rioghail na h-aingidheachd. Is beannaicht an dream a chluinneas an fhuaime aobhneach, agus a bhitheas tarbhach fa dhrùchd neamh ; gluaisidh iad ann an dealra do ghnùis, ann a' t' ainm ni iad gàirdeachas fad an là agus àrdaichir iad ann ad cheartas ; oir is tus an glòir agus an neart ; agus ann ad dheagh-ghean bithidh iad tearainte, ait agus àrd-inbheach.

Ach gu sonraichte, cha 'n fhaod an dream a thug

thu chum eaglais fhaicinnich an t' sluaigh nuadh-ghinte, mòrachd do ghràis a leoir-chliuthachadh. An uair a bha sinn gun Dia anns an t' saoghal, agus gun spèis neo-chealgach againn diot, ach a' ruagadh ar n ana-mianna feol-mhor, agus diomhanais chealgaich an t' saoghail; an uair nach robh Dia 'nar smuaintibh, agus nach robh tlachd againn a'd shlighe naomh; an uair a rinn sinn dimeas air gràs, a chuir sinn cath air do Spiorad, agus a chuir sinn peacadh ri peacadh: an sin ghabh thu truas dhinn, 'n ar fuil; chuir thu t' fhocal gar n' ionnsuidh; thug thu buaidh dha air ar n anma reasgach; thug thu oirn smuainteachadh air ar staid agus air ar slighe, agus dheonaich thu dhuinn cail-eigin de strìochdadh agus de aithreachas. Is sòlasach ath-smuainteachadh air spàirn agus buaidh do ghràis, air caomhalachd do thròcair, agus air co-fhurtachd do ghràidh. An uair a bha eagal oirn gun leir-sgriostadh le 'r peacaibh sinn, agus nach gabhadh tusa gu bràth ri sluagh ceannaireach gràineil mar sinne; cia saor a mhath thu dhuinn ar n uile chionta? cia toileach a nochd thu tròcair, agus a thug thu buaidh air ar n anma le lan-shaibhreas do ghràidh? O! cia iomadui na peacaidh a mhath thu dhuinn? Nach bu mhòr saothair do Spioraid ri 'r n-anmaibh ain-eolach, borb, fein-spèiseil, ana-mèineach, saoghalta, agus eas-umhal. Cia h-iomad tròcair, tearmann, agus co-fhurtachd a dheonaich thu dhuinn o' n àm sin? Cia h-iomad miann a thug thu dhuinn agus a shàsaich thu? Cia h-iomad àmhghar a lughdaich no a naomhaich thu! Cia h-iomad uair shòlasach tharbhach a chaith sinn leats' an uaigneas! agus leats' agus le d' shluagh ann an co-chomunn nan naomh! Is lionmhor a Thighearna t' oibre iongantach, agus do smuainte tròcaireach air do luchd-muinntir: nam b' àill leinn am meas, agus an cuir an cèill gu riaghailteach, rachadh an àireamh thar ar

tuigse. Agus air an an son sin uile, tha sinn an so, mar shagartaibh do Dhia, [a' tairgseadh iobairt ar cliu agus ar buidheachais le gàirdeachas, dhuitse, ar crannchur agus ar slainte shiorruidh.

An uair a chrìochnaichear a bheatha dhocrach ghearr so, gheall thu dhuinn suaimhneas maille riut fein gu siorruidh. Threòraichidh, agus sduiridh tu sinn le d' chomhairle, trid an fhàsaich so, agus bheir thu sinn ann an àm iomchuidh chum do Ghlàir. Cha d' thug thu dhuinn an diomhanas na ceutfai so, ga t' iarraidh fein, a ghabhail eolais ort' a thoirt gràidh dhuit, agus a ghabhail tlachd annad: air chinnte coi' lionadh tu, nàdur agus gràs gu foirfeachd, agus bheir thu orra gun ruig iad air an crìch. Cha bhi morthionnsgnadh, obair agus fulangas an Fhir-shaoruidh-an diomhanas. Cha bhrisear do ghealla naisgte. Cha d' ath-nuadhaich, agus cha do naisg do Spiorad sinn ann an diomhanas chum an latha bheannuichte. Cha mheall an geall-dainghnich, an earlais agus t' fhianais a thug thu dhuinn sinn. Cha tèid ar mianna agus ar n-òsna am mugha: agus tha tionnsgna fann na soillse agus a ghràidh sin, a' roi-thaisbineadh gun sealbhaich, seadh, gun lan-shealbhaich sinn foirfeachd mòr mar ar miann, agus maireannach mar ar n-anma. Tha siol a ghràis, a targradh glòir: agus tha roibhla a ghràidh a' dearbhadh, gum bi sinn sonadh ann ad ghràdh sa gu siorruidh. Cha 'n fhàg ar dòchas ri d' mhaitheas, a' d' Mhac, agus a' d' choi'-cheangal, gu bràth sinn folamh agus maslaichte.

Air an aobhar sin, beannaichidh sinn t' ainm a Thighearna, mar dhream a shaoradh o bhàs agus o ifrinn; mar dhream a dh' àrdaicheadh chum inbh do chloinne; mar dhream a theasairg thu o 'n naimhdibh uile; ach gu sonraicht' uainn fein, agus o 'r peacaibh: beannaichidh sinn t' ainm, mar dhream a tha tionnsgnadh air glòir, agus aig am bheil dùil ri bhi sona le Crìosd gu siorruidh air neamh; as an crannar amach

gach peacadh agus dòlas, gach nàmhuid agus eagal, agus cha chuir iad tuille campair air ar n-anma bu bràth.

Gheibh sinn roi-shealla le sùil a chreidimh air an là shona sin, air Ierusalem nuadh, air ainglibh gun àireamh, agus air spioradaibh foirfe nan naomh ! chi sinn an dealra glòir-mhor, an teas-ghràdh, agus an coi'-sheirm iomlan ! cluinnidh sinn le creidimh am binn-cheol buidheachais agus cliu ! Roimhe so, bha iad ìosal dubh-bhronach ann am peacadh agus ann an dòlas, ann an iomdaidh laigsinn, fulangais, agus eagail, mar atha sinn fein. Ach le creidimh agus foighidinn thug iad buaidh. Agus le creidimh agus foighidinn is àill leinn ar Tighearna agus iadsan a leanmhainn gu dlùth. Tha an t' àm dlùth dhuinn anns an iompaichir an fheoil so chum luathre gu grad, agus fuasglar ar n-anma o chuibhreach corporra, agus thèid iad do t' ionnsuidh fein. Is goirid gus an tachair so. An sin, is diom-buan ar peacadh agus ar n-àmhghar : an sin, chi sinn thu aghaidh ri h-aghaidh ! agus gheibh sinn solas o d' dhealra ! cha bhi sinn tuille a' glaodhaich, no ag osnaich ann an dorchadas. *Och ! gun tuill' eolais againn air do mhòr-luach a Thighearna !* an sin bheireamaid gràdh fìor-ghlan, foirfe, gun truailleadh dhuit ; agus cha 'n fheumamaid bhi ag osnaich agus a' glaodhaich, *Och ! gun againn anma laiste le gràdh dhuit.* An sin, chliuthaicheamaid thu, gu h-inntinneach, le buidheachas agus le gàirdeachas, a tha os ceann ar tuigse agus ar tograidh anns an am so.

O ! tuilte soillse agus gràidh bheannaicht', a shruthas air ar n-anma gu siorruidh o d' ghnùis ghlor-mhoir gun smal ! cia h-an-àrd an t' sàbaid shiorruidh, agus an clu foirfe sin gun tosd, os ceann ar dìchill dhìb-~~l~~ gun neart ! co an-àrd 'sa tha cathair bhudhach Dhe, os ceann eaglais neo-fhoirfe, leanbuidh, agus neo-shuidhichte fein air thalamh.

Beothaich a Thighearna, beothaich ar cìocras an diaigh na staid agus an latha bheannaichte sin. Thig a Thighearn Iosa, thig gu grad, agus coi'-lion t' fhocal, chum 'r gum bi sinn leat, agus gum faic sinn do ghòir. Na fuirich gus am fàillnich creidimh air thalamh. Na fuirich gus an toir cumhachd an dorchadais buaidh air fuigheall t' oighreachd gu h-iomlan, agus gus an dean è an saoghal so ni 's cosmhuile re h-ifrinn ; no gus an sguir daoine diadhaidh agus treibh-dhireach ann am measg clann nan daoine. O ! c'uin a ghabhas an saoghal riut mar an Cruthai-fhear, c'uin a ghabhas iad gràin roi iodhalaibh, agus a sguireas iad de mhi-chreidimh ? C'uin is oighreachd do d' Mhac a chuid eile de na Cinnich ? C'uin is rioghachd dha uile rioghachda na talmhuinn ? O ! c'uin a leanas an talamheisempleir neamh, agus a ghabhas daoine tlachd ann an deanamh do thoil ? C'uin a chuireas an duin' uaibhreach, an-saoghalta, agus ana-miannach cùl ri cealgairachd, agus a gluaiseas è gu h-ùmhal naomha le Dia ? c'uin a philleas an t' amadan truagh a dh' àich'eas an Tighearna 'na chridhe, agus nach gairm air t' ainm, ach a dh' itheas do shluagh mar aran ? c'uin a bhitheas eagal t' ainm air, agus a sguireas è a chathachadh an aghaidh a Chruthai-fhear ? Luathaich a Thighearna slainte do shluaigh, agus coimhead iad ann an treibh dhireas agus ann am foighidinn gu bràth. Dean trocair air gach eaglais ain-eolaich agus neo-iompaicht air thalamh : dion iad o An-tighearnas na h-àird-an-Ear, agus an Iar, a chumas an clèth meadhona eolais agus leasacha beatha ; agus aisig dhoibh an ceud fhior-ghloine, aon-fhilteachd agus aon-sgeulach, chum gum bi an solas a' dealradh amach, a chosnadh an t' saoghail neo-chreideach, a dh' iomaineadh o Chrìosd le 'n truailleachd. Dh' agus leasaich ni 's mò, agus ni 's mò, na h eaglaise ath-leasaichte ; agus ath-bheothaich eolas, naomhachd, agus sith na measg. Beannaich na rioghachdan so,

le solas, naomhachd, agus sìth an t' soisgeil. Bean-  
naich ar n-aon uachdaran laghail, agus a theaghlach  
rioghail uile, agus gach aon neach eil' ann an ùghdar-  
ras, beannaich iad, leis gach gliocas, naomhachd agus  
sonas, a tha feumail dhoibh fein agus do leas coit-  
chionn nan rioghachda so. Dean na h-ìochdarana  
dleasnach dhuit fein, agus d' an uachdarnaibh saogh-  
alta, chum gum bi ar beatha sìochail, suaimhneach,  
anns gach diadhachd agus ionracas. Beannuich gach  
coi'-thional le soillsibh lasarradh dealrach ; agus til-  
gear luchd reic agus ceannuigheachd amach as do  
theampull. Na bacadh mi-run an diabhoil, no naomh-  
ghoid dhaoine, soisgeul do rioghachd, agus na meal-  
ladh iad o obair t' fhogharaidh do luchd-saothaireach  
cois-rigte dìleas.

Deonaich dhuinn nithe feumail na beatha so, agus  
bitheamaid lan toilichte le toirbheartas do laimh ;  
agus sgrios ar n-an-saoghaltachd agus ar n-ana-mian-  
na feolmhor.

Teagaisg dhuinn bhi beo gach là trid creidimh 'n  
ar Fear-saoraidh, agus as a leth-san, deonaich dhuinn  
sior-chomas dol a t' ionnsuidh fein. Maith dhuinn  
peacadh gach latha, agus cuidich leinn gràdh agus  
maitheanas a thoirt do dhaoineibh eile.

O ! dion sinn o chogar cealgach an diabhoil, o ais-  
innleachdaibh an t' saoghail, o mhealltoireachd luchd  
peacaidh, agus o gach togra truailidh feolmhor.  
Agus na toir thairis sinn do pheaca, no d'ar n-an-  
sannt ; no do mhi-run dheamhan no dhaoine an-diadh-  
aidh ; no do'n dioghaltas mhillteach a thoill ar peac-  
anna.

Thoir eolas dhuinn air obair na beatha, agus air  
mor-luach ar n-aimsir ghoirid nach mair ach seal ;  
agus cuidich leinn ar n-ùin a bhuileachadh chum co'-  
fhurtachd d' ar n-anmaibh, an uair a ghabhas sinn  
ath shealla dhith. Teagaisg dhuinn mar dh' àireamhar  
leinn ar làithe, chum gun socraich ar cridh air gliocas.

Na leig dhuinn bhi mar an t' amadan, a struidheas le diomhanas an aimsir luach-mhor sin, ris am bheil a shonas siorruidh an earbsa; an aimsir, nach faod an saoghal gu leir, a gairm air a h-ais. Deanamaid t' obair le 'r n uile neart, gu sonraicht 'n ar n-ealainibh agus 'n ar daimhibh fa leth. Deanamaid ar gairm agus ar tagha cinnteach. Builicheamaid ar n-aimsir, ann an obair thaitnich a chreidimh, na muinghinn agus na seirc. Cum sinn do ghnàth re faire, agus ullamh fa chomhair bàis agus breitheanais, a' gabhail fadail gus an tig an Tighearna. Biodh ar n-anma agus ar co'-luadar air neamh, o 'm bheil dùil againn ri 'r Fear-saoraidh; agus le bhriathraibh co'-dhunaidh sinn ar n uil' ùrnuigh—*Ar n-Athair a tha air neamh, &c.*

CRIOCH.





